

EACHDRAIDH
BEATHA CHRÌOSD.

L. 102. f.

EACHDRAIDH BEATHA CHRÌOSD

ANN AM BRIATHRAN A' BHIÒBUILL.

AIR A CUR AN ORDUGH LE
IAIN MAC RUAIRIDH,
MINISTEAR, SHNÌOSAIRT.

CIÒ-BHUAILTE LE GILLEASBUIG MAC-NA-CEARDADH,
10 SRAID BHOTHWELL, GLASCHO.

1893.



Digitized by the Internet Archive
in 2013

THE LIFE OF CHRIST

IN THE

WORDS OF THE SCRIPTURES.



ARRANGED BY THE

REV. JOHN M'RURY,

MINISTER OF SNIZORT.



GLASGOW:

ARCHIBALD SINCLAIR, Celtic Press, 10 Bothwell Street.

EDINBURGH: NORMAN MACLEOD.

OBAN: HUGH M'DONALD.





P R E F A C E.



IN sending forth this book, it may be necessary, in order to prevent misapprehension, to offer some explanation of the plan on which the narrative has been constructed, of the nature and extent of the revision to which it was subjected while in course of construction, and of the use for which the book is intended.

The plan I have adopted in arranging the narrative is founded upon Tischendorf's *Synopsis Evangelica*, whose chronology I followed from first to last. But I found it necessary to depart sometimes from the order in which he arranged in parallel columns the two or more accounts of the same incidents recorded by the Evangelists.

The work might have been constructed without much difficulty by simply following Tischendorf's chronology, and by joining together the fullest accounts of all the incidents recorded in the four gospels. But by adopting such a plan as this, many words and sentences of the greatest importance would necessarily be left out, and the narrative would consequently be incomplete both in form and in substance. In order, therefore, to make it

as complete as possible, I tried to include in it all the ideas which are found in the four gospels, without at the same time repeating every word written by the sacred writers. To use no words except the words of the sacred writers, formed an essential part of my plan, and to this part of it, at anyrate, I firmly adhered from first to last. Had I felt myself at liberty to depart more or less from it, I would have been able frequently to impart a smoothness to many sentences which they do not now possess.

Generally two or more of the sacred writers give an account of the same incident. Some of the accounts are fuller than others. As a rule I have based the narrative upon the fullest accounts, and I have tried to interpolate such words, clauses, and sentences as are peculiar to the other accounts where they seemed to me to fall in naturally. For instance, in dealing with the account of Christ's temptation in the wilderness, I have based the narrative upon Matthew's account of the temptation, partly because I personally prefer the order in which he relates the incident to that of Luke's, and partly because the majority of people are more familiar with Matthew's account than they are with Luke's. But there are statements both in Mark's and Luke's accounts which are very important, and without which the record would not be complete. Mark says, "And he was in the wilderness forty days tempted of Satan; and he was with the wild beasts." The following is peculiar to Luke:—"And he did eat nothing in those days;" "from hence;" "in a moment of time;" "To thee will I give this authority, and the glory of them: for it has been delivered unto me: and to whomsoever I will I give it. If thou therefore wilt

worship before me, it shall be all thine." On pages 34-35 it will be seen that these important touches by Mark and Luke have been included, where one would naturally expect them.

While the above is sufficient to explain the plan on which the work is constructed, it does not at all show the difficulties which often met me; I mean the difficulties arising from having to include words, phrases, and sentences peculiar to two or more accounts of the same incidents, and not to interfere with the rules of grammar and style. I did not fully anticipate at the outset that many such difficulties would meet me, and though I did my best to grapple with them, I found it scarcely possible to overcome them in a satisfactory manner. To give a few instances, I may mention the four accounts of Christ walking on the sea, and the four accounts of his burial and resurrection.

To enable me to revise the work, I used both the Revised Version of 1881, and the Revisers' Greek text. By simply following the Revised Version I found I would have excluded a large number of words and phrases, even some verses, which seem to me to be of considerable importance. To enable me to supply these words, phrases, and verses, I always consulted the Revisers' Greek text. In form, the narrative is partly founded upon the Authorised Version, and partly upon the Revised Version. It may be sufficient to say that the changes I made in the form of new translations of words and phrases, though numerous, are as a rule so slight that many of them can scarcely be noticed by the ordinary reader.

Obsolete words and phrases have been left out, and more suitable ones have been used instead. For instance, instead of “thàrladh,” I have invariably used “thachair,” and instead of “air ball,” I have used either “ghrad,” or “gun dàil.”

In many cases I have changed the collocation of words. For instance I put “dithis bhràithrean eile,” instead of “dithis eile bhràithrean.”

Instead of such phrases as, “Air teachd do’n mhaduinn,” “Air teachd do’n fheasgar,” “Agus ag itheadh dhoibh,” “Agus air glacadh a’ chupain,” etc. I have as a rule used, “An uair a thàinig a’ mhaduinn,” “An uair a thàinig am feasgar,” “Agus am feadh a bha iad ag itheadh,” “Agus ghlac e an cupan,” etc. Instead of such expressions as, “a’ searmonachadh baistidh an aithreachais,” “a réir gnàtha glanaidh nan Iùdhach,” “a réir gnàtha na féille,” etc. etc. I have used “a’ searmonachadh baisteadh an aithreachais,” “a réir gnàth glanaidh nan Iùdhach,” “a réir gnàth na féille,” etc., etc.

As the “ibh” termination of the dative plural is now practically set aside both in writing and speaking, I have not used it; but have used instead the form of dative plural which is like the nominative plural.

While generally adhering to the Rule, *Leathan ri leathan is caol ri caol*, I have been obliged often to depart from it in order to preserve a due correspondence between the orthography and the pronounciation of many words. For instance I have used “sgriobhte,” not “sgriobhta,” etc.

Many of the changes to which I have drawn attention may possibly be considered unnecessary, but I am con-

fident that in the main they will be found to be in accordance with the grammatical and idiomatic usage of the best Gaelic speakers of the present day.

This history appeared in the Gaelic Supplement to *Life and Work*. I have the satisfaction of knowing that many of the readers of the Gaelic Supplement—the class of people for whose use the history was compiled—found it both interesting and edifying. I indulge the hope that in book form it may be found to be much more so. The majority of people have neither the time nor the inclination, when reading the gospels, to compare the accounts of the various incidents recorded by the four Evangelists, and consequently they cannot have a clear idea of the history of the Life of Christ. To such people the book will be of much use, as it will enable them to know all the essential points in the Life of Christ without going to the trouble of comparing one account with another. In order, for instance, to know all that is written about the man that went away sorrowful, because Christ ordered him to sell all that he had, it would be necessary to read the accounts given of the incident by Matthew, Mark, and Luke. In Matthew's account we read that he was a young man, in Mark's, that he came to Christ running, and in Luke's, that he was a ruler. At pages 179-180 the reader will find the substance of the three accounts put before him in the very words of Scripture.

Notwithstanding all the labour and care which I have bestowed upon the work for upwards of three years, it is not free from defects. No one, I dare say, can see these clearer than myself, but they are beyond remedy at present.

I now send forth the work with an earnest prayer that,

by the help of the Holy Spirit, it may be the means of leading many of my countrymen to know and to understand more and more of the life and words of Him who spake as never man spake, who went about continually doing good, and who died the just for the unjust that He might bring us to God.

JOHN M'RURY.

MANSE OF SNIZORT,
April, 1893.





CLAR-INNSIDH.



TAOBH-
DUILLEIG.

CAIB. I.

<i>Diadhachd, daonnachd, agus dreuchd Iosa Crìosd—</i>	
<i>Gineamhuinn Eoin Baistidh.</i>	- - - - 17

CAIB. II.

<i>Gineamhuinn Iosa Crìosd—Fàidheadaireachd Elisa-</i>	
<i>bet agus Mhuire mu thimchioll Iosa Crìosd—</i>	
<i>Breith Eoin Baistidh.-</i>	- - - - 20

CAIB. III.

<i>Breith Iosa Crìosd—Sgeul an aingil do na buach-</i>	
<i>ailllean—Iosa air a thimchioll-ghearradh, agus</i>	
<i>air a thaisbeanadh's an teampull—Fàidheadair-</i>	
<i>eachd Shimeoin agus Anna mu thimchioll Iosa—</i>	
<i>Thug na daoine glìce aoradh dha.</i>	- - - 24

CAIB. IV.

*Theich Ioseph agus Muire le Iosa do 'n Eiphit—
Mharbh Herod na leanabain—Thill Ioseph agus
Muire le Iosa às an Eiphit—Ghabh iad còmh-
nuidh ann an Nasaret—Iosa 's an teampull aig
dà bhliadhna dheug a dh' aois. - - - 28*

CAIB. V.

*Teagasg, dreuchd, agus caitheamh-beatha Eoin Baist-
idh—Thug e achmhasan do na Phairisich—
Bhaist e Iosa ann an Iordan—Bhuair an
diabhul Iosa. - - - - - 32*

CAIB. VI.

*Fianuis Eoin Baistidh mu thimchioll Iosa—Gairm
Andrais, Pheadair, Philip, agus Natanael—
Rinn Iosa fion de'n uisge. - - - - - 35*

CAIB. VII.

*Iosa aig fèill na càisge—Ghlan e an teampull o luchd-
reic is ceannachd—Còmhradh ri Nicodemus—
Teisteanas Eoin air Iosa—Chuir Herod Eoin ann
am prìosan. - - - - - 39*

CAIB. VIII.

*An còmhradh ri bean Shamaria—Chaidh Iosa do
Ghalile, agus shlànuich e mac an uachdarain a
bha tinn ann an Capernaum. - - - - - 44*

CAIB. IX.

Leighis Iosa air latha na sàbaid an duine a bha ochd bliadhna deug ar fhichead ann an euslaint—Rinn na h-Iudhaich connsachadh ris. - - - 48

CAIB. X.

Thòisich Iosa air searmonachadh—Chuir iad cùl ris ann an Nasaret—Chaidh e do Chapernaum—Ghairm e ceathrar dheisciobul—Theagaisg e an sluagh á bàta Pheadair—Ghlac iad gu mìorbhuileach mòran éisg. - - - 52

CAIB. XI.

Leighis e aon anns an robh deamhan, agus mòran de mhuinntir a bha euslan—Moch 's a' mhaduinn chaidh e dh' àite fàsail a dheanamh ùrnuigh—Leighis e neach air an robh an luibhre, agus neach air an robh a' phairilis. - - - 56

CAIB. XII.

Ghairm e Mata o àite-togail na cìse—Rinn Mata cuirm mhòr dha—Ghabh e leithsgeul a dheisciobul nach robh iad a' trasgadh, agus a chionn gu'n do spìon iad na diasan arbhair air latha na sàbaid—Leighis e an duine aig an robh a làmh air seargadh. - - - 60

CAIB. XIII.

Thagh e dà fhear deug de'n do ghairm e Abstoil—An t-searmon air a' bheinn. - - - 64

CAIB. XIV.

Leighis Crìosd seirbhiseach ceannard-ceud—Thog e mac na bantraich ann an Nain o'n bhàs—Dhearbh e do theachdairean Eoin leis na mìorbhuilean a rinn e gu'm b' e fhéin Crìosd—Nochd e do'n t-sluagh cìod i a bharail mu Eoin. - - 75

CAIB. XV.

Crìosd agus a' bhean a bha 'na peacach ann an taigh Shimoin an Phairisich—Fhritheil mnathan dha le am maoin—Shlànuich e 'n duine dall agus balbh anns an robh deamhan—Chuir e an aghaidh casaid bhréige nam Phairiseach—Nochd e cò iad a chàirdean. - - - - 79

CAIB. XVI.

Cosamhlachd an t-sòladair—a' chogail—an t-sìl mhustaird—na taois-ghoirt—an ionmhais fhal-aichte—agus na nèamhnuid. - - - - 83

CAIB. XVII.

Chiùinich Iosa fairge Ghalile—Thilg e mach an Legion dheamhan—Chaidh na deamhain do na mucan—Leighis e a' bhean air an robh dòrtadh fala—Thog e nighean Iairuis o na mairbh. - - 89

CAIB. XVIII.

Chuir Iosa an dà fhear dheug a mach dithis agus dithis—Thug e cumhachd dhaibh mìorbhuilean a dheanamh—Dh' àithn e dhaibh an soisgeul a shearmonachadh—Dh' innis e dhaibh gu fuath-aicheadh an saoghal iad—Chuir Herod Eoin Baistidh gu bàs. - - - - 95

CAIB. XIX.

Barail Heroid air Iosa—Thill na h-abstoil, agus dh'innis iad do Iosa gach nì a rinn agus a theagaisg iad—Mìorbhuil nan còig aran agus an dà éisg—Dh' imich Iosa air a' mhuir. - - - - 100

CAIB. XX.

Chronuich Iosa an sluagh a bha 'ga leantuinn a chionn gu 'n d' ith iad de na buillionnan—Dh' innis e gu 'm b' e fhéin aran na beatha—Bha mòran de 'dheisciobuil a' gearan gu robh a' chainnt cruaidh—Theagaisg e nach e an nì a théid a steach anns a' bheul a shalaicheas an duine, ach an nì a thig a mach as. - - - - 104

CAIB. XXI.

Shlànuich Iosa nighean mnà de mhuinntir Chan-aain—Leighis e an duine a bha bodhar—Shàsuich e seachd mìle fear le seachd arain—Dhùilt e comharradh a thoirt do na Phairisich—Chuir e dheisciobuil nam faireachadh an aghaidh nam Phairiseach—Thug e fradharc do dhuine dall—Dh' innis e gu robh aige ris a' bhàs fhulang. - 110

CAIB. XXII.

Iosa air beinn a' chruth-atharrachaidh—Thilg e mach an spiorad balbh agus bodhar—Dh' ioc e airgiod na cìse—Thug e aithne d' a dheisciobuil a bhith iriosal, neo-lochdach, agus oilbheum a sheachnadh. 117

CAIB. XXIII.

Labhair Iosa mu thimchioll mathanais—Cosamhlachd an rìgh aig an robh fiachan air a sheirbhis-each—Iosa aig feill nam pàilliuin—Barailean an t-sluaigh air Iosa—Thug na Phairisich agus na h-àrd-shagairt oidhirp air a ghlacadh. - - 123

CAIB. XXIV.

A' bhean a ghlacadh ann an adhaltrannas—Dh'innis Iosa gu'm b' e fhéin solus an t-saoghail—Fhreagair e na h-Iudhaich a bha 'deanamh uail á Abraham. - - - - - 130

CAIB. XXV.

Thug Iosa fradharc do'n duine a rugadh dall—Rinn na Phairisich connsachadh ris an duine so, agus thilg iad a mach e—Theagaisg Iosa gur e fhéin dorus nan caorach, agus am buachaille math. - 136

CAIB. XXVI.

Chuir Iosa mach deich agus trì fichead deisciobul a shearmonachadh—Cosamhlachd an t-Samaritan-aich mhath—Chronuich e Marta—Theagaisg e d' a dheiscobuil mar bu chòir dhaibh ùrnuigh a dheanamh. - - - - - 141

CAIB. XXVII.

Thug Iosa fradharc do dhithis dhal—Shlànuich e'n duine balbh anns an robh an deamhan—Chronuich e na sgrìobhaichean agus na Phairisich. - 146

CAIB. XXVIII.

*Dh' àithn' Iosa d' a dheisciobuil cealgaireachd a sheach-
nadh, agus gun eagal a bhith orra roimh dhaoine
—Iad a sheachnadh sannt agus ro-chùram—Iad
a bhith dèileas 'n a sheirbhis. - - - 150*

CAIB. XXIX.

*Beachd Iosa air an sgrìos a thàinig air na Galileaich,
agus air muinntir eile—Cosamhlachd na craoibh-
fhège gun toradh—Shlànuich e bean aig an robh
spiorad anmhuinneachd—Dhearbh e do na h-
Iudhaich, leis na h-oibre a rinn e, gur e fhéin
Criosd. - - - 156*

CAIB. XXX.

*Leighis Iosa an neach air an robh am meud-bhronn—
Mhol e irioslachd, agus a bhith fialaidh ris na
bochdan—Cosamhlachd na suipeireach mùire—
Feumar gach nì a thrèigsinn air a sgàth-san. - 160*

CAIB. XXXI.

*Cosamhlachd na caorach caillte—a' bhuinn airgid—
a' mhic stròdhail—an stiùbhaird eucoraich—
Chronuich Iosa cealg nam Phairiseach—Cosamh-
lachd an duine shaoibhir agus Lasarus. - - 164*

CAIB. XXXII.

*Thog Iosa 'Lasarus o na mairbh—Chreid mòran de
na h-Iudhaich ann—Chum na h-àrd-shagairt
agus na Phairisich comhairle na aghaidh—Rinn
Caiaphas fàidheadaireachd m' a thimchioll—
Leighis e an deichnear dhaoine a bha 'nan lobh-
air—Labhair e mu ròghachd Dhé agus mu
theachd Mhic an duine. - - - 170*

CAIB. XXXIII.

*Am breitheamh eucorach agus a' bhantrach bhochd—
Am Phairiseach agus an cìs-mhaor—Labhair
Iosa mu thimchioll litir-dhealachaidh—Bheann-
aich e a' chlann bheag—Dh' innis e do dhuine
saoibhir mar a gheibheadh e a' bheatha mhair-
eannach—Cosamhlachd an luchd-oibre anns a'
ghàradh-fhìona. - - - - - 177*

CAIB. XXXIV.

*Dh' innis Iosa do na h-abstoil mu a bhàs agus mu
'aiseirigh—Cha tuge do mhic Shebede an nì a bha
iad ag iarraidh—Thug e fradharc do Bhartimeus
an dall—Mu Shacheus an cìs-mhaor—Cosamh-
lachd nam punnd—Dh' ung Muire casan Iosa. - 183*

CAIB. XXXV.

*Mharcaich Iosa gu Ierusalem air asail—Mhollaich
e an crann-fìge—Dh' fhuadaich e mach às an
teampull an dream a bha 'reic agus a' ceannach—
Dh' earalaich e a dheisciobuil iad a bhith seas-
mhach 's a' chreideamh—Chuir e na sagairt 'nan
tosd—Cosamhlachd an dithis mhac, agus tuath
an fhionlios. - - - - - 189*

CAIB. XXXVI.

*Cosamhlachd bainis mhic an Rìgh—Mu bhith 'toirt
cìs do Cheasar—Barail mhearachdach nan Sad-
usach mu thimchioll aiseirigh nam marbh—Dh'
fhèdraich Iosa de na Phairisich ciod a' bharail
a bh' aca air Criosd. - - - - - 196*

CAIB. XXXVII.

Bagraidhean uamhasach an aghaidh nan sgrìobhaichean agus nam Phairiseach. - - - - 200

CAIB. XXXVIII.

Iosa fa chomhair àite-coimhead an ionmhais—Bha Greugaich ag iarraidh 'fhaicinn—Dh' innis e a' ghnè bàis a gheibheadh e, agus nach d' thàinig e a dhètheadh an t-saoghail, ach a shaoradh an t-saoghail. - - - - 204

CAIB. XXXIX.

Dh' innis Iosa mu sgrìos Ierusalem—Mu àmhghair nan làithean ud—Mu na comharran a bhiodh air nèamh agus air an talamh—Agus mu ath-theachd fhéin. - - - - 207

CAIB. XL.

Cosamhlachd nan deich òighean, agus nan tàlannan—Cunntas mu 'n bhreitheanas dheireannach - 212

CAIB. XLI.

Ghabh na h-uachdarain comhairle chum Iosa 'ghlacadh—Reic Iudas e ris na h-àrd-shagairt—Dh' ith e a' chàisg maille ri 'dheisciobuil—Nigh e an casan, agus dh' àithn e dhaibh a bhith iriosal agus seirceil. - - - - 216

CAIB. XLII.

Dh' innis Iosa do Eoin gu robh Iudas Iscariot gus a bhrath—Dh' òrduich e an t-suipeir naomh—Dh' innis e do Pheadar gu 'n àicheadh e trì uairean e—Thug e comh-fhurtachd d' a dheisciobuil, agus gheall e an Spiorad Naomh a chur do 'n ionnsuidh. 220

CAIB. XLIII. "

Le cosamhlachd an fhìonain nochd Iosa an t-aonadh a tha eadar e fhéin agus a shluagh—Dh' innis e gu'n tigeadh iomadh trioblaid agus deuchainn air a dheisciobuil, ach gu faigheadh iad sìth ann fhéin—Rinn e ùrnuigh ris an Athair às leith a dheisciobul, agus às leith nan uile a chreideadh ann troimh am facal-san. - - - - - 226

CAIB. XLIV.

Iosa ann an gàradh Ghetsemane—Bhrath Iudas e—Thuit na maoir air an talamh—Ghearr Peadair a' chluas bhar Mhalcuis—Ghlac na maoir Iosa, agus thug iad gu Annas agus Caiaphas e—Dh' àicheidh Peadair Iosa—Dhùt na h-àrd-shagairt agus na seanairean Iosa—Chroch Iudas e fhéin. 234

CAIB. XLV.

Thugadh Iosa an làthair Philait—Chuir na h-àrd-shagairt mòran de nithean às a leith—Chuir Pilat gu Herod e—Bha Pilat toileach a leigeadh às—Dh' iarr an sluagh Iosa 'cheusadh agus Barabas a leigeadh às dhaibh—An déigh dha Iosa 'sgiùrsadh, thug Pilat thairis e gu bhith air a cheusadh—Cheus na saighdearan Iosa. - - - 241

CAIB. XLVI.

Thug iadsan a bha 'dol seachad toibheum do Iosa air a' chrann-cheusaidh—Dh' innis e do'n ghad-aiche gu 'm biodh e maille ris ann am Parras—

TAOBH-
DUILLEIG.

Bha dorchadas air an talamh—An uair a thug Iosa suas a spiorad reubadh brat-roinn an teampuill, agus chrìothnaich an talamh—Lotadh a thaobh le sleagh—Dh' àdhlaic Ioseph o Arimatea agus Nicodemus e. - - - - - 248

CAIB. XLVII.

Chuireadh faire agus seula air an uaigh—Dh' éirich Iosa gu moch 's a' mhaduinn air a' cheud latha dhe 'n t-seachduin—Nochdadh e do Mhuire Magdalen, agus mar an ceudna do na mnathan eile a chaidh a dh' ionnsuidh na h-uaighe—Air an latha sin fhéin nochdadh e do dhithis a bha 'dol gu Emaus, agus do dheichnear de na h-abstoil—An ceann ochd làithean nochdadh e do 'n aon abstol deug. - - - - - 253

CAIB. XLVIII.

Dh' fhoillsich Iosa e fhéin a rithist aig muir Thiberiais—Ghabh e biadh maille riutha—Thug e àithne do Pheadair 'uain agus a chaoraich a bheathachadh—Dh' fhoillsicheadh e do 'n aon abstol deug air a' bheinn ann an Galile—Thug e àithne dhaibh an soisgeul a shearmonachadh do gach uile chinneach—Shuidhich e sàcramaid a' Bhaistidh—Gheall e dhaibh tiodhlac an Spiorad Naoimh—An uair a bha e 'gam beannachadh thogadh suas e agus iadsan 'ga fhaicinn—Còdhùadh. - - - - - 260





EACHDRAIDH BEATHA CHRIOSD

ANN AM

BRIATHRAN A' BHIOBUILL.



CAIB. I.

*Diadhachd, daonnachd, agus dreuchd Iosa Criosd—
Gineamhuinn Eoin Baistidh.*

ANNS an toiseach bha am Facal, agus bha am Facal maille ri Dia, agus b'e am Facal Dia. Bha e so air tùs maille ri Dia. Rinneadh na h-uile nithean leis; agus as eugmhais cha d'rinneadh aon ni a rinneadh. Annsan bha beatha, agus b'i a' bheatha solus dhaoine. Agus tha 'n solus a' soillseachadh anns an dorchadas, agus cha do ghabh an dorchadas e. Chuireadh duine o Dhia, do'm b' ainm Eoin. Thàinig esan mar fhianuis, a chum fianuis a thoirt mu 'n t-solus, a chum gu 'n creideadh na h-uile tridsan. Cha b' esan an solus, ach thàinig e chum gu 'n tugadh e fianuis mu 'n t-solus. B' e so an solus fìor a tha 'soill-

seachadh gach uile dhuine 'tha 'tighinn a chum an t-saoghail. Bha e anns an t-saoghal, agus rinneadh an saoghal leis, agus cha d'aithnich an saoghal e. Thàinig e dh'ionnsuidh a dhùthcha fhéin, agus cha do ghabh a mhuinntir fhéin ris. Ach a mheud 's a ghabh ris, thug e dhaibh cumhachd a bhith 'nan cloinn do Dhia, eadhon dhaibhsan a tha 'creidsinn 'na ainm: a bha air an gineamhuinn, cha'n ann o fhuil, no o thoil na feòla, no o thoil duine, ach o Dhia. Agus rinneadh am Facal 'na fheòil, agus ghabh e còmhnuidh 'n ar measg-ne, (agus chunnaic sinn a ghloir, mar ghloir aoin-ghin Mhic an Athar,) làn gràis agus firinn. Thug Eoin fianuis uime, agus ghlaodh e, ag ràdh, Is e so an tì mu'n do labhair mi, An tì a tha 'tighinn a'm' dhéigh, tha toiseach aig orm; oir bha e romham. Oir às a lànachd-san fhuair sinne uile, agus gràs air son gràis. Oir thugadh an lagh le Maois, ach thàinig an gràs agus an fhìrinn le Iosa Crìosd. Cha'n fhaca neach sam bith Dia riamh; an t-aon-ghin Mhic, a th'ann an uchd an Athar, is esan a dh' fhoillsich e.

Do bhrìgh gu'n do ghabh mòran os làimh eachdraidh a sgrìobhadh ann an òrdugh air na nithean sin a tha air an coimhlionadh 'n ar measg-ne, a réir mar a dh'aithris na daoine sin dhuinne iad, a chunnaic iad o thùs le'n sùilean, agus a bha 'n an luchd-frithealaidh an fhacail, chunnacas iomchuidh dhomhsa mar an ceudna, a Theophiluis ro òirdheirc, air faotainn dearbh fhios nan uile nithean dhomh o'n fhìor thoiseach, sgrìobhadh a d' ionnsuidh-sa ann an òrdugh; a chum gu'm biodh fios agad air cinn-teachd nan nithean anns an deachaidh do theagasg.

Bha ann an làithean Heroid, rìgh Iudea, sagart àraidh do m b' ainm Sacharias, de sheal Abia : agus bha a bhean

de nigheanan Aaroin, agus b'e 'h-ainm Elisabet. Agus bha iad le chéile ionraic am fianuis Dhé, ag imeachd ann an uile àitheantan agus òrduighean an Tighearna, gu neo-lochdach. Agus cha robh duine cloinne aca, do bhrìgh gu robh Elisabet neo-thorrach, agus bha iad le chéile aosmhor.

Agus thachair, am feadh a bha esan a' frithealadh mar shagart an làthair Dhé ann an òrdugh a sheala, a réir gnàth na sagartachd, b'e a chrannchur tùis a losgadh, air dha dol a steach do theampull an Tighearna. Agus bha coimhthional an t-sluaigh uile a' deanamh ùrnuigh a muigh, ri àm na tùise. Agus dh'fhoillsicheadh dha aingeal an Tighearna 'n a sheasamh air taobh deas altarach na tùise. Agus an uair a chunnaic Sacharias e, bha e fo thrioblaid, agus thuit eagal air. Ach thuirt an t-aingeal ris, Na gabh eagal, a Shachariais; oir fhuair d'ùrnuigh éisdeachd, agus beiridh do bhean Elisabet mac dhut, agus bheir thu Eoin mar ainm air. Agus bithidh aoibhneas agus subhachas ort; agus ni mòran gàirdeachas ri 'bhreith. Oir bithidh e mòr an làthair an Tighearna, agus cha 'n òl e fìon no deoch làidir; agus bithidh e air a lìonadh leis an Spiorad Naomh, eadhon o bhroinn a mhàthar. Agus tillidh e mòran de chloinn Israeil a chum an Tighearna an Dé. Agus théid e roimhesan ann an Spiorad agus ann an cumhachd Eliais, a thionndadh cridhe nan aithrichean a chum na cloinne, agus nan eas-umhal gu gliocas nam firean, a dh'ullachadh pobuill deas do 'n Tighearna. Agus thuirt Sacharias ris an aingeal, Cionnus a bhios fios so agam? Oir is seann duine mise, agus tha mo bhean aosmhor. Agus fhreagair an t-aingeal agus thuirt e ris, Is mise Gabriel a sheasas an làthair Dhé; agus

chuireadh mi a labhairt riutsa, agus a dh'innseadh na naigheachd mhath so dhut. Agus feuch, bithidh tu balbh agus gun chomas labhairt, gus an latha anns an tig na nithean so gu crìch, a chionn nach do chreid thu mo bhriathran-sa, a bhitheas air an coimhlionadh 'n an àm fhéin. Agus bha am pobull a' feitheamh ri Sacharias, agus b' iongantach leotha a' mhaille a rinn e anns an teampull. Agus an uair a thàinig e mach, cha b' urrainn e labhairt riutha: agus thuig iad gu fac e sealladh anns an teampull: oir bha e 'smèideadh orra, agus dh'fhan e 'n a thosd. Agus thachair, an uair a choimhlionadh làithean a fhrith-ealaidh, gu 'n deachaidh e d' a thaigh fhéin.

Agus an déigh nan làithean sin dh'fhàs a bhean Elisabet torrach; agus dh'fholaich i i-fhéin ré chòig mìosan, ag ràdh, Is ann mar so a rinn an Tighearna dhomh anns na làithean air an d'ambairc e orm, a thogail dhìom mo mhaslaidh ann am measg dhaoine.



CAIB. II.

*Gineamhuinn Iosa Crisod—Fàidheadaireachd Elisabet
agus Mhuire mu thimchioll Iosa Crisod—Breith
Eoin Baistidh.*

A nis anns an t-siathadh mìos, chuireadh an t-aingeal Gabriel o Dhia, gu baile de Ghalile, do 'm b' ainm Nasaret, a dh'ionnsuidh òigh a bha fo cheangal pòsaidh aig fear

do'm b'ainm Ioseph, de thaigh Dhaibhidh: agus b'e ainm na h-òighe Muire. Agus air dol a steach do'n aingeal d'a h-ionnsuidh, thuirt e, Fàilte dhut, o thusa d'an do nochdadh mòr dheadh-ghean, tha'n Tighearna maille riut: is beannaichte thu ann am measg bhan. Agus an uair a chunnaic i e, bha i fo thrioblaid inntinn air son a chainnte, agus a' reusonachadh ciod a' ghnè altach-beatha dh' fhaodadh a bhith an so. Agus thuirt an t-aingeal rithe, Na biodh eagal ort, a Mhuire; oir fhuair thu deadh-ghean o Dhia. Agus, feuch, gabhaidh tu a'd' bhroinn, agus beiridh tu mac, agus bheir thu Iosa mar ainm 'air. Bidh e mòr, agus goirear Mac an Ti a's ròirde dheth; agus bheir an Tighearna Dia dha righ-chathair 'athar Daibhidh: agus righichidh e thairis air taigh Iacoib gu bràth, agus cha bhi crìoch air a rìoghachd. Agus thuirt Muire ris an aingeal, Cionnus a bhitheas so, do bhrìgh nach 'eil aithne agamsa air duine? Agus fhreagair an t-aingeal agus thuirt e rithe, Thig an Spiorad Naomh ort, agus cuiridh cumhachd an Ti a's àirde sgàil ort: uime sin an nì naomh sin a bheirear leat, goirear Mac Dhé dheth. Agus, feuch, do bhana-charaid Elisabet, tha ise fhéin torrach air mac 'na sean aois; agus is e so an siathadh mios dhise de'n goirteadh bean-neo-thorrach; oir cha'n 'eil nì sam bith do-dheanta do Dhia. Agus thuirt Muire, Feuch, ban-oglach an Tighearna; biodh e dhomhsa a réir d'fhacail. Agus dh'fhalbh an t-aingeal uaip.

Agus air éirigh do Mhuire 's na làithean sin, chaidh i le cabhaig do dhùthaich nam beann, gu baile de Iuda, agus chaidh i steach do thaigh Shachariais, agus chuir i fàilte air Elisabet. Agus thachair, an uair a chuala Elisabet

beannachadh Mhuire, gu'n do leum an naoidhean 'na broinn; agus lionadh Elisabet leis an Spiorad Naomh; agus ghlaodh i mach le guth àrd, agus thubhairt i, Is beannaichte thu am measg bhan, agus is beannaichte toradh do bhronn. Agus cionnus a dh' éirich so dhomhsa, gu'n tigeadh màthair mo Thighearna a'm' ionnsuidh? Oir feuch, cho luath 's a thàinig fuaim do bheannachaidh a'm' chluasan, bhriosg an naoidhean le aoibhneas ann am bhroinn. Agus is beannaichte ise a chreid: oir coimh-lionar na nithean a labhradh rithe leis an Tighearna. Agus thuirt Muire, Tha m' anam ag àrd-mholadh an Tighearna, agus tha mo spiorad a' deanamh gàirdeachais ann an Dia mo Shlànuighear: do bhrìgh gu'n d' amhairc e air staid iosail a bhan-oglaich; oir feuch, o so suas goiridh gach linn beannaichte dhìom; do bhrìgh gu'n d' rinn an Ti a tha cumhachdach nithean mòra dhomh; agus is naomh 'ainm. Agus tha a thròcair-san o linn gu linn do 'n dream do 'n eagal e. Nochd e neart le 'ghàirdean; sgap e na h-uairbhrichean ann an smuaintean an cridhe fhéin. Thug e nuas na daoine cumhachdach o'n caithrichean rìoghail, agus dh' àrdaich e iadsan a bha iosal. Lion e 'n dream a bha acrach le nithean matha; agus chuir e uaithe na daoine saoi bhir falamh. Rinn e còmh-nadh ri Israel 'òglach fhéin, ann an cuimhneachadh a thròcair, (mar a labhair e ri 'r n-aithrichean,) do Abraham agus d'a shliochd gu bràth.

Agus dh' fhan Muire maille rithe mu thimchioll trì mìosan, agus thill i d'a taigh fhéin.


A nis thàinig làn-inbhe Elisabet, gu'm biodh i air a h-asaid; agus rug i mac. Agus chual' a coimhearsnaich agus a càirdean mar a nochd an Tighearna mòr-thròcair

dhi : agus rinn iad gàirdeachas maille rithe. Agus thach-air air an ochdamh latha, gu 'n d' thàinig iad a thimchioll-ghearradh an naoidhein: agus bha iad gu Sacharias aghairm dheth, a réir ainm 'athar. Agus fhreagair a mhàthair, agus thuirt i, Ni headh; ach goirear Eoin dheth. Agus thuirt iad rithe, Cha 'n 'eil aon neach de d' chàirdean de 'n gairmear an t-ainm so. Agus smèid iad air 'athair, ciod an t-ainm a b' àill leis a thoirt air. Agus dh' iarr e clàr-sgrìobhaidh, agus sgrìobh e, ag ràdh, Is e Eoin is ainm dha. Agus ghabh iad iongantas. Agus ghrad dh' fhosgladh a beul, agus dh' fhuasgladh a theangadh, agus labhair e, a' moladh Dhé. Agus thàinig eagal air an coimhearsnaich uile : agus dh' aithriseadh na nithean sin gu léir air feadh dùthaich àrd Iudea uile. Agus iadsan uile a chuala na nithean sin, thaisg iad 'nan cridhe iad, ag ràdh, Ciod a ghnè leinibh a bhitheas an so? Agus bha làmh an Tighearna maille ris.

Agus bha Sacharias 'athair air a lìonadh leis an Spiorad Naomh, agus rinn e fàidheadaireachd, ag ràdh, Gu ma beannaichte an Tighearna, Dia Israeil, air son gu'n d'fhios-raich e, agus gu'n d'thug e saorsa d' a phobull, agus gu'n do thog e suas dhuinne adharc slàinte, ann an taigh Dhaibhidh 'òglach fhéin (a réir mar a labhair e le beul 'Thàidhean naomha fhéin, a bha ann o thoiseach an t-saoghail), a thoirt saorsa dhuinn o ar nàimhdean, agus o làimh na muinntir sin uile le'm fuathach sinn : a choimh-lìonadh na tròcair a gheall e d'ar n-aithrichean, agus a chuimhneachadh a choimhcheangail naoimh fhéin : na mionnan a mhionnaich e do ar n-athair Abraham, gu'n tugadh e dhuinn, air dhuinn a bhith air ar saoradh o làimh ar nàimhdean, gu'n deanamaid seirbhis dha as eugmhais

eagail, ann an naomhachd agus ann am fireantachd 'na làthair fhéin, uile làithean ar beatha. Agus thusa, a leinibh, goirear dhiot fàidh an Tì a's àirde : oir théid thu roimh aghaidh an Tighearna, a dh' ullachadh a shlighe ; a thoirt eòlas na slàinte d'a phobull, ann am mathanas am peacaidhean, troimh thròcair ro mhòr ar Dé-ne, leis an d' fhiosraich an ùr-mhaduinn o'n ionad a's àirde sinn, a thoirt soluis dhaibhsan a tha 'nan suidhe ann an sgàil a' bhàis, a thrèorachadh ar casan air slighe na sìthe.

Agus dh' fhàs an leanabh, agus neartaicheadh ann an spiorad e, agus bha e anns an fhàsach gu latha 'fhoillseachaidh do Israel.



CAIB. III.

*Breith Iosa Crisd—Sgeul an aingil do na buachaillean—
Iosa air a thimchioll-ghearradh, agus air a thaisbeanadh 's an teampull—Fàidheadaireachd Shimeoin agus Anna mu thimchioll Iosa—Thug na daoine glice aoradh dha.*

A NIS mar so bha breith Iosa Crisd ; oir an déigh do cheangal-posaidh a bhith air a dheanamh eadar a màthair Muire agus Ioseph, roimh dhaibh tighinn cuideachd, fhuaradh torrach i o'n Spiorad Naomh. Ach air bhith do Ioseph a fear 'na dhuine cothromach, agus gun toil aige ball-sampuill a dheanamh dhi, bu mhiann leis a cur uaithe

os ìosal. Ach an uair a smaoinich e air na nithean so, feuch, dh'fhoillsich aingeal an Tighearna e fhéin dha ann am bruadar, ag ràdh, 'Ioseph, a mhic Dhaibhidh, na biodh eagal ort do bhean Muire a ghabhail a' d'ionnsuidh: oir an ni a tha air a ghineamhuinn innte, is ann o'n Spiorad Naomh e. Agus beiridh i mac, agus bheir thu Iosa mar ainm air; oir saoraidh e a shluagh fhéin o'm peacaidhean. Agus rinneadh so uile a chum gu'n coimhliontadh an ni a thuirt an Tighearna leis an fhàidh, ag ràdh, Feuch, bithidh maighdean torrach, agus beiridh i mac, agus bheir iad Emanuel mar ainm air; is ionnan sin ri ràdh, air eadar-theangachadh, Dia maille ruinn. Agus an uair a dhùisg Ioseph às a chadal, rinn e mar a dh'iarr aingeal an Tighearna air, agus ghabh e d'a ionnsuidh a bhean; agus cha d'aithnich e i gus an d'rug i a ceud-ghin mhic: agus thug e Iosa mar ainm air.

Agus thachair anns na làithean sin, gu'n deachaidh òrdugh a mach o Cheasar Augustus, an domhan uile a mheas. Agus rinneadh a' cheud mheas so an uair a bha Cirenus 'n a uachdaran air Siria. Agus chaidh iad uile a chum a bhith air am meas, gach aon fa leth d'a bhaile fhéin. Agus chaidh Ioseph mar an ceudna suas o Ghalile, á baile Nasaret, do Iudea, gu baile Dhaibhidh, de'n gairmear Betlehem, do bhrìgh gu robh e de thaigh agus de shliochd Dhaibhidh; a chum gu'm biodh e air a mheas maille ri Muire, a bha fo cheangal-pòsaidh dha, agus i mòr-thorrach. Agus thachair, am feadh a bha iad an sin, gu'n do choimhlionadh làithean a h-inbhe, a chum i bhith air a h-asaid. Agus rug i a ceud-ghin mhic; agus phaisg i e ann am brat-spéilidh, agus chuir i 'n a laidhe ann am prasaich e, do bhrìgh nach robh àite aca 's an taigh-òsda.

Agus bha anns an dùthaich sin buachaillean a' fantuinn a muigh, agus a' deanamh faire oidhche air an treud. Agus, feuch, sheas aingeal an Tighearna dlùth dhaibh, agus dhealraich glòir an Tighearna mu 'n timchioll: agus ghabh iad eagal mòr. Agus thuirt an t-aingeal riutha, Na biodh eagal oirbh: oir feuch, tha mi ag innseadh dhuibh deadh sgeul a' mhòr-aoibhneis, a bhitheas do 'n uile shluagh: oir rugadh dhuibh an diugh Slànuighear, ann am baile Dhaibhidh, neach a's e Crisod an Tighearna. Agus bidh so 'n a chomharradh dhuibh; Gheibh sibh an naoidhean paisgte ann am brat-spéilidh, 'n a laidhe ann am prasaich. Agus gun dàil bha maille ris an aingeal cuideachd mhòr a dh' armailt nèimh, a' moladh Dhé, agus ag ràdh, Glòir do Dhia anns na h-àrdaibh, agus air talamh sìth, deadh-ghean do dhaoine.

Agus thachair, an uair a dh' fhalbh na h-ainglean uatha do nèamh, gu 'n dubhairt na buachaillean ri 'chéile, Rachamaid a nis eadhon do Bhetlehem, agus faic-eamaid an ni so a th' air tachairt a dh' fhoillsich an Tighearna dhuinne. Agus thàinig iad gu grad, agus fhuair iad Muire agus Ioseph, agus an leanabh 'na laidhe 's a' phrasaich. Agus an uair a chunnaic iad sin, dh' aithris iad an ni a dh' innseadh dhaibh mu thimchioll an leinibh so. Agus ghabh gach neach a chuala so iongantas ris na nithean sin a dh' innseadh dhaibh leis na buachaillean. Ach ghléidh Muire na nithean sin uile, a' beachd-smaoineachadh orra 'n a cridhe. Agus thill na buachaillean, a' toirt glòire agus molaidh do Dhia air son nan nithean sin uile a chual' agus a chunnaic iad, a réir mar a labhradh riutha.

Agus an uair a choimhlionadh ochd làithean a chum an

leanabh a thimchioll-ghearradh, thugadh Iosa mar ainm air, eadhon an t-ainm a ghairm an t-aingéal dheth mu'n do ghabhadh anns a' bhroinn e.

Agus an uair a choimhlionadh làithean a glanaidh, a réir lagh Mhaois, thug iad Iosa gu Ierusalem, a chum a thaisbeanadh do'n Tighearna, (mar a tha e sgrìobhta ann an lagh an Tighearna, Gach ceud-ghin mhic a dh'fhosgla a' bhrù, gairmear naomh do'n Tighearna e;) agus a thoirt lobairt a réir mar a theirear ann an lagh an Tighearna, dà thurtur, no dà chalaman òg. Agus, feuch, bha duine ann an Ierusalem do'm b' ainm Simeon; agus bha'n duine so ionraic agus diadhaidh, agus bha dùil aige ri sòlas Israeil: agus bha'n Spiorad Naomh air. Agus dh'fhoillsicheadh dha leis an Spiorad Naomh nach fhaiceadh e bàs, gus am faiceadh e Crìosd an Tighearna. Agus thàinig e anns an Spiorad do'n teampull: agus an uair a thug na pàrantan an leanabh Iosa a steach, a chum gu'n deanadh iad air a shon a réir gnàthachadh an lagha, an sin ghlac esan 'n a uchd e, agus bheannaich e Dia, agus thuirt e, A nis, a Thighearna, tha thu 'leigeadh do d' sheirbhiseach siubhal ann an sìth, a réir d'fhacail; oir chunnaic mo shùilean do shlàinte, a dh'ullaich thu roimh ghnùis nan uile shluagh; solus a shoillseachadh nan Cinneach, agus glòir do phobuill Israeil. Agus ghabh Ioseph agus a mhàthair iongantais mu na nithean a labhradh uime. Agus bheannaich Simeon iad, agus thuirt e ri Muire a mhàthair, Feuch, chuireadh an leanabh so a chum tuiteam agus aiseirigh mhòran ann an Israel; agus 'n a chomharradh an aghaidh an labhrar; agus théid claidheamh troimh d'anam-sa fhéin a chum gu foillsichear smaointean cridheachan mhòran.

Agus bha Anna, ban-fhàidh, nighean Phanueil, de thréibh Aseir; (bha i ro aosmhor, agus chaith i seachd bliadhna maille ri 'fear o àm dhi a bhith 'na h-òigh, agus bu bhantrach i mu thimchioll ceithir bliadhna agus ceithir fichead a dh' aois), nach deachaidh o 'n teampull, a' dean-amh seirbhis do Dhia a latha agus a dh' oidhche le trasgadh agus le ùrnuigh. Agus air dhise tighinn a steach 's an uair sin fhéin, thug i moladh do 'n Tighearna, agus labhair i m' a thimchioll riuthasan uile aig an robh sùil ri saorsa ann an Ierusalem.

CAIB. IV.

Theich Ioseph agus Muire le Iosa do 'n Eiphit—Mharbh Herod na leanabain—Thill Ioseph agus Muire le Iosa às an Eiphit—Ghabh iad còmhnuidh ann an Nasaret—Iosa 's an teampull aig da bhliadhna dheug a dh' aois.

A nis an uair a rugadh Iosa ann am Betlehem Iudea, ann an làithean Heroid an rìgh, feuch, thàinig daoine glìce o 'n àird an ear gu Ierusalem, ag ràdh, C' àit am bheil rìgh sin nan Iùdhach a tha air a bhreith? oir chunnaic sinne a reult anns an àird an ear, agus tha sinn air tighinn a thoirt aoraidh dha. Agus an uair a chuala Herod an rìgh so, bha e fo thrioblaid, agus Ierusalem

uile maille ris. Agus air cruinneachadh nan àrd-shagart uile dha, agus sgrìobhaichean an t-sluaigh, dh'fheòraich e dhuibh c'ait an robh Criosd gu bhith air a bhreith. Agus thuirt iad ris, Ann am Betlehem Iudea: oir mar so sgrìobhadh leis an fhàidh, Agus thusa Bhetlehem an tìr Iudah, cha tu idir a's lugha ann am measg cheannardan Iudah: oir asadsa thig Uachdaran a stiùireas mo shluagh Israel. An sin air do Herod na daoine glìce 'ghairm os ìosal d' a ionnsuidh, gheur-fhiosraich e dhiubh cia 'n t-àm an d' fhoillsicheadh an reult. Agus chuir e gu Betlehem iad, agus thuirt e, Imichibh, agus iarraibh gu dìchiollach an naoidhean; agus an déigh dhuibh 'fhaotainn, innsibh dhomhsa e, a chum gu 'n teid mi fhéin, agus gu 'n dean mi aoradh dha. Agus an uair a chual iad an rìgh, dh' imich iad; agus, feuch, chaidh an reult a chunnaic iad anns an àird an ear rompa, gus an d' thàinig i 's gu 'n do stad i os cionn an ionaid's an robh an naoidhean. Agus an uair a chunnaic iad an reult, rinn iad gàirdeachas le aoibhneas rò mhòr. Agus air dhaibh dol a steach do 'n taigh, fhuair iad an naoidhean maille ri 'mhàthair Muire; agus thuit iad sìos, agus rinn iad aoradh dha; agus air fosgladh an ionmhais dhaibh, thug iad dha tìodhlacan, òr, agus tùis, agus mirr. Agus air faotainn rabhaidh o Dhia ann am bruadar, gun iad a thilleadh a dh' ionnsuidh Heroid, chaidh iad do 'n dùthaich fhéin air slighe eile.

A nis an uair a dh' imich iad air an ais, feuch, nochdadh aingeal an Tighearna do Ioseph ann am bruadar ag ràdh, Eirich, agus gabh an naoidhean agus a mhàthair, agus teich do 'n Eiphit, agus bi an sin gus an labhair mise riut: oir iarraidh Herod an naoidhean a chum a sgrios, Agus dh' éirich e, agus ghabh e d' a ionnsuidh an naoidhean

agus a mhàthair 'san oidhche, agus dh'imich e do'n Eiphit; agus bha e an sin gu bàs Heroid: a chum gu'n coimhliontadh an ni a labhair an Tighearna leis an fhàidh, ag ràdh, A mach as an Eiphit ghoir mi mo Mhac.

An sin an uair a chunnaic Herod gu'n d'rinn na daoine glìce fanaid air, las e le feirg ro mhòir, agus chuir e luchd-marbhaidh uaith, agus mharbh e na bha de leanaban mhac ann am Betlehem, agus 'na crìochan uile, o aois dha bhliadhna agus fodha, a réir na h-aimsir a dh'fhòghluim e gu dìchiollach o na daoine glìce. An sin chiomhlionadh an ni a labhradh le Ieremias am fàidh, ag ràdh, Chualas guth ann an Rama, caoidh agus gul, agus bròn ro mhòr, Rachel a'caoineadh a cloinne, agus cha b' aill leatha sòlas a gabhail, a chionn nach 'eil iad beò.

Ach an uair a dh'eug Herod, feuch, nochdadh aingeal an Tighearna ann am bruadar do Ioseph 'san Eiphit, ag ràdh, Eirich, agus gabh an naoidhean agus a mhàthair, agus imich gu talamh Israeil: oir fhuair an dream a bha 'g iarraidh anam an leinibh bàs. Agus dh' éirich esan, agus ghabh e an leanabh agus a mhàthair d'a ionnsuidh, agus thàinig e gu talamh Israeil. Ach an uair a chual' e gu robh Archelaus 'na rìgh air Iudea an àite Herod 'athair, bha eagal air dol an sin; ach, air dha rabhadh fhaotainn o Dhia ann am bruadar, thionndaidh e gu crìochan Ghalile, agus thàinig e agus ghabh e comh-nuidh ann am baile de'n goirear Nasaret: a chum gu'n coimhliontadh an ni a labhradh leis na faidhean, Gu'n goirear Nasarach dheth.

Agus dh'fhàs an leanabh, agus neartaicheadh ann an spiorad e, air a lionadh le gliocas: agus bha gràs Dhé air.

Agus chaidh a phàrantan gach bliadhna gu Ierusalem,

aig féill na càisge. Agus an uair a bha e dà bhliadhna dheug a dh'aois, chaidh iad suas gu Ierusalem, a réir gnath na féille; agus air dhaibh na làithean a choimhlionadh, an uair a thill iadsan, dh'fhanan leanabh Iosa 'nan déigh ann an Ierusalem; agus cha robh fhios aig Ioseph no aig a mhàthair air sin; ach air dhaibh a shaoilsinn gu robh e anns a' chuideachd, dh'imich iad astar latha; agus dh'iarr iad e ann am measgan càirdean, agus an luchd-eòlais: agus an uair nach d'fhuair iad e, thill iad gu Ierusalem, 'ga iarraidh. Agus thachair an déigh trì làithean, gu'n d'fhuair iad e anns an teampull 'na shuidhe ann am meadhon an luchd-teagaisg, araon 'g an éisdeachd, agus a' 'cur cheisdean orra: agus ghabh na h-uile a chual' e iongantais ri' thuigse agus ri' fhreagairtean. Agus an uair a chunnaic iad e, ghlac uamhas iad: agus thuirt a mhàthair ris, A mhic, c'ar son a rinn thu mar so oirnn? feuch, bha d'athair agus mise gu brònach 'ga d'iarraidh. Agus thuirt esan riutha, c'ar son a bha sibh 'ga m'iarraidh? nach robh fhios agaibh gu'm bu chòir dhomhsa 'bhith ann an taigh m' Athar? Agus cha do thuig iadsan an nì a labhair e riutha. Agus chaidh e sìos maille riutha, agus thàinig e gu Nasaret, agus bha e umhal dhaibh: ach ghléidh a mhàthair na briathran so uile 'n a cridhe. Agus thàinig Iosa air aghaidh ann an gliocas agus ann am meudachd, agus ann an deadh-ghean aig Dia, agus aig daoine.

CAIB. V.

*Teagasg, dreuchd, agus caitheamh-beatha Eoin Baistidh
—Thug e achmhasan do na Pharaisich—Bhaist e
Iosa ann an Iordan—Bhuair an diabhl Iosa.*

A nis anns a' chòigeadh bliadhna deug a dh'ìmpireachd Thiberiuis Cheasair, air bhith do Phontius Pilat 'n a uachdaran air Iudea, agus Herod 'n a Thetrarc air Galile, agus Philip a bhràthair 'n a Thetrarc air Iturea agus dùthaich Thrachonitis, agus Lisantias 'n a Thetrac air Abilene, an uair a bha Annas agus Ciaphas 'n an àrd-shagairt, thàinig facal Dhé a chum Eoin mhic Shachariais, anns an fhàsach. Agus thàinig e do 'n dùthaich uile timchioll Iordain, a 'searmonachadh baisteadh an aithreachais a chum mathanas pheacaidhean; agus ag ràdh, Gabhaibh aithreachas : oir tha rìoghachd nèimh am fagusg. Oir is e so an ti ud mu 'n do labhair Esaias am fàidh, ag ràdh, Guth an ti a ghlaodhas anns an fhàsach, ulluichibh slighe an Tighearna, deanaibh a cheumannan dìreach. Bithidh gach gleann air a lìonadh, agus gach beinn agus cnoc air an isleachadh; agus bithidh na nithean cama air an deanamh dìreach, agus na slighean garbha air an deanamh réidh; agus chi gach uile fheòil slàinte Dhé.

Agus bha Eoin air eudachadh le fionna chàmhail, agus crios leathaìr aige m' a leasraidh; agus bu bhiadh dha locuist agus mil fhiadhaich. An sin chaidh Ierusalem a mach d' a ionnsuidh, agus Iudea uile, agus luchd-àiteachaidh na dùthcha timchioll Iordain uile; agus bhaisteadh leis iad uile ann an amhainn Iordain, ag aideachadh am peacaidhean.

Ach an uair a chunnaic e mòran de na Phairisich, agus de na Sadusaich a' tighinn a chum a bhaistidh-san, thuirt e riutha, A shìol nan nathraichea n nimhe, cò thug rabhadh dhuibhse teicheadh o'n fheirg a tha ri teachd? Air an aobhar sin thugaibh a mach toradh iomchuidh an aithreachais; agus na smaoinichibh a ràdh annaibh fhéin, Tha Abraham 'na athair againn: oir tha mi ag ràdh ribh, gur comasach Dia air clann a thogail suas a dh' Abraham de na clachan sin. Agus a nis fhéin tha an tuadh air a cur ri bun nan craobh: air an aobhar sin, gach craobh nach toir a mach toradh math, gearar sìos i, agus tilgear 'san teine i. Agus dh' fhiosraich an sluagh dheth, ag radh, Ciod uime sin a ni sinne? Agus fhreagair esan agus thuirt e riutha, An tì aig am bheil dà chòta roinneadh e ris an tì aig nach 'eil; agus an tì aig am bheil biadh, deanadh e mar an ceudna. Agus thàinig mar an ceudna cìs-mhaoir gu bhith air am baisteadh, agus thuirt iad ris, A Mhaighstir, ciod a ni sinne? Agus thuirt esan riutha, Na dean aibh ni air bith os cionn na dh' òrduicheadh dhuibh. Agus dh' fhiosraich saighdearan mar an ceudna dheth, ag ràdh, Agus ciod a ni sinne? Agus thuirt e riutha, Na deanaibh fòirneart air neach sam bith, no casaid bhréige, agus bithibh toilichte le bhur tuarasdál.


Agus air bhith do'n phobull a' feitheamh, agus na h-uile dhaoine a' reusonachadh 'nan cridheachan fhéin mu thimchioll Eoin, am b' e Crìosd a bh' ann; fhreagair Eoin, ag ràdh riutha uile, Tha mise gu dearbh 'g'ur baisteadh le uisge; ach tha neach a' tighinn a'm' dhéigh a's cumhachdaiche na mise, neach nach airidh mise air cromadh sìos agus barr-iall a bhròg 'fhuasgladh: baistidh esan sibh leis an Spiorad Naomh, agus le teine: aig am

bheil a' ghuit 'na làimh, agus glanaidh e gu ro-bhuileach 'urlar-bualaidh, agus cruinnichidh e a chruithneachd d'a thaigh-tasgaidh; ach loisgidh e am moll le teine nach fhaodar a mhùchadh. Agus ag earalachadh mòran nithean eile shearmonaich e an soisgeul do 'n t-sluagh.

Thachair anns na laithean sin gu 'n d' thàinig Iosa o Nasaret Ghalile gu Iordan a dh' ionnsuidh Eoin, a chum gu 'm biodh e air a bhaisteadh leis. Ach bhac Eoin e, ag ràdh, Tha feum agamsa 'bhith air mo bhaisteadh leatsa, agus am bheil thusa 'tighinn a' m' ionnsuidh-sa? Agus fhreagair Iosa agus thuirt e ris, Leig do 'n chùis a bhith mar so a nis: oir mar so is iomchuidh dhuinn gach uile fhìreantachd a choimhlionadh. An sin dh' fhuiling e dha. Agus an uair a bhaisteadh Iosa, ghrad chaidh e suas às an uisge; agus air dha 'bhith ri ùrnuigh, feuch, dh' fhosgladh nèamh dha, agus thàinig an Spiorad Naomh a nuas air ann an coslas corparra mar chalaman; agus, feuch, guth o nèamh, ag ràdh, Is e so mo Mhac gràdhach, anns am bheil mo mhòr-thlachd.

Agus air do Iosa' bhith làn de 'n Spiorad Naomh, thill e air ais o Iordan, agus threòraicheadh e leis an Spiorad do 'n fhàsach, agus bha e air a bhuaireadh ré dhà fhichead latha leis an diabhl; agus bha e maille ris na fiadh-bheathaichean; agus cha d' ith e ni sam bith anns na laithean sin: agus air dhaibh a bhith air an crìoch-nachadh, an sin dh' fhàs e acrach. Agus an uair a thàinig am buaireadair d'a ionnsuidh thuirt e ris, Ma 's tu Mac Dhé, thoir àithne do na clachan so a bhith 'nan aran. Agus fhreagair Iosa e, ag ràdh, Tha e sgrìobhte, cha 'n ann le aran a mhàin a bheathaichear duine, ach leis gach uile fhacal a thig o bheul Dhé. An sin thug an diabhl

e do 'n bhaile naomh, agus chuir e air binnein an teampuill e, agus thuirt e ris, Ma's tu Mac Dhé, tilg thu fhéin sìos á so: oir tha e sgriobhte, Bheir e àithne d'a ainglean mu d'thimchioll, thusa 'choimhead: agus togaidh iad suas thu 'nan làmhan, air eagal gu'm buail thu uair sam bith do chas air cloich. Agus thuirt Iosa ris a rithist, Tha e sgriobhte, Cha bhuair thu 'n Tighearna do Dhia. Thug an diabhl e a rithist a chum beinne ro àird, agus nochd e dha uile rìoghachdan an domhain, agus an glòir, ann am mionaid aimsir; agus thuirt e ris, Bheir mise an cumhachd so uile dhut, agus an glòir; oir thugadh dhomhsa sin; agus bheir mi e do neach sam bith a's toil leam. Uime sin ma thuiteas tu sìos agus ma ni thu aoradh dhomhsa, is leat iad uile. An sin thuirt Iosa ris, Imich uam, a Shàtain: oir tha e sgriobhte, Bheir thu aoradh do 'n Tighearna do Dhia, agus dhasan 'na aonar ni thu seirbhis. Agus an uair a chrìochnaich an diabhl am buaireadh uile, dh'imich e uaithe ré tamuill: agus, feuch, thàinig ainglean agus fhrithheil iad dha.



CAIB. VI.

Fianuis Eoin Baistidh mu thimchioll Iosa--Gairm Andrais, Pheadair, Philip, agus Natanael—Rinn Iosa fion de'n uisge.

Agus is i so fianuis Eoin, an uair a chuir na h-Iudhaich sagairt agus Leibhitich o Ierusalem, a chum gu fiosraich-eadh iad dheth, Co thusa? Agus dh'aidich esan agus cha

d' àicheidh e; agus dh' aidich e, Cha mhi Crìosd. Agus dh' fhiosraich iad dheth, Ciod ma seadh? An tu Elias? Agus thuirt e, Cha mhi. An tu am fàidh? Agus fhreagair e, Cha mhi. Air an aobhar sin thuirt iad ris, Cò thu? a chum gu 'n toir sinn freagradh dhaibhsan a chuir uatha sinn. Ciod a tha thu 'g ràdh mu do thimchioll fhéin? Thuirt e, Is mise guth an tì a ghlaodhas anns an fhàsach, Deanaibh dìreach slighe an Tighearna, mar a thuirt am fàidh Esaias. Agus an dream a chuireadh leis an teachdaireachd, b'ann de na Phairisich iad. Agus dh' fhiosraich iad dheth, agus thuirt iad ris, C'ar son ma seadh a tha thu 'baisteadh, mur tu Crìosd, no Elias, no am fàidh? Fhreagair Eoin iad, ag ràdh, Tha mise a' baisteadh le uisge; ach tha neach 'na sheasamh 'n'ur measg nach aithne dhuibh; is e so an tì a tha 'tighinn a' m' dhéigh-sa, aig am bheil toiseach orm, neach nach airidh mise air barr-iall a bhròige 'fhuasgladh. Rinneadh na nithean so ann am Betani air an taobh thall a dh' Iordan far an robh Eoin a' baisteadh.

Air an latha am màireach chunnaic Eoin Iosa 'tighinn d' a ionnsuidh, agus thuirt e, Feuch, Uan Dhé, a tha 'toirt air falbh peacadh an t-saoghail! Is e so an tì mu 'n dubhairt mi, Tha fear a' tighinn a' m' dhéigh, aig am bheil barrachd orm; oir bha e romham. Agus cha robh aithne agamsa air; ach a chum gu 'm biodh e air 'fhoillseachadh do Israel, uime sin thàinig mi a' baisteadh le uisge. Agus thug Eoin fianuis, ag ràdh, Chunnaic mi an Spiorad a' tighinn a nuas mar chalaman o neamh, agus ghabh e còmhnuidh air. Agus cha b' aithne dhomhsa e: ach an tì a chuir mi a bhais:eadh le uisge, thuirt esan rium, Ge b' e air am faic

thu an Spiorad a' tighinn a nuas, agus a' gabhail còmh-nuidh air, is e sin an tì a bhaisteach leis an Spiorad Naomh. Agus chunnaic mi, agus rinn mi fianuis gur e so Mac Dhe.

Air an latha am màireach a rithist bha Eoin 'na sheisamh, agus dithis de 'dheisciobuil; agus air dha ambarc air Iosa agus e 'g imeachd, thuirt e, Feuch Uan Dhé! Agus chual' an dithis dheisciobul e a' labhairt, agus lean iad Iosa. Agus air tionndadh do Iosa, chunnaic e iad 'g a leantuinn, agus thuirt e riutha, Ciod a tha sibh ag iarraidh? Agus thuirt iadsan ris, Rabbi, (is e sin ri 'ràdh, air eadar-theangachadh, A Mhaighstir,) c'ait am bheil thu 'gabhail còmh-nuidh? Thuirt e riutha, Thigibh agus faicibh. Thàinig iad agus chunnaic iad c'ait an robh e 'gabhail còmh-nuidh; agus dh'fhan iad maille ris an latha sin: oir bha e mu thimchioll na deicheamh uaire. B'e Andras, bràthair Shimoin Pheadair, aon de 'n dithis a chual' Eoin a' labhairt, agus a lean esan. Fhuair esan air tùs a bhràthair fhéin Simon, agus thuirt e ris, Fhuair sinne am Mesias, (is e sin, air eadar-theangachadh, Crìosd.) Agus thug e a chum Iosa e. Agus an uair a dh'ambairc Iosa air, thuirt e, Is tusa Simon mac Iona: gairmear Cephas dhiot, (is e sin, air eadar-theangachadh, Peadair.)

Air an latha 'na dhéigh sin, bu toil le Iosa 'dhol a mach do Ghalile, agus fhuair e Philip: agus thuirt e ris, Lean mise. A nis bha Philip o Bhetsaida, baile Andrais agus Pheadair. Fhuair Philip Natanael, agus thuirt e ris, Fhuair sinne an tì mu 'n do sgrìobh Maois anns an lagh, agus na fàidhean, Iosa o Nasaret, mac Ioseiph. Agus thuirt Natanael ris, Am faod ni math sam bith tighinn á

Nasaret? Thuirt Philip ris, Thig agus faic. Chunnaic Iosa Natanael a' tighinn d' a ionnsuidh, agus thuirt e uime, Feuch, Israeleach da rìreadh, anns nach 'eil cealg! Thuirt Natanael ris, Cionnus is aithne dhut mi? Fhreagair Iosa agus thuirt e ris, Mu 'n do ghairm Philip thu, an uair a bha thu fo 'n chrann-fhìge, chunnaic mise thu. Fhreagair Natanael agus thuirt e ris, Rabbi, is tusa Mac Dhé; is tu Rìgh Israeil. Fhreagair Iosa agus thuirt e ris, A chionn gu 'n dubhairt mi riut, chunnaic mi thu fo 'n chrann-fhìge, am bheil thu 'creidsinn? Chi thu nithean a' s mò na iad so. Agus thuirt e ris, Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, 'N a dhéigh so chi sibh nèamh fosgailte, agus ainglean Dhé a' dol suas agus a' tighinn a nuas air Mac an duine.

Agus air an treas latha bha pòsadh ann an Cana Ghalile; agus bha màthair Iosa an sin: agus fhuair Iosa mar an ceudna, agus a dheisciobuil cuireadh a chum a' phòsaidh. Agus an uair a theirig am fìon, thuirt màthair Iosa ris, Cha 'n 'eil fìon aca. Thuirt Iosa rithe, Ciod e mo ghnothuch-sa riut, a bhean? Cha d' thàinig m' uair-sa fhathast. Thuirt a mhàthair ris an luchd-frithealaidh, Ge b' e ni a their e ribh deanaibh e. Agus bha sia soithichean uisge de chloich air an cur an sin, a réir gnàth glanaidh nan Iudhach, a ghabhadh dà fheircin no trì gach aon dhiubh. Thuirt Iosa riutha, Lionaibh na soithichean le uisge. Agus lìon iad iad gus am beul. Agus thuirt e riutha, Tàirngibh a nis, agus thugaibh a chum uachdaran na cuirme. Agus thug iad ann e. Agus an uair a bhlaic uachdaran na cuirme an t-uisge a rinneadh 'na fhìon, (agus cha robh fhios aige cia ás a thàinig e; ach bha fhios aig an luchd-frithealaidh a tharruing an t-uisge,)

ghairm uachdaran na cuirme am fear nuadh-pòsda, agus thuirt e ris, Cuiridh gach duine fion math a làthair air tùs ; agus an uair a dh'òlas daoine gu leòr, an sin am fion a's miosa : ach ghléidh thusa am fion math gus a nis. An toiseach so de mhiorbhuilean rinn Iosa ann an Cana Ghalile, agus dh'fhoillsich e a ghlòir ; agus chreid a dheisciobuil ann.

An déigh so chaidh e sìos do Chapernaum, e fhéin, agus a mhàthair, agus a bhràithrean, agus a dheisciobuil : agus cha d' fhan iad ann mòran de làithean.



CAIB. VII.

Iosa aig féill na càisge—Ghlan e an teampull o luchd-reic is ceannachd—Còmhradh ri Nicodemus—Teistean Edin air Iosa—Chuir Herod Eoin ann an prìosan.

Agus bha càisg nan Iudhach am fagusg, agus chaidh Iosa suas gu Ierusalem. Agus fhuair e 'nan suidhe anns an teampull luchd-reic chruidh agus chaorach agus chalaman, agus luchd-malairt an airgid : agus an uair a rinn e sgiùrsair de chùird chaola, dh'fhuadaich e mach às an teampull iad uile, agus na caoraich agus an crodh ; agus dhòirt e 'mach airgiod an luchd-malairt, agus thilg e na bùird thairis ; agus thuirt e riuthasan a bha 'reic chalaman, Togaibh iad sin á so ; na deanaibh taigh m' Athar-sa 'na thaigh marsandachd. Agus chuimhnich a dheis-

ciobuil gu robh e sgrìobhte, Dh'ith eud do thaighe suas mi. An sin fhreagair na h-Iudhaich agus thuirt iad ris, Ciod an comharradh a nochdas tu dhuinne, do bhrìgh gu bheil thu 'deanamh nan nithean so? Fhreagair Iosa agus thuirt e riutha, Leagaibh sìos an teampull so, agus ann an trì laithean cuiridh mise suas e. An sin thuirt na h-Iudhaich, Sia bliadhna agus dà fhichead bha an teampull so 'ga thogail, agus an cuir thusa suas ann an trì laithean e? Ach labhair esan mu theampull a chuirp. Uime sin an uair a bha e air éirigh o na mairbh, chuimhnich a dheisciobuil gu'n dubhaint e so; agus chreid iad an sgrìobtuir, agus am facal a thuirt Iosa.

A nis an uair a bha e ann an Ierusalem aig a' chàisg, air an fhéill, chreid mòran 'na ainm, an uair a chunnaic iad na m'orbhuilean a rinn e. Ach cha d'earb Iosa e fhéin riutha, do bhrìgh gu'm b'aithne dha na h-uile dhaoine, agus nach robh feum aige gu'n deanadh neach sam bith fìanuis mu dhuine; oir bha fhios aige fhéin ciod a bha anns an duine.

A nis bha duine de na Phairisich do'm b'ainm Nicodemus, 'na uachdaran air na h-Iudhaich: thàinig esan a chum Iosa 'san oidhche, agus thuirt e ris, A Mhaighstir, tha fhios againn gur fear-teagaisg thu a thàinig o Dhia: oir cha'n urrainn duine sam bith na m'orbhuilean so a dheanamh a tha thusa 'deanamh, mur bi Dia maille ris. Fhreagair Iosa agus thuirt e ris, Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh riut, mur beirear duine a rithist, nach urrainn e rìoghachd Dhé 'fhaicinn. Thuirt Nicodemus ris, Cionnus is urrainn duine 'bhith air a bhreith an uair a tha e aosda? am bheil e comsach air a dhol a steach an dara uair do bhroinn a mhàthar, agus a bhith air a bhreith?

Fhreagair Iosa, gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh riut, Mur bi duine air a bhreith o uisge agus o'n Spiorad cha'n urrainn e 'dhol a steach do rìoghachd Dhé. An ni sin a tha air a bhreith o'n fheadil is feàil e; agus an ni sin a tha air a bhreith o'n Spiorad is spiorad e. Na gabh iongantas gu'n dubhairt mi riut, is eiginn dhuibh a bhith air bhur breith a rithist. Tha 'ghaoth a' séideadh far an àill leatha, agus tha thu 'cluinninn a fuaim, ach cha'n 'eil fhios agad cia às a tha i 'tighinn no c' àit am bheil i 'dol: is ann mar sin a tha gach neach a tha air a bhreith o'n Spiorad. Fhreagair Nicodemus agus thuirt e ris, Cionnus is urrainn na nithean so a bhith? Fhreagair Iosa agus thuirt e ris, Am bheil thusa a' d' fhear-teagaisg Israeil, agus nach aithne dhut na nithean so? Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh riut, gu bheil sinne 'labhairt an ni air am bheil fios againn, agus a' toirt fianuis air an ni sin a chunnaic sinn; agus cha ghabh sibhse ar fianuis. Ma dh'innis mi dhuibh nithean talamhaidh, agus nach creid sibh, cionnus a chreideas sibh ma dh'innseas mi dhuibh nithean nèamhaidh? Agus cha deachaidh aon neach suas do nèamh, ach an tì a thàinig a nuas o nèamh, Mac an duine a tha air nèamh. Agus mar a thog Maois suas an nathair anns an fhàsach, is ann mar sin is éiginn do Mhac an duine a bhith air a thogail suas: a chum's ge b'e neach a chreideas ann nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha mhaireannach aige. Oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d' thug e 'aon-ghin Mhic fhéin, a chum's ge b'e neach a chreideas ann nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shìorruidh aige. Oir cha do chuir Dia a Mhac do'n t-saoghal a chum gu'n dìteadh e an saoghal; ach a chum gu'm biodh an

saoghal air a shaoradh trìdsan. An tì a tha 'creidsinn ann cha dìtear e : ach an tì nach 'eil a' creidsinn tha e air a dhìteadh cheana, a chionn nach do chreid e ann an ainm aoin-ghin Mhic Dhé. Agus is e so an dìteadh, gu'n d' thàinig an solus do'n t-saoghal, agus gu'n do ghràdh-aich daoine an dorchadas ni's mò na'n solus ; a chionn gu robh an gnìomharan olc. Oir gach neach a tha 'deanamh uile tha e 'toirt fuatha do'n t-solus, agus cha'n 'eil e 'tighinn a chum an t-soluis, air eagal gu'm biodh 'oibre air an cronachadh. Ach an tì a ni an fhìrinn thig e chum an t-soluis, a chum gu'm bi 'oibre follaiseach, gur ann an Dia a rinneadh iad.

An déigh nan nithean so thàinig Iosa agus a dheisciobuil do thìr Iudea ; agus dh' fhan e an sin maille riutha, agus bhaist e. Agus Bha Eoin mar an ceudna 'baisteadh ann an Enon làimh ri Salim, do bhrìgh gu robh mòran uisgeachan an sin : agus thàinig iad, agus bhaisteadh iad. Oir cha robh Eoin fhathast air a thilgeadh ann am prìosan. An sin dh' éirich ceisd eadar deisciobuil Eoin agus na h-Iudhaich mu thimchioll glanaidh. Agus thàinig iad a chum Eoin, agus thuirt iad ris, A Mhaighstir, an tì a bha maille riut an taobh thall a dh' Iordan do'n d' thug thu fianuis, feuch, tha esan a' baisteadh, agus tha na h-uile dhaoine 'tighinn d'a ionnsuidh. Fhreagair Eoin agus thuirt e, Cha'n 'eil duine comasach air ni sam bith a ghabhail, mur bi e air a thoirt dha o nèamh. Tha sibhse fhéin a' toirt fianuis dhomhsa, gu'n dubhairt mi, Cha mhi Crìosd, ach gu'n do chuireadh roimhe mi. An tì aig am bheil a' bhean nuadh-phòsda is e am fear nuadh-phòsda e : ach caraid an fhir nuaidh-phòsda, a tha 'na sheasamh agus ag éisdeachd ris, tha e 'deanamh gàirdeachais mhòir air

son guth an fhir nuaidh-phòsda: uime sin tha mo ghàirdeachas so air a chiomhlionadh. Is éiginn dhasan fàs, ach dhomhsa 'bhith air mo lùghdachadh.

An tì a thig a nuas tha e os cionn nan uile: an tì a tha o'n talamh tha e talamhaidh, agus labhraidh e air mhodh talamhaidh: an tì a thig o nèamh tha e os cionn nan uile. An ni a chunnaic agus a chual' e, air sin tha e' toirt fianuis; agus cha'n 'eil aon duine 'gabhail ri 'fhianuis. An tì a ghabh ri 'fhianuis-san chuir e a sheula ris, gu bheil Dia fìor. Oir an tì a chuir Dia uaithe tha e' labhairt briathran Dhé: oir cha'n ann a réir tomhais a tha Dia a' toirt an Spiorad *dha*. Is toigh leis an Athair am Mac, agus thug e na h-uile nithean 'na làimh. An tì a tha 'creidsinn anns a' Mhac tha 'bheatha mhaireannach aige; ach an tì nach 'eil a' creidsinn anns a' Mhac cha'n fhaic e beatha; ach tha fearg Dhé a' gabhail còmhnuidh air.

Ach air do Herod an Tetrarc a bhith air a chronachadh le Eoin air son Herodias, bean Philip a bhràthair, oir phòs e i; agus air son gach olc a rinn Herod: chuir e so ris gach olc eile, gu'n do ghlac e Eoin, agus gu'n do cheangail e ann am prìosan e. Oir thuirt Eoin ri Herod, Cha'n 'eil e laghail dhut bean do bhràthar a bhith agad. Uime sin bha diùmadh mòr aig Herodias air, agus bu mhiann leatha a chur gu bàs: ach cha b'urrainn i; oir bha eagal air Herod roimh Eoin, air dha fios a bhith aige gu 'm bu duine ceart agus naomh e, agus gléidh e tèaruinte e; agus an uair a chual' e e, rinn e mòran de nithean, agus dh' éisd e ris gu toileach.

CAIB. VIII.

*An còmhradh ri bean Shamaria—Chaidh Iosa do Ghalile,
agus shlànuich e mac anu achdarain a bha ann an
Capernaum.*

Air an aobhar sin an uair a chual' Iosa gu'n do chuir-eadh Eoin an làimh, agus a thuig e gu'n cuala na Phairisich gu robh e a' deanamh agus a' baisteadh tuilleadh dheisciobul na Eoin, (ged nach do bhaist Iosa fhéin *iad* ach a dheisciobuil), dh'fhàg e Iudea, agus chaidh e rithist do Ghalile. Agus b' éiginn dha 'dhol troimh Shamaria. An sin thàinig e gu baile a bhuineadh do Shamaria, ris an abrar Sichar, fagusg do'n fhearann a thug Iacob d' a mhac Ioseph. Agus bha tobar Iacoib an sin. Uime sin, air do Iosa 'bhith sgèth le 'thurus, shuidh e mar sin làimh-ris an tobar; agus bha e mu thimchioll na siathamh uaire. Thàinig bean o Shamaria a tharruinn uisge: thuirt Iosa rithe, Thoir dhomhsa deoch. Oir bha a dheisciobuil air dol do 'n bhaile a cheannach bìdh. An sin thuirt a' bhean o Shamaria ris, Cionnus a tha thusa, agus gur Iudhach thu, ag iarraidh deoch ormsa, a tha 'nam Bhan-Shamaritanaich? (Oir cha 'n 'eil commun aig na h-Iudhaich ris na Samaritanaich). Fhreagair Iosa agus thuirt e rithe, Na'm b' aithne dhut tìodhlac Dhé, agus cò e a tha 'g ràdh riut, Thoir dhomhsa deoch: dh' iarradh tu airsàn, agus bheireadh e uisge beò dhut. Thuirt a' bhean ris, A Thighearna, cha 'n 'eil inneal-tarruinn agad, agus tha 'n tobar domhain: uime sin cia às a tha 'n t-uisge beò sin agad? Am mò thusa na ar n-athair Iacob, a thug

dhuinn an tobar so, agus a dh'òl as e fhéin, agus a chlann, agus a spréidh? Fhreagair Iosa agus thuirt e rithe, Ge b'e neach a dh'òlas de'n uisge so bidh tart a rithist air: ach ge b'e neach a dh'òlas de'n uisge a bheir mise dha cha bhi tart gu bràth air; ach an t-uisge a bheir mise dha, bidh e'na thobar uisge ann a'sruthadh suas a chum na beatha maireannaich. Thuirt a' bhean ris, A Thighearna, thoir dhomhsa an t-uisge so, a chum nach bi tart orm, agus nach tig mi an so a tharruinn. Thuirt Iosa rithe, Imich, gairm d'fhear-pòsda, agus thig an so. Fhreagair a' bhean agus thuirt i, Cha'n'eil fear agam. Thuirt Iosa rithe, Is math a thuirt thu, Cha'n'eil fear agam: oir bha còignear fhear agad, agus esan a tha agad a nis cha'n e d'fhear fhéin e: thuirt thu so gu fìor. Thuirt a' bhean ris, A Thighearna, tha mi'faicinn gur fàidh thu. Rinn ar n-aithrichean aoradh anns an t-sliabh so; agus tha sibhse 'g ràdh gur ann an Ierusalem a tha'n t-ionad anns an còir aoradh a dheanamh. Thuirt Iosa rithe, A bhean, creid mise, gu bheil an uair a' tighinn, anns nach dean sibh aoradh do'n Athair aon chuid anns an t-sliabh so, no ann an Ierusalem. Tha sibhse 'deanamh aoraidh do'n nì nach aithne dhuibh: tha sinne 'deanamh aoradh do'n nì a's aithne dhuinn: oir is ann o na h-Iudhaich a tha slàinte. Ach tha'n uair a' tighinn, agus tha i nis ann, anns an dean am fìor luchd-aoraidh aoradh do'n Athair ann an spiorad agus ann am fìrinn: oir tha'n t-Athair ag iarraidh an leithidean so de luchd-aoraidh. Is Spiorad Dia: agus is éiginn d'a luchd-aoraidh, aoradh a dheanamh dha ann an spiorad agus ann am fìrinn. Thuirt a' bhean ris, Tha fhios agam gu bheil am Mesias a' tighinn ris an abrar Criosd; an uair a thig

esan, innsidh e na h-uile nithean dhuinn. Thuirt Iosa rithe, Is mise e a tha 'labhairt riut.

Agus aig a' cheart àm thàinig a dheisciobuil, agus b' iongantach leotha gu robh e 'labhairt ris a' mhnaoi; ach cha dubhairt aon neach, Ciod a tha thu 'g iarraidh? no, C'ar son a tha thu 'labhairt rithe? An sin dh'fhàg a' bhean a soitheach uisge, agus dh'fhalbh i do'n bhaile, agus thuirt i ris na daoine, Thigibh, faicibh duine a dh'innis dhomhsa na h-uile nithean a rinn mi riamh: Nach e so Crisod? An sin chaidh iad a mach às a' bhaile agus thàinig iad d' a ionnsuidh-san. Anns an àm sin fhéin ghuidh a dheisciobuil air, ag ràdh, A Mhaighstir, ith. Ach thuirt esan riutha, Tha biadh agamsa ri 'itheadh air nach 'eil fhios agaibhse. Uime sin thuirt a dheisciobuil ri 'chéile, An 'd thug neach sam bith ni d' a ionnsuidh ri 'itheadh? Thuirt Iosa riutha, Is e mo bhiadh-sa toil an tì a chuir uaithe mi a dheanamh, agus 'obair a chrìochnachadh. Nach abair sibhse, Tha ceithir mìosan ann fhathast, agus *an sin* thig am fogharadh? feuch, tha mi ag ràdh ribh, Togaibh suas bhur sùilean, agus seallaibh air na h-achaidhean; oir tha iad cheana geal a chum an fhogharaidh. Tha 'n tì a bhuaineas a' faotainn tuarasdail, agus a' cruinneachadh toraidh a chum na beatha maireannaich; a chum gu 'n dean an tì a chuireas agus an tì a bhuaineas gàirdeachas maille ri 'chéile. Oir an so tha an ràdh ud fìor, Gu bheil aon neach a' cur, agus neach eile a' buain. Chuir mise sibhse a bhuain, an ni sin nach do shaothraich sibh: shaothraich daoine eile, agus chaidh sibhse steach 'nan saothair.


Agus chreid mòran de Shamaritanaich a' bhaile sin ann, air son cainnt na mnà, a thug fianuis, *ag ràdh*, Dh' innis e

dhomh na h-uile nithean a rinn mi riamh. Uime sin an uair a thàinig na Samaritanaich d' a ionnsuidh, ghuidh iad air fantuinn maille riutha : agus dh' fhuirich e an sin dà latha. Agus chreid mòran tuilleadh air son 'fhacail fhéin ; agus thuirt iad ris' a mhnaoi, Tha sinn a' creidsinn, cha 'n ann á so suas air son do chòmhraidh-sa : oir chuala sinn fhéin e, agus tha fhios againn gur e so da rìreadh Criosd, Slànuighear an t-saoghail.

Agus an déigh an dà latha dh' fhalbh e ás a sin, agus chaidh e do Ghalile. Oir thug Iosa fhéin fianuis, nach 'eil urram aig fàidh'na thìr fhéin. Uime sin an uair a thàinig e do Ghalile, ghabh na Galiléaich ris, air dhaibh na nithean sin uile 'fhaicinn a rinn e ann an Ierusalem air an fhéill : oir chaidh iadsan mar an ceudna 'chum na féille.

An sin thàinig Iosa rithist do Chana Ghalile far an d' rinn e fion de'n uisge. Agus bha duine cumhachdach àraidh ann an Capernaum aig an robh a mhac gu tinn. An uair a chual'esan gu robh Iosa air tighinn á Iudea do Ghalile, chaidh e d' a ionnsuidh, agus ghuidh e air gu rachadh e sìos, agus gu slànuicheadh e 'mhac ; oir bha e ri uchd bàis. An sin thuirt Iosa ris, Mur faic sibh combarran agus mìorbhuilean, cha chreid sibh. Thuirt an duine cumhachdach ris, A Thighearna, rach sìos mu 'm faigh mo leanaban bàs. Thuirt Iosa ris, Imich ; tha do mhac beò. Chreid an duine am facal a thuirt Iosa ris, agus dh' imich e. Agus an uair a bha e 'dol sìos, choinnich a sheirbhisich e, agus dh' innis iad *dha*, ag ràdh, Tha do mhac beò. An sin dh' fhiosraich e dhuibh an uair anns an deachaidh e am feabhas : agus thuirt iad ris, An dé air an t-seachdamh uair dh' fhàg am fiabhrus e. An sin dh'

aithnich an t-athair gu 'm bi sin an uair anns an dubh-airt Iosa ris, Tha do mhac beò : agus chreid e fhéin, agus a theaghlach uile. Is i so a rithist an dara mìorbhuil a rinn Iosa, an uair a thàinig e á Iudea do Ghalile.



CAIB. IX.

Leighis Iosa air latha na sàbaid an duine a bha ochd bliadhna deug ar fhichead ann an euslaint—Rinn na h-Iudhaich connsachadh ris.

'N a dhéigh so bha féill nan Iudhach ann; agus chaidh Iosa suas gu Ierusalem.

A nis tha ann an Ierusalem làimh ri geata nan caorach lochan, ris an abrar's a' chainnt Eabhruidhich, Betesda, aig am bheil còig taighean-fasgaidh. Annta sin bha 'nan laidhe mòr-bhuidheann de dhaoine euslan, dalla, bacach, seargte, a' feitheamh ri caruchadh an uisge. Oir chaidh aingeal sìos aig amannan àraidh do 'n lochan, agus chuir e 'n t-uisge troimh a chéile: uime sin a' cheud neach a rachadh sìos ann, an déigh cur troimh a chéile an uisge, bhiodh e air a leigheas o aon tinneas a bhiodh air. Agus bha duine àraidh an sin, a bha ochd bliadhna deug ar fhichead ann an euslaint. An uair a chuannaic Iosa e an 'na laidhe, agus fios aige gu robh e nis ùine fhada mar sin, thuirt e ris, Am miann leat a bhith air do dheanamh slàn? Fhreagair an duine euslan e, A Thighearna, cha 'n 'eil duine agam, an uair a chuirear an

t-uisge troimh a chéile, a chuireas anns an lochan mi; ach am feadh a tha mise 'tighinn, tha neach eile a'dol sìos romham. Thuit Iosa ris, Fìrich, tog do leabadh, agus imich. Agus ghrad rinneadh an duine slàn, agus thog e a leabadh agus dh'imich e.

A nis bha 'n t-sàbaid ann air an latha sin. Uime sin thuit na h-Iudhaich ris an tì a shlànuicheadh, Is i an t-sàbaid a th'ann, agus cha 'n 'eil e dligheach dhut do leabadh a ghiùlan. Fhreagair e iad, An tì a rinn slàn mi, thuit esan rium, Tog do leabadh, agus imich. An sin dh' fhiosraich iad dheth, Cò an duine a thuit riut, Tog do leabadh, agus imich? Agus cha robh fhios aig an tì a shlànuicheadh cò e: oir chaidh Iosa às a shealladh, air do mhòr-shluagh a bhith anns an àite. 'N a dhéigh so fhuair Iosa e anns an teampull, agus thuit e ris, Feuch, rinneadh slàn thu: na peacaich ni's mò, air eagal gu'n tachair ni's miosa dhut. Dh'imich an duine, agus dh'innis e do na h-Iudhaich gu'm b'e Iosa a rinn slàn e. Agus air a shon so rinn na h-Iudhaich geur-leanmhuinn air Iosa, agus dh'iarr iad a mharbhadh, do bhrìgh gu'n d' rinn e na nithean so air an t-sàbaid. Ach fhreagair Iosa iad, Tha m' Athair ag oibreachadh gus a nis, agus tha mise ag oibreachadh. Uime sin bu mhòid a dh' iarr na h-Iudhaich a mharbhadh, a chionn nach e mhàin gu'n do bhris e'n t-sàbaid, ach gu'n dubhairt e mar an ceudna gu'm b'e Dia 'Athair, 'g a dheanamh fhéin co-ionnan ri Dia.

Air an aobhar sin fhreagair Iosa agus thuit e riutha, Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh nach'eil am Mac comasach air ni sam bith a dheanamh uaithe fhéin, ach an

ni a chi e an t-Athair a' deanamh : oir ge b' e air bith nithean a ni esan, na nithean sin fhéin ni am Mac mar an ceudna. Oir is ionmhuinn leis an Athair am Mac, agus tha e' foillseachadh dha nan uile nithean a tha e fhéin a' deanamh : agus foillsichidh e dha oibre a's mò na iad so, air chor's gu 'm bi iongantas oirbhse. Oir mar tha 'n t-Athair a' dùsgadh agus a' beothachadh nam marbh, is amhuil sin a tha am Mac a' beothachadh an dream a's àill leis. Oir cha 'n 'eil an t-Athair a' toirt breith air duine sam bith, ach thug e gach uile bhreitheanas do 'n Mhac; a chum gu 'n tugadh na h-uile dhaoine urram do 'n Mhac, amhuil mar a tha iad a' toirt urraim do 'n Athair. An tì nach 'eil a' toirt urraim do 'n Mhac cha 'n 'eil e 'toirt urraim do 'n Athair a chuir uaithe e. Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, An tì a tha 'g éisdeachd ri m' fhacal-sa, agus a tha 'creidsinn anns an tì a chuir uaithe mi, tha 'bheatha mhaireannach aige, agus cha tig e 'chum dìtidh, ach chaidh e thairis o bhàs gu beatha. Gu deimhin, deimhin tha mi ag ràdh ribh, Gu bheil an uair a' tighinn, agus gu bheil i nis ann, anns an cluinn na mairbh guth Mhic Dhé; agus an dream a chluinneas bidh iad beò. Oir mar a tha aig an Athair beatha ann fhéin, is amhuil sin mar an ceudna a thug e do 'n Mhac beatha 'bhith aig' ann fhéin : agus thug e dha ùghdarras a chum breith a thoirt, do bhrìgh gur e Mac an duine. Na gabhaibh iongantas dheth so : oir tha an uair a' tighinn, anns an cluinn iadsan uile a tha anns na h-uaignean a ghuth-san, agus théid iad a mach; iadsan a rinn math, a chum aiseirigh na beatha; agus iadsan a rinn olc, a chum aiseirigh an damanaidh.

Cha 'n 'eil mise comasach air ni sam bith a dheanamh uam fhéin : mar a chluinneas mi, bheir mi breith : agus tha mo bhreitheanas ceart ; do bhrìgh nach 'eil mi ag iarraidh mo thoile fhéin, ach toil an Athar a chuir uaithe mi. Ma bheir mise fianuis mu m' thimchioll fhéin, cha 'n 'eil m' fhianuis fìor. Tha neach eile a' toirt fianuis mu m' thimchioll, agus tha fhios agam gur fìor an fhianuis a tha e' deanamh mu m' thimchioll. Chuir sibhse a chum Eoin, agus thug e fianuis do 'n fhìrinn. Ach cha 'n 'eil mise a' gabhail fianuis o dhuine : tha mi ag ràdh nan nithean so, a chum gu 'm bi sibhse air bhur tèarnadh. B' esan an lòchran lasarach agus dealrach : agus bha sibhse toileach car tamuill gàirdeachas a dheanamh 'na sholus. Ach tha agamsa fianuis a's mò na fianuis Eoin : oir na h-oibre a thug an t-Athair dhomhsa 'chum gu 'n crìochnaichinn iad, tha na h-oibre sin fhéin a tha mise 'deanamh, a' toirt fianuis mu m' thimchioll, gu 'n do chuir an t-Athair uaithe mi. Agus an t-Athair a chuir uaithe mi, thug e fianuis mu m' thimchioll. Cha chuala sibh riamh a ghuth, ni mò a chunnaic sibh a choslas. Agus cha 'n 'eil 'fhacal-san agaibh a' gabhail còmhnuidh annaibh : oir an tì sin a chuir esan uaithe, cha 'n 'eil sibh 'g a chreidsinn. Rannsaichibh na sgrìobtuirean, oir tha sibh a' saoil sinn gu bheil a' bheatha mhaireannach agaibh anntasan ; agus is iad sin a tha 'toirt fianuis mu m' thimchioll-sa ; agus cha 'n àill leibh tighinn a m' ionnsuidh-sa a chum gu faigheadh sibh beatha. Cha 'n 'eil mise a' gabhail urraim o dhaoine. Ach is aithne dhomh sibhse, nach 'eil gràdh Dhé agaibh annaibh. Thàinig mise ann an ainm m' Athar, agus cha 'n eil sibh a'

gabhail rium : ma thig neach eile 'na ainm fhéin, gabhaidh sibh risan. Cionnus a dh' fheudas sibh creidsinn, a tha gabhail urrainn o chéile, agus nach 'eil ag iarraidh an urrainn a thig o Dhia a mhàin? Na saoilibh gu 'n dean mise bhur casaid ris an Athair : tha aon a tha 'deanamh casaid oirbh, Maois, anns am bheil sibh a' cur bhur dòchais. Oir nan creideadh sibh Maois, chreideadh sibh mise ; oir sgrìobh esan mu m' thimchioll-sa. Ach mur creid sibh a sgrìobhadh-san, cionnus a chreideas sibh mo bhriathran-sa.



CAIB X.

Thòisich Iosa air searmonachadh—Chuir iad cùl ris ann an Nasaret—Chaidh e do Chapernaum—Ghairm e ceathrar dheisciobul—Theagaisg e an sluagh á bàta Pheadair—Ghlac iad gu miorbhuileach mòran éisg.

Agus thill Iosa ann an cumhachd an Spioraid do Ghalile, a' searmonachadh soisgeul rìoghachd Dhé, agus ag ràdh, Choimhlionadh an aimsir, agus tha rìoghachd Dhé am fagusg; deanaibhse aithreachas, agus creidibh an soisgeul. Agus chaidh 'iomradh-san air feadh na dùthcha mu 'n cuairt gu h-iomlan. Agus theagaisg e 'nan sionagog-an, a' faotainn glòire o na h-uile dhaoine.

Agus thàinig e gu Nasaret, far an d' àraicheadh e : agus chaidh e steach, mar bu ghnàth leis, air latha na sàbaid do 'n t-sionagog, agus dh' éirich e 'na sheasamh a chum

leughaidh. Agus thugadh dha leabhar an fhàidh Esaiais. Agus dh' fhosgail e an leabhar, agus fhuair e an t-àit' anns an robh e sgriobhte, Tha Spiorad an Tighearna orm, do bhrìgh gu 'n d' ùng e mi a shearmonachadh an t-soisgeil do na bochdan; chuir e mi a shlànuchadh na muinntir aig am bheil an cridhe briste, a ghairm fuasglaidh do 'n mhuinntir a tha 'n sàs, a dh' aiseag am fradhaire do na daill, a thoirt saorsa do 'n mhuinntir a tha brùite, a shearmonachadh bliadhna thaitneach an Tighearna. Agus dhùin e an leabhar, agus thug e do 'n fhear-frith-ealaidh e, agus shuidh e: agus bha sùilean na bha 'san t-sionagog uile a' geur amharc air. Agus thòisich e air a ràdh riutha, An diugh tha an sgriobtur so air a choimh-lionadh ann bhrìgh cluasan-sa. Agus thug iad uile fianuis dha, agus ghabh iad iongantas ris na briathran gràs-mhor a thàinig a mach às a bheul: agus thuirt iad, Nach e so mac Ioseph? Agus thuirt e riutha, Gun amhrus thuirt sibh rium an gnàth-fhacal so, A léigh, leighis thu fhéin: ge b' e air bith nithean a chuala sinn a rinneadh *leat* ann an Capernaum, dean iad mar an ceudna an so ann ad' dhùthaich fhéin. Agus thuirt e, Gu deimhin, tha mi ag ràdh ribh, nach 'eil fàidh air bith taitneach 'na dhùthaich fhéin. Ach gu fìrinneach tha mise ag ràdh ribh, Gu robh mòran bhantrach ann an Israel annan làithean Eliais, an uair a dhruideadh nèamh ré thrì bliadhna agus shia mìosan, agus a bha gorta mhòr air feadh na tìre uile; agus cha do chuireadh Eliais a dh' ionnsuidh aoin diubh, ach gu Sarepta Shidoin, a chum mnà a bha 'n a bantraich. Agus bha mòran lobhar ann an Israel ri linn Eliseuis an fhàidh; agus cha do ghlanadh a h-aon diubh, ach

Naaman an Sirianach. Agus lionadh iadsan uile a bha 'san t-sionagog le feirg, an uair a chual' iad na nithean so ; agus dh' éirich iad suas, agus thilg iad a mach às a' bhaile e, agus thug iad leotha e gu maladh a' chnoic, air an robh am baile togte, a chum a thilgeadh sìos an coinneamh a chinn. Ach air dhasan gabhail troimh am meadhon dh' fhalbh e.

Agus air dha Nasaret fhàgail, thàinig e agus ghabh e còmhnuidh ann an Capernaum, baile de Ghalile, a tha ri taobh na fairge, ann an leith-iomall Shabuloin agus Nephtalim : a chum gu 'n coimhliontadh an ni a labhradh le Esaias am fàidh, ag ràdh, Talamh Shabuloin, agus talamh Nephtalim, slighe na fairge air an taobh thall a dh' Iordan, Galile nan Cinneach, am pobull a bha 'nan suidhe ann an dorchadas chunnaic iad solus mòr, agus tha solus air éirigh do na daoine a bha 'nan an suidhe ann an tìr agus ann an sgàil a' bhàis.

Agus ag imeachd do Iosa ri taobh fairge Ghalile, chunnaic e dithis bhràithrean, Simon de 'n goirear Peadair, agus Andras a bhràthair, a' tilgeadh lìn 'san fhairge ; oir b'iasgairean iad. Agus thuirt e riutha, Leanaibh mise, agus ni mi iasgairean air daoine dhibh. Agus ghrad dh' fhàg iad na lìn, agus lean iad esan. Agus an uair a chaidh e beagan air aghaidh às a sin, chunnaic e dithis bhràithrean eile, Seumas *mac* Shebede, agus Eoin a bhràthair, agus iad anns a' bhàta maille ri 'n athair Sebede, a' càradh nan lion : agus ghairm e iad. Agus ghrad dh' fhàg iad Sebede an athair anns a' bhàta maille ris an luchd-tuarasdail, agus lean iad esan.

Agus thachair, an uair a bha am pobull a' dlùth-theannadh air, a chum facal Dhé éisdeachd, gu 'n do sheas e laimh ri loch Ghenesaret ; agus chunnaic e dà bhàta 'nan seasamh ri taobh an locha : ach bha na h-iasgairean air dol a mach asda, agus bha iad a' nigheadh nan lion. Agus chaidh e steach do aon de na bàtaichean a bu le Simon, agus dh' iarr e air a dhol a mach beagan o thìr. Agus air dha suidhe, theagaisg e an sluagh às a' bhàta. A nis an uair a sguir e de labhairt, thuirt e ri Simon, Cuir a mach a chum na doimhne, agus leigibh sìos bhur lìn a chum tarrainn. Agus fhreagair Simon, agus thuirt e ris, A Mhaighstir, shaothraich sinn feadh na h-oidhche uile, agus cha do ghlac sinn ni sam bith : ach air d' fhacal-sa leigidh mi sìos na lìn. Agus an uair a rinn iad so, chuartaich iad meall mòr éisg ; agus bha na lìn a' bristeadh. Agus smèid iad air an companaich, a bha anns a' bhàta eile, tighinn agus còmhnaidh a dheanamh leotha. Agus thàinig iad, agus lion iad an dà bhàta, ionnus gu robh iad an inbhe 'dhol fodha. An uair a chunnaic Simon Peadair so, thuit e sìos aig glùinean Iosa, ag ràdh, Imich uamsa, oir is duine peacach mi, O Thighearna. Oir ghlac uambas e fhéin agus iadsan uile a bha maille ris, air son an tarrainn éisg a ghlac iad ; agus mar an ceudna Seumas agus Eoin, mic Shebede, a bha 'nan companaich aig Simon. Agus thuirt Iosa ri Simon, Na biodh eagal ort ; á so suas glacaidh tu daoine. Agus an uair a thug iad am bàtaichean gu tìr, dh' fhag iad na h-uile nithean, agus lean iad esan.

CAIB XI.

Leighis e aon anns an robh deamhan, agus mòran de mhuinntir a bha euslan—Moch'sa' mhaduinn chaidh e dh' àite fàsail a dheanamh ùrnuigh—Leighis e neach air an robh'n luibhre, agus neach air an robh a' phairilis.

Agus chaidh iad do Chapernaum; agus gun dàil air dha dol a steach do'n t-sionagog air an t-sàbaid, theagaisg e. Agus ghabh iad iongantas ri 'theagasg; oir bha e 'gan teagasg mar neach aig an robh ùghdarras, agus cha b'ann mar na sgrìobhaichean. Agus bha anns an t-sionagog duine anns an robh spiorad deamhain neòghlain, agus ghlaodh e le guth mòr, ag ràdh, Leig leinn; ciod e ar gnothuch-ne riut, Iosa o Nasaret? an d' thainig thu g' ar sgrios-ne? Is aithne dhomh cò thu, Aon naomh Dhé. Agus chronuich Iosa e, ag ràdh, Bi a' d' thosd, agus thig a mach as. Agus an uair a reub an spiorad neòghlan e, agus a ghlaodh e le guth àrd, thàinig e mach as. Agus ghabh iad uile mòr-iongantas, ionnus gu robh iad a' cur na ceisde so ri 'cheile, ag ràdh, Ciod e so? Ciod e an teagasg nuadh so? oir le ùghdarras tha e 'toirt òrduigh eadhon do na spioraid neòghlan, agus tha iad umhal dha. Agus gun dàil chaidh a chliù a mach air feadh na tìre uile timchioll Ghalile.

Agus gun dàil, air dhaibh dol a mach às an t-sionagog, chaidh iad a steach do thaigh Shimoin agus Andrais, maille ri Seumas agus Eoin. Agus bha màthair-chéile Shimoin'na laidhe ann am fiabhrus mòr; agus ghrad labhair iad ris uimpe. Agus thàinig esan, agus air dha

seasamh os a cionn, chronuich e am fiabhrus, agus thog e i, a' breith air làimh oirre ; agus ghrad dh' fhàg am fiabhrus i, agus fhritheil i dhaibh.

Agus an uair a bha 'm feasgar ann, air do 'n ghréin dol fodha, thug iad d'a ionnsuidh iadsan uile a bha euslan, agus iadsan anns an robh deamhain. Agus bha am baile uile air a chruinneachadh a chum an doruis. Agus leighis e mòran air an robh iomadh gnè eucail, agus thilg e mach mòran dheamhan : a chum gu 'n coimhliontadh an ni a labhradh le Esaias am fàidh, ag ràdh, Ghabh esan ar n-anmhuinneachdan air fhéin, agus ghiùlain e ar n-euslaintean. Agus chaidh mar an ceudna deamhain a mach á mòran, a' glaodhaich, agus ag ràdh, Is tu Criosd Mac Dhé. Agus chronuich e iad, agus cha d' fhulaing e dhaibh labhairt : oir bha fhios aca gu 'm b' esan Criosd.

Agus air dha éirigh 's a' mhaduinn, fada roimh latha, chaidh e mach, agus dh' imich e gu àite fàsail, agus rinn e ùrnuigh an sin. Agus lean Simon e, agus an dream a bha maille ris ; agus air dhaibh 'fhaotainn thuirt iad ris, Tha gach uile neach 'ga d' iarraidh. Agus b' àill leotha a a chumail a chum nach rachadh e uatha. Agus thuirt esan riutha, Rachamaid a dh' ionnsuidh nam bailtean eile làimh ruinn, a chum gu searmonaich mi an sin mar an ceudna : oir is ann a chum na crìche so a thàinig mise mach. Agus shearmonaich e 'nan sionagogan air feadh Ghalile uile, agus thilg e mach na deamhain.

Agus an uair a bha e ann am baile àraidh, feuch, thàinig duine làn de luibhre d'a ionnsuidh, a' guidhe air, agus a' lùbadh a ghlùin dha, agus ag ràdh ris, A Thighearna, ma 's àill leat, tha thu comasach air mise a dheanamh glan.

Agus ghabh Iosa truas mòr dheth, agus air sìneadh a mach a làimhe, bhean e ris, agus thuirt e ris, Is àill leam ; bi thusa glan. Agus cho luath 's a labhair e, ghrad dh' fhalbh an luibhre uaithe, agus rinneadh glan e. Agus thug e geur-òrdugh dha, agus ghrad chuir e air falbh e, agus thuirt e ris, Feuch nach innis thu ni sam bith do neach sam bith : ach imich, nochd thu fhéin do'n t-sagart, agus thoir mar ìobairt air son do ghlanaidh na nithean a dh' àithn Maois, mar fhianuis dhaibh. Agus air dhasan dol a mach, thòisich e air'innseadh gu ro fhollaiseach, agus air a' chùis a sgaoileadh mu'n cuairt, air chor 's nach fhaodadh Iosa 'dhol tuilleadh gu follaiseach a steach do'n bhaile ; ach bha e muigh ann an àitean uaigneach : agus thàinig sluagh mòr an ceann a chéile d'a ionnsuidh às gach àird a chum 'éisdeachd, agus a bhith air an slànuchadh leis o'n eucailean. Ach chaidh e air leith anns an fhàsach, agus rinn e ùrnuigh.

Agus an déigh làithean àraidh chaidh e rithist a steach do Chapernaum, agus chualas gu robh e'san taigh. Agus chruinnicheadh mòran an ceann a chéile, air chor's nach robh àit' ann a chumadh iad, eadhon timchioll an doruis : agus labhair e am facal riutha. Agus thachair an uair a bha e a' teagasg gu robh 'nan suidhe *an sin*. Phairisich agus luchd-teagaisg an lagha, a thàinig às gach uile bhaile de Ghalile, agus á Iudea, agus o Ierusalem : agus bha cumhachd an Tighearna a làthair a chum an slànuchadh. Agus, feuch, ghiùlain daoine air leabaidh duine air an robh a' phairilis : agus dh' iarr iad a thoirt a steach, agus a chur 'na làthair-san. Agus an uair nach d'fhuair iad dòigh air am faodadh iad a thoirt a steach le meud na

cuideachd, chaidh iad suas air an taigh, agus leig iad sìos troimh mhullach an taighe e fhéin agus a leabadh anns a' mheadhon an làthair Iosa. Agus an uair a chunnaic Iosa an creideamh-san, thuirt e ris an neach air an robh a' phairilis, A mhic, tha do pheacaidhean air am mathadh dhut. Agus thòisich na sgrìobhaichean agus na Phairisich air reusonachadh 'nan cridheachan fhéin, ag ràdh, Cò e so a tha 'labhairt toibheim? Cò a dh' fhaodas peacaidhean a mhathadh ach Dia a mhain? Agus air aithneachadh do Iosa 'na spiorad fhéin gu robh iad a' reusonachadh mar sin annta fhéin, thuirt e riutha, C' ar son a tha sibh a' reusonachadh nan nithean sin ann bhur cridheachan? Cò aca is fhusadh a ràdh ris an neach air am bheil a' phairilis, Tha do pheacaidhean air am mathadh dhut, no a ràdh, Eirich, agus tog do leabadh, agus imich? Ach a chum gu 'm bi fios agaibh gu bheil cumhachd aig Mac an duine peacaidhean a mhathadh air thalamh (thuirt e ri fear na pairilis), Tha mi ag ràdh riut, Eirich, agus tog do leabadh, agus imich do d' thaigh. Agus ghrad dh' éirich e 'nan làthair, agus thog e an leabadh air an robh e 'na laidhe, agus chaidh e d'a thaigh fhéin, a' toirt glòire do Dhia. Agus ghlac uamhas iad uile, agus thug iad glòir do Dhia, agus lionadh iad le eagal, ag ràdh, chunnaic sinne nithean do-chreidsinn an diugh.

CAIB XII.

Ghairm e Mata o àite-togail na cìse—Rinn Mata cuirm mhòr dha—Ghabh e leithsgeul a dheiscioubul nach robh iad a' trasgadh, agus a chionn gu'n do spòn iad na diasan arbhair air latha na Sàbaid—Leighis e an duine aig an robh a làmh air seargadh.

Agus chaidh e mach a rithist ri taobh, na mara ; agus thàinig an sluagh uile d' a ionnsuidh, agus theagaisg e iad. Agus an uair a bha e 'dol seachad chunnaic e cìs-mhaor do 'm b' ainm Mata (Lebhi *mac* Alpheuis) 'na shuidhe aig àite-togail na cìse, agus thuirt e ris, Lean mise. Agus dh' fhàg e na h-uile nithean agus dh' éirich e, agus lean e e. Agus rinn Lebhi cuirm mhòr dha : agus thachair an uair a shuidh Iosa chum bìdh 'n a thaigh-san gu 'n do shuidh mòran chis-mhaor agus pheacach maille ri Iosa agus ri 'dheisciobuil : oir bha mòran ann, agus lean iad e. Agus an uair a chunnaic na sgrìobhaichean agus na Phairisich esan ag itheadh maille ri cìs-mhaor agus ri peacaich, thuirt iad ri 'dheisciobuil, C' ar son a tha e ag itheadh agus ag òl maille ri cìs-mhaor agus ri peacaich? Agus an uair a chuala Iosa so, thuirt e riutha, Cha 'n 'eil feum acasan a tha slàn air an léigh, ach acasan a tha tinn. Ach imichibhse agus fòghlumaibh ciod is ciall dha so, Tròcair is àill leam, agus cha 'n iobairt : air cha d' thàinig mise a ghairm nam fireanach, ach nam peacach a chum aithreachais.

Agus bu ghnàth le deisciobuil Eoin agus nam Phairiseach a bhith 'trasgadh : agus thàinig iad agus thuirt iad ris, C'ar

son a tha deisciobuil Eoin gu tric a' trasgadh, agus a' deanamh ùrnuigh, agus mar an ceudna *deisciobuil* nam Phairiseach; ach tha do dheisciobuil-sa ag itheadh agus ag òl. Agus thuirt Iosa riutha, Am bheil clann seòmair an fhir nuaidh-phòsda comasach air trasgadh a dheanamh am feadh a tha am fear nuadh-pòsda maille riutha? am feadh a tha am fear nuadh-pòsda aca maille riutha cha 'n urrainn iad trasgadh a dheanamh. Ach thig na làithean anns an toirear am fear nuadh-pòsda uatha; agus an sin nì iad trasgadh anns na làithean sin. Agus labhair e mar an ceudna co-samlachd riutha; Cha chuir neach sam bith mìr a dh' aodach nuadh air seann aodach: no, reubaidh an t-aodach nuadh e, agus cha tig am mìr de'n aodach nuadh ris an t-seann aodach. Agus cha chuir duine sam bith fion nuadh ann an seann searragan; no, bristidh am fion nuadh na searragan, agus dòirtear e, agus caillear na searragan: ach is còir fion nuadh a chur ann an searragan nuadha; agus bidh iad le chéile tèaruinte. Agus cha'n 'eil duine sam bith, air dha seann fhion òl, a dh' iarras fion nuadh: oir their e, Is e an seann fhion a's fheàrr.

Agus thachair gu 'n deachaidh Iosa 's an àm sin troimh na h-achaidhean arbhair air latha na sàbaid; agus bha acras air a dheisciobuil, agus thòisich iad air diasan arbhair a bhuain, agus itheadh, an déigh am bruthadh le an làmhan. Ach an uair a chunnaic na Phairisich so, thuirt iad ris, Feuch, tha do dheisciobuil a' deanamh an nì nach còir a dheanamh air latha na sàbaid. Agus thuirt esan riutha, Nach do leugh sibhse riamh ciod a rinn Daibhidh, an uair a bha acras air fhéin, agus air a

mhuinntir a bha maille ris : cionnus a chaidh e steach do thaigh Dhé, ann an làithean Abiàtair, an t-àrd shagart, agus a dh'ith e aran na fianuis, nach robh ceadaichte dha fhéin itheadh, no dhaibhsan a bha maille ris, ach do na sagairt a mhàin? No nach do leugh sibh anns an lagh gu bheil na sagairt, anns an teampull air làithean na sàbaid a' bristeadh na sàbaid, agus iad neo-chiontach? Ach tha mise ag ràdh ribh, gu bheil 'san ionad so neach a's mò na 'n teampull. Agus nam biodh fhios agaibh ciod is ciall dha so, Tròcair is àill leam agus cha 'n iob-airt, cha dìteadh sibh an dream a tha neo-chiontach. Agus thuirt e riutha, Dh'òrduicheadh an t-sàbaid air son an duine, cha 'n e duine air son na sàbaid. Air an aobhar sin is Tighearna Mac an duine air an t-sabaid fhéin.

Thachair mar an ceudna air sàbaid eile, gu 'n deachaidh e steach do 'n t-sionagog, agus gu 'n do theagaisg e : agus bha an sin duine aig an robh a làmh dheas airseargadh. Agus rinn na sgrìobhaichean agus na Phairisich faire air, a dh'fheuchainn an leighiseadh e air latha na sàbaid e ; agus dh'fheòraich iad dheth, ag ràdh, Am bheil e ceadaichte leigheas a dheanamh air làithean na sàbaid? a chum gu 'm biodh cùis-dhìtidh aca 'na aghaidh. Ach thuig esan an smaintean, agus thuirt e ris an duine aig an robh a' làmh sheargte, Eirich, agus seas a mach 's a' mheadhon. Agus dh'éirich esan agus sheas e. An sin thuirt Iosa riutha, Feòraichidh mise aon ni dhibh, Am bheil e ceadaichte air làithean na sàbaid math a dheanamh, no olc, anam a shaoradh, no a sgrios? Ach dh'fhan iadsan 'n an tosd. Agus thuirt e riutha, Co

agaibhse an duine aig am bi aon chaora, agus ma thuiteas i ann an slochd air latha na sàbaid nach beir oirre, agus nach tog a nìos i? Nach mòr ma ta is fhearr duine na caora? Uime sin tha e ceadaichte math a dheanamh air làithean na sàbaid. Agus an uair a dh' amhairc e mu 'n cuairt orra le feirg, air dha 'bhith doilich air son cruas an cridhe, thuirt e ris an duine, Sin a mach do làmh. Agus shìn e mach i: agus rinneadh slàn i mar an làmh eile. Ach lìonadh iadsan de chuthach; agus labhair iad ri 'chéile ciod a dheanadh iad ri Iosa. Agus chaidh na Phairisich a mach, agus gun dàil ghabh iad comhairle maille ri luchd-leanmhuinn Heroid 'na aghaidh-san, cionnus a dh' fhaodadh iad a sgrios. Agus an uair a thuig Iosa so, dh'imich e às a sin: agus lean slòigh mhòr e; agus leighis e iad uile, agus thug e sparradh dhaibh a chum nach deanadh iad aithnichte e: a chum gu 'n coimhliontadh an nì a labhradh le Esàias am fàidh, ag ràdh, Feuch, mo sheirbhiseach a thagh mi; m'aon ghràdhach anns am bheil tlachd aig m'anam: cuiridh mi mo spiorad air, agus nochdaidh e breitheanas do na Cinnich. Cha dean e strì, agus cha ghlaodh e; nì mò a chluinneas neach sam bith a ghuth air na sràidean. Cha bhrìst e a' chuile bhrùite, agus cha mhùch e an lìon às am bi an deatach, agus an toir e mach breitheanas a chum buaidh. Agus is ann 'na ainme-san a bhios muinghinn aig na Cinnich.

CAIB XIII.

Thagh e dà fhear dheug de'n do gairm e Abstoil—An searmon air a' bheinn.

Agus anns na làithean sin chaidh esan suas gu beinn a dheanamh ùrnuigh, agus bhuaich e ré na h-oidhche ann an ùrnuigh ri Dia. Agus an uair a thàinig an latha ghairm e d'a ionnsuidh a dheisciobuil : agus thagh e dà fhear dheug asda de'n do ghairm e Abstoil. Agus dh'òrduich e iad a chum gu'm biodh iad maille ris, agus gu'n cuireadh e mach iad a shearmonachadh, agus gu'm biodh aca cumhachd a leigheas euslaintean, agus a thilgeadh a mach dheamhan.

Agus is iad so ainmean an dà Abstol deug : an ceud fhear, Simon, de'n goirear Peadair, agus Andras a bhràthair ; Seumas mac Shebede, agus Eoin a bhràthair ; agus orrasan thug e Boanerges mar cho-ainm, is e sin ri 'ràdh, clann an tàirneanaich : Philip, agus Bartolomeu ; Tomas, agus Mata an cìs-mhaor ; Seumas mac Alpheuis, agus Tadeus ; Simon an Canaanach, agus Iudas Iscariot, an neach fòs a bhrath esan.

Agus thàinig e nuas leotha, agus sheas e air ionad còmhnhard, agus coimhthional a dheisciobul, agus buidheann mhòr-shluaigh o Iudea uile, agus o Ierusalem, agus o Idumea, agus o chois fairge Thiruis agus Shìdoin, muinntir, an uair a chuala iad cia mòr na nithean a rinn e, a thàinig g'a éisdeachd, agus gu bhith air an leigheas o'n euslaintean ; agus iadsan a bha air am pianadh le spioradan nèò-ghlan, agus leighiseadh iad. Agus thuirt e

ri'dheisciobuil bàta beag a bhith 'feitheamh air, air son an t-sluaigh, a chum nach dòmhlaicheadh iad e: oir leighis e mòran; ionnus gu'n do dhlùth-theann iad ris, a mheud's air an robh plàighean, a chum gu'm beanadh iad ris. Agus na spioradan neò-ghlan, an uair a chunnaic iad e, shleuchd iad dha, agus ghlaodh iad, ag radh, Is tusa Mac Dhé. Agus thug e sparradh teann dhaibh nach deanadh iad aithnichte e.

Agus an uair a chunnaic Iosa an sluagh, chaidh e suas air beinn; agus air dha suidhe, thàinig a dheisciobuil d'a ionnsuidh: agus dh'fhosgail e a bheul, agus theagaisg e iad ag ràdh,

Is beannaichte iadsan a tha bochd 'nan spiorad: oir is leotha rìoghachd nèimh.

Is beannaichte iadsan a tha ri bròn: oir gheibh iad sòlas.

Is beannaichte na daoine macanta: oir sealbhaichidh iad an talamh mar oighreachd.

Is beannaichte an dream air am bheil acras agus tart na còrach: oir sàsuichear iad.

Is beannaichte na daoine trècaireach: oir gheibh iad trècair.

Is beannaichte na daoine a tha glan 'nan cridhe: oir chì iad Dia.

Is beannaichte luchd-deanamh na sìthe: oir goirear clann Dhé dhiubh.

Is beannaichte an dream a tha 'fulang geur-leanmhuinn air son na còrach: oir is leothasan rìoghachd nèimh. Is beannaichte 'bhitheas sibh an uair a bheir daoine ana-cainnt dhuibh, agus a ni iad geur-leanmhuinn oirbh, agus

a labhras iad gach uile dhroch fhacal ribh gu breugach air mo sgàth-sa. Deanaibh gàirdeachas, agus bithibh ro-shubhach: oir is mòr bhur duais air nèamh: oir mar sin rinn iad geur-leanmhuinn air na fàidhean a bha roimhibh.

Ach is an-aoibhinn dhuibhse a tha saoibhir! oir fhuair sibh bhur sòlas. Is an-aoibhinn dhuibhse a tha sàthach! oir bithidh acras oirbh. Is an-aoibhinn dhuibhse a tha gàireachdaich a nis! oir ni sibh bròn agus gul. Is an-aoibhinn dhuibhse an uair a labhras daoine math umaibh! oir is ann mar sin a rinn an aithrichean ris na fàidhean bréige.

Is sibhse salann na talmhainn: ach ma chailleas an salann a bhlas, ciod leis an saillear e? cha 'n 'eil feum ann o sin suas, ach a thilgeadh a mach, agus a shaltairt fo chasan dhaoine. Is sibhse solus an t-saoghail. Cha 'n fhaodar baile a tha air a shuidheachadh air sliabh fhalach. Cha mhò a lasas daoine coinneal a chum gu'n cuir iad fo shoitheach i, ach ann an coinneal; agus ni solus do na bheil a staigh. Gu ma h-ann mar sin a dhealraicheas bhur solus an làthair dhaoine, a chum gu faic iad bhur deadh oibre, agus gu'n toir iad glòir do bhur n-Athair a ta air nèamh.

Na measaibh gu 'n d' thàinig mise a bhristeadh an lagha, no nam fàidhean: cha 'n ann a bhristeadh a thàinig mi, ach a choimhlionadh. Oir tha mi ag ràdh ribh gu firinneach, Gus an téid nèamh agus talamh thairis, cha téid aon lide no aon phunc de 'n lagh thairis, gus an coimhlionar gach aon ni. Air an aobhar sin ge b'e neach a bhristeas aon de na h-àitheantan so a's lugha, agus a

theagaisgeas daoine mar sin, goirear an duine a's lugha dheth ann an rìoghachd nèimh : ach ge b'e neach a ni agus a theagaisgeas iad, goirear duine mòr dheth ann an rìoghachd nèimh. Oir tha mi ag ràdh ribh, Mur toir bhur fireantachd-sa barrachd air fireantachd nan sgriobhaichean agus nam Phàiriseach, nach téid sibh air choir air bith a steach do rìoghachd nèimh.

Chuala sibh gu'n dùbhradh ris na sinnsearan, Na dean mort ; agus ge b'e neach a ni mort bithidh e an cunnart a' bhreitheanais : ach tha mise ag ràdh ribh, ge b' e neach aig am bi fearg ri 'bhràthair gun aobhar, gu'm bi e an cunnart a' bhreitheanais ; agus ge b'e neach a their ri bhràthair, Raca, gu 'm bi e an cunnart na comhairle ; agus ge b'e neach a their, Amadain, gu 'm bi e an cunnart teine ifrinn. Uime sin ma bheir thu do thabhartas a chum na h-altarach, agus gu'n cuimhnich thu an sin gu bheil ni air bith aig do bhràthair a' d' aghaidh, fàg do thabhartas an sin an làthair na h-altarach, agus imich, agus dean réite air tùs ri d' bhràthair, agus an déigh sin thig agus tabhair uat do thiodhlac. Bi réidh ri d' eascaraid gu luath, am feadh a bhios tu maille ris 'san t-slighe ; air eagal gu'n toir an t-eascaraid thairis thu do'n bhreitheamh, agus gu'n toir am bhreitheamh thu do'n mhaor, agus gu'n tilgear am prìosan thu. Tha mi ag ràdh riut gu firinneach nach téid thu air chor sam bith a mach às a sin, gus an òc thu an fhàirdean dheireannach.

Chuala sibh gu'n dùbhradh ris na sinnsearan, Na dean adhaltrannas : ach tha mise ag ràdh ribh, Ge b'e neach a dh' amhairceas air mnaoi a chum a miannachadh, gu'n d' rinn e adhaltrannas leatha cheana 'na chridhe. Agus

ma bheir do shùil dheas aobhar tuislidh dhut, spion a mach i, agus tilg uat i : oir is fhearr dhut gu sgriosar aon de d' bhuill, na do chorp uile bhith air a thilgeadh a dh' ifrinn. Agus ma bheir do làmh dheas oilbheum dhut, gearr^rdhìot i, agus tilg uat i : oir is fhearr dhut gu sgriosar aon de d' bhuill, na do chorp uile bhith air a thilgeadh a dh' ifrinn. Agus a dùbhradh mar an ceudna, Ge b'e a chuireas a bhean-phòsda air falbh, thugadh e litir-dhealachaidh dhi : ach tha mise ag ràdh ribh, Ge b'e neach a chuireas air falbh a bhean-phòsda fhéin, ach a mhàin air son strìopachais, gu bheil e 'toirt oirre adhaltrannas a dheanamh : agus an tì a phòsas a' bhean sin a chuireadh air falbh, tha e a' deanamh adhaltrannais.

A rithist, chuala sibh gu 'n dùbhradh ris na sinnsearan, Na toir mionnan éithich, ach còimhlion do mhionnan do 'n Tighearna : ach tha mise ag ràdh ribh, Na tugaibh mionnan idir ; na *tugaibh* air nèamh, oir is e rìgh-chathair Dhé e ; na *tugaibh* air an talamh, oir is e stòl a chas e ; na tugaibh air Ierusalem, oir is e baile an Rìgh mhòir e. Na toir mionnan air do cheann, oir cha 'n urrainn thu aon fhuiltean a dheanamh geal no dubh. Ach gu ma h-e is còmhradh dhuibh, Seadh, seadh ; Ni h-eadh, ni h-eadh : agus ge b' e air bith ni a bhios os cionn so, is ann o 'n olc a tha e.

Chuala sibh gu 'n dùbhradh, Sùil air son sùl, agus fiacail air son fiacail : ach tha mise ag ràdh ribh, Na cuiribh an aghaidh an uilc : ach ge b'e air bith neach a bhuaileas tu air do ghial deas, tionndaidh thuige an gial eile mar an ceudna. Agus an tì le 'm b' àill thusa a thagradh 'san lagh, agus do chòta a bhuntuinn dhìot,

leig leis d' fhalluinn mar an ceudna. Agus ge b'e air bith a bheir leis air feadh mìle a dh' aindeoin thu, imich leis air feadh dhà mhìle. Thoir do 'n tì a dh' iarras ort, agus uaithesan le 'm bu mhiann iasad fhaotainn uat na till air falbh.

Chuala sibh gu 'n dùbhradh, Gràdhaichidh tu do choimhearsnach, agus bidh fuath agad do d' nàmhaid: ach tha mise ag ràdh ribh, Biodh gràdh agaibh do bhur nàimhdean, beannaichibh an dream a mhollaicheas sibh, deanaibh math do na daoine air am beag sibh, agus deanaibh ùrnuigh air son na muinntir a tha 'buntuinn ribh gu nàimhdeil, agus a tha 'g'ur geur-leanmhuinn; a chum gu 'm bi sibh 'n'ur cloinn aig bhur n-Athair a ta air nèamh: oir tha esan a' toirt air a ghréin fhéin éirigh air na droch dhaoine, agus air na deadh dhaoine, agus a' cur uisge air na fireanan, agus air na neo-fhìreanan. Oir ma bhios gràdh agaibh do 'n mhuinntir aig am bheil gràdh dhuibh, ciod an duais a gheibh sibh? nach 'eil eadhon na cìs-mhaoir a' deanamh an ni ceudna? Agus ma chuireas sibh fàilte air bhur bràithrean fhéin a mhàin, ciod a tha sibh a' deanamh thar *chàch*? nach 'eil na cìs-mhaoir fhéin a' deanamh an ni ceudna? Air an aobhar sin bithibhse coimhlionta, mar a tha bhur n-Athair a ta air nèamh coimhlionta.

Thugaibh an aire nach toir sibh bhur déirc am fianuis dhaoine, a chum gu faic iad sibh: no cha 'n fhaigh sibh tuarasdal o bhur n-Athair a ta air nèamh.

Uime sin, an uair a bheir thu do dhéirc, na toir fa near gall-tromp a shéideadh romhad, mar a ni na cealgairean anns na sionagogan, agus anns na sràidean, a chum gu

faigh iad glòir o dhaoine. Gu fìrinneach tha mise ag ràdh ribh gu bheil an tuarasdai aca. Ach an uair a bheir thusa déirc, na biodh fios aig do làmh chli ciod a tha do làmh dheas a' deanamh : a chum gu 'm bi do dhéirc ann an uaigneas : agus bheir d' Athair a chi ann an uaigneas, duais dhut gu follaiseach.

Agus an uair a ni thu ùrnuigh, na bi mar luchd an fhuar-chràbhaidh : oir is ionmhuinn leotha ùrnuigh a dheanamh anns na sionagogan agus ann an coinneachadh nan sràidean 'nan seasamh, a chum gu faic daoine iad. Gu deimhin tha mise ag ràdh ribh, gu bheil an tuarasdai aca. Ach thusa, an uair a ni thu ùrnuigh, imich a steach do d' sheòmar, agus air dùnadh do dhoruis dhut, dean ùrnuigh ri d' Athair a tha ann an uaigneas, agus bheir d' Athair a chi ann an uaigneas duais dhut gu follaiseach. Ach an uair a ni sibh ùrnuigh, na gnathaichibh ath-iarrtuis dhìomhain mar na Cinnich : oir saoilidh iadsan gu'n éisdear riutha air son lionmhoireachd am briathran. Uime sin na bithibhse cosmhuil riutha : oir tha fios aig bhuir n-Athair cia iad na nithean a tha dh'uireasbhuidh oirbh, mu'n iarr sibh iad. Air an aobhar sin deanaibhse ùrnuigh air a' mhodh so : Ar n-Athair a ta air nèamh, Gu naomhaichear d' ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil air an talamh mar a nithear air nèamh. Thoir dhuinn a diugh ar n-aran làitheil. Agus math dhuinn ar fiachan, amhuil mar a mhathas sinne d'ar luchd-fiach. Agus na leig ann am buaireadh sinn, ach saor sinn o'n olc : oir is leatsa an rìoghachd, agus a' chumhachd, agus a' ghlòir, gu sìorruidh. Amen. Oir ma mhathas sibh an cionta do dhaoine, mathaidh bhuir

n-Athair nèamhaidh dhuibhse mar an ceudna. Ach mur math sibh an cionta do dhaoine, cha mhò a mhathas bhur n-Athair dhuibhse bhur cionta.

Agus an uair a ni sibh trasgadh, na biodh gruaim air bhur gnùis, mar luchd an fhuar-chràbhaidh : oir cuiridh iadsan mi-dhreach air an aghaidh, a chum gu faic daoine gu bheil iad a' trasgadh. Tha mi ag ràdh ribh gu fìrinneach gu bheil an tuarasdal aca. Ach thusa, an uair a ni thu trasgadh, cuir oladh air do cheann, agus ionnail d'aghaidh ; a chum nach fhaic daoine gu bheil thu a' deanamh trasgaidh, ach d' Athair a tha ann an uaigneas : agus bheir d' Athair a ch' ann an uaigneas, duais dhut gu follaiseach.

Na taisgibh dhuibh fhéin ionmhais air an talamh, far an caith an leomann agus a' mheirg e, agus far an cladhaich na meirlich a steach agus an goid iad : ach taisgibh ionmhais dhuibh fhéin air nèamh, far nach caith an leomann nò a' mheirg, agus far nach cladhaich, agus nach goid na méirlich : oir ge b'e àite am bheil bhur n-ionmhas, is ann an sin a bhios bhur cridhe mar an ceudna. Is i an t-sùil solus a' chuirp : uime sin ma bhios do shùil glan, bidh do chorp uile làn soluis. Ach ma bhios do shùil gu h-olc, bidh do chorp uile làn dorchadais. Air an aobhar sin ma tha an solus a tha annad 'na dhorchadas, cia mòr an dorchadas sin ! Cha 'n urrainn neach sam bith seirbhis a dheanamh do dha mhàighstir : oir an dara cuid bidh fuath aige do neach aca, agus gràdh do neach eile ; no gabhaidh e le neach aca, agus ni e tàir air neach eile. Cha 'n urrainn sibh seirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhamon. Air an aobhar sin tha mise ag ràdh ribh, Na

biodh ro-chùram oirbh mu thimchioll bhur beatha, ciod a a dh'itheas sibh, no ciod a dh'òlas sibh ; no mu thimchioll bhur cuirp, ciod a chuireas sibh umaibh. Nach mò a' bheatha na 'm biadh, agus an corp na 'n t-eudach ? Amhaircibh air eunlaith an adhair, oir cha chuir iad sìol, agus cha bhuain iad, agus cha chruinnich iad an saibhlean ; gidheadh tha bhur n-Athair nèamhaidh-sa 'gam beathachadh. Nach fheàrr sibhse gu mòr na iadsan ? Agus cò agaibhse le mòr-chùram is urrainn aon làmh-choille a chur ri 'àirde fhéin. Agus c'ar son a tha sibh ro-chùramach mu thimchioll bhur culaidh ? Thugaibh fa near cionnus a tha na lilighean a' fàs 's 'a mhachair ; cha saothraich iad, agus cha snìomh iad : gidheadh tha mise ag ràdh ribh nach robh Solamh fhéin 'na uile glòir air a sgeadachadh mar aon dhiubh so. Ach ma tha Dia mar sin a' sgeadachadh feur na machrach, a tha 'n diugh ann, agus am màireach air a thilgeadh 'san àmhuinn nach mòr is mò na sin a sgeadaicheas e sibhse, O dhaoine air bheag creidimh ? Uime sin na bithibh làn de chùram, ag ràdh, Ciod a dh'itheas sin ? no, Ciod a dh'òlas sinn ? no, Ciod a chuireas sinn umainn. Oir na nithean so uile iarraidh na Cinnich ; oir tha fhios aig bhur n-Athair nèamhaidh gu bheil feum agaibhse air na nithean so uile. Ach iarraibhse air tùs rìoghachd Dhé, agus 'fhìreantachd-san ; agus cuirear na nithean so uile ribh. Uime si na biodh ro-chùram oirbh mu thimchioll an latha màireach : oir bidh a làn de chùram air an latha màireach mu thimchioll a nithean fhéin. Is leor do 'n latha' olc fhéin.

Na tugaibh breith, a chum nach toirear breith oirbh. Oir a réir na breith a bheir sibh, bheirear breith oirbh :

agus leis an tomhas le'n tomhais sibh, tomhaisear dhuibh a rithist. Agus c'ar son a tha thu a' faicinn an smùirnein a tha ann an sùil do bhràthar, ach nach 'eil thu 'toirt fa near na sail a tha 'na do shùil fhéin? No cionuus a their thu ri d' bhràthair, Fulaing dhomh an smuirnein a spìonadh às do shùil; agus, feuch, an t-sail ann do shùil fhéin? A chealgair, buin air tùs an t-sail às do shùil fhéin, agus an sin is léir dhut gu math an smùirnein a bhuntuinn á sùil do bhràthar.

Na toiribh an ni naomh do na coin, agus na tilgibh bhur nèamhnuidean am fianuis nam muc, air eagal gu saltair iad orra le'n casan, agus air dhaibh tilleadh gu reub iad sibh fhéin às a chéile.

Iarraibh, agus bheirear dhuibh; siribh, agus gheibh sibh; buailibh an dorus, agus fosgailear dhuibh: oir gach uile neach a dh' iarras bheirear dha; agus ge b' e a shireas gheibh e; agus do'n tì a bhuaileas an dorus fosgailear. Oir cò an duine agaibhse, ma's e's gu'n iarr a mhac aran air, a bheir clach dha? no ma's iasg a dh' iarras e, an toir e nathair dha? Air an aobhar sin ma's aithne dhuibhse 'tha olc tiodlachan matha 'thoirt do bhur cloinn, nach mòr is mò na sin a bheir bhur n-Athair a ta air nèamh nithean matha dhaibhsan dh' iarras air iad? Uime sin gach uile ni bu mhiann leibh daoine a dheanamh dhuibhse, deanaibhse a leithid dhaibhsan mar an ceudna: oir is e so an lagh agus na fàidhean.

Imichibh a steach air an dorus chumhann: oir is farsuinn an dorus, agus is leathan an t-slighe a tha 'treòrachadh a chum sgrios, agus is lionmhor iad a tha 'dol a steach oirre. Ach is cunhann an dorus, agus is

aimhleathan an t-slighe a tha 'treòrachadh a chum na beatha, agus is tearc iad a tha 'g amas oirre.

Coimhidibh sibh fhéin o na fàidhean bréige, a thig do 'r n-ionnsuidh ann an culaidhean chaorach, ach a tha o 'n leith a stàigh 'nam madaidh-alluidh. Air an toraidhean aithnichidh sibh iad. An tionail daoine dearcán-fìona de na drisean, no fìgean de na foghannain? Agus mar sin bheir gach uile chraobh mhath toradh math; ach bheir an droch chraobh droch thoradh. Cha 'n urrainn a' chraobh mhath droch thoradh a ghiùlan, no an droch chraobh toradh math a thabhairt. Gach uile chraobh nach giùlain toradh math gearrar sìos i, agus tilgear 'san teine i. Air an aobhar sin is ann air an tòraidhean a dh' aithnicheas sibh iad, Cha 'n e gach uile neach a their riumsa, A Thighearn', a Thighearn', a théid a steach do rìoghachd nèimh; ach an tì a ni toil m' Athar-sa a ta air nèamh. Is iomadh iad a their riumsa 'san là ud, A Thighearn', a Thighearn', nach d' rinn sinn fàidheadaireachd a' d' ainm-sa, agus a' d' ainm-sa nach do thilg sinn a mach deamhain, agus a' d' ainm-sa nach d' rinn sinn iomadh mìorbhuil? Agus an sin aidichidh mise gu follaiseach dhaibh, Cha b' aithne dhomh riamh sibh: imichibh uam a luchd-deanamh na h-eucorach. Air an aobhar sin gach uile neach a chluinneas na briathran so agamsa, agus a ni iad, sàmhluichidh mi e ri duine glic, a a thog a thaigh air carraig: agus thùirling an t-uisge, agus thàinig na tuiltean, agus shéid na gaothan, agus bhual iad air an taigh sin; agus cha do thuit e: oir bha a bhunadh suidhichte air carraig. Agus gach uile neach a chluinneas na briathran so agamsa, agus nach dean iad, sàmh-

luichear e ri duine amaideach a thog a thaigh air a' ghaineamh : agus thùirling an t-uisge, agus thàinig na tuiltean, agus shéid na gaothan, agus bhuail iad air an taigh sin ; agus thuit e : agus bu mhòr a thuitem.

Agus thachair, an uair a chrìochnaich Iosa na briathran so, gu 'n do ghabh am pobull iongantais ri 'theagasg-san : oir theagaisg e iad mar neach aig an robh cumhachd, agus cha b' ann mar na sgrìobhaichean.



CAIB XIV.

Leighis Crìosd seirbhiseach ceannard-ceud—Thog e mac na bantraich ann an Nàin o'n bhàs—Dhearbh e do theachd-airean Eoin leis na mìorbhuilean a rinn e, gu'm l'è fhèin Crìosd—Nochd e do'n t-sluagh cìod i a bharail mu Eoin.

Agus an uair a chrìochnaich Iosa a bhriathran uile ann an éisdeachd an t-sluaigh, air dha tighinn a nuas o'n bheinn, lean cuideachd mhòr e, agus chaidh e steach do Chapernaum.

Agus bha seirbhiseach ceannard-ceud àraidh a b' ionmh-uinn leis, gu tinn leis a' phairilis, air a phianadh gu h-anabarrach, agus ri uchd bàis. Agus an uair a chual' e mu Iosa, chuir e seanairean nan Iudhach d' a ionnsuidh, a' cur ìmpidh air gu 'n tigeadh e, agus gu leighiseadh e a sheirbhiseach. Agus an uair a thàinig iad gu Iosa, ghuidh iad air gu dùrachdach, ag ràdh, Tha e airidh gu 'n deanadh tu so dha : oir is toigh leis ar cinneach-ne, agus

thog esan dhuinn sionagog. Agus chaidh Iosa maille riutha. Agus an uair a bha e nis fagusg do 'n taigh, chuir an ceannard-ceud càirdean d' a ionnsuidh, ag ràdh ris, A Thighearna, na cuir dragh ort fhéin : oir cha 'n airidh mise gu 'n tigeadh tu steach fo m' chléith : uime sin cha mhò a mheas mi gu 'm b' airidh mi fhéin air tighinn a' d' ionnsuidh : ach abair am facal, agus slànuichear m' òglach. Oir is duine mise fhéin air mo chur fo ùghdarras, aig am bheil saighdearan fodham : agus their mi ris an fhear so, Imich, agus imichidh e ; agus ri fear eile, Thig agus thig e ; agus ri m' sheirbhiseach, Dean so, agus ni e e. Agus an uair a chual' Iosa so ghabh e iongantas ris, agus thionndaidh e agus thuirt e ris an t-sluagh a lean e, Gu firinneach tha mi ag ràdh ribh, nach d' fhuair mi creideamh cho mòr so ann an Israel fhéin. Agus tha mi ag ràdh ribh, gu 'n tig mòran o'n àird an ear agus o'n àird an iar, agus gu suidh iad maille ri Abraham, agus Isaac, agus Iacob, ann an rìoghachd nèimh : ach tilgear clann na rìoghachd ann an dorchadas a tha 'n leith am muigh : bidh an sin gul agus g'iosgan fhiacal. Agus air do na teachdeairean a chuireadh d' a ionnsuidh, pilltinn air an ais do 'n taigh, fhuair iad an seirbhiseach slàn.

Agus thachair air an latha 'na dhéigh sin gu'n deachaidh e chum baile de 'n gairmear Nain ; agus chaidh a dheisciobuil maille ris, agus sluagh mòr. A nis an uair a thàinig e am fagusg do gheata 'bhaile, feuch, ghiùlaineadh a mach duine marbh, aon mhac a mhàthar, agus bu bhantrach i ; agus bha sluagh mòr de mhuinntir a' bhaile maille rithe. Agus an uair a chunnaic an Tighearn' i, ghabh e truas dhi, agus thuirt e rithe, Na guil. Agus

thàinig e am fagusg agus bhean e ris a' ghiùlan : agus sheas iadsan a bha 'g a iomchar. Agus thuirt e, Oganaich, tha mi ag ràdh riut, Eirich. Agus dh' éirich an duine a bha marbh 'na shuidhe, agus thòisich e air labhairt. Agus thug e dha 'mhàthair e. Agus ghlac eagal iad uile : agus thug iad glòir do Dhia, ag ràdh, Dh' éirich fàidh mòr 'nar measg-ne : agus, Dh' amhairc Dia air a shluagh fhéin. Agus chaidh an t-ìomradh so a mach a'rsan air feadh Iudea uile, agus na dùthcha mu 'n cuirt uile.

Agus dh' innis a dheisciobuil a dh' Eoin anns a phrìosan mu thimchioll nan nithean so uile. Agus ghairm Eoin d' a ionnsuidh dìthis àraidh de 'dheisciobuil, agus chuir e iad a dh' ionnsuidh Iosa, ag ràdh, An tusa esan a bha ri teachd, no 'm bi sùil againn ri neach eile ? Agus an uair a thàinig na daoine d' a ionnsuidh, thuirt iad, Chuir Eoin Baistidh sinne a' d' ionnsuidh, ag ràdh, An tusa esan a bha ri teachd, no 'm bi sùil againn ri neach eile ? Agus anns an uair sin fhéin leighis e mòran o 'n euslaintean agus o 'm plàighean agus o dhroch spioradan ; agus thug e am fradharc do mhòran a bha dall. Agus fhreagair e agus thuirt e riutha, Imichibhse, agus innsibh a dh' Eoin na nithean a tha sibh a' cluinntinn agus a' faicinn ; tha na daill a' faotainn am fradhairc, agus tha na bacaich ag imeachd, tha na lobhair air an glanadh, agus tha na bodhair a' cluinntinn, tha na mairbh air an dùsgadh, agus tha 'n soisgeul air a shearmonachadh do na bochdan. Agus is beannaichte esan nach fhaigh oilbheum annamsa.

Agus an uair a dh' fhalbh teachdairean Eoin, thòisich Iosa air labhairt ris an t-sluagh mu thimchioll Eoin, Cìod

e an ni a chaidh sibh a mach do 'n fhàsach a dh' fhaicinn? an i cuilc air a crathadh le gaoith? Ach ciod e an ni a chaidh sibh a mach a dh' fhaicinn? an e duine air a sgeadachadh ann an eudach mìn? Feuch, iadsan a tha sgeadaichte le eudach rìomhach, agus a' caitheamh am beatha gu sòghail, is ann an cùirtean nan rìghean a tha iad. Ach ciod e an nì a chaidh sibh a mach a dh' fhaicinn? an e fàidh? Seadh, tha mi ag ràdh ribh, agus ni's mò na fàidh. Is e so an tì mu bheil e sgrìobhte, Feuch, cuiridh mi mo theachdaire roimh do ghnùis, a dh' ulluicheas do slighe romhad. Gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, 'Nam measg-san a rugadh le mnathan nach d' éirich neach a's mò na Eoin Bastidh : gidheadh an tì a's lugha ann an rìoghachd nèimh is mò e na esan. Agus dh' fhìreanaich am pobull uile a chual' e, agus na cìs-mhaoir, Dia, air dhaibh a bhith air am baisteadh le baisteadh Eoin. Ach chuir na Phairisich agus an luchd-lagha cùl ri comhairle Dhé d'an taobh fhéin, am feadh nach do bhaisteadh iad leis. Agus o làithean Eoin Baistidh gus a nis tha rìoghachd nèimh a' fulang ainneirt, agus tha luchd na h-ainneart 'ga ghlacadh le làmhachas-làidir. Oir rinn na fàidhean uile agus an lagh fàidheadaireachd gu àm Eoin. Agus ma's toil leibh a ghabhail, is e so Elias a bha ri teachd. Ge b'e aig am bheil cluasan a chum éisdeachd, éisdeadh e. Ach cò ris uime sin a shàmhluchas mi daoine a' ghinealaich so, agus cò ris a tha iad cosmhuil? Tha iad cosmhuil ri cloinn a tha 'n an suidhe anns a' mhargadh, agus a dh' éigheas ri 'chéile, ag ràgh, Rinn sinne pìobaireachd dhuibhse, agus cha d' rinn sibhse dannsa ; rinn sinne tuireadh dhuibhse, agus

cha d'rinn sibhse gul. Oir thàinig Eoin Baistidh cha'n ann ag itheadh arain no ag òl fiona; agus their sibh, Tha deamhan aige. Thàinig Mac an duine ag itheadh agus ag òl; agus their sibh, Feuch, duine geòcach, agus pòitear fiona, caraid chis-mhaoir agus pheacach! Agus tha gliocas air a fireanachadh le a cloinn uile.



CAIB. XV.

Criosd agus a' bhean a bha'na peacach ann an taigh Shimoin an Phairisich—Fhrithheil mnathan dha le am maoin—Shlànuich e an duine dall agus balbh anns an robh deamhan—Chuir e an aghaidh casaid bhréige nam Phairiseach—Nochd e cò iad a chàirdean—

Agus dh'iarr duine àraidh de na Phairisich air gu'n itheadh e biadh maille ris. Agus chaidh e steach do thaigh an Phairisich, agus shuidh e sìos a chum bìdh. Agus feuch, an uair a fhuair bean anns a' bhaile, a bha 'na peacach, fios gu robh e'na shuidhe aig biadh ann an taigh an Phàirisich, thug i leathsa bocsa alababstair làn a dh'oladh chùbhraidh, agus sheas i aig a chasan air a chùlaobh a' gul, agus thòisich i air a chasan a fhliuchadh le a deòir, agus thiormaich i iad le falt a cinn, agus phòg i a chasan, agus dh'ùng i leis an oladh iad. Agus an uair a chunnaic am Phairiseach a thug cuireadh dha, so, labhair e ann fhéin, ag ràdh, Nam b' fhàidh an duine so, bhiodh fhios aige cò i a' bhean so a tha 'beantuinn ris, agus ciod is gnè dhi; oir is peacach i.

Agus fhreagair Iosa, agus thuirt e ris, A Shimoin, tha ni agam ri ràdh riut. Agus thuirt esan, A Mhaighstir, abair e. Bha aig fear-fiach àraidh fiachan air dithis dhaoine: bha còig ceud peighinn aige air aon fhear, agus leith-cheud air an fhear eile. Agus do bhrìgh nach robh ni aca leis am pàigheadh iad, mhath e gu saor dhaibh le chéile. Innis dhomhsa, uime sin, cò dhiubh is mò a ghràdh-aicheas e. Fhreagair Simon agus thuirt e, Is i mo bharrail gur e an neach is mò d'an do mhath e. Agus thuirt e ris, Is ceart a thug thu breith. Agus air dha tionndadh ris a' mhnaoi, thuirt e ri Simon, Am faic thu 'bhean so? Thàinig mise steach do d' thaigh, cha d' thug thusa dhomh uisge chum mo chas: ach fhliuch ise mo chasan le a deòir, agus thiormaich i iad le falt a cinn. Cha tug thusa dhomh pòg: ach o'n thàinig ise steach, cha do sguir i' phògadh mo chas. Cha d' ung thusa mo cheann le oladh: ach dh' ung ise mo chasan le oladh chùbhraidh. Uime sin tha mi ag ràdh riut, Gu bheil a peacaidhean a tha lionmhor air am mathadh; air an aobhar sin ghràdhaich i gu mòr: ach ge b' e neach d' am mathar beagan, bidh a ghràdh beag. Agus thuirt e rithe, Tha do pheacaidhean air am mathadh. Agus thòisich iadsan a bha 'nan suidhe aig biadh maille ris air a ràdh annta fhéin, Cò e so a tha eadhon a' mathadh pheacaidhean? Agus thuirt e ris a' mhnaoi, Shlànuich do chreid-eamh thu; imich an sìth.

Agus thachair an déigh sin, gu 'n d' imich esan troimh bhailtean-mòra agus bhailtean-beaga, a' searmonachadh agus a' cur an céill soisgeul rìoghachd Dhé, agus an dà fhear dheug maille ris, agus mnathan àraidh a leighiseadh

o dhroch spioradan, agus o euslaintean, Muire de'n gairm-ear Magdalen, às an deachaidh seachd deamhain, agus Ioanna bean Chusa, stiùbhard Heroid, agus Susanna, agus mòran eile, a bha 'frithealadh dha le am maoin.

Agus chaidh iad do thaigh. Agus chruinnicheadh an sluagh a rithist ionnus nach robh 'e'n comas dhaibh uiread is aran itheadh. Agus an uair a chual' a chàirdean so, thàinig iad a mach a bhreith air: oir thuirt iad, Tha e air mhi-chéill.

An sin thugadh d'a ionnsuidh duine dall agus balbh anns an robh deamhan: agus shlànuich e e, ionnus gu 'n do labhair am balbhan agus gu faca e. Agus ghabh am pobull uile iongantas, agus thuirt iad, Nach e so mac Dhaibhidh? Ach an uair a chuala na Phairisich agus na sgrìobhaichean a thàinig a nuas o Ierusalem so, thuirt iad, Cha 'n 'eil am fear so a' tilgeadh a mach dheamhan, ach troimh Bheelsebub prionnsa nan deamhan. Agus ghairm e iad d'a ionnsuidh, agus thuirt e riutha ann an cosamhlachdan, Cionnus is urrainn Satan Satan a thilgeadh a mach? Agus ma bhios rìoghachd roinnte na h-aghaidh fhéin, cha 'n urrainn an rìoghachd sin seasamh. Agus ma dh' éireas Satan 'n a aghaidh fhéin, agus gu' m bi e roinnte, cha 'n urrainn e seasamh, ach tha crìoch aige. Tha sibhse ag ràdh gu bheil mise troimh Bheelsebub a' tilgeadh a mach dheamhan. Agus ma's ann troimh Bheelsebub a tha mise 'tilgeadh a mach dheamhan, cò troimh am bheil bhur clann-sa'g an tilgeadh a mach? uime sin bidh iadsan 'nan luchd-breith oirbhse. Ach ma's ann le Spiorad Dhé a tha mise 'tilgeadh a mach dheamhan, thàinig rìoghachd Dhé gun teagamh do bhur n-ionnsuidh-sa. Cha 'n urrainn neach air bith a dhol a

steach do thaigh an duine làidir, agus airneis a thaighe 'chreachadh mur ceangail e an duine làidir an toiseach ; agus an sin creachaidh e 'thaigh. An uair a ghleidheas an duine làidir fo 'armachd a thalla fhéin, tha na bhuineas dha ann an sìth : ach an uair a thig duine a's treise na e, agus a bheir e buaidh air, bheir e uaithe 'armachd uile anns an robh 'earbsa, agus roinnidh e a 'chreach. An neach nach 'eil leamsa tha e 'nam aghaidh ; agus an neach nach 'eil a' cruinneachadh leamsa sgapaidh e. Air an aobhar sin tha mi ag ràdh, Gu mathar gach peacadh agus toibheum do dhaoine ; gidheadh cha mhathar toibheum an aghaidh an Spioraid Naoimh do dhaoine. Agus ge b' e neach a labhras facal an aghaidh Mhic an duine, mathar dha e ; ach ge b' e neach a labhras an aghaidh an Spioraid Naoimh cha mhathar dha e anns an t-saoghal so, no anns an t-saoghal a tha ri teachd, ach tha e ciontach do pheacadh siorruidh : air son gu 'n dubhairt iad, Tha spiorad nèoghlan aige. An dara cuid deanaibh a' chraobh math, agus a toradh math ; no deanaibh a' chraobh truailidh, agus a toradh truailidh : oir is ann air a toradh a dh' aithnichear a' chraobh. A shliochd nan nathraichean nimhe, cionnus a dh' fheudas sibh nithean matha 'labhairt o'n a tha sibh fhéin olc ? Oir is ann á pailteas a' chridhe a labhras am beul. Bheir an duine math nithean matha' mach á deadh ionmhas a chridhe : agus bheir an droch dhuine droch nithean a mach ás a dhroch ionmhas. Agus tha mi ag ràdh ribh, gu 'n toir daoine cunntas ann an latha 'bhreitheanais air son gach facal dìomhain a labhras iad. Oir is an le d' fhacail a shaorar thu, agus is ann le d' fhacail a dhìtear thu.

Agus air dha bhith fhathast a' labhairt, feuch, thàinig a

a mhàthair agus a bhràithrean, agus cha b' urrainn dhaibh tighinn am fagusg dha le meud na cuideachd; agus, air dhaibh seasamh a muigh, chuir iad fios d'a ionnsuidh ag iarraidh labhairt ris. An sin thuirt neach eiginn ris, Feuch, tha do mhàthair agus do bhràithrean 'n an seasamh a muigh ag iarraidh labhairt riut. Ach fhreagair esan agus thuirt e ris an tì a dh'innis so dha, Cò i mo mhàthair? agus cò iad mo bhràithrean? Agus shìn e a làmh a chum a dheisciobul, agus thuirt e, Feuch, mo mhàthair agus mo bhràithrean! Oir ge b'e neach a ni toil m' Athar-sa 'ta air nèamh, is e sin fhéin mo bhràthair, agus mo phiuthar, agus mo mhàthair.



CAIB XVI.

Cosamhlachd an t-sìoladair—a chogail—an t-sìl mhustaird na taois-ghoirt—an ionmhais fhalaichte—agus na nèamhnuid.

Air an latha sin fhéin chaidh Iosa mach às an taigh, agus shuidh e ri taobh na fairge. Agus chruinnich sluagh mòr d'a ionnsuidh air chor 's gu 'n deachaidh e steach do bhàta, agus gu 'n do shuidh e; agus sheas an sluagh uile air tìr ri taobh na mara. Agus theagaisg e dhaibh mòr-an de nithean ann an cosamhlachdan, agus thuirt e riutha 'na theagasg, Eisdibh: Feuch, chaidh am fear-cuir a mach a chur sìl: agus thachair, an uair a bha e 'cur an t-sìl, gu'n do thuit cuid dheth ri taobh an rathaid, agus

shaltradh sìos e, agus thàinig eunlaith an adhair agus dh'ith iad suas e. Agus thuit cuid eile dheth air fearann creagach, far nach robh mòran talmhainn aige : agus ghrad dh'fhàs e suas, do bhrìgh nach robh doimhneachd talmhainn aige : agus air do 'n ghréin éirigh, dhothadh e ; agus a chionn nach robh freumh aige, shearg e às. Agus thuit cuid eile am measg an droighinn, agus dh'fhàs an droigheann suas, agus thachd e e, agus cha d' thug e mach toradh. Agus thuit cuid eile ann am fearann math, agus thug e mach toradh, a' fàs suas agus a' meudachadh ; agus thug e mach, cuid a dheich thar fhichead uiread, agus cuid a thrì fichead uiread, agus cuid a cheud uiread 's a chuireadh. Agus thuirt e, Ge b'e aig am bheil cluasan a chum éisdeachd, éisdeadh e.

Agus an uair a bha e 'na aonar, dh'fhiosraich iadsan a bha mu'n cuairt dha, maille ris an dà fhear dheug, a' chosamhlachd dheth, agus thuirt iad ris, C'arson a tha thu 'labhairt riutha ann an cosamhlachdan? Agus fhreagair esan agus thuirt e riutha, Do bhrìgh gu'n d' thugadh dhuibhse eòlas a bhith agaibh air rùn dìomhair rìoghachd nèimh : ach dhaibhsan a tha 'n leith a muigh cha 'n 'eil so air a thabhairt. Oir ge b'e neach aig am bheil, dhasan bheirear, agus bidh an tuilleadh pailteis aige : ach ge b'e neach aig nach 'eil, bheirear uaitheasan eadhon an ni a tha aige. Uime sin tha mise 'labhairt riutha ann an cosamhlachdan ; do bhrìgh air dhaibh faicinn nach fhaic iad, agus air dhaibh cluinntinn nach cluinn iad, agus nach tuig iad. Agus anntasan tha fàidheadaireachd Esàiais air a coimhlionadh, a tha'g ràdh, I.e éisdeachd cluinidh sibh, agus cha tuig sibh ; agus le amharc chì sibh, agus cha 'n aithnich sibh : oir tha cridhe 'phobuill so air fàs

reamhar, agus tha an cluasan mall a chum éisdeachd, agus dhruid iad an sùilean ; air eagal uair air bith gu faiceadh iad le 'n sùilean, agus gu 'n cluinneadh iad le 'n cluasan, agus gu 'n tuigeadh iad le 'n cridhe, agus gu 'm biodh iad air an iompachadh, agus gu slànuichinn-sa iad. Ach is beannaichte bhur sùilean-sa, oir tha iad a' faicinn ; agus bhur cluasan, oir tha iad a' cluinntinn. Oir tha mi ag ràdh ribh gu firinneach, Gu 'm b' iomadh fàidh agus firean leis am bu mhiann na nithean fhaicinn a tha sibhse 'faicinn agus nach fhac iad ; agus na nithean a chluinntinn a tha sibhse 'cluinntinn, agus nach cual' iad. Agus thuirt e riutha, Nach aithne dhuibh a' chosamhlachd so ? agus agus cionnus ma ta, a thuigeas sibh gach uile chosamhlachd ? Eisdibh, air an aobhar sin ri cosamhlachd an t-sìoladair. A nis, is e so a' chosamhlachd. Is e an sìol facal Dhé. Tha 'm fear-cuir a' cur an fhacail. An uair a chluinneas neach air bith facal na rìoghachd, agus nach tuig e e, ghrad thig an droch spiorad, agus bheir e air falbh an ni a chuireadh 'na chridhe, air eagal gu 'n creideadh e, agus gu 'm biodh e air a shaoradh. Is e so esan anns an do chuireadh an sìol ri taobh an rathaid. Agus esan a fhuair an sìol ann an àiteachan creagach, is e so an tì a chluinneas am facal, agus a ghrad ghabhas e le gàirdeachas : gidheadh cha 'n 'eil freumh aige ann fhéin, ach fanaidh e rè tamuill ; agus an uair a thig trioblaid no geur-leanmhuinn air son an fhacail, ghrad gheibh e oilbheum. Esan mar an ceudna a ghabh an sìol am measg an droighinn, is e so an tì a tha 'cluinntinn an fhacail ; agus tha ro-chùram an t-saoghail so, agus meallt-aireachd beairteis, agus anamiannan nithean eile a' tighinn a steach, agus a' tachdadh an fhacail, agus nithear neo-

thorach e. Agus esan a ghabh an sìol ann an deadh fhearann, is e sin an neach a tha 'cluinntinn an fhacail, agus 'g a thuigsinn, agus 'g a choimhead ann an cridhe treibh-dhireach agus math; neach gu deimhin a tha 'giùl-an toraidh le foighidinn, agus a' toirt a mach, cuid a cheud uiread, cuid a thrì fichead, agus cuid a dheich thar fhichead uiread *'s a chuireadh*.

Agus thuirt e riutha, Cha 'n 'eil neach sam bith, air dha coinneal a lasadh, a dh' fhalaicheas fo shoitheach i, no 'chuireas fo leabaidh i; ach cuiridh e ann an coinneir i, a chum gu faic iadsan a thig a steach an solus. Oir cha 'n 'eil ni sam bith falaichte, nach deanar follaiseach; no uaigneach, nach deanar aithnichte, agus nach tig am follais. Ma tha cluasan a chum éisdeachd aig neach sam bith, éisdeadh e. Air an aobhar sin thugaibh an aire cionnus a dh' éisdeas sibh: oir ge b' e neach aig am bheil, bheirear dha; agus ge b' e neach aig nach 'eil, bheirear uaithe eadhon an ni sin a shaoilear a bhith aige.

Chuir e cosamhlachd eile mach dhaibh, ag ràth, Is cosmhuil ròghachd nèimh ri duine a chuir sìol math 'na fhearann: ach an uair a bha daoine 'nan cadal thàinig a nàmhaid agus chuir e cogal am measg a' chruithneachd, agus dh' imich e roimhe. Ach an uair a thàinig an t-arbhar fo dhéis, agus a thug e mach a thoradh, dh' fhoillsich an cogal e fhéin mar an ceudna. Agus thàinig seirbhisich fir-an-taighe agus thuirt iad ris, A Thighearna, nach do chuir thusa sìol math ann a d' fhearann? C' àite, ma seadh, às an d' fhuair e an cogal? Agus thuirt esan riutha, Rinn nàmhaid éiginn so. Agus thuirt na seirbhisich ris, An àill leat uime sin gu 'n téid sinne agus gu 'n cruinnich sinn ri 'chéile iad? Ach thuirt esan, Cha 'n

àill ; air eagal an uair a chruinnicheas sibh an cogal gu spìon sibh an cruithneachd maille ris. Leigibh leotha fàs maille ri 'chéile gus an tig am foghar : agus an àm an fhoghair their mise ris na buanaichean, Cruinnichibh air tùs an cogal, agus ceanglaibh e 'na cheanglachain a chum a losgadh : ach cruinnichibh an cruithneachd do m' shabhal.

Agus thuirt e, Is amhuil rìoghachd Dhé, mar gu'n cuireadh duine sìol anns an talamh ; agus gu'n caidleadh e agus gu'n éireadh e a dh' oidhche agus latha, agus gu'n gineadh an sìol, agus gu fàsadh e suas air dhòigh nach fhios dha. Bheir an talamh a mach toradh uaithe fhéin ; air tùs am fochann, a rithist an diás, an déigh sin an làn arbhair anns an déis. Ach an uair a tha 'n toradh abaich, grad chuiridh e 'n corran ann, a chionn gu bheil am foghar air tighinn.

Chuir e mach cosamhlachd eile dhaibh, ag ràdh, Cò ris a tha rìoghachd Dhé cosmhuil ? agus cò ris a shàmhlaicheas mi i ? Tha i cosmhuil ri grainne de shìol must-aird a ghabh duine, agus a chuir e 'na fhearann : nì gu dearbh a's lugha de gach uile phòr ; ach an uair a dh' fhàsas e, is e 's mò de na luibheannan, agus fàsaidh e 'na chraoibh, ionnus gu'n tig eunlaith an adhair 's gu'n dean iad nid 'na gheugan.

Agus thuirt e rithist, Cò ris a shàmhlaicheas mi rìoghachd Dhé ? Tha i cosmhuil ri taois ghoirt a ghabh bean, agus a dh' fhalaich i ann an trì toimhsean mine gus an do ghoirticheadh an t-ìomlan.

Agus le iomadh de 'n leithidean so de chosamhlachdan labhair e am facal riutha, 'a reir mar a b' urrainn iad a chluinntinn : agus gun chosamhlachd cha do labhair e

riutha : a chum gu 'n coimhliontadh an ni a labhradh leis an fhàidh, ag ràdh, Fosglaidh mi mo bheul ann an cosamhlachdan, cuiridh mi 'n ceill nithean a bha falaichte o thoiseach an t-saoghail. Ach mhìnich e na h-uile nithean d' a dheisciobuil fhéin air leith.

An sin chuir Iosa am pobull air falbh, agus chaidh e steach do'n taigh : agus thàinig a dheisciobuil d' a ionnsuidh, ag ràdh, Mìnich dhuinne cosamhlachd cogal an fhearainn. Agus fhreagair esan agus thuirt e riutha, An tì a chuireas an sìol math is e Mac an duine e ; 's e am fearann an domhan ; agus is e an sìol math clann na rìoghachd ; agus is e an cogal clann an droch spioraid ; is e an nàmhaid a chuir iad an diabhl : agus is e am foghar deireadh an t-saoghail ; agus is iad na buanaichean na h-ainglean. Agus amhuil mar a chruinnichear an cogal agus a loisgear le teine e ; is ann mar sin a bhitheas ann an deireadh an t-saoghail. Cuiridh Mac an duine 'ainglean uaithe, agus tionailidh iad às a rìoghachd na h-uile nithean a bheir oilbheum, agus iadsan a tha 'deanamh aingidheachd, agus tilgidh iad iad ann an àmbuinn theinntich : an sin bidh gul agus giosgan fhiacail. An sin dealraichidh na fireanan mar a' ghrian ann an rìoghachd an Athar fhéin. Ge b' e aig am bheil cluasan a chum éisdeachd, éisdeadh e.

Tha rìoghachd nèimh cosmhuil ri ionmhas air 'fhalach anns an achadh ; nì, an déigh fhaotainn, a dh' fhalaich duine ; agus air sgàth a ghàirdeachais air a shon dh' imich e agus reic e na h-uile nithean a bh' aige, agus cheannaich e'n t-achadh sin.

A rithist, is cosmhuil rìoghachd nèimh ri ceannaiche àraidh ag iarraidh nèamhnuidean maiseach ; agus air dha

amas air aon nèamhnuid ro luachmhor, dh' imich e agus reic e na h-uile nithean bh' aige, agus cheannaich e i.

A rithist, tha rìoghachd nèimh cosmhuil ri lìon a bh' air a thilgeadh 'san fhairge, agus a chruinnich dè gach uile sheòrs' éisg : an uair e bha e làn, tharruinn na h-iasg-airean gu tìr e ; agus shuidh iad sìos, agus chruinnich iad na *h-éisg* mhatha ann an soithichean, ach thilg iad na droch *éisg* uatha. Is ann mar sin a bhitheas ann an deireadh an t-saoghail : théid na h-ainglean a mach, agus dealaichidh iad na droch dhaoine á measg nam fireanach, agus tilgidh iad iad 'san àmhuinn theinntich : an sin bidh gul agus giosgan fhiacal.

Thuirt Iosa riutha, An do thuig sibh na nithean so uile ? Thuirt iad ris, Thuig. Agus thuirt esan riutha, Air an aobhar sin gach uile sgrìobhaiche a tha fòghluimte chum rìoghachd nèimh, is cosmhuil e ri duine a tha 'na fhear-taighe, a bheir a mach às 'ionmhas nithean nuadh' agus sean.

Agus thachair, an uair a chrìochnaich Iosa na cosamhlachdan so, gu 'n d' imich e às a sin.



CAIB XVII.

Chiùinich Iosa fairge Ghalile—thilg e mach an Legion dheamhan—chaidh na deamhain do na mucan—leighis e a' bhean air an robh d'òrtadh fala—thog e nighean Iairuis o na mairbh.

Agus air an latha sin fhéin, an uair a thàinig am feasgar, thuirt e riutha, Rachamaid thairis gu taobh thall an locha.

Agus air dhaibh an sluagh fhàgail, thug iad leotha esan anns a' bhàta, eadhon mar a bha e. Agus bha bàtaichean beaga eile maille ris. Ach an uair a sheòl iad thuit esan 'na chadal. Agus dh' éirich stoirm mhòr ghaoithe, agus leum na tonnan a steach do'n bhàta, air chor 's gu robh am bàta nis a' lìonadh; agus bha iad ann an gàbhadh. Agus bha e fhéin ann an deireadh a' bhàta 'na chadal air a' chluasaig: agus dhùisg iad e, agus thuirt iad ris, A Mhaighstir, nach 'eil suim agad gu 'n caillear sinn? Agus dh' éirich e, agus chronuich e a' ghaoth, agus thuirt e ris an fhairge, Tosd, bi sàmhach. Agus sguir a' ghaoth, agus bha ciùine mhòr ann. Agus thuirt e riutha, C' ar son a tha sibh fo eagal? Cionnus nach 'eil creideamh agaibh? Agus air dhaibh a bhith fo eagal ro mhòr ghabh iad iongantais, ag ràdh ri 'chèile, Cò e'n duine so, gu bheil eadhon a' ghaoth agus an fhairge fhéin umhal dha?

Agus thàinig iad air tìr aig dùthaich nan Gadareneach, a tha thall mu choinneamh Ghalile. Agus an uair a chaidh e mach às a' bhàta, ghrad thachair duine àraidh às a' bhaile ris, anns an robh deamhain rè aimsir fhada; agus aig nach biodh eudach uime, agus nach fhanadh ann an taigh, ach anns na h-ionadan-adhlaic; agus cha b' urrainn neach sam bith a cheangal, eadhon le slabhraidhean; oir chaidh a cheangal gu tric le geimhlean, agus le slabhraidhean, agus tharruinn e na slabhraidhean às a chèile, agus mhìn-bhrìst e na geimhlean; agus cha b' urrainn neach sam bith a cheannsachadh; agus air dha a chuibhrichean a bhristeadh, dh' iomaineadh e leis an deamhan do'n fhàsach. Agus bha e 'ghnath, e latha agus a dh' oidhche, anns na h-ionadan-adhlaic, agus anns na beanntan, a' glaothaich, agus 'g a ghearradh fhéin le

clachan. Agus an uair a chunnaic e Iosa fada uaithe, ruith e agus shleuchd e dha; agus a' glaothaich le guth mòr thuirt e, Ciod e mo ghnothuch-sa riut, Iosa, a Mhic an Dé a's ro-airde? tha mi' cur ort á uchd Dhé gun mo phianadh. Oir thuirt e ris, Thig a mach às an duine, a spioraid nèòghlain. Agus dh' fhiosraich e dheth, Ciod is ainm dhut? Agus fhreagair esan, ag ràdh, Legion is ainm dhomh; oir tha sinn mòran ann. Agus ghuidh e gu ro-ghheur air gun e g'an cur a mach às an dùthaich.

A nis, bha treud mòr mhuc ag ionaltradh air taobh na beinne. Agus ghuidh na deamhain air, ag ràdh, Cuir sinne'dh' ionnsuidh nam muc a chum gu rachamaid a steach annta. Agus thug e cead dhaibh. Agus thàinig na deamhain a mach às an duine, agus chaidh iad a steach anns na mucan: agus ruith an treud mhuc sìos gu dian le àite cas do'n fhairge, (bha iad mu thimchioll dà mhìle): agus thachdadh iad anns an fhairge. Agus an uair a chunnaic an dream a bha 'g am biadhadh an ni a rinneadh, theich iad, agus dh' innis iad e anns a' bhaile, agus anns an dùthaich. Agus chaidh iad a mach a dh' fhaicinn an ni a thachair; agus thàinig iad gu Iosa, agus fhuair iad an duine às an deachaidh na deamhain, agus aig an robh an legion, 'na shuidhe aig casan Iosa, agus 'eudach uime, agus a chiall aige; agus ghabh iad eagal. Agus dh' innis iadsan a chunnaic e dhaibh, cionnus a shlànuicheadh an duine anns an robh na deamhain, agus mu thimchioll nam muc. Agus dh' iarr muinntir dùthaich nan Gadareneach uile airsan imeachd uatha; oir ghlacadh le eagal mòr iad. Agus an uair a bha e 'dol a steach do'n bhàta, ghuidh esan anns an robh na deamhain air gu faodadh e bhith maille ris. Agus cha do leig

Iosa leis, ach thuirt e ris, Imich dhachaidh a dh'ionnsuidh do chàirdean, agus innis dhaibh meud nan nithean a rinn an Tighearna dhut, agus mar a rinn e tròcair ort. Agus dh'imich esan, agus thòisich e ri chur an ceill ann an Decapolis meud nan nithean a rinn Iosa dha: agus ghabh iad iongantas uile.

Agus an uair a chaidh Iosa rithist thairis anns a' bhàta' dh'ionnsuidh an taoibh eile, chruinnicheadh sluagh mòr d'a ionnsuidh; oir bha iad uile ga' fheitheamh; agus bha e làimh ris a'mhuir. Agus, feuch, thàinig duine do'm b' ainm Iairus, a bha 'na uachdaran air an t-sionagog: agus thuit e aig casan Iosa, agus ghuidh e air gu'n tigeadh e d'a thaigh; do bhrìgh gu robh aon-ghin nighinn a'ige, mu thimchioll dà bhliadhna dheug, agus i 'faotainn a'bhàis. Agus ghuidh e gu dùrachdach air, ag ràdh, Tha mo nigheann bheag ann an cunnart grad bhàis; thig, agus leag do làmhan oirre, chum gu slànuichear i, agus gu'm bi i beò. Agus dh'imich Iosa agus a dheisciobuil maille ris; agus lean sluagh mòr e, agus dhòmhlaich iad e.

Agus bha bean àraidh an sin, air an robh dòrtadh fala ré dhà bhliadhna dheug, agus dh'fhuiling i mòran o iomadh léigh, agus chaith i na bh'aice, agus cha b'fheaird' i bheag e, ach bu mhisde. Air dhi na nithean mu thimchioll Iosa 'chluinntinn, thàinig i ann am measg an t-sluagh o'chùlaobh, agus bhean i ri iomall'eudaich. Oir thuirt i innte fhéin, Ma bheanas mi ach ri'eudach, bidh mi slàn. Agus ghrad thiormaicheadh suas tobar a fala: agus dh'aithnich i'na corp fhéin gu'n do leighiseadh i o'n phlàigh sin. Agus ghrad dh'aithnich Iosa ann fhéin gu'n deachaidh cumhachd a mach às; agus air dha tionndadh mu'n cuairt anns a' mhòr-shluagh, thuirt e, Cò

a bhean ri m'eudach? Agus an uair a dh'àicheidh na h-uile, thuirt Peadair agus iadsan a bha maille ris, A Mhaighstir, tha 'n sluagh 'ga d' dhòmhlaichadh agus 'ga d' theannadh, agus an abair thu, Cò a bhean rium? Ach thuirt Iosa, Bhean neach eiginn rium : oir mhothaich mi cumhachd a' dol a mach asam. Agus dh'amhairc e mu 'n cuairt 'ga faicinn-sa a rinn so. Agus an uair a chunnaic a' bhean nach robh i an ain-fhios, thàinig i air chrith, agus a' tuiteam sìos air a bheulaobh, chuir i 'n ceill dha, an làthair an t-sluaigh uile, c'ar son a bhean i ris, agus mar a shlànuicheadh i gu grad. Agus thuirt e rithe, A nigheann, biodh deadh mhisneach agad : shlànuich do chreideamh thu ; imich an sith, agus bi slàn o d' phlàigh. Agus bha i slàn o'n uair sin.

Am feadh a bha e fhathast a 'labhairt, thàinig neach o thaigh uachdaran na sionagoig, ag ràdh, Fhuair do nigheann bàs ; c'ar son a chuireadh tu tuilleadh dragh' air a Mhaighstir? Ach an uair a chual' Iosa so, thuirt e ri uachdaran na sionagoig, Na biodh eagal ort : a mhàin creid, agus bidh i air a slànuchadh. Agus cha d'fhuiling e do neach sam bith a leantuinn ach Peadair, agus Seumas, agus Eoin bràthair Sheumais. Agus thàinig iad gu taigh uachdaran na sionagoig ; agus chunnaic e 'n iomairt, agus iadsan a bha 'gul agus a' caoineadh gu mòr. Agus an uair a thàinig e steach, thuirt e riutha, C'ar son a tha sibh ris an iomairt so, agus ri bròn? cha 'n 'eil an nìonag marbh ach 'na cadal. Agus rinn iad gàire fanaid air, do bhrìgh gu robh fhios aca gu robh i marbh. Ach air dhasan an cur a mach uile, thug e leis athair agus màthair na h-ighinn, agus iadsan a bha maille ris, agus chaidh e steach far an robh an nìonag 'na laidhe. Agus

rug e air làimh air an nìonaig, agus thuirt e rithe, Talitha cumi; is e sin air eadar-mhìneachadh, A chailinn, tha mise 'g ràdh riut, Eirich. Agus thàinig a spiorad air ais, agus ghrad dh' éirich i, agus dh' imich i. Agus ghabh iad iongantas anabarrach. Agus thug e òrdugh teann dhaibh nach fhaigheadh duine sam bith fios air so: agus dh' àithn e ni eiginn a thoirt dhi ri 'itheadh.

Agus chaidh e mach às a sin; agus thàinig e d'a dhùthaich fhéin: agus lean a dheisciobuil e. Agus an uair a thàinig an t-sàbaid thòisich e air teagasg anns an t-sionagoig: agus air do mhòran a chluinntinn, ghabh iad iongantas, ag ràdh, Cia uaith a tha na nithean so aig an fhear so? agus, Ciod e an gliocas so a thugadh dha gu bheil a leithid so a dh' fheartan air an deanamh le a làmhan-san? Nach e so an saor, mac Mhuire, bràthair Sheumais, agus Ioseis, agus Iudais, agus Shìmoin? Agus nach 'eil a pheathraichean an so maille ruinn? C' àite uime sin an d' fhuair an duine so na nithean so uile? Agus fhuair iad oibheum ann. Agus thuirt Iosa riutha, Cha 'n 'eil fàidh gun urram ach 'na dhùthaich fhéin, agus ann am measg a chàirdean, agus 'na thaigh fhèin. Agus cha robh e'n comas dha mìorbhuil sam bith a dheanamh an sin, saor o gu'n do chuir e a làmhan air beagan de mhuinntir a bha tinn, agus gu 'n do leighis e iad. Agus bha iongantas air air son am mì-chreidimh.

CAIB XVIII.

*Chuir Iosa an dà fhear dheug a mach dithis agus dithis—
thug e cumhachd dhaibh mìorbhuilean a dheanamh—
dh' àithn e dhaibh an soisgeul a shearmonachadh—
dh' innis e dhaibh gu fuathaicheadh an saoghal iad—
chuir Herod Eoin Baistidh gu bàs.*

Agus chaidh e mu'n cuairt nan uile bhailtean-mòra agus bhailtean-beaga, a' teagasg 'nan sionagogan, agus a' searmonachadh soisgeul na rìoghachd, agus a' slànuchadh gach uile ghnè euslaint, agus gach uile ghnè eucail. Ach an uair a chunnaic e an sluagh, ghabh e truas dhiubh, air son gu robh iad air fannachadh, agus air an sgapadh o chéile, mar chaoraich aig nach 'eil buachaille. An sin thuirt e ri 'dheisciobuil, Gu deimhin tha 'm fogharadh pailt, ach tha 'n luchd-oibre tearc. Uime sin guidhibhse air Tighearna an fhogharaidh, luchd-oibre a chur a mach a chum 'fhogharaidh fhéin.

Agus ghairm e d'a ionnsuidh an dà fhear dheug, agus thòisich e air an cùr a mach, dithis agus dithis. Agus thug e dhaibh cumhachd agus ùghdarras air na h-uile dheamhain, a chum an tilgeadh a mach, agus a shlànuchadh gach uile ghnè euslaint, agus gach uile ghnè eucail.

Chuir Iosa an dà fhear dheug so a mach, agus thug e àithne dhaibh, ag ràdh, Na gabhaibh gu slighe nan Cinneach, agus na rachaibh a steach do bhaile sam bith a bhuineas do na Samaritanaich: ach gu ma feàrr leibh a dhol a dh' ionnsuidh caoraich chaillte, taighe Israeil. Agus ag imeachd dhuibh, searmonaichibh, ag ràdh, Tha

rìoghachd nèimh am fagusg. Leighisibh an dream a tha tinn, dùisgibh na mairbh, glanaibh na lobhair, tilgibh a mach na deamhain : a nasgaidh fhuaire sibh, a nasgaidh thugaibh seachad. Na solairibh òr, no airgiod, no umha ann bhur sporain ; no màla chum bhur turuis, no dà chòta, no brògan, no bataichean : oir is airidh am fear-oibre air a lòn. Agus ge b'e air bith baile-mòr no baile-beag do 'n téid sibh a steach, feòraichibh cò a tha 'na dheadh-airidh ann ; agus fanaibh an sin gus am fàg sibh an t-àite. Agus an uair a théid sibh a steach do thaigh, beannaichibh dha. Agus ma 's airidh an taigh sin, thigeadh bhur sìth air : ach mur airidh, tilleadh bhur sìth do bhur n-ionnsuidh fhéin. Agus ge b'e air bith neach nach gabh ribh, agus nach éisd ri bhur briathran, air dhuibh dol a mach às an taigh no às a' bhaile sin, crathaibh dhìbh an duslach a bhios fo 'r casan mar fhianuis 'nan aghaidh. Gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, Bidh e ni 's so-iomchaire do fhearann Shodoim agus Ghomorrah ann an latha 'bhreitheanais na bhios e do 'n bhaile sin.

Feuch, cuireamsa sibhse mach mar chaoraich ann am measg mhadadh-alluidh : air an aobhar sin bithibhse glìc mar na nathraichean, agus neo-chronail mar na calamain. Ach bithibh air bhur faicill o dhaoine : oir bheir iad an laimh sibh do chomhairlean, agus sgiùrsaidh iad sibh 'nan sionagogan ; seadh, bheirear sibh an làthair uachdaran agus rìghrean air mo sgàth-sa, mar fhianuis dhaibhsan agus do na Cinnich. Ach 'an uair a bheir iad an làimh sibh, na biodh e 'na ro-chùram oirbh cionnus no ciod a labhras sibh : oir bheirear dhuibh 'san uair sin fhéin an nì a labhras sibh. Oir cha sibhse a labhras, ach Spiorad bhur n-Athair fhéin a labhras annaibh. Agus bheir am

bràthair a bhràthair fhéin suas a chum bàis, agus an t-athair a mhac: agus éirigh a' chlann an aghaidh am pàrantan, agus bheir iad fa near gu 'n cuirear gu bàs iad. Agus bidh fuath aig na h-uile dhaoine dhuibh air sgàth m' ainm-sa: ach ge b'e a bhunaicheas gus a' chrìoch is e so a thèarnar. Ach an uair a ni iad geur-leanmhuinn oirbh 's a' bhaile so, teichibh gu baile eile: oir gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, Nach imich sibh air feadh bhailtean Israeil mu 'n tig Mac an duine.

Cha 'n 'eil an deisciobul os cionn a mhaighstir, no an seirbhiseach os cionn a thighearna. Is leòr do 'n deisciobul a bhith mar a mhaighstir, agus do 'n t-seirbhiseach a bhith mar a thighearna. Ma ghoir iad Beelsebub a dh' fhear an taighe, nach mò na sin a ghoireas iad e de 'mhuinntir! Uime sin, na biodh eagal cirbh rompa: oir cha 'n 'eil ni sam bith falaichte, nach foillsichear, agus an cleith, nach deanar aithnichte. An ni a dh' innseas mise dhuibh 'san dorchadas, labhraibh e 'san t-solus; agus an ni a chluinneas sibh 'sa' chluais, searmonaichibh e air mullach nan taighean. Agus na biodh eagal na muinntir sin oirbh a mharbhas an corp, ach aig nach 'eil comas an t-anam a mharbhadh: ach gu ma mò a bhios eagal an Tì sin oirbh a's urrainn araon an corp agus an t-anam a sgrios ann an ifrinn. Nach 'eil dà ghealbhonn air an reic air son fàirdean? agus cha tuit a h-aon diubh air an talamh às eugmhais bhur n-Athar-sa: ach tha eadhon fuilteinean bhur cinn uile air an àireamh. Air an aobhar sin na biodh eagal oirbh; is fhearr sibhse na mòran ghealbhonn. Air an aobhar sin, ge b' e a dh' aidicheas mise am fianuis dhaoine, aidichidh mise esan mar an ceudna am fianuis m' Athar a ta air nèamh. Ach ge b' e air bith a

dh' àicheidheas mise am fianuis dhaoine, àicheidhidh mise esan mar an ceudna am fianuis m' Athar a ta air nèamh.

Na measaibh gu 'n d' thàinig mise a chur sìth air an talamh ; cha 'n ann a chur sìth a thàinig mi, ach a chur claidheimh. Oir thàinig mi a chur duine an aghaidh 'athar, agus na h-ighinn an aghaidh a màthar, agus bean a' mhic an aghaidh a màthar-chéile : agus is iad muinntir a theaghlach fhéin a bhios 'nan nàimhdean do dhuine. An tì a ghràdhaicheas athair no màthair ni 's mò na mise, cha 'n airidh orm e : agus an tì a ghràdhaicheas mac no nigheann ni 's mò na mise, cha 'n airidh orm e. Agus an tì nach glac a chrann-ceusaidh agus nach lean mise, cha 'n airidh orm e. An tì a gheibh 'anam caillidh e e ; agus an tì a chailleas 'anam air mo shon-sa, gheibh e e.

An tì a ghabhas ribhse gabhaidh e riumsa, agus an tì a ghabhas riumsa gabhaidh e ris an Tì a chuir uaithe mi. An tì a ghabhas ri fàidh an ainm fàidh, gheibh e duais fàidh ; agus an tì a ghabhas ri fìrean an ainm fìrean, gheibh e duais fìrein. Agus ge b' e air bith a bheir cupan a dh' uisge fuar a mhàin ri 'òl do aon neach de 'n mhuinntir bhig so, an ainm deisciobuil, gu deimbin tha mi ag ràdh ribh nach caill e air chor sam bith a dhuais.

Agus thachair, an uair a chrìochnaich Iosa 'àitheantan a thoirt d' a dhà dheisciobul deug, gu 'n d' imich e às a sin a theagasg agus a shearmonachadh 'nam bailtean.

Agus chaidh iad a mach, agus shearmonaich iad gu 'n deanadh daoine aithreachas. Agus thilg iad a mach mòran dheamhan, agus dh' ung iad le oladh mòran a bha tinn, agus leighis iad iad.

Agus an uair a thàinig latha freagarrach, rinn Herod, air co-ainm an latha air an d' rugadh e, suipeir d' a

uaislean, agus d'a àrd-cheannardan, agus do mhaithean Ghalile; agus an uair a chaidh nighean Herodiais a steach, agus a rinn i dannsa 'nan làthair, thaitinn i ri Herod agus riuthasan a shuidh aig biadh maille ris; agus thuirt an rìgh ris a' chailinn, Iarr ormsa ge b' e air bith ni a's aill leat, agus bheir mi dhut e. Agus thug e mionnan dhi, Ge b' e air bith ni a dh' iarras tu orm, bheir mi dhut e, gu leith mo rìoghachd. Agus chaidh i mach, agus thuirt i ri 'màthair, Ciod a dh' iarras mi? Agus thuirt ise, Ceann Eoin Baistidh. Agus ghrad chaidh i steach le cabhaig a dh' ionnsuidh an rìgh, agus dh' iarr i, ag ràdh, Is aill leam gu 'n tugadh tu dhomh gun dàil ceann Eoin Baistidh air mèis. Agus bha 'n rìgh anabarrach doilich; ach air son a mhionnan, agus na muinntir a bha 'nan suidhe aig biadh maille ris, cha robh toil aige a diùltadh. Agus ghrad chuir an rìgh a mach saighdear, agus dh' àithn e a cheann a thoirt a steach: agus chaidh esan agus thug e 'n ceann dheth anns a' phrìosan, agus thug e a cheann leis air mèis, agus thug e do 'n chailinn e; agus thug a' chailinn d'a màthair e. Agus an uair a chual' a dheisciobuil mu 'n chùis, thàinig iad agus thug iad a chorp leotha, agus dh' adhlaic iad e; agus chaidh iad agus dh' innis iad e do Iosa.

CAIB XIX.

Barail Heroid air Iosa—thill na h-abstoil, agus dh' innis iad a dh' Iosa gach ni a rinn agus a theagaisg iad—Mìorbhuil nan còig aran agus an dà éisg—Dh' imich Iosa air a' mhuir.

Anns an àm sin chuala Herod an rìgh na nithean a bha air an aithris mu Iosa ; oir chaidh 'ainm am follais : agus bha imcheist mhòr air do bhrìgh gu 'n dùbhradh le cuid gu robh Eoin air éirigh o na mairbh. Agus thuirt e ri 'sheirbhisich, Is e so Eoin Baistidh ; dh' éirich e o na mairbh ; agus uime sin tha feartan air an oibreachadh leis. Ach thuirt cuid eile, Is e Elias a th' ann. Agus thuirt cuid eile, Is e fàidh a th' ann, no mar aon de na fàidhean. Ach an uair a chuala Herod so, thuirt e, Is e Eoin de' n do chuir mise an ceann a th' ann, dh' éirich e o na mairbh. Agus dh' iarr e 'fhaicinn.

Agus an uair a thill na h-abstoil chruinnicheadh iad a chum Iosa ; agus dh' innis iad dha na h-uile nithean, araon gach ni a rinn iad, agus gach ni a theagaisg iad. Agus thuirt e riutha, Thigibhse air leith a dh' àite uaigneach, agus gabhaibh fois car tamuill. Oir bha mòran a' tighinn agus a' falbh, agus cha robh ùine aca uiread is biadh itheadh. Agus thug e leis iad ann am bàta, agus chaidh e fa leith gu àite fàsail a bhuineadh do bhaile de' n goirear Betsaida. Agus chunnaic an sluagh iadsan a' falbh, agus dh' aithnich mòran e, agus ruith iad d' an cois an sin às na bailtean uile, do bhrìgh gu faic iad na mìorbhuilean a rinn e air an dream a bha euslan, agus bha iad rompa. Agus an uair a chaidh Iosa mach chunnaic e

sluagh mòr, agus ghabh e truas mòr dhiubh a chionn gu robh iad mar chaoraich aig nach'eil buachaille: agus ghabh e d'a ionnsuidh iad: agus thòisich e air mòran de nithean a theagasg dhaibh mu thimchioll rìoghachd Dhé, agus leighis e iadsan aig an robh feum air an leigheas. Agus an uair a bha nis mòran de'n latha air a dhol seachad, thàinig a dheisciobuil d'a ionnsuidh, ag radh, Tha 'n t-àite so fàsail, agus tha nis mòran de'n latha air a dhol seachad: cuir air falbh an sluagh a chum gu'n téid iad do'n tìr mu'n cuairt, agus do na bailtean, agus gu'n gabh iad tàmh, agus gu'n ceannaich iad biadh; oir tha sinn an so an àite fàsail. Ach thuirt Iosa riutha, Cha ruig iad a leas falbh; thugaibhse dhaibh ri'itheadh. Agus thuirt iadsan ris, An téid sinn agus an ceannaich sinn luach dhà cheud peighinn a dh'aran a chum gu'n tugamaid dhaibh ri'itheadh? Agus thuirt e riutha, Cia lìon buillionn a th'agaibh? rachaibh agus faicibh. Thuirt aon de dheisciobuil, Andras, bràthair Shimoìn Pheadair, ris, Tha òganach an so aig am bheil còig buillionnan eòrna, agus dà iasg bheag: ach ciod iad so am measg na h-uiread? Agus dh'àithn e dhaibh a thoirt orra uile suidhe sìos'nan cuideachdan air an fheur uaine. Agus shuidh iad sìos nam buidhnean fa leith, 'nan ceudan agus'nan leith-cheudan. Agus ghlac e na còig arain agus an dà iasg, agus air dha amharc suas gu nèamh, bheannaich e iad, agus bhris e: agus thug e d'a dheisciobuil iad gus an cur an làthair an t-sluaigh. Agus dh'ith iad agus shàsaicheadh iad. An uair a shàsaicheadh iad, thuirt e ri 'dheisciobuil, Cruinnichibh am biadh briste a tha'chorr ann a chum nach caillear ni sam bith. Air an aobhar sin chruinnich iad e ri'chéile, agus lìon iad dà chliabh

dheug de sbrùileach nan còig buillionnan eòrna a bha dh' fhuighleach aig a' mhuinntir a dh'ith. Agus bha iadsan a dh'ith mu thimchioll còig mìle fear, a thuilleadh air mnathan agus air cloinn. Air an aobhar sinn an uair a chunnaic an sluagh am mìorbhuil a rinn e thuirt iad, Gu fìrinneach is e so am fàidh a bha gu tighinn a dh'ionnsuidh an t-saoghail.

Uime sin an uair a thuig Iosa gu robh 'rùn orra tighinn agus breith air le laimh làidir a chum gu'n deanadh iad rìgh dheth, ghrad cho-éignich e a dheisciobuil gu dhol do'n bhàta, agus a dhol roimhe dh'ionnsuidh an taoibh thall gu Betsaida, gus an cuireadh e an sluagh air falbh. Agus an déigh dha an sluagh a chur air falbh, chaidh e suas do'n bheinn 'na aonar a dheanamh ùrnuigh. Agus an uair a bha 'n t-anamoch ann, bha 'm bàta ann am meadhon na mara, air a tilgeadh a null agus a nall leis na tonnan, agus esan 'na aonar air tìr. Agus an uair a chunnaic e iadsan air am pianadh ag iomradh, (oir bha 'ghaoth 'nan aghaidh), anns a' cheathramh faire dhe'n oidhche, an uair a dh'iomair iad mu thimchioll còig no deich ar fhichead de staidean, thàinig e d'an ionnsuidh ag imeachd air a' mhuir; agus b' àill leis a dhol seachad orra. Ach an uair a chunnaic iadsan e ag imeachd air a' mhuir, shaoil iad gu 'm bu tannasg a bh'ann, agus ghlaodh iad a mach le eagal: oir chunnaic iad uile e, agus bha iad fo bhuaireas. Ach ghrad labhair Iosa riutha, ag ràdh, Biodh misneach mhath agaibh; is mise a th'ann; na biodh eagal oirbh. Agus fhreagair Peadair e, agus thuirt e, A Thighearna, ma's tusa 'th'ann, iarr ormsa tighinn a d'ionnsuidh air na h-uisgeachan. Agus thuirt esan, Thig. Agus chaidh Peadair sìos às a' bhàta, agus

choisich e air na h-uisgeachan a chum tighinn gu Iosa. Ach an uair a chunnaic e 'ghaoth làidir ghabh e eagal : agus an uair a thòisich e air a dhol fodha, ghlaodh e mach, ag ràdh, A Thighearna teasairg mi. Agus ghrad shìn Iosa mach a làmh, agus rug e air, agus thuirt e ris, O thusa air bheag creidimh, C'ar son a bha thu fo amhrus? Agus an uair a chaidh iad a steach do'n bhàta stad a' ghaoth. Agus bha uamhas mòr thar tomhais orra, agus ghabh iad iongantas; oir cha d' thug iad fa near miorbhuil nam buillionnan, ach bha 'n cridhe air a chruadbachadh. An sin thàinig iadsan a bha 's a' bhàta, agus rinn iad aoradh dha, ag ràdh, Gu firinneach is tu Mac Dhé.

Agus an uair a chaidh iad thairis, thàinig iad gu talamh Ghenesaret, agus tharruinn iad gu tìr. Agus an uair a thàinig iad a mach às a' bhàta, ghrad dh'aithnich an sluagh e, agus ruith iad air feadh na tìre sin uile mu'n cuairt, agus thòisich iad air an dream a bha tinn a ghiùlan mu'n cuairt air an leapaichean, ge b' e àite an cual' iad esan a bhith. Agus ge b' e air bith bailtean-beaga, no bailtean-mòra, no dùthaich do'n deachaidh e, chuir iad na daoine tinne air na sràidean, agus ghuidh iad air gu faodadh iad beantuinn a mhàin ri iomall 'eudaich; agus a mheud 's a bhean ris leighiseadh iad.

CAIB XX.

Chronuich Iosa an sluagh a bha'ga leantuinn a chionn gu'n d'ith iad de na buillionnan—Dh'innis e gu'm b' e fhéin aran na beatha—Bha mòran de'dheisciobuil a' gearain gu robh a chainnt cruaidh—Theagaisg e nach e an ni a théid a steach anns a' bheul a shalaicheas an duine, ach an ni a thig a mach as.

Air an latha 'na dheigh sin an uair a chunnaic an sluagh a sheas air taobh eile na mara, nach robh bàta eile an sin, ach am bàta do'n deachaidh a dheisciobuil a steach, agus nach deachaidh Iosa do'n bhàta maille ri'dheisciobuil, ach gu'n d'fhalbh a dheisciobuil 'nan aonar, (gidheadh thàinig bàtaichean beag' eile o Thiberias laimh ris an àite 'san d'ith iad an t-aran an déigh do'n Tighearna buidheachas a thoirt): uime sin an uair a chunnaic an sluagh nach robh Iosa an sin, no'dheisciobuil, chaidh iad fhéin mar an ceudna do na bàtaichean, agus thàinig iad gu Capernaum, ag iarraidh Iosa. Agus an uair a fhuair iad e air taobh eile na mara, thuirt iad ris, A mhaighstir, c'uin a thàinig thu an so? Fhreagair Iosa iad agus thuirt e, Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, Tha sibh 'gam' iarraidh, cha'n ann a chionn gu faca sibh na mìorbhuilean, ach a chionn gu'n d'ith sibh de na buillionnan, agus gu'n do shàsaicheadh sibh. Na deanaibh saothair air son a' bhìdh a theirgeas, ach air son a' bhìdh a mhaireas a chum na beatha sìorruidh, a bheir Mac an duine dhuibh: oir esan sheulaich Dia an t-Athair. Uime sin thuirt iad ris, Ciod a dh'fheumas sinn a dheanamh, a chum gu'n oibrich sinn oibre Dhe? Fhreagair Iosa agus thuirt e riutha, Is

i so obair Dhé, gu'n creid sibh anns an tì a chuir e uaithe. Uime sin thuirt iad ris, Ciod an comharradh a nì thusa ma ta, a chum gu faic sinn, agus gu'n creid sinn thu? Ciod an obair a nì thu? Dh'ith ar n-aithrichean am manna anns an fhàsach; mar a tha e sgrìobhte, Thug e dhaibh aran o nèamh ri 'itheadh. Air an aobhar sin thuirt Iosa riutha, Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, Cha b' e Maois a thug dhuibh an t-aran o nèamh: ach tha m' Athair-sa 'toirt dhuibh an arain fhìor o nèamh. Oir is e sin aran Dhé a tha 'tighinn a nuas o nèamh, agus a' toirt beatha do'n t-saoghal. Uime sin thuirt iad ris, A Thighearna, thoir dhuinne an t-aran so an còmhnuidh. Agus thuirt Iosa riutha, Is mise aran na beatha: an tì a thig a m' ionnsuidh-sa, cha bhi acras gu bràth air, agus an tì a chreideas annamaisa, cha bhi tart gu bràth air. Ach mar a thuirt mi ribh, ged a chunnaic sibh mi, gidheadh cha'n eil sibh a' creidsinn. Gach nì a bheir an t-Athair dhomhsa thig e a m' ionnsuidh; agus an tì a thig a m' ionnsuidh cha tilg mi air chor sam bith a mach e. Oir thàinig mi nuas o nèamh, cha'n ann a chum gu'n deanainn mo thoil fhéin, ach toil an Tì a chuir uaithe mi. Agus is i so toil an Athar a chuir uaithe mi, nach caillinn nì sam bith de'n uile a thug e dhomh, ach gu'n togainn suas e air an latha dheireannach. Oir is i so toil m' Athar a chuir uaithe mi, gu'm biodh a' bheatha mbaireannach aig gach neach a chì am Mac, agus a chreideas ann: agus toigaidh mise suas e air an latha dheireannach.

Air an aobhar sin rinn na h-Iudhaich gearain uime, a chionn gu'n dubhairt e, Is mise an t-aran a thàinig a nuas o nèamh. Agus thuirt iad, Nach e so Iosa mac Ioseph, neach is aithne dhuinn 'athair agus a mbathair? Cionnus

a tha e nis ag ràdh, Thàinig mi nuas o nèamh ? Fhreagair Iosa, agus thuirt e riutha, Na deanaibh gearain 'n 'ur measg fhéin. Cha 'n urrainn neach sam bith tighinn a m' ionnsuidh-sa, mur tarrainn an t-Athair a chuir uaithe mise e : agus togaidh mise suas e air an latha dheireannach. Tha e sgrìobhte anns na fàidhean, Agus bidh iad uile air an teagasg o Dhia. Uime sin gach uile neach a chuala, agus a dh'fhòglum o 'n Athair, thig e am' ionnsuidh-sa. Cha 'n e gu faca neach sam bith an t-Athair, ach an tì a tha o Dhia, chunnaic esan an t-Athair. Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, an tì a tha 'creidsinn annamsa, tha 'bheatha mhaireannach aige. Is mise aran na beatha. Dh'ith bhur n-aithrichean am manna anns an fhàsach, agus fhuair iad bàs. Is e so an t-aran a tha 'tighinn a nuas o nèamh, a chum gu 'n ith neach dheth, agus nach fhaigh e bàs. Is mise an t-aran beò a thàinig a nuas o nèamh : ma dh'itheas neach sam bith de 'n aran so, bidh e beò gu sìorruidh : agus an t-aran a bheir mise seachad is e m' fheòil e, a bheir mi air son beatha 'n t-saoghail.

Air an aobhar sin bha connsachadh aig na h-Iudhaich ri 'chéile, ag ràdh, Cionnus is urrainn an duine so 'fheòil a thoirt dhuinn ri 'h-itheadh ? Uime sin thuirt Iosa riutha, Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, Mur ith sibh feòil Mhic an duine, agus mur òl sibh 'fhuil, cha 'n 'eil beatha agaibh annaibh fhéin. Esan a dh'itheas m' fheòil-sa, agus a dh'òlas m' fhuil-sa, tha 'bheatha mhaireannach aige ; agus togaidh mise suas e air an latha dheireannach. Oir is biadh gu firinneach m' fheòil, agus is deoch gu firinneach m' fhuil. Esan a dh'itheas m' fheòil-sa, agus a dh'òlas m' fhuil-sa, tha e 'gabhail còmh-nuidh annamsa, agus mise annsan. Mar a chuir an

t-Athair beò uaithe mise, agus a tha mise beò troimh 'n Athair; is amhuil sin esan a dh'itheas mise, bidh e mar an ceudna beò tromhamsa. Is e so an t-aran a thàinig a nuas o nèamh: cha 'n ann mar a dh'ith bhur n-aith-richean am manna, agus a fhuair iad bàs: esan a dh'itheas an t-aran so bidh e beò am feasd. Thuirt e na nithean so anns an t-sionagog, an uair a bha e 'teagasg ann an Capernaum.

Uime sin thuirt mòran de' dheisciobuil an uair a chual' iad so, Is cruaidh a' chainnt so, cò is urrainn éisdeachd rithe? Ach an uair a thuig Iosa ann fhéin gu robh a dheisciobuil ri gearain uime so, thuirt e riutha, Am bheil so a' toirt oilbheim dhuibh? Agus ciod na'm faiceadh sibh Mac an duine a' dol suas do'n àite 'san robh e roimhe? Is e an spiorad a bheothaicheas; cha 'n 'eil tairbhe sam bith 'san fheòil: na briathran a labhair mise ribh is spiorad, agus is beatha iad. Ach tha cuid dhibh nach 'eil a' creidsinn. Oir b' aithne do Iosa o thùs cò iad nach robh a' creidsinn, agus cò an tì a bhrathadh e. Agus thuirt e, Air an aobhar sin thuirt mi ribh nach urrainn neach sam bith tighinn a m' ionnsuidh-sa, mur bi e air a thoirt dha o m' Athair.

Agus chruinnicheadh na Phairisich d' a ionnsuidh, agus dream àraidh de na sgrìobhaichean a thàinig o Ierusalem. Agus an uair a chunnaic iad cuid de 'dheisciobuil ag ith-eadh arain le làmhnan salach, sin ri iàdh, làmhnan gun nigh-eadh, fhuair iad cron dhaibh. Oir cha 'n ith na Phairisich, agus na h-Iudhaich uile, biadh, mur nigh iad an làmh-an gu minic, a' coimhead beul-aithris nan seanairean: agus an uair a thig iad o'n mhargadh, mur ionnlaid iad iad-fhéin, cha 'n ith iad. Agus tha mòran de nithean-eile a

ghabh iad orra a choimhead, mar a tha nigheadh chupan, agus phoitean, agus shoithichean umha, agus leapaichean. An sin dh' fheòraich na Phairisich agus na sgrìobhaichean dheth, C' ar son nach 'eil do dheisciobuil ag imeachd a réir beul-aithris nan seanairean, ach tha iad ag itheadh arain le làmbhan gun nigheadh? Agus fhreagair esan agus thuirt e riutha, Is math a rinn Esaias fàidheadaireachd mu'r timchioll-sa, a chealgairean, a réir mar a tha e sgrìobhte, Tha 'n sluagh so a' toirt urraim dhomhsa le 'm bilean, ach tha 'n cridhe fada uam. Ach is ann gu dìomhanach a tha iad a' toirt aoraidh dhomhsa, a' teagasg àitheantan dhaoine mar theagasg. Oir air dhuibh àithne Dhé a thréigsinn, tha sibh gu daingean a' cumail òrduchadh dhaoine, mar a tha nigheadh phoitean agus chupan: agus mòran eile de 'n leithidean sin tha sibh a' deanamh. Agus thuirt e riutha, Is math a tha sibh a' cur air chùl àithne Dhé, a chum gu'n coimhead sibh bhur n-òrduchadh fhéin. Oir thuirt Maois, Thoir urram do d' athair agus do d' mhàthair; agus, Ge b'e a mhollaicheas athair no màthair, gu cinnteach cuirear gu bàs e: ach their sibhse, Ma their duine ri 'athair no ri 'mhàthair, Biodh e 'na chòrban, sin ri ràdh, 'na thiodhlac do 'n teampull, ge b' e ni leis am faigheadh tu tairbhe uam-sa: cha leig sibh dha á sin suas ni sam bith a dheanamh air son 'athair no 'mhàthair; a' cur focal Dhé an neo-bhrìgh le bhur beul-aithris fhéin a dh' aithris sibh: agus mòran de 'n leithidean sin de nithean tha sibh a' deanamh. Agus ghairm e an sluagh uile d' a ionnsuidh, agus thuirt e riutha, Eisdibh riumsa uile, agus tuigibh: cha 'n 'eil ni sam bith o'n taobh a muigh de 'n duine, a théid a steach ann do 'm bheil e 'n comas a shalachadh; ach na nithean a tha 'tighinn a mach as is iad sin a tha 'salachadh an

duine. Ge b' e aig am bheil cluasan a chum éisdeachd, éisdeadh e. Agus an uair a chaidh e steach do 'n taigh o 'n t-sluagh, thàinig a dheisciobuil agus thuirt iad ris, Am bheil fhios agad gu 'n do ghabh na Phairisich oilbheum an uair a chual' iad na briathran ud? Ach fhreagair esan agus thuirt e, Gach uile luibh nach do shuidhich m' Athair nèamhaidh-sa, spionar às a bhun e. Leigibh leotha : is cinn-iùil dhalla nan dall iad. Agus ma threòraicheas dall dall eile, tuitidh iad araon ann an slochd. Agus fhreagair Peadair agus thuirt e ris, Mìnich dhuinne a' chosamhlachd sin. Agus thuirt Iosa, Am bheil sibhse fhathast mar an ceudna gun tuigse? Nach 'eil fhios agaibh ge b' e air bith ni a théid a steach 'san duine o 'n leith a muigh, nach 'eil e 'n comas dha esan a shalachadh, do bhrìgh nach téid e steach d' a chridhe, ach do 'n bhroinn, agus théid e mach do 'n t-slochd shalachair, a' glanadh gach uile bhìdh? Ach na nithean sin a thig a mach às a' bheul, tha iad a' tighinn o 'n chridhe; agus is iad sin a shalaicheas an duine. Oir is an o 'n taobh a staigh, á cridhe dhaoine, a thig a mach, droch smaointean, adhaltrannas, strìopachas, mort, gadachd, sannt, fianuis bhréige, aingidheachd, mealltaireachd, macnus, droch shùil, toibheum, uabhar, amaideachd: is iad so na nithean a shalaicheas an duine; ach itheadh le làmhan gun ionn-laid, cha salaich sin an duine.

CAIB XXI.

*Shlànuich Iosa nighean mnà de mhuinntir Chanaain—
 Leighis e duine a bha bodhar—Shàsuich e seachd mìle
 fear le seachd arain—Dhiùlt e comharradh a thoirt do
 na Phairisich—Chuir e' dheisciobuil' nam faireachadh
 an aghaidh nam Phairiseach &c.—Thug e fradharc do
 dhuine dall—Dh' innis e gu robh aige ris a' bhàs
 fhulang. &c.*

Agus dh' imich Iosa às a sin, agus chaidh e gu crìochan
 Thiruis agus Shidoin. Agus an uair a chaidh e steach do
 thaigh, cha b' àill leis fios a bhith aig neach sam bith air;
 gidheadh cha b' urrainn da 'bhith am falach. Oir chuala
 bean de mhuinntir Chanaain uime, aig an robh nighean
 bheag anns an robh spiorad neòghlan, agus thàinig i agus
 thuit i aig a chasan. A nis bu Ghreugach a' bhean, Ban-
 Siro-Pheniseach a thaobh cinnich. Agus ghuidh i air gu'n
 tilgeadh e an deamhan a mach às a h-ighinn, agus ghlaodh
 i, ag ràdh, Dean tròcair orm a Thighearna, a Mhic
 Dhaibhidh; tha mo nighean air a buaireadh gu truagh le
 deamhan. Ach cha d' thug esan freagradh sam bith dhi.
 Agus thàinig a dheisciobuil agus ghuidh iad air, ag ràdh,
 Cuir air falbh i; oir tha i 'glaodhaich 'nar déigh. Ach
 fhreagair esan agus thuirt e, Cha do chuireadh mise ach a
 chum chaorach chaillte taighe Israeil. Ach thàinig ise
 agus rinn i aoradh dha, ag ràdh, A Thighearna, cuidich
 leam. Agus fhreagair esan agus thuirt e, Cha 'n 'eil e
 iomchuidh aran na cloinne a ghabhail agus a thilgeadh a
 chum nan con. Ach thuirt ise, Is fìor sin, a Thighearna:
 oir ithidh eadhon na coin de 'n sbrùileach a thuiteas o

bhòrd am maighstirean. An sin fhreagair Iosa agus thuirt e rithe, O bhean, is mòr do chreideamh: biodh e dhut mar is toil leat. Air son na cainnte so imich romhad; tha 'n deamhan air a dhol a mach às do nighinn. Agus rinneadh a nighean slàn o 'n uair sin a mach. Agus dh' fhalbh ise a dh' ionnsuidh a taighe, agus fhuair i an nighean air a cur 'na laidhe air leabaidh, agus an deamhan air a dhol a mach.

Agus a rithist dh' imich e o chrìochan 'Thiruis, agus thàinig e troimh Shìdon gu muir Ghalile, troimh mheadhon chrìoch Dhecapolis. Agus thug iad d' a ionnsuidh duine bodhar, agus aig an robh staduich 'na chainnt; agus ghuidh iad air gu 'n cuireadh e a làmh air. Agus thug e a leith-taobh o 'n t-sluagh e, agus chuir e a mheoirean 'na chluasan agus chuir e mach a sheile, agus bhean e ri 'theangaidh; agus air dha amharc suas gu nèamh, rinn e osna, agus thuirt e ris, Ephphata, is e sin ri ràdh, Bi fosgailte. Agus ghrad dh'fhosgladh a chluasan, agus dh'fhuasgladh ceangal a theangaidh, agus labhair e gu ceart. Agus thug e àithne theann dhaibh gun iad g' a innseadh do dhuine sam bith: ach mar bu mhò a thoirmisg esan dhaibh, bu mhòid gu ro mhòr a rinn iadsan follaiseach e. Agus bha iongantas thar tomhais orra, ag ràdh, Rinn e na h-uile nithean gu math: tha e eadhon a' toirt air na bodhair gu 'n cluinn iad, agus air na bailbh gu labhair iad.

Agus dh' imich Iosa às a sin, agus thàinig e làimh ri muir Ghalile; agus chaidh e suas do 'n bheinn agus shuidh e an sin. Agus thàinig mòr-shluagh d' a ionnsuidh, agus aca maille riutha bacaich, doill, balbhain, daoine ciurram-ach, agus mòran eile, agus thilg iad sìos aig casan Iosa iad; agus shlànuich e iad: ionnus gu 'n do ghabh an sluagh iongantas an uair a chunnaic iad na balbhain a'

labhairt, na daoine bacach ag imeachd, agus na doill a' faicinn: agus thug iad glòir do Dhia Israeil.

Annas na làithean sin an uair a bha sluagh mòr ann a rithist, agus gun ni sam bith aca ri 'itheadh, ghairm Iosa a dheisciobuil d' a ionnsuidh, agus thuirt e riutha, 'Tha truas agam ris an t-sluagh, do bhrìgh gu 'n d' fhan iad a nis trì làithean maille rium, agus nach 'eil ni sam bith aca ri 'itheadh: agus ma leigeas mi d' an taighean nan trasgadh iad, fannuichidh iad air an t-slighe; oir thàinig cuid dhiubh air astar fada. Agus fhreagair a dheisciobuill e, Cia às a gheibheamaid na h-uiread a dh' aran's an fhàsach's bu leòr a shàsachadh sluaigh cho mòr? Agus dh' fhiosraich e dhiubh, Cia lion buillionn a th' agaibh? Agus thuirt iad-san, Seachd. Agus thug e òrdugh do 'n t-sluagh suidhe sìos air an làr: agus ghlac e na seachd buillionnan, agus air dha buidheachas a thoirt, bhrìst e iad, agus thug e d' a dheisciobuil iad, a chum gu 'n cuireadh iad nan làthair iad: agus chuir iad sìos an làthair an t-sluaigh iad. Agus bha beagan a dh' iasgan beag' aca; agus an uair a bheannaich e iad, dh' àithn' e 'n cur sìos 'n an làthair mar an ceudna. Agus dh' ith iad uile, agus shàsuicheadh iad: agus thog iad làn sheachd bascaidean de 'n bhiadh bhrìste, a bha dh' fhuighleach aca. Agus b' iad a' mhuinntir a dh' ith ceithir mìle fear, a thuilleadh air mnathan agus air cloinn. Agus an uair a chuir e an sluagh air falbh, chaidh e gun dàil a steach do 'n bhàta maille ri 'dheisciobuil, agus thàinig iad gu crìochan Dhalmanuta.

Agus thàinig na Phairisich agus na Sadusaich, agus 'g a dhearbhadh, dh' iarr iad air comharradh a nochdadh dhaibh o nèamh. Agus air dhasan osna a dheanamh 'n a spiorad, fhreagair e, agus thuirt e riutha, An uair a tha 'm

feasgar ann, their sibh, Bidh deadh aimsir ann; oir tha n t-adhar dearg. Agus anns a' mhaduinn, Bidh droch aimsir ann an diugh; oir tha 'n t-adhar dearg agus dorch. A chealgairean, is aithne dhuibh breith a thoirt air gnùis an adhair; ach cha 'n 'eil e 'n comas dhuibh comharradh nan aimsirean a thuigsinn. Tha ginealach aingidh agus adhaltrannach ag iarraidh comharraidh; agus cha toirear comharradh dhaibh ach comharradh an fhàidh Ionais. Agus dh'fhàg e iad, agus air dha dhol a rithist a steach do 'n bhàta dh' fhalbh e 'dh 'ionnsuidh an taoibh eile.

Agus dhichuimhnich a dheisciobuil aran a thoirt leotha; agus cha robh aca ach aon bhuillionn maille riutha 's a' bhàta. Agus dh' àithn e dhaibh, ag ràdh, Thugaibh an aire, agus bithibh air bhur faicill an aghaidh taois-ghoirt nam Phairiseach agus nan Sadusach, agus taois-ghoirt Heroid. Agus bha iadsan a' reusonachadh 'nam measg fhéin, ag ràdh, Is ann a chionn nach 'eil aran againn a tha e. Agus an uair a dh' aithnich Iosa sin, thuirt e riutha, O sibhse air bheag creideamh, c'ar son a tha sibh a' reusonachadh eadraibh fhéin do bhrìgh nach 'eil aran agaibh? Nach 'eil fhios agaibh fhathast, agus nach 'eil sibh a tuigsinn? am bheil bhur cridhe fhathast air a chruadhachadh? Air dhuibh sùilean a bhith agaibh, nach fhaic sibh? agus air dhuibh cluasan a bhith agaibh, nach cluinn sibh? agus nach 'eil sibh a' cuimhneachadh? An uair a bhris mi na còig buillionnan am measg nan còig mìle, cia lion cliabh làn de bhiadh briste a thog sibh? Thuirt iadsan ris, A dhà dheug. Agus an uair a bhris mi na seachd am measg nan ceithir mìle, cia lìon bascaid làn de bhiadh briste a thog sibh? Agus thuirt iadsan, Seachd. Agus thuirt e riutha, Cionnus nach 'eil sibh a' tuigsinn nach ann

mu aran a labhair mi ribh. Ach bithibh air bhur faicill o thaois-ghoirt nam Phairiseach agus nan Sadusach. An sin thuig iad cionnus nach d' iarr e orra bhith air am faicill o thaois-ghoirt an arain, ach o theagasg nam Phairiseach agus nan Sadusach.

Agus thàinig iad gu Betsaida. Agus thug iad d' a ionnsuidh duine dall, agus ghuidh iad air gu 'm beanadh e ris. Agus rug e air làimh air an dall, agus threòraich e mach às a' bhaile e; agus an uair a chuir e seile air a shùilean, agus a chuir e a làmhan air, dh' fheòraich e dheth, Am bheil thu 'faicinn ni sam bith? Agus dh' amhairc esan suas, agus thuirt e, Tha mi 'faicinn dhaoine mar chraobhan ag imeachd. An sin chuir e a làmhan a rithist air a shùilean, agus thug e air amharc suas, agus dh' aisigeadh a fhradharc dha, agus chunnaic e gach uile ni gu soilleir. Agus chuir e dh' ionnsuidh a thaighe fhèin e, ag ràdh, Na rach a steach do 'n bhaile, agus na innis do neach sam bith anns a' bhaile e.

Agus chaidh Iosa agus a dheisciobuil a mach gu bailtean Chesarea-Philipi: agus air an t-slighe chuir e ceisd air a dheisciobuil, ag ràdh riutha, Cò a tha daoine ag ràdh is mise? Agus thuirt iadsan ris, Tha cuid, ag ràdh, Eòin Baistidh; agus cuid eile, Eliàs; agus cuid eile, Iremias, agus cuid eile, gu bheil aon de na seann fhàidhean air éirigh a rithist. Agus thuirt e riutha, Ach cò a tha sibhse ag ràdh is mi? Agus fhreagair Simon Peadair agus thuirt e, Is tusa Criosd, Mac an De bheò. Agus fhreagair Iosa agus thuirt e ris, Is beannaichte thusa, a Shimoin Bhàr-Iona: oir cha d' fhoillsich fuil agus fèil sin dhutsa, ach m' Athair-sa 'ta air nèamh. Agus tha mise ag ràdh riut, Gur tusa Peadair, agus air a' charraig so togaidh mise

m' eaglais ; agus cha toir geatachan ifrinn buaidh oirre. Agus bheir mi dhut iuchraichean rìoghachd nèimh : agus ge b' e ni a cheanglas tu air thalamh bidh e ceangailte air nèamh : agus ge b' e ni a dh' fhuasglas tu air thalamh, bidh e fuasgailte air nèamh. An sin thug e àithne d' a dheisciobuil gun iad a dh' innseadh do neach sam bith gu' m b' esan Iosa an Criosd.

O'n àm sin a mach thòisich Iosa air a nochdadh d' a dheisciobuil gur éiginn do Mac an duine a dhol suas gu Ierusalem, agus mòran de nithean fhulang, agus a bhith air a dhiùltadh leis na seanairean, agus na h-àrd-shagairt, agus na sgrìobhaichean, agus a bhith air a chur gu bàs, agus a bhith air a thogail suas air an treas latha. Agus labhair e a' chainnt so gu follaiseach. Agus rug Peadair air, agus thoisich e ri 'chronuchadh, ag ràdh, Gu ma fada sin uatsa, a Thighearna : cha tachair sin dhutsa gu bràth. Ach air dhasan tionndadh mu'n cuairt, agus amharc air a dheisciobuil, chronuich e Peadair, ag ràdh, Imich air mo chùlaobh, a Shatain : is oilbheum dhomh thu : oir cha 'n 'eil spéis agad do nithean Dhé, ach do nithean dhaoine.

Agus ghairm e an sluagh d' a ionnsuidh maille ri 'dheisciobuil, agus thuirt e riutha, Ge b' e neach leis an àill tighinn a' m' dhéigh-sa àicheadh e e-fhéin, agus togadh e a chrann-ceusaidh gach latha, agus leanadh e mise. Oir ge b' e air bith neach leis an àill 'anam fhéin a thèarnadh, caillidh e e : agus ge b' e air bith neach a chailleas 'anam air mo sgàth-sa, agus air sgàth an t-soisgeil, saoraidh esan e. Oir ciod an tairbhe a th' ann do dhuine ged a choisneadh e an saoghal gu h-iomlan, agus 'anam fhéin a chall ? no ciod a bheir duine ann an éiric 'anama ? Oir ge b' e air bith neach a ghabhas nàire dhiomsa agus dhe mo

bhriathran anns a' ghinealach adhaltrannach agus pheacach so, gabhaidh Mac an duine nàire dhethsan, an uair a thig e 'na ghloir fhéin, agus an glòir 'Athar, agus nan aingeal naomha. Oir thig Mac an duine ann an glòir 'Athar, maille ri 'ainglean; agus an sin bheir e do gach neach a réir a ghnìomharan. Agus thuirt e riutha, Gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, gu bheil cuid dhiubhsan a tha 'nan seasamh an so, nach blais bàs, gus am faic iad rìoghachd Dhé a' tighinn le cumhachd.

O'n àm sin chaidh mòran de a dheisciobuil air an ais, agus cha d' imich iad ni's mò maille ris. An sin air an aobhar sin thuirt Iosa ris an dà fhear dheug, An àill leibhse falbh mar an ceudna? An sin fhreagair Simon Peadair e, A Thighearna, cò dh' ionnsuidh a theid sinn? agadsa tha briathran na beatha maireannaich. Agus chreid sinne, agus tha fhios againn gur tusa Criosd, Mac an Dé bheò. Fhreagair Iosa iad, Nach do thagh mise sibhse an dà fhear dheug, agus tha fear dhibh 'na dhiabhul? Ach labhair e mu Iudas Iscariot, mac Shimoin; oir is e so an tì a bha gu esan a bhrath, air dha bhith na aon de'n dà fhear dheug.

CAIB XXII.

Iosa air beinn a' chruth-atharrachaidh—Thilg e mach an Spiorad balbh agus bodhar—Dh' òc e airgiod na cìse—Thug e àithne d' a dheisciobuil a bhith iriosal, neo-lochdach, agus oilbheum a sheachnadh.

Agus an déigh shia làithean ghabh Iosa Peadair, agus Seumas, agus Eoin a bhràthair, agus thug e leis iad air leith leotha fhéin gu beinn àird a dheanamh ùrnuigh. Agus an uair a bha e ri ùrnuigh, dh'atharraicheadh a chruth 'nan làthair, agus dhealraich 'aghaidh mar a' ghrian: agus rinneadh 'eudach dealrach, ro gheal mar an sneachda; air dhòigh nach robh e' n comas do ghlanadair-eudaich sam bith air thalamh a ghealachadh. Agus, feuch, bha dithis fhear a' còmhradh ris, eadhon Maois agus Elias; a nochdadh ann an glòir, agus a bha 'labhairt m' a bhàs a bha esan gus a choimhlionadh ann an Ierusalem. A nis bha Peadair agus iadsan a bha maille ris trom 'nan cadal: agus an uair a dhùisg iad, chunnaic iad a ghlòir, agus an dithis fhear a bha 'nan seasamh maille ris. Agus thachair, an uair a bha iad a' dealachadh ris, gu'n dubhairt Peadair ri Iosa, A Mhaighstir, is math dhuinne bhith an so; ma's àill leatsa, deanamaid trì pàilliunnan, aon dhutsa, aon do Mhaois, agus aon do Elias. Oir cha robh fhios aige ciod a theireadh e. Agus am feadh a bha e ag ràdh so, feuch, thàinig neul soillseach, agus chuir e sgàile orra; agus ghabh iad eagal an uair a bha iad a' dol a steach anns an neul. Agus, feuch, thàinig guth às an neul, ag ràdh, Is e so mo Mhac gràdhach-sa, anns am bheil mo mhòr-thlachd; éisdibh ris. Agus an uair a chuala na deis-

ciobuil so, thuit iad air an aghaidh, agus bha eagal ro mhòr orra. Agus thàinig Iosa agus bhean e riutha, agus thuirt e, Eiribh, agus na biodh eagal oirbh. Agus an uair a dh' amhairc iad mu' n cuairt orra, cha 'n fhaca iad neach sam bith ach Iosa 'n a aonar maille riutha.

Agus an uair a bha iad a' tighinn a nuas o'n bheinn, thug Iosa àithne dhaibh, ag ràdh, Na innsibh do neach sam bith an sealladh a chunnaic sibh gus an éirich Mac an duine rithist o na mairbh. Agus ghléidh iad a' chainnt so aca fhéin, a' fiosrachadh de chéile ciod bu chiall de'n aiseirigh o na mairbh. Agus dh' fheadraich a dheisciobuil dheth, ag ràdh, C' ar son ma ta a their na sgrìobhaichean gu feum Elias tighinn an toiseach? Agus fhreagair Iosa agus thuirt e riutha, Thig Elias gun teagamh an toiseach, agus aisgidh e na h-uile nithean: ach tha mise ag ràdh ribh, Gu'n d' thàinig Elias cheana, agus cha d' aithnich iad e, ach rinn iad ris gach ni bu toil leotha, eadhon mar a tha e sgrìobhte uime. Is ann mar sin mar an ceudna a dh' fhuilingeas Mac an duine uatha. An sin thuig na deisciobuil gu'm b' ann mu Eoin Baistidh a labhair e riutha.

Agus thachair air an latha 'na dhéigh sin, an uair a thàinig iad a nuas o'n bheinn, agus a thàinig iad a dh' ionnsuidh na deisciobuil, gu faca iad mòran sluagh mu 'n timchioll, agus na sgrìobhaichean a' cur cheisdean orra. Agus ghrad bha 'n sluagh uile, an uair a chunnaic iad e, fo uamhas mòr, agus air dhaibh ruith d' a ionnsuidh, chuir iad fàilte air. Agus dh' fheadraich e de na sgrìobhaichean, Ciod e mu'm bheil sibh a' cur cheisdean orra? Agus feuch, thàinig duine de'n t-sluagh d' a ionnsuidh, a' tuiteam air a ghluinean dha, agus ag ràdh, A Mhaighstir,

tha mi 'guidhe ort, dean tròcair air mo mhac; oir is e m' aon duine cloinne e; agus feuch, tha spiorad balbh a breith air; agus ge b'e ionad sam bith'san glac e e, tha e'g a thilgeadh sìos, agus 'g a tharruinn às a chéile; agus tha e 'cur cobhair às a bheul, agus a' giosgarnaich le 'fhiacian, agus a' seargadh às; agus an déigh dha a bhruthadh gu goirt, is gann a dh' fhàgas e e. Agus ghuidh mi air do dheisciobuil iad g'a chur a mach; agus cha b' urrainn iad. Agus fhreagair Iosa, O ghinealaich mhi-chreidich agus choirbte, cia fhad a bhios mi maille ribh? cia fhad a dh' fhuilingeas mi sibh? thugaibh a m' ionnsuidh-sa e. Agus thug iad d' a ionnsuidh e: agus an uair a chunnaic e e, ghrad reub an spiorad gu goirt e; agus thuit e air an talamh, agus bha e'g a aoirneagan fhéin, agus a' cur cobhair às a bheul. Agus dh' fhiosraich e dhe 'athair, Cia fhad an aimsir o thàinig so air? Agus thuirt e, O bha e'na leanabh. Agus is iomadh uair a thilg e'san teine e, agus anns an uisge a chum a sgrios: ach ma's urrainn thusa nì sam bith a dheanamh, gabh truas dhinn, agus cuidich léinn. Agus thuirt Iosa ris, Ma's urrainn thusa creidsinn. Tha gach aon nì comasach do'n neach a tha 'creidsinn. Agus ghrad ghlaodh athair an leinibh a mach, agus thuirt e le deòir, Tha mi 'creidsinn, a Thighearna; cuidich thusa le mo mhi-chreidimh. Agus an uair a chunnaic Iosa an sluagh a' ruith cuideachd, chronuich e an spiorad nèdghlan ag ràdh ris, A spioraid bhailbh agus bhodhair, tha mi'g òrduchadh dhut, thig a mach as, agus na rach a steach ann nì's mò. Agus ghlaodh an spiorad, agus reub e gu ro-chràiteach e, agus chaidh e mach as: agus bha'n leanabh an riochd mairbh, ionnus gu'n dubhairt mòran, Tha e marbh. Ach rug

Iosa air làimh air, agus thog e suas e ; agus dh' éirich e, agus thug e d' a athair e. Agus ghabh iad uile uamhas ri mòr-chumhachd Dhé. Agus an uair a chaidh e steach dò 'n taigh dh' fheòraich a dheisciobuil dheth an uaigneas, C' ar son nach b' urrainn sinne a thilgeadh a mach ? Agus thuirt Iosa riutha, Air son bhur mi-chreidimh : oir gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, Nam biodh agaibh creideamh mar ghràinne de shìol mustaird, theireadh sibh ris a' bheinn so, Atharraich á so an sud ; agus dh' atharraicheadh i ; agus cha bhiodh ni sam bith eu-comasach dhuibh. Agus thuirt e riutha, Cha 'n 'eil e comasach gu 'n téid a' ghnè so a mach le ni sam bith ach le ùrnuigh agus le trasgadh.

Agus dh' imich iad ás a sin, agus chaidh iad troimh Ghalile ; agus cha b' àill leis gu 'm biodh fios aig neach sam bith air : oir theagaisg e a dheisciobuil. Ach air dhaibh uile 'bhith 'gabhail iongantais ris na h-uile nithean a rinn e, thuirt e riutha, Taisgibh na briathran so ann bhur cluasan : oir tha Mac an duine gu bhith air a thoirt thairis do làmhan dhaoine, agus cuiridh iad, gu bàs e ; agus éirigh e rithist an déigh thrì làithean. Ach cha do thuig iadsan a' chainnt so, agus bha i falaichte uatha air chor 's nach b' aithne dhaibh i : agus bha eagal orra ceisd a chur air mu thimchioll na cainnte so. Agus bha iad ro bhrònach.

Agus an uair a thàinig iad do Chapernaum, thàinig luchd-togail na cìse gu Peadair, agus thuirt iad, Nach 'eil bhur maighstir-sa 'pàigheadh na cìse ? Thuirt-e-san, Tha. Agus an uair a chaidh e steach do 'n taigh, labhair Iosa ris an toiseach, ag ràdh, Ciod i do bharail-sa, 'Shimoin ? cò uaith a tha rìghrean na talmhainn a' togail càine no

cise? An ann o 'n cloinn fhéin, no o choigrich? Thuirt Peadair ris, O choigrich. Thuirt Iosa ris, Air an aobhar sin tha 'chlann saor. Ach air eagal gu 'n toir sin oilbheum dhaibh, imich thusa chum na mara, agus tilg dubhan innte, agus tog a' cheud iasg a thig a nìos; agus an uair a dh'fhosgla tu 'bheul, gheibh thu bonn airgid: gabh sin, agus thoir dhaibh air mo shon-sa agus air do shon fhéin.

Agus air an t-slighe gu Capernaum dh' éirich deasboir-eachd eatorra cò aca bu mhò a bhitheadh. Agus air do Iosa smaointean an cridhe 'fhaicinn, dh' fheòraich e dhiubh, an uair a bha e anns an taigh, Ciod e mu 'n robh sibh a' deasboireachd eadraibh fhéin air an t-slighe? Ach dh' fhan iadsan 'nan tosd. Agus shuidh e sìos, agus ghairm e 'n dà fhear dheug; agus thuirt e riutha, Ge b' e neach leis am miann a bhith air thoiseach, bidh e air dheireadh air càch uile, agus 'na sheirbhiseach do na h-uile. Agus ghabh e leanabh beag, agus chuir e 'nam meadhon e: agus an uair a thog e 'na uchd e, thuirt e riutha, Gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, Mur ìompaichear sibh, agus mur bi sibh mar leanabain, nach téid sibh air chor sam bith a steach do rìoghachd nèimh. Air an aobhar sin ge b' e air bith a dh' islicheas e fhéin mar an leanaban so, is e sin fhéin a' s mò ann an rìoghachd nèimh. Ge b' e air bith neach a ghabhas ri aon de 'n leithidean so de leanabain a' m' ainm-sa, tha e 'gabhail riumsa; agus ge b' e air bith neach a ghabhas riumsa, cha mhise ris am bheil e' gabhail, ach an Ti a chuir uaithe mi.

Agus fhreagair Eoin e, ag ràdh, A Mhaighstir, chunnaic sinne neach nach 'eil 'g ar leantuinn a' tilgeadh a mach dheamhan a' d' ainm-sa; agus bhac sinn e a chionn nach 'eil e 'gar leantuinn fhéin. Ach thuirt Iosa, Na bacaibh

e: oir cha 'n 'eil neach sam bith a ni miorbhuil a' m' ainm-sa do 'm bheil e'n comas olc a labhairt gu h-ealamh umam. Oir ge b' e neach nach 'eil 'nar n-aghaidh tha e leinn. Oir ge b' e air bith neach 'a bheir cupan uisge dhuibhse ri 'òl a chionn gur le Crios l sibh, gu deimhin tha mi ag ràdh ribh nach caill e air chor sam bith a dhuais.

Agus ge b' e air bith a bheir aobhar oilbheim do aon neach de 'n mhuinntir bhig so a tha 'creidsinn annamsa, b' fhearr dha gu 'm biodh clach-mhuilinn air a crochadh m' a mhuineal, agus gu 'm biodh e air a bhàthadh ann an doimhne na fairge. Is an-aoibhinn do 'n t-saoghal air son oilbheuman ! oir feumaidh e bhith gu 'n tig oilbheuman ; ach is an-aoibhinn do 'n duine sin troimh 'n tig an oilbheum ! Agus ma bheir do làmh no do chas aobhar oilbheim dhut, gearr dhìot i, agus tilg uat i ; is fhearr dhut a dhol a steach do 'n bheatha air leith-laimh, no air leith-chois, na dà laimh no dà chois a bhith agad, agus thu 'bhith air do thilgeadh anns an teine shìorruidh ; far nach bàsaich an cnuimh, agus nach teid an teine às. Agus ma bheir do shùil aobhar oilbheum dhut, spion asad i ; is fhearr dhut a dhol a steach do rìoghachd Dhé air aon suil, na dà shùil a bhith agad, agus thu 'bhith air do thilgeadh ann an teine ifrinn ; far nach bàsaich an cnuimh, agus nach téid an teine às. Oir sailleair gach aon neach le teine, agus sailleair gach aon iobairt le salann. Is math an salann : ach ma chailleas an salann a shailhteachd, ciod leis an deanar deadh-bhlasda e. Biodh salann agaibh annaibh fhéin, agus bithibh sìochail ri chéile.

Thugaibh an aire nach dean sibh tarcuis air aon neach de 'n mhuinntir bhig so ; oir tha mise ag ràdh ribh, gu bheil an ainglean-san air nèamh a' faicinn a ghnàth gnùis

m' Athar-sa 'ta air nèamh. Oir thàinig Mac an duine a shaoradh an ni sin a bha caillte. Ciod i bhur barail-sa ? ma bhios aige duine sam bith ceud caora, agus gu 'n téid aon diubh air seachran, nach fhàg e na naoi caoraich dheug agus ceithir fichead, agus nach téid e do na beanntan a dh'iarraidh na caorach a chaidh air seachran ? Agus ma thachras dha gu faigh e i, gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, gu 'n dean e barrachd gàirdeachais air son na caorach sin na air son na naoi caoraich dheug agus ceithir fichead nach deachaidh air seachran. Mar so cha 'n e toil bhur n-Athar-sa 'ta air nèamh gu rachadh aon neach de 'n mhuinntir bhig so a chall.

CAIB XXIII.

Labhair Iosa mu thimchioll mathanais—Cosamhlachd an rìgh aig an robh fiachan air a sheirbhiseach—Iosa aig féill nam pàilliun—Barailean an t-sluaigh air Iosa—Thug na Phairisich agus na h-àrd-shagairt oidhirp air a glacadh.

Agus ma pheacaicheas do bhràthair a' d' aghaidh, imich agus innis a lochd dha eadar thu fhéin agus esan a mhàin : ma dh' éisdeas a riut, choisinn thu do bhràthair. Ach mur éisd e riut, thoir leat aon no dithis eile, a chum gu 'm bi gach ni air a dheanamh seasmhach am beul dithis no triùir a dh' fhianuisean. Agus ma dhiùltas e iadsan éisdeachd, innis do 'n eaglais e : agus ma dhiùltas e an eaglais éisdeachd, biodh e dhut mar an Geintileach agus

an cìs-mhaor. Gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, Ge b' e air bith nithean a cheanglas sibhse air an talamh bidh iad ceangailte air nèamh; agus ge b' e air bith nithean a dh' fhuasglas sibhse air an talamh, bidh iad fuasgailte air nèamh. A rithist tha mi ag ràdh ribh, Ma chòirdeas dithis dhibh air thalamh mu thimchioll ni sam bith a dh' iarras iad, nithear dhaibh e le m' Athair-sa 'ta air nèamh. Oir far am bheil dithis no trìuir air an cruinneachadh an ceann a chéile ann am' ainm-sa, tha mise an sin 'nam meadhon.

An sin thàinig Peadair, agus thuirt e ris, A Thighearna, cia minic a pheacaicheas mo bhràthair a' m' aghaidh, agus a mhathas mi dha? an ann gus an seachdamh uair? Thuirt Iosa ris, Cha 'n abair mi riut gus an seachdamh uair, ach gu deich agus tri fichead seachd uairean. Air an aobhar sin is cosmhuil rìoghachd nèimh ri rìgh àraidh le 'm b' àill cunntas a dheanamh ri 'sheirbhisich. Agus an uair a thòisich e air cunntas a dheanamh, thugadh aon d' a ionnsuidh air an robh deich mìle tàlann aige. Ach do bhrìgh nach robh ni aige leis am pàigheadh e, dh' àithn a thighearna e fhéin, agus a bhean, agus a chlann, agus na h-uile nithean a bh' aige bhith air an reic, agus pàigheadh a dheanamh. Air an aobhar sin thuit an seirbhiseach sin sìos, agus rinn e aoradh dha, ag ràdh, A Thighearna, dean foighidinn rium, agus pàighidh mi dhut an t-iomlan. Agus air do thighearna an t-seirbhisich sin truas mòr a ghabhail dheth, leig e a chead dha, agus mhath e na fiachan dha. Ach chaidh an seirbhiseach sin a mach, agus fhuair e aon de 'chomh-sheirbhisich air an robh ceud peighinn aige: agus chuir e làmh ann, agus rug e air sgòrnan air, ag ràdh, Ioc dhomh na th' agam ort. Agus

thuit a chomh-sheirbhiseach sìos aig a chasan, agus ghuidh e air, ag ràdh, Dean foighidinn rium, agus ìocaidh mi dhut an t-iomlan. Agus cha b' àill leisan sin: ach chaidh e agus thilg e ann am prìosan e gus an ìocadh e na fiachan. Agus an uair a chunnaic a chomh-sheirbhisich na nithean a rinneadh, bha iad anabarrach doilich, agus thàinig iad agus dh'innis iad d' an tighearna gach ni a rinneadh. An sin ghairm a thighearna d' a ionnsuidh e, agus thuirt e ris, A sheirbhisich aingidh, mhath mi dhut na fiachan ud uile, do bhrìgh gu 'n do ghuidh thu orm: nach bu chòir dhutsa mar an ceudna tròcair a dheanamh air do chomh-sheirbhiseach fhéin amhuil mar a rinn mise tròcair ortsa? Agus bha fearg air a thighearna, agus thug e do' n luchd-pìanaidh e gus an ìocadh e na fiachan uile dha. Mar sin mar an ceudna ni m' Athair nèambaidh ribhse, mur math gach aon dhibh o bhur, cridheachan a chionta d' a bhràthair.

Thugaibh an aire dhuibh fhéin: ma pheacaicheas do bhràthair a' d' aghaidh cronuich e; agus ma ghabhas e aithreachas, thoir mathanas dha. Agus ma pheacaicheas e a' d' aghaidh seachd uairean 'san latha, agus gu 'n till e riut seachd uairean 'san latha, ag ràdh, Tha aithreachas orm; bheir thu mathanas dha.

Agus an déigh nan nithean so, dh' imich Iosa ann an Galile: oir cha b' àill leis imeachd ann an Iudea, a chionn gu robh na h-Iudhaich ag iarraidh a mbarbhadh. A nis bha féill nan Iudhach, eadhon féill nam pàilliu, am fagusg. Air an aobhar sin thuirt a bhràithrean ris, Imich á so, agus rach a dh' Iudea, a chum gu faic do dheisciobuil mar an ceudna d' oibre a tha thu 'deanamh. Oir cha dean neach sam bith aon ni ann am falach a

dh' iarras e fhéin a bhith ann am follais. Ma tha thu 'deanamh nan nithean so nochd thu fhéin do 'n t-saoghal. Oir cha do chreid eadhon a bhràithrean fhéin ann. Air an aobhar sin thuirt Iosa riutha, Cha d' thàinig m' àm-sa fhathast; ach tha bhur n-àm-sa 'ghnàth deas. Cha' n' eil e 'n comas do 'n t-saoghal sibhse 'fhuathachadh; ach fuathaichidh e mise, do bhrìgh gu bheil mi 'toirt fianuis m' a thimchioll gu bheil 'oibre olc. Rachaibhse suas a chum na féille so: cha téid mise suas fhathast a chum na féille so; do bhrìgh nach 'eil m' àm fhathast air a choimh-lionadh. Agus air dha na nithean so a ràdh riutha, dh' fhan e ann an Gaille.

Agus thachair an uair a bha na làithean dlùth air làimh anns am biodh e air a ghabhail suas, gu 'n do shuidhich e 'ghnùis a chum a dhol gu Ierusalem, agus chuir e teachd-airean roimh 'ghnùis: agus dh' imich iad, agus chaidh iad a steach do bhaile leis na Samaritanich a dh' ullachadh air a shonsan. Agus cha do ghabh iadsan ris, a chionn gu robh 'aghaidh mar gu 'm biodh e 'dol gu Ierusalem. Agus an uair a chunnaic a dheisciobuil, Seumas agus Eoin so, thuirt iad, A Thighearna, an àill leat gu 'n òrduich-eamaid teine a thighinn a nuas o nèamh agus an losgadh, eadhon mar a rinn Elias! Ach thionndaidh esan, agus chronuich e iad, agus thuirt e, Cha 'n 'eil fhios agaibh ciod a ghnè spioraid dé 'm bheil sibh; oir cha d' thàinig Mac an duine a sgrios anaman dhaoine, ach g' an saoradh. Agus chaidh iad baile uile.

Agus thachair an uair a bha iad ag imeachd air an t-slighe gu 'n dubhairt sgrìobhaiche àraidh ris, A Thighearna, leanaidh mise thu ge b' e air bith àit' an téid thu. Agus thuirt Iosa ris Tha tuill aig na sionnaich, agus nid aig

eunlaith an adhair ; ach cha 'n 'eil àit' aig Mac an duine anns an cuir e a cheann fodha.

Agus thuirt e ri duine eile, Lean mise. Ach thuirt esan, A Thighearna, leig dhomh an toiseach a dhol agus m' athair adhlachadh. Ach thuirt Iosa ris, Leig leis na mairbh am mairbh fhéin adhlachadh ; ach imich thusa agus searmonaich rìoghachd Dhé.

Agus thuirt fear eile mar an ceudna, Leanaidh mise thu, A Thighearna ; ach leig dhomh an toiseach mo chead a ghabhail dhiubhsan a tha aig mo thaigh. Ach thuirt Iosa ris, Cha 'n 'eil neach sam bith a chuireas a làmh ris a' chrann-treabhaidh, agus a sheallas 'na dhéigh, iomchuidh air son rìoghachd Dhé.

Ach an uair a chaidh a bhràithrean suas a dh' ionnsuidh na féille, an sin chaidh esan suas mar an ceudna, cha b' ann am follais, ach mar gu 'm b' ann an uaigneas. Air an aobhar sin dh' iarr na h-Iudhaich air an fhéill e, agus thuirt iad, C' àit' am bheil e ? Agus bha monbhur mòr ann am measg an t-sluaigh m' a thimchioll : thuirt cuid, Is duine math e ; thuirt cuid eile, Cha 'n eadh, ach tha e 'cur an t-sluaigh air seachran. Gidheadh cha do labhair neach sam bith gu follaiseach uime air eagal nan Iudhach.

Ach an uair a bha e nis mu mheadhon na féille chaidh Iosa suas do 'n teampull, agus theagaisg e. Air an aobhar sin ghabh na h-Iudhaich iongantas, ag ràdh, Cionnus is aithne do 'n duine so litrichean, agus nach d' fhòghluim e riamh ? Air an aobhar sin fhreagair Iosa agus thuirt e, Cha leam fhéin mo theagasg, ach leisan a chuir uaithe mi. Ma 's àill le neach sam bith a thoil-san a dheanamh, bidh fios aige mu 'n teagasg, an ann o Dhia a tha e, nó am bheil mise a' labhairt uam fhéin. Esan a

labhras uaithe fhéin, tha e ag iarraidh a ghlòire fhéin : ach esan a dh' iarras glòir an tì a chuir uaithe e, tha neach sin firinneach, agus cha 'n 'eil eucoir sam bith ann. Nach d' thug Maois dhuibh an lagh, agus cha 'n 'eil aon neach dhibh a' coimhlionadh an lagha? C' ar son a tha sibh ag iarraidh mise 'mharbhadh? Fhreagair an sluagh agus thuirt iad, Tha deamhan agad: cò 'tha 'g iarraidh do mharbhadh? Fhreagair Iosa agus thuirt e riutha, Rinn mise aon obair, agus air an aobhar sin tha iongantas oirbh uile. Thug Maois dhuibh an timchioll-ghearradh (cha 'n e gur ann o Mhaois a tha e, ach o na h-aithrichean); agus timchioll-ghearradh sibhse duine air an t-sàbaid. Ma tha duine air an t-sàbaid a' gabhail an timchioll-ghearradh, a chum nach bi lagh Mhaois air a bhristeadh; am bheil fearg oirbh riumsa, a chionn gu 'n d' rinn mi duine uile slàn air an t-sàbaid? Na tugaibh breith a réir coslais, ach thugaibh breith cheart.

Air an aobhar sin thuirt cuid de mhuinntir Ierusalem, Nach e so esan a tha iad ag iarraidh a mharbhadh? Agus feuch, tha e 'labhairt gu follaiseach, agus cha 'n 'eil iad ag ràdh ni sam bith ris. Am bheil dearbh-fhios aig na h-uachdarain gur e so da rìreadh Crìosd? Gidheadh is aithne duinn an dhuine so cia às dha: ach an uair a thig Crìosd, cha 'n aithne do neach sam bith cia às dha. Air an aobhar sin ghlaodh Iosa anns an teampull, agus e 'teagasg, ag ràdh, Is aithne dhuibh araon mise, agus cia às dhomh; agus cha d' thàinig mi uam fhéin, ach tha esan a chuir uaithe mi fìor, neach air nach 'eil eòlas agaibhse. Ach tha eòlas agamsa air; oir is ann uaithe tha mi, agus chuir esan uaithe mi. Air an aobhar sin dh' iarr iad a ghlacadh: agus cha do chuir neach sam bith làmh ann a

chionn nach robh 'uair-san fhathast air tighinn. Ach chreid mòran de'n t-sluagh ann; agus thuirt iad, An uair a thig Criosd, an dean e ni's mò de mhìorbhuilean na iad sin a rinn an duine so? Chuala na Phairisich an sluagh a' monbhur nan nithean so m'a thimchioll; agus chuir na h-àrd-shagairt maoir g'a ghlacadh. Air an aobhar sin thuirt Iosa, Fhathast tamull beag tha mise maille ribh, agus tha mi 'dol a chum an tì a chuir uaithe mi. Iarraidh sibh mi, agus cha'n fhaigh sibh mi: agus far am bheil mi cha'n urrainn sibhse tighinn. Air an aobhar sin thuirt na h-Iudhaich eatorra fhéin, C' àit an téid am fear so nach fhaigh sinn e? an téid e chum na muinntir a th' air an sgapadh am measg nan Greugach, agus an teagaisg e na Greugaich? Ciod i a' chainnt so a thubhairt e, Iarraidh sibh mi, agus far am bheil mi, cha'n urrainn sibhse tighinn?

A nis air an latha dheireannach, latha mòr na féille, sheas Iosa agus ghlaodh e, ag ràdh, Ma tha tart air neach sam bith, thigeadh e a' m' ionnsuidh-sa, agus òladh e. An tì a tha 'creidsinn annam-sa, mar a tha an sgrìobtur ag ràdh, sruthaidh às a bhroinn aimhnichean a dh' uisge beò. Ach labhair e so mu 'n Spiorad, a bha iadsan a chreideadh annsan gu fhaotainn: oir cha robh an Spiorad fhathast air a thabhairt, do bhrìgh nach robh Iosa fhathast air a ghlòrachadh. Uime sin an uair a chuala cuid de'n t-sluagh a' chainnt so, thuirt iad, Gu fìrinneach is e so am fàidh. Thuirt cuid eile, Is e so Criosd. Ach thuirt cuid eile, An ann o Ghalile a thig Criosd? Nach dubhairt an Sgrìobtur gu'n tig Criosd de shìol Dhaibhidh, agus á Betlehem, am baile'san robh Daibhidh? Air an aobhar sin dh' éirich eas-aonachd am measg an t-sluaigh air a

shon-san. Agus b' àill le cuid dhiùbh a ghlacadh ; ach cha do chuir duine sam bith làmh ann.

An sin thàinig na maoir a chum nan àrd-shagart agus nam Phairiseach ; agus thuirt iadsan riutha, C'ar son nach d' thug sibh leibh e ? Fhreagair na maoir, Cha do labhair duine riamh mar an duine so. Air an aobhar sin fhreagair na Phairisich iad, Am bheil sibhse mar an ceudna air bhur mealladh ? An do chreid aon air bith de na h-uchdarain ann, no de na Phairisich ? Ach an sluagh so aig nach 'eil eòlas an lagha, tha iad mollaichte. Thuirt Nicodemus riutha (esan a thàinig d' a ionnsuidh 'san oidhche, air dha bhith 'na aon dhiubh) Am bheil ar lagh-ne 'toirt breith air duine, gus an cluinn e uai the fhéin an toiseach, agus gus am bi fhios aige ciod a tha e 'deanamh ? Fhreagair iadsan agus thuirt iad ris, Am bheil thusa mar an ceudna o Ghalile ? Rannsaich agus faic : oir á Galile cha d' éirich fàidh



CAIB. XXIV.

A' bhean a ghlacadh ann an adhaltrannas—Dh' innis Iosa gu'm b' e fhéin solus an t-saoghail—Fhreagair e na h-Iudhaich a bha 'deanamh uaill á Abraham.

Agus dh'imich gach aon d' a thaigh fhéin : ach chaidh Iosa chum sliabh nan crann-oladh. Agus gu moch 's a' mhaduinn thàinig e rithist do 'n teampull, agus thàinig an sluagh uile d' a ionnsuidh ; agus shuidh e sìos,

agus theagaisg e iad. Agus thug na sgrìobhaichean agus na Phairisich bean d'a ionnsuidh a ghlacadh ann an adhaltrannas; agus air dhaibh a cur anns a'mheadhon, thuirt iad ris, A Mhaighstir, ghlacadh a'bhean so a'deanamh adhaltrannais, anns an dearbh ghnìomh. A nis dh'àithn Maois dhuinn anns an lagh an leithidean so a chlachadh: ciod ma ta a tha thusa ag ràdh mu'timchioll? Thuirt iad so'ga dhearbhadh, a chum gu'm biodh cùis-chasaid aca'na aghaidh. Ach chrom Iosa sìos, agus sgrìobh e le'mheur air an làr, mar nach biodh e'gan cluinntinn. Ach an uair a bhunaich iad air feòraich dheth, thog e suas e fhéin agus thuirt e riutha, An neach dhibhse a tha gun pheacadh, tilgeadh e a'cheud chlach oirre. Agus chrom e sìos a rithist, agus sgrìobh le'mheur air an làr. Agus an uair a chual' iadsan so, air dhaibh a bhith air an agairt le'n cogais, chaidh iad a mach an déigh a chéile, a'tòiseachadh aig an dream bu shine gus an dream mu dheireadh: agus dh'fhàgadh Iosa'na aonar, agus a bhean'na seasamh's a'mheadhon. Agus an uair a thog Iosa suas e-fhéin, agus nach fhac e aon sam bith ach a'bhean, thuirt e rithe, A bhean, c'ait' am bheil iad sud do luchd-casaid? an do dhìt duine sam bith thu? Agus thuirt ise, Cha do dhìt aon duine, A Thighearna. Agus thuirt Iosa rithe, Cha mhò a tha mise'ga d' dhiteadh: imich romhad; agus na peacaich ni's mò.

An sin labhair Iosa riutha rithist, ag radh, Is mise solus an t-saoghail: an tì a leanas mise cha siubhail e anns an dorchadas, ach bidh solus na beatha aige. Uime sin thuirt na Phairisich ris, Tha thu'toirt fianuis mu d'thimchioll fhéin; cha'n'eil d'fhianuis fìor.

Fhreagair Iosa, agus thuirt e riutha, Ged tha mi 'toirt fianuis mu m' thimchioll fhéin, gidheadh tha m' fhianuis fìor; oir tha fhios agam cia ás a thàinig mi, agus c' àit' am bheil mi 'dol; ach cha 'n 'eil fhios agaibhse cia ás a thàinig mi, no c' àit' am bheil mi 'dol. Tha sibhse 'toirt breith a réir na feòla; cha 'n 'eil mise a' toirt breith air duine sam bith. Agus gidheadh ma bheir mise breith, tha mo bhreith fìrinneach; oir cha 'n 'eil mi 'nam' aonar, ach mise agus an t-Athair a chuir uaithe mi. Agus tha e sgrìobhte ann bhur lagh fhéin, gu bheil fianuis dithis dhaoine fìor. Is aon mise a tha 'deanamh fianuis mu m' thimchioll fhéin, agus tha an t-Athair a chuir uaithe mi a' deanamh fianuis mu m' thimchioll. Air an aobhar sin thuirt iad ris, C' àit am bheil d' Athair? Fhreagair Iosa, Cha 'n aithne dhuibhse aon chuid mise no m' Athair: nam biodh eòlas agaibh ormsa, bhiodh eòlas agaibh air m' Athair mar an ceudna. Labhair Iosa na briathran so ann an taigh-coimhead an ionmhais, an uair a bha e a' teagasg anns an teampull: agus cha do chuir duine sam bith làmh ann; oir cha robh 'uair fhathast air tighinn.

Air an aobhar sin thuirt e riutha rithist, Tha mise a' falbh, agus iarraidh sibh mi, agus bàsaichidh sibh ann bhur peacadh: cha 'n urrainn sibhse tighinn do 'n ait' am bheil mise a' dol. Air an aobhar sin thuirt na h-Iudhaich, Am marbh e e-fhéin? do bhrìgh gu bheil e ag radh, Far am bheil mise a' dol cha 'n urrainn sibhse tighinn. Agus thuirt e riutha, Tha sibhse o shìos; the mise o shuas; tha sibhse de 'n t-saoghal so; cha 'n 'eil mise de 'n t-saoghal so. Uime sin thuirt mi ribh, Gu'm bàsaich sibh ann bhur peacaidhean: oir mur creid sibh gur

mise e, gheibh sibh bàs ann bhur peacaidhean. Air an aobhar sin thuirt iad ris, Cò thusa? Agus thuirt Iosa riutha, An neach sin fhéin a thuirt mi ribh o thùs. Tha mòran agam ri ràdh agus ri bhreithneachadh mu'r timchioll-sa: ach tha an Tì a chuir uaithe mi fìrinneach; agus tha mise a' labhairt ris an t-saoghal na nithean a chuala mi uaithean. Cha do thuig iad gu'm b' ann mu thimchioll an Athar a labhair e riutha. Uime sin thuirt Iosa riutha, An uair a thogas sibh suas Mac an duine, an sin bidh fios agaibh gur mise e, agus nach 'eil mi 'deanamh ni sam bith uam fhéin, ach mar a theagaisg m' Athair mi, gu bheil mi 'labhairt nan nithean so. Agus tha 'n Tì a chuir uaithe mi maille rium: cha d'fhàg an t-Athair a' m'aonar mi: oir tha mi do ghnàth a' deanamh nan nithean sin a's taitneach leis. An uair a bha e 'labhairt nan nithean so, chreid mòran ann.

Uime sin thuirt Iosa ris na h-Iudhaich a chreid ann, Ma dh'fhanas sibh ann am fhacal-sa, is sibh da rìreadh mo dheisciobuil-sa; agus bidh eòlas agaibh air an fhìrinn, agus ni an fhìrinn saor sibh. Fhreagair iad e, Is sinne sliochd Abrahaim, agus cha robh sinn riamh fhathast fo dhaorsa aig duine sam bith: cionnus a tha thusa ag ràdh, Nithear saor sibh? Fhreagair Iosa iad, Gu deimhin, deimhin tha mi ag ràdh ribh, A h-uile neach a tha 'deanamh peacaidh is seirbhiseach do 'n pheacadh e. Agus cha 'n fhan an seirbhiseach anns an taigh gu bràth: ach fanaidh am mac gu bràth. Uime sin ma ni am Mac saor sibh, bidh sibh saor da rìreadh. Tha fhios agam gur sibh sliochd Abrahaim; ach tha sibh ag iarraidh mise a mharbhadh, do bhrìgh nach 'eil àit' aig m'fhacal annaibh. Tha mise a' labhairt nan nithean a chunnaic mi aig m' Athair; agus

tha sibhse mar an ceudna a' deanamh an nì a chunnaic sibh aig bhur n-athair fhéin. Fhreagair iadsan agus thuirt iad ris, Is e Abraham ar n-athair-ne. Thuirt Iosa riutha, Nam bu chlann do Abraham sibh, dheanadh sibh oibre Abraham. Ach a nis tha sibh ag iarraidh mise a mharbhadh, duine a dh'innis dhuibh an fhìrinn, a chuala mi o Dhia: cha d'rinn Abraham so. Tha sibhse a' deanamh oibre bhur n-Athar fhéin. Uime sin thuirt iad ris, Cha d'rugadh sinne an striopachas: tha aon Athair againn, eadhon, Dia. Thuirt Iosa riutha, Nam b'e Dia bhur n-Athair, ghràdhaicheadh sibh mise: oir chaidh mise a mach, agus thàinig mi o Dhia; oir cha d'thàinig mi uam fhéin, ach chuir esan uaithe mi. C'ar son nach'eil sibh a' tuigsinn mo chòmhradh? Eadhon a chionn nach urrainn sibh éisdeachd ri m'fhacal. Tha sibhse o bhur n-athair an diabhl, agus is iad anamiannan bhur n-athar a's toil leibh a dheanamh. Bha esan 'na mhortair o thùs, agus cha do sheas e anns an fhìrinn a chionn nach'eil an fhìrinn ann. An uair a labhras e breug, is ann uaithe fhéin a tha e'labhairt: oir is breugaire e, agus is e athair na bréige. Ach a chionn gu bheil mise ag innseadh na fìrinn, cha'n'eil sibh 'gam chreidsinn. Cò an neach dhibhse a chuireas peacadh as mo leith-sa? Agus ma tha mi ag innseadh na fìrinn, c'ar son nach'eil sibh 'gam chreidsinn? An tì a tha o Dhia éisdidh e ri briathran Dhe: air an aobhar sin cha'n'eil sibhse 'gan éisdeachd, a chionn nach ann o Dhia a tha sibh. An sin fhreagair na h-Iudhaich agus thuirt iad ris, Nach math a thuirt sinn gur Samaritanach thu, agus gu bheil deamhan agad? Fhreagair Iosa, cha'n'eil deamhan agam; ach tha mi'toirt urraim do

m' Athair, agus tha sibhse 'toirt eas-urraim dhomhsa. Ach cha'n'eil mi ag iarraidh mo ghlòire fhéin: tha neach a tha 'g iarraidh agus a' toirt breith. Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, Ma choimhideas neach m'fhacal-sa, cha'n fhaic e bàs am feasd. An sin thuirt na h-Iudhaich ris, A nis tha fhios againn gu bheil deamhan agad. Fhuair Abraham bàs, agus na fàidhean; agus tha thusa ag ràdh, Ma choimhideas duine m'fhacal-sa, cha bhlais e bàs am feasd. Am mò thusa na ar n-athair Abraham, a fhuair bàs? agus fhuair na fàidhean bàs: cò a tha thu 'deanamh dhiot fhéin? Fhreagair Iosa, Ma tha mi 'toirt glòire dhomh fhéin, cha'n'eil a' m'ghlòir ach neoni: is e m' Athair a tha 'toirt glòire dhomh, neach a tha sibhse ag ràdh gur e bhur Dia e; agus cha'n'eil eòlas agaibh air: ach tha eòlas agamsa air; agus nan abrainn, Nach aithne dhomh e, bhithinn, cosmhuil ribhse, a' m'bhreugaire: ach is aithne dhomh e, agus tha mi 'coimhead 'fhacail. Bha aoibhneas mòr air Abraham bhur n-athair-sa ri mo latha-sa 'fhaicinn; agus chunnaic e e, agus rinn e gàirdeachas. Air an aobhar sin thuirt na h-Iudhaich ris, Cha'n'eil thu fhathast leith-cheud bliadhna dh'aois, agus am faca tu Abraham? Thuirt Iosa riutha, Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, Mu'n robh Abraham ann, *THA MISE*. Air an aobhar sin thog iad clachan a chum an tilgeadh air: ach dh'fhalaich Iosa e fhéin, agus chaidh e mach às an teampull, a' dol troimh am meadhon, agus mar sin chaidh e seachad.

CAIB. XXV.

Thug Iosa fradharc do'n duine a rugadh dall—Rinn na Phairisich connsachadh ris an duine so, agus thilg iad a mach e—Theagaisg Iosa gur e fhéin dorus nan caorach, agus am buachaille math.

Agus an uair a ghabh Iosa seachad, chunnaic e duine a bha dall o rugadh e. Agus dh'fheòraich a dheisciobuil dheth, ag ràdh, A mhaighstir, cò a pheacaich, an duine so, no a phàrantan, gu'n d'rugadh dall e? Fhreagair Iosa, Cha do pheacaich aon chuid an duine so, no a phàrantan: ach a chum gu foillsichteadh oibre Dhé ann. Is eiginn dhomhsa oibre an Ti a chuir uaihe mi a dheanamh, am feadh is latha e: tha'n oidhche 'tighinn, an uair nach urrainn aon duine obair a dheanamh. An uair a tha mise anns an t-saoghal, is mi solus an t-saoghail. An uair a thubhairt e na nithean so chuir e seile air an talamh, agus rinn e criadh de'n t-seile, agus sgaoil e a' chriadh air sùilean an doill, agus thuirt e ris, Imich, ionnlaid ann an lochan Shiloaim, (is e sin air eadar-theangachadh, Air a chur). Uime sin dh'imich e, agus dh'ionnlaid e, agus thàinig e a' faicinn. Uime sin thuirt na coimhearsnaich, agus iadsan a chunnaic dall e roimhe sin, Nach e so esan a bha'na shuidhe ag iarraidh na déirce? Thuirt cuid, Is e so e: thuirt cuid eile, Cha'n e, ach tha e cosmhuil ris. Thuirt e fhéin, Is mise e. Air an aobhar sin thuirt iad ris, Cionnus ma ta a dh'fhosgladh do shùilean? Fhreagair esan agus thuirt e, Rinn an duine do'n ainm Iosa criadh, agus sgaoil e

air mo shùilean i, agus thuirt e rium, Imich gu lechan Shiloaim, agus ionnlaid : agus dh'imich mi agus dh'ionnlaid mi, agus fhuair mi mo fhradharc. Agus thuirt iad ris, C'ait am bheil e? Thuirt esan, Cha'n aithne dhomh.

Thug iad a chum nam Phairiseach esan a bha roimhe sin dall. A nis b'i an t-sàbaid a bh'ann air an latha 'san d'rinn Iosa a'chriadh, agus a dh'fhosgail e a shùilean. Uime sin dh'fheòraich na Phairisich a rithist dheth mar an ceudna, cionnus a fhuair e a fhradharc. Agus thuirt esan riutha, Chuir e criadh air mo shùilean, agus dh'ionnlaid mi, agus tha mi a' faicinn. Uime sin thuirt cuid de na Phairisich, Cha'n'eil an duine so o Dhia do bhrìgh nach'eil e'gleidheadh na sàbaid. Ach thuirt cuid eile, Cionnus a dh'fhaodas 'duine a tha 'na pheacach an leithidean so de mhiorbhuilean a dheanamh? Agus bha eas-aonachd 'nam measg. Air an aobhar sin thuirt iad a rithist ris an duine dhall, Ciod a tha thusa ag ràdh uime a thaobh gu'n d'fhosgail e do shùilean? Agus thuirt esan, Is fàidh e. Ach cha do chreid na h-Iudhaich mu 'thimchioll, gu robh e dall, agus gu'n d'fhuair e a fhradharc, gus an do ghairm iad pàrantan an tì a fhuair a fhradharc, agus an d'fhiosraich iad dhiubh, ag ràdh, An e so bhur mac-sa, a tha sibh ag ràdh a rugadh dall? Cionnus ma ta tha e nis a' faicinn? Fhreagair a phàrantan agus thubhairt iad, Tha fhios againn gur e so ar mac-ne, agus gu'n d'rugadh dall e : ach cionnus a tha e nis a' faicinn, cha'n'eil fhios againn ; no cò a dh'fhosgail a shùilean, cha'n'eil fhios againn : tha e fhéin air tighinn gu aois ; feòraichibh dheth ; labhraidh e air a shon fhéin. Thuirt a phàrantan na briathran so, a chionn

gu robh eagal nan Iudhach orra: oir shuidhich na h-Iudh-aich cheana eatorra fhéin, nan aidicheadh duine sam bith gu'm b' esan Criosd gu rachadh a chur a mach ás an t-sion-agog. Air an aobhar sin thuirt a phàrantan, Tha e air tighinn gu aois; feòraichibh dheth fhéin. Uime sin ghairm iad an dara uair an duine a bha dall, agus thuirt iad ris, Thoir glòir do Dhia: tha fhios againne gu bheil an duine so 'na pheacach. An sin fhreagair esan agus thuirt e, Am peacach e cha 'n aithne dhomh: air aon ni tha fhios agam, air dhomh a bhith dall gu bheil mi nis a' faicinn. Ach thuirt iad ris a rithist, Ciod a rinn e dhut? cionnus a dh'fhosgail e do shùilean? Fhreagair e iad, dh'innis mi dhuibh cheana, agus cha d'éisid sibh: c'ar son a b' àill leibh a chluinntinn a rithist? am bheil a mhiann oirbhse bhith 'n'ur deisciobuil aige mar an ceudna? Agus chàin iad e, agus thuirt iad, Is tusa 'dheisciobul; ach is sinne deisciobuil Mhaois. Tha fhios againn gu'n do labhair Dia ri Maois: ach mu thimchioll an fhir so, cha 'n 'eil fhios againn cia ás dha. Fhreagair an duine agus thuirt e riutha, An so tha ni iongantach, nach 'eil fhios agaibh cia ás dha, agus gu 'n d'fhosgail e mo shùilean. Ach tha fhios againne nach éisd Dia ri peacaich: ach ma tha duine sam bith 'na fhear-aoraidh do Dhia, agus a' deanamh a thoile, risan éisdidh e. O thoiseach an t-saoghail cha chualas gu 'n d'fhosgail aon neach sùilean duine a rugadh dall. Mur bitheadh an duine so o Dhia, cha b' urrainn e ni sam bith a dheanamh. Fhreagair iadsan agus thuirt iad ris, Rugadh thusa uile gu léir ann am peacadh, agus am bheil thu 'g ar teagasg-ne? Agus thilg iad a mach e.

Chual' Iosa gu 'n do thilg iad a mach e; agus air dha

'fhaotainn, thuirt e ris, Am bheil thu 'creidsinn ann am Mac Dhé? Fhreagair esan agus thuirt e, Cò e, a Thighearna, a chum gu 'n creid mi ann? Agus thuirt Iosa ris, Chunnaic thu araon e, agus an tì a tha 'labhairt riut is esan e. Agus thuirt esan, Tha mi a' creidsinn, a Thighearna. Agus rinn e aoradh dha. Agus thuirt Iosa, Is ann a chum breitheanais a thàinig mise a chum an t-saoghail so, a chum gu faiceadh iadsan nach 'eil a' faicinn, agus gu 'm biodh iadsan a tha 'faicinn air an deanamh dall. Agus chuala na Phàirisich a bha maille ris na nithean so; agus thuirt iad ris, Am bheil sinne dall mar an ceudna? Thuirt Iosa riutha, Nam biodh sibh dall cha bhiodh peacadh agaibh: ach a nis tha sibh ag ràdh, Is léir dhuinn: uime sin tha bhur peacadh a' fantuinn.

Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, An tì nach téid a steach troimh an dorus do chrò nan caorach, ach a théid suas air sheòl eile, is gaduiche agus fear-reubainn esan. Ach an tì a théid a steach troimh an dorus is esan buachaille nan caorach. Dhasan fosglaidh an dorsair; agus éisdidh na caoraich ri' ghuth: agus gairmidh e a chaoraich fhéin air an ainm, agus treòraichidh e mach iad. Agus an uair a chuireas e mach a chaoraich fhéin, imichidh e rompa, agus leanaidh na caoraich e: oir is aithne dhaibh a ghuth. Agus cha lean iad coigreach, ach teichidh iad uaithe: do bhrìgh nach aithne dhaibh guth choigreach. Labhair Iosa a' chosamhlachd so riutha: ach cha do thuig iadsan ciod iad na nithean a labhair e riutha.

An sin thuirt Iosa riutha 'rithist, Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, gur mise dorus nan caorach. Iadsan uile a thàinig romhamsa is gaduichean agus luchd-reubainn iad: ach cha d' éisd na caoraich riutha. Is mise an

dorus : ma théid neach sam bith a steach tromhamsa, tèarnar e, agus théid e steach agus a mach, agus gheibh e ionaltradh. Cha tig an gaduiche ach a ghoid, agus a mharbhadh, agus a mhilleadh : thàinig mise chum gu 'm biodh beatha aca, agus gu 'm biodh i aca ni 's pailte. Is mise am buachaille math : leigidh am buachaille math 'anam sìos air son nan caorach. Ach am fear-tuarasdail, agus an tì nach e am buachaille, agus nach leis fhéin na caoraich, chi am madadh-alluidh a' tighinn, agus fàgaidh e na caoraich agus teichidh e, agus glacadh am madadh-alluidh iad, agus sgapaidh e na caoraich. Ach teichidh am fear-tuarasdail a chionn gur fear-tuarasdail e, agus nach 'eil suim aige de na caoraich. Is mise am buachaille math : agus is aithne dhomh mo chaoraich fhéin, agus aithnichear le mo chaoraich fhéin mi, eadhon mar is aithne do 'n Athair mise, agus is aithne dhomhsa an t-Athair ; agus tha mi 'leigeadh m' anama sìos air son nan caorach. Agus tha caoraich eile agam nach 'eil de 'n chrò so : is éiginn dhomh iad sin mar an ceudna a thoirt a steach, agus éisdidh iad ri m' ghuth ; agus bidh aon treud ann agus aon bhuachaille. Air an aobhar sin is ionmhuinn leis an Athair mise air son gu bheil mi 'leigeadh sìos m' anama chum gu 'n glac mi rithist e. Cha 'n 'eil neach sam bith 'g a thoirt uam, ach tha mi 'ga leigeadh sìos uam fhéin : tha cumhachd agam a leigeadh sìos, agus tha cumhachd agam a ghlacadh a rithist. An àithne so fhuair mi o m' Athair.

An sin dh' éirich eas-aonachd a rithist am measg nan Iudhach air son nam briathran so. Agus thuirt mòran dhiubh, Tha deamhan aige, agus tha e air bhoil ; c' ar son a tha sibh ag éisdeachd ris ? Thuirt cuid eile, Cha 'n iad

so briathran duine anns am bheil deamhan. Am bheil deamhan comasach air sùilean nan dall fhosgladh?

CAIB XXVI.

Chuir Iosa mach deich agus trì fichead deisciobul a shearmonachadh—Cosamhlachd an t-Samaritanaich mhath—Chronuich e Marta—Theagaisg e d' a dheisciobuil mar bu chòir dhaibh ùrnuigh a dheanamh.

A nis an déigh nan nithean so, dh'òrduich an Tighearna mar an ceudna deichnear agus trì fichead eile, agus chuir e lion dithis agus dithis roimh a ghnùis iad, do gach baile agus àite, anns an robh e fhéin gu tighinn. Agus thuirt e riutha, Tha am fogharadh mòr, ach tha an luchd-oibre tearc: guidhibhse uime sin air Tighearna an fhogharaidh gu'n cuir e mach luchd-saothrachaidh a chum 'fhogharaidh fhéin. Imichibh: feuch, tha mise 'g'ur cur a mach mar uain ann am measg mhadadh-alluidh. Na giùlainibh sporran, no màlaid, no brògan: agus na beannaichibh do neach sam bith air an t-slighe. Agus ge b'e air bith taigh do 'n téid sibh a steach, abraibh air tùs, Sìth do 'n taigh so. Agus ma bhios mac na sìthe an sin, gabhaidh bhur sìth còmhnuidh air: ach mur bi, tillidh bhur sìth do bhur n-ionnsuidh fhéin a rithist. Agus fanaibh anns an taigh sin, ag itheadh agus ag òl nan nithean a bheirear dhuibh: oir is air-

idh am fear-saothrachaidh air a thuarasdal. Na rachaibh o thaigh gu taigh. Agus ge b e air bith baile do 'n téid sibh a steach, agus 'san gabh iad ribh, ithibh na nithean sin a chuireas iad 'n'ur làthair: agus leighisibh a' mhuinntir a tha euslan ann, agus abraibh riutha, Tha rìoghachd Dhé air tighinn am fagusg dhuibh. Ach ge b' e air bith baile do 'n téid sibh a steach, agus nach gabh iad ribh, air dhuibh a dhol a mach air a shràidean, abraibh, Eadhon duslach bhur baile a lean ruinn, tha sinne 'glanadh dhinn 'n'ur aghaidh-sa: gidheadh, biodh fhios so agaibh gu bheil rìoghachd Dhé air tighinn dlùth dhuibh. Ach tha mise ag ràdh ribh, gur so-iomchaire a bhitheas e do Shodom 'san latha ud na do n' bhaile sin.

An sin thòisich e air achmhasan a thoirt do na bailtean anns am mò a rinneadh de' oibre cumhachdach a chionn nach d' rinn iad aithreachas. Is an-aoibhinn dhut, a Chorasin! is an-aoibhinn dhut a Bhetsaida! oir nam biodh na h-oibre cumhachdach a rinneadh annaibhse air an deanamh ann an Tirus agus ann an Sidon, is fhada o'n a dheanadh iad aithreachas, 'n an suidhe ann an saic-eudach agus ann an luaith. Gidheadh tha mise ag ràdh ribh gu 'm bi staid Thìruis agus Shidoin ni 's so-iomchaire ann an latha 'bhreitheanais na bhios bhur staid-se. Agus thusa, a Chapernaum, am bi thu air do thogail suas gu nèamh? tilgear sìos gu ifrinn thu: oir nam biodh na h-oibre cumhachdach a rinneadh annadsa air an deanamh ann an Sodom, dh' fhanadh e gun a sgrios gus an diugh. Gidheadh tha mise ag ràdh ribh gur so-iomchaire a bhitheas e do fhearann Shodoim ann an latha 'bhreitheanais na dhutsa. Esan a dh' éisdeas ribhse, éisdidh e riumsa: agus esan a dhiùltas sibhse, tha e 'ga mo dhiùltadh-sa:

agus an neach a dhiùltas mise, tha e a' diùltadh an Tì a chuir uaithe mi.

Agus thill an deichnear agus an trà fichead le gàirdeachas, ag ràdh, A Thighearna, tha eadhon na deamhain fhéin fo smachd againne troimh d' ainm-sa. Agus thuirt e riutha, Chunnaic mi Satan, mar dhealanach, air tuiteam o nèamh. Feuch, tha mi 'toirt dhuibh cumhachd saltairt air nathraichean, agus air scorpìoin, agus air uile neart an nàmhaid : agus cha ghoirtich ni sam bith air aon dòigh sibh. Gidheadh na deanaibh gàirdeachas air son gu bheil na spioraid fo bhur smachd; ach deanaibh gàirdeachas air son gu bheil bhur n-ainmean sgrìobhte anns na nèamhan.

Anns an uair sin fhéin rinn Iosa gàirdeachas 'san Spiorad Naomh, agus thuirt e, Tha mi 'toirt buidheachais dhut, O Athair, a Thighearna nèimh agus na talmhainn air son gu 'n d' fhalaich thu na nithean so o dhaoine glìce agus tuigseach, agus gu 'n d' fhoillsich thu iad do naoidh-eanan : seadh, Athair; do bhrìgh gu 'm b' ann mar sin a bha do dheadh thoil-sa. Tha na h-uile nithean air an toirt thairis dhomhsa o m' Athair : agus cha 'n aithne do neach air bith am Mac ach do 'n Athair; ni mò is aithne do neach air bith an t-Athair ach do 'n Mhac, agus do gach aon do 'n àill leis a' Mhac 'fhoillseachadh. Thigibh a' m' ionnsuidh-sa, sibhse uile a tha ri saothair, agus fo throm uallaich, agus bheir mise suaimhneas dhuibh. Gabhaibh mo chuing oirbh, agus fòghlumaibh uam; oir tha mise macanta agus iriosal an cridhe: agus gheibh sibh fois do bhur n-anaman. Oir tha mo chuing-sa so-iomchar, agus tha m' uallach eutrom.

Agus feuch, sheas fear-lagha àraidh suas 'g a bhuaireadh, agus ag ràdh, A Mhaighstir, ciod a ni mi a chum gu

sealbhaich mi a' bheatha mhaireannach? Agus thuirt e ris, Ciod a tha sgrìobhte 'san lagh? cionnus a leughas tu? Agus air dhasan freagairt thuirt e, Gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia le d' uile chridhe, agus le d' uile anam, agus le d' uile neart, agus le d' uile inntinn; agus do choimhearsnach mar thu fhéin. Agus thuirt esan ris, Is ceart a fhreagair thu: deansa so, agus bithidh tu beò. Ach air dhasan toil a bhith aige e fhéin 'fhìreanachadh, thuirt e ri Iosa, Agus cò e mo choimhearsnach? Agus fhreagair Iosa, agus thuirt e, Chaidh duine àraidh sìos o Iersalem gu Iericho: agus thuit e am measg luchd-reubainn, agus an déigh dhaibh a rùsgadh, agus a lotadh, dh' imich iad rompa, air dhaibh esan fhàgail leith-mharbh. Agus thachair gu 'n d' imich sagart àraidh sìos air an t-slighe sin: agus an uair a chunnaic e e, ghabh e seachad air an taobh eile. Agus air a' cheart dhòigh air do Leibhiteach a bhith dlùth do 'n ionad sin, thàinig e agus dh' amhairc e air, agus ghabh e seachad air an taobh eile. Ach air do Shamaritanach àraidh a bhith gabhail an rathaid, thàinig e far an robh esan: agus an uair a chunnaic e e, ghabh e truas mòr dheth, agus thàinig e d' a ionnsuidh, agus cheangail e suas a chreuchdan, a' dòrtadh oladh agus fion' annta; agus chuir e air ainmhidh fhéin e, agus thug e gu taigh-òsda e, agus ghabh e cùram dheth. Agus a là-airna-mhàireach an uair a bha e 'falbh thug e mach dà pheighinn Romhanach, agus thug e do fhear an taigh-òsda iad, agus thuirt e ris, Gabh cùram dheth; agus ge b' e ni tuilleadh a chaitheas tu, an uair a thilleas mise air m' ais pàidhidh mi dhut e. Cò a nis de 'n triùir a shaoileas tu bu choimhearsnach dhasan a thuit am measg an luchd-reubainn? Agus thuirt esan, An tì a rinn tròcair air.

Agus thuirt Iosa ris, imich thusa, agus dean mar an ceudna.

Agus ag imeachd dhaibh chaidh e steach do bhaile àraidh: agus ghabh bean àraidh do 'm b' ainm Marta d' a taigh fhéin e. Agus bha piuthar aice de 'n goirte Muire, a shuidh aig casan Iosa, agus a bha 'g éisdeachd 'fhacail. Ach bha Muire làn de dhragh-inntinn mu thimchioll mòran frithealaidh; agus thàinig i far an robh e, agus thuirt i, A Thighearna, nach 'eil sùim agad gu 'n d' fhàg mo phiuthar mise 'n am aonar? uime sin abair rithe cuid-eachadh leam. Ach fhreagair Iosa agus thuirt e rithe, A Mharta, a Mharta, tha thusa làn cùraim agus dragha mu thimchioll mòran de nithean; ach tha aon ni feumail: agus rinn Muire roghainn de 'n chuid mhath sin nach toirear uaipe.

Agus thachair air dha bhith ann an ionad àraidh ri ùrnuigh, an uair a sguir e, gu 'n dubhairt neach àraidh de 'dheisciobuil ris, A Thighearna, teagaisg dhuinne ùrnuigh a dheanamh mar a 'theagaisg Eoin d' a dheisciobuil fhéin. Agus thuirt e riutha, An uair a ni sibh ùrnuigh abraibh, Ar n-Athair a ta air nèamh. Gu naomhaichear d' ainm. Thigeadh do rìoghachd. Deanar do thoil, mar air nèamh, gu ma h-àmhluidh sin air thalamh. Thoir dhuinn o latha gu latha ar n-aran làthail. Agus math dhuinn ar peacaidhean, oir tha sinne fhéin a mathadh do gach aon air am bheil fiachan againn. Agus na leig ann am buaireadh sinn, ach saor sinn o 'n olc.

Agus thuirt e riutha, Cò agaibhse aig am bi caraid, agus a théid d' a ionnsuidh air a mheadhon-oidhche, agus a their ris, A charaid, thoir dhomh trì buillionnan an iasad; oir thàinig caraid dhomh a' m' ionnsuidh bhar a thuruis, agus cha 'n 'eil ni agam a chuireas mi 'na làthair;

agus gu freagair esan o 'n taobh a staigh, agus gu 'n abair e, Na cuir dragh orm : tha 'n dorus a nis air a dhùnadh, agus tha mo chlann maille rium 'san leabaidh : cha 'n urrainn mi éirigh agus an toirt dhut? Tha mi ag ràdh ribh, Ged nach éirich e agus nach toir e dha, a chionn gur e a charaid e, gidheadh air son gu bheil e sìor-iarraidh, éirigh e agus bheir e dha a' mheud 's air am bheil feum aige. Agus tha mise ag ràdh ribh, Iarraibh, agus bheirear dhuibh ; siribh, agus gheibh sibh ; buailibh an dorus, agus fosgailear dhuibh. Oir gach uile neach a dh' iarras, bheirear dha : agus an tì a shireas, gheibh e ; agus do 'n tì a bhuaileas an dorus, fosgailear. Ma dh' iarras mac aran air aon neach dhibhse tha 'na athair, an toir e clach dha? no ma dh' iarras e iasg, an toir e nathair dha an àit' éisg? No ma dh' iarras e ugh, an toir e scorpion dha? Uime sin ma 's aithne dhuibhse 'tha olc tìodhlacan matha 'thoirt do bhur cloinn, nach mòr is mò na sin a bheir bhur n-Athair nèamhaidh an Spiorad Naomh dhaibhsan a dh' iarras air e.



CAIB. XXVII.

Thug Iosa fradharc do dhithis dhall—Shlànuich e 'n duine balbh anns an robh deamhan—Chronuich e na Sgrìobhichean agus na Phairisich.

Agus an uair a dh' imich Iosa às a sin, lean dithis dhall e, ag éigheach, agus ag ràdh, A Mhic Dhaibhidh, dean tròcair oirnne. Agus an uair a thàinig e steach do 'n

taigh thàinig na doill d' a ionnsuidh: agus thuirt Iosa riutha, Am bheil sibh a' creidsinn gur comasach mise air so a dheanamh? Thuirt iad ris, Tha, a Thighearna. An sin bhean e ri 'n sùilean, ag ràdh, Biodh e dhuibh a réir bhur creidimh. Agus dh'fhosgladh an sùilean. Agus thug Iosa òrdugh teann dhaibh, ag ràdh, Faicibh nach fhaigh neach sam bith fios air so. Ach chaidh iadsan a mach, agus sgaoil iad a chliù air feadh na dùthcha sin uile.

Agus bha e tilgeadh a mach deamhain a bha balbh. Agus thachair, an uair a chaidh an deamhan a mach gu 'n do labhair am balbhan; agus ghabh an sluagh iongantas, ag ràdh, Cha 'n fhacas a leithid so riamh ann an Israel. Ach thuirt iad, Is ann troimh Bheelsebub prionnsa nan deamhan a tha e 'tilgeadh a mach dheamhan.

An sin fhreagair dream àraidh de na sgrìobhaichean agus de na Phairisich e, ag ràdh, A Mhaighstir, bu mhiann leinne comharradh fhaicinn uat. Ach fhreagair esan agus thuirt e riutha, Tha ginealach olc agus adhaltrannach ag iarraidh comharradh; agus cha toirear comharradh dhaibh ach comharradh an fhàidh Ionais: oir mar a bha Ionas trì làithean agus trì oidhchean ann am broinn na muicemara; is ann mar sin a bhios Mac an duine trì làithean agus trì oidhchean ann an cridhe na talmhainn. Seasaidh muinntir Ninebheh suas anns a' bhreitheanas maille ris a' ghinealach so, agus dìtidh iad e: oir rinn iad aithreachas aig searmoin Ionais; agus feuch, tha ni's mò na Ionas an so. Eirigh bànrigh na h-àirde deas anns a' bhreitheanas maille ris a' ghinealach so agus dìtidh i e: oir thàinig i o na h-àiteachan a's iomallaiche de'n talamh a dh'éisdeachd gliocas Sholaimh; agus feuch, tha ni's mò

na Solamh an so. An déigh do 'n spiorad neoghlan a dhol a mach á duine, imichidh e troimh ionadan tiorma, ag iarraidh fois, agus gu 'n e'g a faotainn. An sin their e, Tillidh mi do m' thaigh ás an d' thàinig mi ; agus an uair a thig e, gheibh e falamh, sguabte, agus deadh-mhaiseach e. An sin imichidh e, agus bheir e leis seachd spioraid eile a's mìosa na e fhéin, agus theid iad a steach agus gabhaidh iad còmhnuidh an sin : agus bidh staid dheir-eannach an duine sin ni's mìosa na 'thoiseach. Is ann eadhon mar sin a thachaireas do 'n ghinealach aingidh so.

Agus thachair an uair a bha e 'labhairt nan nithean so gu 'n do thog bean àraidh de 'n t-sluagh a guth, agus gu 'n dubhairt i ris, Is beannaichte a' bhrù a ghiùlain thu, agus na cìochan a dheothail thu. Ach thuirt esan, Is mò gur beannaichte iadsan a' dh' éisdeas ri facal Dhé, agus a choimhideas e.

Cha 'n 'eil neach sam bith, air dha coinneal a lasadh, a chuireas am falach i, no fo shoitheach, ach ann an coinn-leir, a chum gu faic an dream a thig a steach an solus. Is i an t-sùil solus a' chuirp : uime sin an uair a bhios do shùil glan, bidh do chorp uile làn soluis : ach an uair a bhios do shùil olc, bidh do chorp mar an ceudna dorch. Uime sin thoir an aire nach bi an solus a tha annad 'na dhorchadas. Air an aobhar sin, ma bhios do chorp uile làn soluis, gun chuid sam bith dheth dorch, bidh e gu h-iomlan làn soluis, mar an uair a shoillsicheas coinneal thu le 'dealradh.

A nis air dha 'bhith 'labhart, dh' iarr Phàiriseach àraidh air a dhinneir a ghabhail maille ris : agus chaidh e steach agus shuidh e chum bidh. Agus an uair a chunnaic am

Phàiriseach sin, bha ioghnadh air nach d'ionnlaid e e-fhéin roimh a dhinneir. Agus thuirt an Tighearna ris, A nis, Phàiriseacha, glanaidh sibhse an taobh a muigh de 'n chupan agus de 'n mheis: ach tha 'n taobh a' staigh dhibh làn de reubainn agus a dh'aingidheachd. Amadana, an tì a rinn an taobh a muigh, nach d'rinn e an taobh a staigh mar an ceudna? Ach thugaibh uaibh déirc de na nithean a tha agaibh; agus feuch, tha na h-uile nithean glan dhuibh.

Ach is an-aoibhinn dhuibh Phàiriseacha! oir tha sibh a' toirt deachaimh às a mhionnt, agus às an rù, agus às gach uile ghné luibhean, agus tha sibh a' gabhail thairis air breitheanas agus air gràdh Dhé: ach bu chòir dhuibh iad so a dheanamh, agus gun iad sud fhàgail gun deanamh. Is an-aoibhinn dhuibh, Phàiriseacha! oir is ionmhuinn leibh na ceud àiteachan-suidhe anns na sionagogan, agus fàilte 'fhaotainn air na margaidhean. Is an-aoibhinn dhuibh, a sgrìobhaichean agus Phàiriseacha, a chealgair-ean! oir tha sibh mar uighean nach fhaicear, agus do nach toir daoine a tha 'g imeachd thairis orra an aire.

Agus fhreagair duine àraidh de 'n luchd-lagha, agus thuirt e ris, A mhaighstir, le so a labhairt tha thu 'toirt maslaidh dhuinne mar an ceudna. Agus thuirt e, Is an-aoibhinn dhuibhse mar an ceudna, a luchd-lagha! oir tha sibh a' cur uallaichean troma do-ghiùlan air daoine, agus cha bhean sibh fhéin ris na h-uallaichean sin le h-aon de bhur meuran. Is an-aoibhinn dhuibh! oir tha sibh a' togail àitean-adhlaic nam fàidhean, agus mharbh bhur n-aithrichean iad. Mar so tha sibh a' toirt fianuis gu bheil sibh ag aontachadh le gnìomharan bhur n-aithrichean: oir mharbh iadsan iad, agus tha sibhse a' togail an àitean-adhlaic.

Air an aobhar sin mar an ceudna thuirt gliocas Dhé, Cuiridh mi fàidhean agus abstoil do 'n ionnsuidh : agus mharbhaidh iad cuid dhiubh, agus geur-léanaidh iad cuid eile : a chum gu 'n agrar air a' ghinealach so fuil nam fàidhean uile, a dhòirteadh o thoiseach an domhain ; o fhuil Abel gu fuil Shachariais, a chuireadh gu bàs eadar an t-altair agus an teampull : seadh, tha mi ag ràdh ribh gu 'n agrar i air a' ghinealach so. Is an aoibhinn dhuibh a luchd-lagha ! oir thug sibh air falbh iuchair an eòlais : cha deachaidh sibh fhéin a steach, agus an dream a bha 'dol a steach bhac sibh iad.

Agus an uair a bha e 'labhairt nan nithean so riutha, thòisich na sgrìobhaichean agus na Phairisich air a chuir thuige gu dian, agus air a bhrosnachadh gu labhairt air mòran de nithean ; a' deanamh feall-aire air, agus ag iarraidh ni éigin a ghlacadh às a bheul a chum gu 'm biodh cùis-dhitidh aca 'n a aghaich.

CAIB XXVIII.

Dh' àithn Iosa d'a dheisciobuil cealgaireachd a sheachnadh, agus gun eagal a bhith orra roimh dhaoine—Iad a sheach-nadh sannt, agus ro-chùram—Iad a bhith dèileas 'na sheirbhis.

Anns an àm sin, an uair a bha mòran mhiltean sluaigh air cruinneachadh, ionnus gu robh iad a' saltairt air a chéile, thòisich e air a ràdh ri 'dheisciobuil, Roinh gach ni bithibh air bhur faicill o thaois-ghoirt nam Phairiseach,

eadhon cealgaireachd. Ach cha 'n 'eil ni sam bith fal-
aichte, nach foillsichear : agus uaigneach, air nach
fhaighear fios. Air an aobhar sin ge b' e air bith ni a
labhair sibh anns an dorchadas cluinnear anns an t-solus
e ; agus an ni a labhair sibh 's a' chluais anns na seòm-
raichean uaigneach, gairmear air mullach nan taighean e.
Agus tha mise ag ràdh ribhse, mo chàirdean, Na biodh
eagal oirbh roimh 'n mhuinutir sin a mharbhas an corp,
agus 'na dhéigh sin aig nach 'eil ni tuilleadh a 's urrainn
iad a dheanamh. Ach nochdaidh mi cò e roimh an còir
dhuibh eagal a bhith oirbh : Biodh eagal an Tì sin oirbh,
aig am bheil cumhachd, an déigh neach a mharbhadh, a
thilgeadh a dh' ifrinn ; seadh, tha mi ag ràdh ribh, Biodh
eagal an Tì sin oirbh. Nach 'eil còig gealbhoinn air an
reic air dà fheoirling ? agus cha 'n 'eil a h-aon dhiubh
air a dhearmad am fianuis Dhé. Ach tha eadhon fuiltein-
ean bhur cinn uile air an àireamh. Uime sin na biodh
eagal oirbh : tha sibhse ni 's luachmhoire na mòran
ghealbhonn. Agus tha mise ag ràdh ribh, Ge b' e neach
a dh' aidicheas mise ann an làthair dhaoine, aidichidh
Mac an duine esan mar an ceudna ann an làthair aing-
lean Dhe : ach ge b' e neach a dh' àicheadhas mise am
fianuis dhaoine, àicheadhar esan am fianuis ainglean Dhé.
Agus ge b' e neach a labhras facal an aghaidh Mhic an
duine, mathar dha e : ach do 'n tì a labhras toibheum an
aghaidh an Spioraid Naoimh cha toirear mathanas.
Agus an uair a bheir iad sibh a chum nan sionagog, agus
nan uachdaran, agus nan daoine cumhachdach, na biodh
e 'na ro-chùram oirbh cionnus no ciod a fhreagras, no
ciod a their sibh : oir teagaisgidh an Spiorad Naomh
dhuibh anns an uair sin fhéin ciod is còir dhuibh a ràdh.

Agus thuirt neach de 'n t-sluagh ris, A Mhaighstir, abair ri m' bhràthair an oighreachd a roinn rium. Ach thuirt esan ris, A dhuine, cò rinn mise 'nam bhreitheamh no 'nam fhear-roinn os bhur cionn? Agus thuirt e riutha, Thugaibh an aire, agus gleidhibh sibh fhéin o shannt : oir cha 'n 'eil beatha an duine a' co-sheasamh ann am mòr-phailteas nan nithean a tha e 'sealbhachadh. Agus labhair e cosamhlachd riutha, ag radh, Thug fearann duine shaoibhir àraidh bàrr pailt uaithe : agus smaoinich e ann fhéin, ag ràdh, Ciod a ni mi, a chionn nach 'eil àite agam anns an cruinnich mi mo thoraidh? Agus thuirt e, Ni mi so : leagaidh mi mo shaibhlean, agus togaidh mi saibhlean a 's mò ; agus cruinnichidh mi annta sin mo thoradh uile 's mo mhaoin. Agus their mi ri m' anam, Anam, tha mòran agad de nithean matha air an tasgaidh fa chomhair mòran bhliadhnachan ; gabh fois, ith, òl, agus bi subhach. Ach thuirt Dia ris, Amadain, air an oidhche so iarrar d' anam uat ; agus cò aig a bhios na nithean sin a dh' ulluich thu? Is ann mar so tha 'n tì a thaisgeas ionmhas dha fhéin, agus nach 'eil saoi bhir a thaobh Dhé.

Agus thuirt e ri 'dheisciobuil, Uime sin tha mise ag ràdh ribh, Na biodh ro-chùram oirbh mu thimchioll bhur beatha, ciod a dh' itheas sibh ; no mu thimchioll bhur cuirp, ciod a chuireas sibh umaibh. Oir is mò a' bheatha na 'm biadh, agus an corp na 'n t-aodach. Thugaibh fa near na fithich ; oir cha 'n 'eil iadsan a' cur no a' buain ; cha 'n 'eil sabhal no taigh-tasgaidh aca ; agus tha Dia 'g am beathachadh ; nach 'eil sibhse mòran ni 's luach-mhoire na 'n eunlaith? Agus cò agaibhse le ro-chùram is uarrainn aon lamh-choille a chur ri 'àirde fhéin? Mur

'eil sibh, uime sin, comasach air an nì a 's lugha 'dhean-amh, c 'ar son a tha sibh ro-chùramach mu nithean eile? Thugaibh fa near na lilighean, cionnus a tha iad a' fàs : cha 'n 'eil iad a' saoithreachadh, no a' sniomh ; gidheadh tha mi ag ràdh ribh nach robh Solamh fhéin 'na uile ghlòir air a sgeadachadh mar aon dhiubh so. Ach ma tha Dia mar so a' sgeadachadh an fheòir a tha 'n diugh anns a' mhachair, agus am màireach air a thilgeadh 'san àmhuinn ; nach mòr is mò a sgeadaicheas e sibhse, O dhaoine air bheag creidimh? Agus na iarraibhse ciod a dh' itheas sibh, no ciod a dh' òlas sibh, agus na bithibh amharusach. Oir na nithean so uile tha cinnich an t-saoghail ag iarraidh : ach tha fhios aig bhur n-Athair-sa gu bheil feum agaibh air na nithean so. Gidheadh iarraibhse rìoghachd Dhe, agus cuirear na nithean so uile ribh. Na biodh eagail ort, a threud bhig ; oir is e deadh thoil bhur n-Athar an rìoghachd a thoirt dhuibh. Reicibh na bheil agaibh, agus thugaibh déirc seachad ; deanaibh dhuibh fhéin sporain nach fhàs sean, ionmhas nach teirig anns na nèamhan far nach tig gadaiche am fagusg, agus nach caith an laomann. Oir far am bheil bhur n-ionmhas, an sin bidh bhur cridhe mar an ceudna

Biodh bhur leasraidh crioslaichte mu 'n cuairt, agus bhur lòchrain air an lasadh ; agus sibh fhéin cosmhuil ri daoine a tha 'feitheamh an tighearna, an uair a thilleas e o 'n phòsadh ; a chum air dha tighinn agus bualadh, gu 'n grad fhosgail iad dha. Is beannaichte na seirbhisich sin, a gheibh an tighearna, an uair a thig e, ri faire : gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, gu 'n crioslaich e e-fhéin, agus gu 'n tig e agus gu 'n dean e frithealadh dhaibh. Agus ma thig e anns an dara faire, agus ma thig e anns

an treas faire, agus gu faigh e iad mar so, is beannaichte na seirbhisich sin. Ach tha fhios agaibh air so, nam biodh fios aig fear an taighe cia 'n uair anns an tigeadh an gadaiche, gu 'n deanadh e faire, agus nach fhuiligeadh e a thaigh a bhith air a tholladh troimhe. Bithibhse uime sin deas mar an ceudna : oir thig Mac an duine an uair nach saoil sibh.

Agus thuirt Peadair ris, A Thighearna, an ann ruinne 'tha thu 'labhairt na cosamhlachd so, no eadhon ris na h-uile? Agus thuirt an Tighearna, Cò e uime sin an stiùbhard firinneach agus glic sin, a chuireas a thighearna os cionn a theaghlaich, a thoirt dhaibh an cuibhrionn bìdh 'na àm fhéin? Is beannaichte an seirbhiseach sin, a gheibh a thighearna an uair a thig e a' deanamh mar sin. Gu firinneach tha mi ag ràdh ribh, gu 'n cuir e e os cionn na bheil aige. Ach ma their an seirbhiseach sin 'na chridhe, Tha mo thighearna 'cur dàil 'na theachd; agus ma thòisicheas e air na h-òglaich agus na banoglaich a bhualadh, agus itheadh agus òl, agus a bhith air mhisg; thig tighearna an t-seirbhisich sin ann an latha nach 'eil sùil aige ris, agus ann an uair nach 'eil fhios aige, agus gearraidh e 'n a bhloighean e, agus bheir e dha a chuibhrionn maille ris na mi-chreidich. Agus an seirbhiseach sin do 'm b' aithne toil a mhaighstir, agus nach d' ulluich, agus nach d' rinn a réir a thoile, buailear e le mòran bhuillean; ach an tì do nach b' aithne, agus a rinn nithean a b' airidh air buillean, buailear e le beagan bhuillean. Agus ge b' e air bith do 'n d' thugadh mòran, iarrar mòran air: agus ge b' e ri 'n d' earbadh mòran iarrar an tuilleadh air.

Thàinig mise a chur teine air an talamh; agus ciod s

àill leam ma tha e cheana air 'fhadadh? Ach tha baisteadh agam ri bhith air mo bhaisteadh leis; agus cionnus a tha mi air mo theannadh gus an coimhlionar e! Am bheil sibh a' saòilsinn gu 'n d' thàinig mise a thoirt sìth air an talamh? Ni h-eadh, tha mi ag ràdh ri h, ach aimhreit: oir bhithidh á so suas còignear ann an aon taigh air an roinn, triùir an aghaidh dithis, agus dithis an aghaidh triùir. Bidh an t-atbair air a roinn an aghaidh a' mhic, agus am mac an aghaidh an athar; a' mhàthair an aghaidh na h-ighinn, agus a' nighean an aghaidh na màthar; a' mhàthair-chéile an aghaidh bean a mic, agus bean a' mhic an aghaidh a màthar-chéile.

Agus thuirt e mar an ceudna ris an t-sluagh, An uair a chi sibh neul ag éirigh 'san àird an iar, ghrad their sibh, Tha fras a' tighinn; agus tha sin a' tachairt. Agus an uair a chi sibh a' ghaoth a' deas a' séideadh, their sibh, Bidh teas ann; agus tha e 'tachairt. A chealgairean, is aithne dhuibh breith a thoirt air aghaidh nan speur agus na talmhainn; ach cionnus nach aithne dhuibh breith a thoirt air an aimsir so? Agus c' ar son nach 'eil sibh eadhon uaibh fhéin a' breithneachadh an ni sin a tha ceart? Oir an uair a tha thu 'dol maille ri d' eascaraid a chum an uachdarair, dean dìchioll anns an t-slighe air a bhith air do shaoradh uaithe; air eagal gu 'n tarruing e chum a' bhreithimh thu, agus gu 'n toir am breitheamh thairis do 'n mhaor thu, agus gu 'n tilg am maor an prìosan thu. Tha mi ag ràdh riut nach tig thu air chor sam bith a mach às a sin gus an òc thu a' pheighinn dheireannach.

CAIB XXIX.

Beachd Iosa air an sgrios a thàinig air na Galilèaich, agus air muinntir eile—Cosamhlachd na craoibh-fhìge gun toradh—Shlànuich e bean aig robh spiorad anmhuinneachd—Dhearbh e do na h-Iadhaich, leis na h-oibre a rinn e gur e fhéin Crisod, &c.

A nis bha làthair anns a' cheart àm sin daoine àraidh a dh' innis dha mu thimchioll nan Galiléach, muinntir a mheasg Pilat am fuil maille ri 'n iobairtean. Agus fhreagair Iosa agus thuirt e riutha, Am bheil sibh a' saòilsinn gu robh na Galilèaich so 'nam peacaich ni 's mò na na Galilèaich uile air son gu 'n d' fhulaing iad a leithid so? Ni h-eadh, tha mi ag ràdh ribh : ach mur dean sibhse aithreachas, sgriosar sibh uile mar an ceudna. No na h-ochd fir dheug sin air an do thuit an tùr ann an Siloam, agus a mharbh iad, an saoil sibh gu robh iadsan 'nam peacaich os cionn nan uile dhaoine a bha 'nan còmhnuidh ann an Ierusalem? Ni-eadh, tha mi ag ràdh ribh : ach mur dean sibhse aithreachas, sgriosar sibh uile mar an ceudna.

Agus labhair e a' chosamhlachd so; Bha aig duine àraidh crann-fìge suidhichte 'na ghàradh-fìona; agus thàinig e ag iarraidh toraidh air, agus cha d' fhuair e ni sam bith. Agus thuirt e ris a' ghàradair, Feuch, tha mi ré thri bliadhna a' tighinn a dh' iarraidh toraidh air a' chrann-fhìge so, agus cha 'n 'eil mi 'faotainn ni sam bith : gearr sìos e; c 'ar son a tha e 'fàsachadh na talmhainn? Agus fhreagair esan agus thuirt e ris, A Thighearna, leig

leis air a' bhliadhna so mar an ceudna, gus an cladhaich mi m' a thimchioll, agus gu 'n cuir mi aolach m' a bhun, agus ma ghiùlaincas e toradh, *is math sin*; ach mur giùlain, 'na dhéigh sin gearraidh tu sìos e.

Agus bha e a' teagasg ann an aon de na sionagogan air an t-sabaid. Agus feuch, bha bean àraidh a làthair aig an robh spiorad anmhuinneachd ré ochd bliadhna deug; agus bha i air a cromadh ri chéile, agus gun chomas aice air chor sam bith i fhéin a dhìreachadh. Agus an uair a chunnaic Iosa i, ghairm e d' a ionnsuidh i, agus thuirt e rithe, A bhean, tha thu air d' fhuasgladh o d' anmhuinneachd. Agus chuir e a làmhnan oirre: agus ghrad rinn eadh dìreach i, agus thug i glòir do Dhia. Agus fhreagair uachdaran na sionagoig, agus e làn feirge air son gu 'n d' rinn Iosa leigheas air latha na sàbaid, agus thuirt e ris an t-sluagh, Tha sia làithean anns an còir obair a dheanamh: orra so, air an aobhar sin, thigibh agus bithibh air bhur leigheas, agus na b' ann air latha na sàbaid. Ach fhreagair an Tighearna e, agus thuirt e, A chealgairean, nach fhuasgail gach aon agaibh a dhamh no 'asal o 'n phrasaich, agus nach toir e gu uisge e air latha na sàbaid? Agus nach bu chòir a' bhean so a tha 'na nighinn do Abraham, a cheangail Satan, a nis, ré ochd bliadhna deug, a bhith air a fuasgladh o 'n chuibhreach so air latha na sàbaid? Agus an uair a thuirt e na nithean so, chuireadh a nàimhdean uile gu nàire: agus rinn an sluagh uile gàirdeachas air son nan uile nithean glòirmhor a rinneadh leis.

Agus bha feill-cuimhne an ath-choisreagaidh ann an Ierusalem: agus b' e geamhradh a bh' ann; agus bha Iosa a' sràid-imeachd anns an teampull ann an sgàth-

thaigh Sholaimh. An sin chruinnich na h-Iudhaich m' a thimchioll, agus thuit iad ris, Cia fhad a chumas tu ann an teagamh sinn? Ma 's tu Crìosd, innis dhuinn gu follaiseach. Fhreagair Iosa iad, Dh' innis mi dhuibh, agus cha 'n 'eil sibh a' creidsinn : na h-oibre a tha mi 'deanamh ann an ainm m' Athair, tha iad sin a' deanamh fianuis mu m' thimchioll. Ach cha 'n 'eil sibhse 'creidsinn; oir cha 'n ann de m' chaoraich sibh, mar a thuit mi ribh. Tha mo chaoraich-sa 'g éisdeachd ri m' ghuth, agus is aithne dhomh iad, agus leanaidh iad mi : agus bheir mi dhaibh a' bheatha mhaireannach; agus cha sgriosar iad am feasd, ni mò a spionas neach sam bith às mo làimh iad. M' Athair, a thug dhomhsa iad, is mò e na na h-uile; agus cha 'n urrainn neach air bith an splonadh á làimh m' Athar. Mise agus an t-Athair, is aon sinn. Uime sin thog na h-Iudhaich clachan a rithist a chum a chlachadh. Fhreagair Iosa iad, Nochd mi dhuibh mòran a dh' oibre matha o m' Athair; cia de na h-oibre sin air son am bheil sibh 'g am' chlachadh? Fhreagair na h-Iudhaich e, ag ràdh, Air son obair mhath cha 'n 'eil sinn ga d' chlachadh, ach air son toibheum; agus air son, air dhuitse bhith a' d' dhuine gu bheil thu 'deanamh Dé dhìot fhéin. Fhreagair Iosa iad, Nach 'eil e sgrìobhte ann bhur lagh-sa, Thubhairt mi, Is diathan sibh? Ma thuit e diathan riuthasan a dh' ionnsuidh an d'thàinig facal Dhé (agus cha 'n fhaodar an sgrìobtur a bhristeadh), an abair sibh risan a naomhaich an t-Athar, agus a chuir e chum an t-saoghail, Tha thu 'labhairt toibheum; air son gu 'n dubhairt mi, Is mi Mac Dhé? Mur dean mi oibre m' Athar, na creidibh mi. Ach ma ni mi iad, ged nach 'eil sibh 'g am' chreidsinn-sa, creidibh

na h-oibre : a chum gu 'm bi fios agaibh, agus gu 'n creid sibh gu bheil an t-Athair annamsa, agus mise annsan. Uime sin dh' iarr na h-Iudhaich a rithist a ghlacadh : ach chaidh e às an làimh.

Agus chaidh e rithist gus an taobh thall a dh' Iordan do 'n ionad anns an robh Eoin air tùs ri baisteadh ; agus rinn e còmhnuidh an sin. Agus thàinig mòran d' a ionnsuidh, agus thuirt iad, Cha d' rinn Eoin aon mhlòr-bhuil : ach bha na h-uile nithean a thuirt Eoin mu 'n duine so fìor. Agus chreid mòran 's an àite sin air.

Agus chaidh e troimh gach baile-mòr agus baile-beag, a' teagasg, agus a' gabhail na slighe gu Ierusalem. Agus thuirt neach àraidh ris, A Thighearna, an tearc iad a shaorar? Agus thuirt esan riutha, Deanaibh spàirn chruaidh gu dhol a steach air an dorus chumhann : oir tha mi ag ràdh ribh, gu 'n iarr mòran a dhol a steach, agus nach urrainn iad. O 'n uair a dh' éireas fear an taighe, agus a dhùineas e an dorus, agus a thòisicheas sibhse air seasamh a muigh, agus an dorus a bhualadh, ag ràdh, A Thighearna, a Thighearna, fosgail dhuinn ; agus freagraidh esan agus their e ribh, Cha 'n aithne dhomh sibh, cia às a tha sibh ; an sin tòisichidh sibh air a ràdh, Dh' ith agus dh' òl sinn a' d' làthair, agus theagaisg thu 'nar sràidean ; agus their esan, Tha mi ag ràdh ribh cha 'n aithne dhomh sibh cia às a tha sibh ; imichibh uam uile, a luchd-deanamh na h-eucorach. An sin bidh gul agus giosgan fhiacal, an uair a chi sibh Abraham, agus Isaac, agus Iacob, agus na fàidhean uile ann an rìoghachd Dhé, agus sibh fhéin air bhur tilgeadh a mach. Agus thig iad o 'n àird an ear agus o 'n àird an iar, agus o 'n àird a' tuath agus deas, agus suidhidh iad ann an

rìoghhachd Dhé. Agus feuch, tha cuid air dheireadh a bhios air thoiseach, agus air thoiseach a bhios air dheireadh.

Air an latha sin fhéin thàinig Phairisich àraidh d' a ionnsuidh, ag ràdh ris, Gabh a mach, agus imich á so : oir tha toil aig Herod do mharbhadh. Agus thuirt e riutha, Imichibh agus innsibh do 'n t-sionnach sin, Feuch, tha mi a' tilgeadh a mach dheamhan, agus tha mi a' deanamh leighis an diugh agus am màireach, agus air an treas latha bidh mi air mo dheanamh foirfe. Gidheadh is éiginn dhomh imeachd an diugh agus am màireach, agus an latha 'na dhéigh sin : oir cha 'n fhaod e bhith gu 'n cuirear fàidh gu bàs a mach á Ierusalem.



CAIB XXX.

Leighis Iosa neach air an robh am meud-bhronn—Mhol e irioslachd, agus a bhith fialaidh ris na bochdan—Cosamhlachd na suipeireach mòire—Feumar gach ni a threigsinn air a sgàth-san.

Agus thachair, an uair a chaidh e do thaigh uachdarain àraidh de na Phairisich a dh' itheadh bìdh air latha na sàbaid, gu robh iad a' deanamh geur-fhaire air. Agus feuch, bha duine àraidh 'na làthair air an robh a' mheud-bhronn. Agus fhreagair Iosa, agus labhair e ris an

luchd-lagha, agus ris na Phairisich, ag ràdh, Am bheil e ceadaichte leigheas a dheanamh air latha na sàbaid, no nach 'eil? Ach dh' fhan iadsan 'nan tosd. Agus air dha breith air, leighis e e, agus leig e uaith' e. Agus thuirt e riutha, Cò agaibhse, ma thuiteas 'asal no a dhamh ann an slochd, nach tarrainn a mach gu grad e air latha na sàbaid? Agus cha b' urrainn iad a fhreagairt a rithist anns na nithean so.

Agus labhair e cosamhlachd riuthasan, a fhuair cuireadh, an uair a thug e fa near mar a thagh iad na ceud àiteachan-suidhe; ag radh riutha, An uair a gheibh thu cuireadh o neach sam bith a chum bainnse, na suidh anns a' cheud àite; air eagal gu 'n d' fhuair duine a' s urramaiche na thusa cuireadh uaithe, agus gu 'n tig an tì a thug cuireadh dhutsa agus dhasan, agus gu 'n abair e riut, Thoir àite do 'n duine so; agus an sin gu 'n tòisich thusa an sin le nàire air suidhe anns an aite a' s ìsle. Ach an uair a gheibh thu cuireadh, imich agus suidh anns an àite a' s ìsle; a chum an uair a thig esan a thug cuireadh dhut gu 'n abair e riut, A charaid, suidh suas ni 's àirde: an sin gheibh thu urram an làthair na muinntir a tha 'nan suidhe aig biadh maille riut. Oir ge b' e neach a dh' àrdaicheas e fhéin ìslichear e; agus ge b' e neach a dh' ìslicheas e fhéin àrdaichear e.

Agus thuirt e mar an ceudna ris an tì a thug cuireadh dha, An uair a ni thu dinneir no suipeir, na gairm do chàirdean, no do bhràithrean, no do luchd-dàimh, no do choimhearsnaich shaoibhir; air eagal gu 'n toir iadsan mar an ceudna cuireadh dhutsa rithist, agus gu faigh thu a' chomain cheudna. Ach an uair a ni thu cuirm, gairm na bochdan, na daoine ciurramach, na bacaich, na doill:

agus bidh tu beannaichte ; a chionn nach urrainn iad a' chomain cheudna a thoirt dhut : oir gheibh thu comain ann an aiseirigh nam firean.

Agus an uair a chuala aon de na shuidh aig biadh maille ris na nithean so, thuirt e ris, Is beannaichte an tì sin a dh' itheas aran ann an rìoghachd Dhé. Ach thuirt esan ris, Rinn duine àraidh suipeir mhòr, agus thug e cuireadh do mhòran : agus chuir e a sheirbhiseach uaithe an àm na suipearach a ràdh ris a' mhuinntir a fhuair cuireadh, 'Thigibh ; oir tha na h-uile nithean a nis deas. Agus thòisich iad uile a dh' aon ghuth air an leith-sgeul a ghabhail. Thuirt a' cheud fhear ris, Cheannaich mi fearann, agus is éiginn dhomh dol a mach agus 'fhaicinn : tha mi 'guidhe ort 'gabh mo leith-sgeul. Agus thuirt fear eile, Cheannaich mi còig chuing dhamh, agus tha mi 'dol g 'an dearbhadh : tha mi 'guidhe ort gabh mo leith-sgeul. Agus thuirt fear eile, Phòs mi bean, agus air an aobhar sin cha 'n 'eil e 'n comas dhomhsa tighinn. Agus thàinig an seirbhiseach sin, agus dh' innis e na nithean so d' a thighearna. An sin air do fhear an taighe fearg a ghabhail thuirt e ri 'sheirbhiseach, Gabh a mach gu grad gu sràidean agus caol-sràidean a' bhaile, agus thoir a steach an so na bochdan, agus na daoine ciurramach, agus na bacaich, agus na doill. Agus thuirt an seirbhiseach, A Thighearna, rinneadh mar a dh' òrduich thu, gidheadh tha àite falamh ann fhathast. Agus thuirt an tighearna ris an t-seirbhiseach, Gabh a mach gus na rathaidean mòra agus na gàraidhean, agus co-éignich iad gu tighinn a steach, a chum gu 'm bi mo thaigh air a lìonadh. Oir tha mi ag ràdh ribh nach blais aon de na daoine ud a fhuair cuireadh de m' shuipeir-sa.

A nis bha sluagh mòr ag imeachd maille ris : agus thionndaidh e, agus thuirt e riutha, Ma thig neach sam bith a' m' ionnsuidh-sa, agus nach fuathaich e 'athair, agus a mhàthair, agus a bhean, agus a chlann, agus a bhràithrean, agus a pheathraichean, seadh, agus a bheatha fhéin mar an ceudna, cha 'n 'eil e 'n comas dha bhith 'na dheisciobul dhomhsa. Agus ge b' e neach nach giùlain a chrann-ceusaidh, agus nach lean mise, cha 'n eil e 'n comas dha bhith 'n a dheisciobul dhomhsa. Oir cò am fear agaibhse leis am miann tùr a thogail, nach suidh sìos air tùs, agus nach meas an costus, a dh' fheuchainn am bheil aige na chuireas crìoch air? Air eagal an déigh dha a bhunadh a leagadh, agus gun bhith comasach air crìoch a chur air, gu 'n tòisich na h-uile a chi e ri fanaid air, ag ràdh, Thoisich an duine so ri taigh a thogail, agus cha b' urrainn e a chrìochnachadh. No cò an rìgh, air dha dhol a mach a chogadh an aghaidh rìgh eile, nach suidh sìos air tùs, agus nach gabh comhairle, a dh' fheuchainn an urrainn e le deich mìle coinneamh a thoirt dhasan a tha 'tighinn 'na aghaidh le fichead mìle? No, air dhasan a bhith fhathast fada uaithe, cuiridh e teachdaireachd a dh' iarraidh cumhachan sìthe. Mar sin mar an ceudna, gach neach agaibhse nach tréig na h-uile nithean a tha aige, cha 'n 'eil e 'n comas dha bhith 'na dheisciobul dhomhsa. Tha 'n salann math : ach ma chailleas an salann a bhlas, ciod leis an deanar deadh-bhlasda e? Cha 'n 'eil e iomchuidh a chum na talmhainn no 'chum an dùnain : ach tilgidh daoine 'mach e. An tì aig am bheil cluasan a chum éisdeachd, éisdeadh e.

CAIB XXXI.

Cosamhlachd na caorach caillte—a' bhuinn airgid—a' mhic stròdhail—an stiùbhaird eucoraich—Chronuich Iosa cealg nam Phairiseach—Cosamhlachd an duine shaoibhir agus Lasaruis.

A nis thàinig na cìs-mhaoir uile agus na peacaich am fagusg dha a chum éisdeachd ris. Agus rinn na Phairisich agus na sgrìobhaichean gearan, ag ràdh, 'Tha am fear so a' gabhail pheacach d' a ionnsuidh, agus ag itheadh maille riutha.

Agus labhair esan a' chosamhlachd so riutha, ag ràdh, Cò an duine dhibhse aig am bheil ceud caora, agus a chailleas a h-aon diubh, nach fàg na naoi deug agus an ceithir fichead anns an fhàsach, agus nach téid an déigh na caorach a chailleadh gus am faigh e i? Agus an uair a gheibh e i, cuiridh e air a ghuaillan i le gàirdeachas. Agus an uair a thig e dhachaidh, gairmidh e a chàirdean agus a choimhearsnaich 'an ceann a chéile, ag ràdh riutha, Deanaibh gàirdeachas maille riumsa, a chionn gu 'n d' fhuair mi mo chaora 'bha caillte. Tha mi ag ràdh ribh, gu 'm bi, mar so, aoibhneas air nèamh air son aon pheacach a ni aithreachas, ni 's mò na air son naoi deug agus ceithir fichead firean, ag nach 'eil feum air aithreachas.

No cò a' bhean aig am bheil deich buinn airgid, ma chailleas i aon bhonn diubh, nach las coinneal, agus nach sguab an taigh, agus nach iarr gu dìchiollach gus am faigh i e? Agus an uair a gheibh i e, gairmidh i a bana-chàirdean agus a bana-choimhearsnaich an ceann a chéile,

ag ràdh, Deanaibh gàirdeachas maille riumsa, oir fhuair mi am bonn a chaill mi. Mar so, tha mi ag ràdh ribh, tha gàirdeachas an làthair ainglean Dhé air son aon pheacach a ni aithreachas.

Agus thuirt e, Bha aig duine àraidh dithis mhac : agus thuirt am mac a b' òige dhiubh ri 'athair, 'Athair, thoir dhòmhsa a' chuid-roinn a thig orm de d' mhaoin. Agus roinn e eatorra a bheathachadh. Agus an déigh beagan làithean chruinnich am mac a b' òige a chuid uile, agus ghabh e a thurus do dhùthaich fad' air astar ; agus an sin chaith e a mhaoin le beatha struidheasaich. Agus an uair a chaith e a chuid uile, dh' éirich gorta ro mhòr 'san tìr sin ; agus thòisich e ri bhith ann an uireasbhuidh. Agus chaidh e agus cheangail e e-fhéin ri aon de shaor-dhaoine na dùthcha sin ; agus chuir e d'a fhearann e a bhiadhadh mhuc. Agus bu mhiann leis a bhrù a lìonadh de na plaosgan a bha na mucan ag itheadh : ach cha d' thug neach sam bith dha. Ach an uair a thàinig e d' a ionnsuidh fhéin, thuirt e, Cia lìon de luchd-tuarasdail m' athar-sa aig am bheil aran gu leòr agus ri sheachnadh, agus mise a' bàsachadh an so leis an acras ! Eiridh mi agus théid mi dh' ionnsuidh m' athar, agus their mi ris, Athair, pheacaich mi an aghaidh fhathanas agus a' d' làthair-sa : agus cha 'n airidh mi tuillidh gu 'n goirteadh do mhac-sa dhiom : dean mi mar aon de d' luchd-tuarasdail. Agus dh' éirich e, agus chaidh e dh' ionnsuidh 'athar. Ach air dha bhith fhathast fad uaithe, chunnaic 'athair e, agus ghabh e truas mòr dheth, agus ruith e, agus thuit e air a mhuineal, agus phòg e e. Agus thuirt am mac ris, Athair, pheacaich mi an aghaidh fhathanas, agus a' d' làthair-sa : agus cha 'n airidh mi tuillidh gu 'n

goirteadh do mhac-sa dhìom. Ach thuirt an t-athair rì 'sheirbhisich, Thugaibh a mach a' chulaidh a's fheàrr, agus cuiribh uime i ; agus cuiribh fàinne air a làimh, agus brògan air a chasan : agus thugaibh an so an laogh biadhtha, agus marbhaibh e, agus itheamaid agus biomaid subhach : oir bha mo mhac so marbh, agus tha e beò a rithist ; bha e caillte, agus fhuaradh e. Agus thòisich iad air a bhith subhach. A nis bha a mhac bu shine mach 's an fhearann : agus an uair a thàinig e agus a tharruinn e dlùth do 'n taigh, chual' e ceòl is dannsa. Agus ghairm e d' a ionnsuidh aon de na h-òglaich, agus dh' fhiosraich e ciod bu chiall do na nithean so. Agus thuirt esan ris, Thàinig do bhràthair ; agus mharbh d' athair an laogh biadhtha, a chionn gu 'n d' fhuair e rithist slàn fallain e. Ach ghabh esan fearg, agus cha b' àill leis dol a steach : air an aobhar sin thàinig 'athair a mach, agus chur e ìmpidh air. Ach fhreagair esan agus thuirt e ri 'athair, Feuch, tha mise a' deanamh seirbhis dhut an uiread so de bhliadhnachan, agus uair air bith cha do bhris mi d' àithne : agus gidheadh cha d' thug thu meann riamh dhomh, a chum gu 'm bithinn subhach maille ri m' chàirdean : ach an uair a thàinig do mhac so, a' dh' ith suas do bheathachadh maille ri strìopaichean, mharbh thu an laogh biadhtha dha. Agus thuirt e ris, A mhic, tha thusa 'ghnàth maille rium, agus na h-uile nithean a's leamsa is leatsa iad. Bu chòir dhuinn a bhith subhach agus aoibhneach : oir bha do bhràthair so marbh, agus tha e beò a rithist ; bha e caillte, agus fhuaradh e.

Agus thuirt e mar an ceudna ri 'dheisciobil, Bha duine saobhir àraidh ann aig an robh stiùbhard ; agus chasaid-eachd ris e mar neach a bha 'deanamh ana-caitheamh air a

mhaoin. Agus ghairm e e, agus thuirt e ris, Ciod e so a tha mi 'cluinninn mu d' thimchioll? thoir cunntas air do stiùbhardachd; oir cha 'n fhaod thu bhith ni 's fhaide 'na d' stiùbhard. Agus thuirt an stiùbhard ann fhéin, Ciod a ni mi, oir tha mo mhaighstir a' toirt na stiùbhardachd uam? Cha 'n urrainn mi ruamhar a dheanamh; is nàr leam déirc iarraidh. Tha fhios agam ciod a ni mi, a chum, an uair a chuirear as an stiùbhardachd mi, gu 'n gabh iad a steach do 'n taighean mi. Agus air dha gach aon dhiubhsan air an robh fiachan aig a thighearna 'ghairm d' a ionnsuidh, thuirt e ris a' cheud fhear, Cia meud a th' aig mo thighearna ortsa? Agus thuirt esan, Ceud tomhas oladh. Agus thuirt e ris, Gabh do sgrìobhadh, agus suidh sìos gu h-ealamh, agus sgrìobh leith-cheud. An sin thuirt e ri fear eile, Agus cia meud a th' aig' ortsa? Agus thuirt esan, Ceud tomhas cruithneachd. Agus thuirt e ris, Gabh do sgrìobhadh, agus sgrìobh ceithir-fichead. Agus mhol an tighearna an stiùbhard eucorach a chionn gu 'n d' rinn e gu glic: oir tha clann an t-saoghail so 'nan ginealach fhéin ni 's glíce na clann an t-soluis. Agus tha mise ag ràdh ribh, Deanaibh dhuibh fhéin càirdean le Mamon na h-eucorach; a chum, an uair a shiùbhlas sibh gu 'n gabhar sibh do àiteachan-còmhnuidh sìorruidh. An tì a tha firinneach anns an nì a's lugha tha e firinneach mar an ceudna ann am mòran: agus an tì a tha eucorach anns an nì a's lugha tha e eucorach ann am mòran mar an ceudna. Air an aobhar sin mur robh sibh firinneach anns an t-saoibhreas eucorach, cò a dh' earbas ribh an saoibhreas fìor? Agus mur robh sibh firinneach ann an cuid duine eile, cò a bheir dhuibh an nì a's leibh fhéin? Cha 'n 'eil seirbhiseach

sam bith comasach air seirbhis a dheanamh do dhà thig-earna: oir an dara cuid fuathaichidh e aon diubh, agus bheir a gràdh do 'n fhear eile; no gabhadh e le aon diubh, agus ni e tàir air an fhear eile. Cha 'n 'eil sibh comasach air seirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhamon.

Agus chuala na Phairisich a bha sanntach na nithean so uile; agus rinn iad fanaid air. Agus thuirt e riutha, Is sibhse an dream a tha 'g 'ur fìreanachadh fhéin am fianuis dhaoine; ach is aithne do Dhia bhur cridheachan: oir an ni sin a tha ro mheasail aig daoine, is gràinealachd e am fianuis Dhé. Bha an lagh agus na fàidhean ann gu teachd Eoin: o 'n àm sin tha rìoghachd Dhé air a searmonachadh, agus tha gach duine le dian strì a' dol a steach innte. Ach is fhusa do nèamh agus do 'n talamh a dhol thairis, na do aon lide de 'n lagh tuiteam.

A nis bha duine saoi bhir àraidh ann, agus bha e air a sgeadachadh le purpuir agus lìon-aodach grinn, agus a' caitheamh a bheatha gach latha gu sòghail le mòr-ghreadhnachas: agus bha duine bochd àraidh ann, do 'm b' ainm Lasarus, a chuireadh 'na laidhe aig a dhorus, làn de chreuchdan, agus bu mhiann leis a bhith air a shàsachadh leis an sbrùileach a bha 'tuiteam o bhòrd an duine shaoibhir; seadh, thàinig eadhon na coin agus dh' imlich iad a chreuchdan. Agus thachair gu 'n d' fhuair an duine bochd bàs, agus gu 'n do ghiùlaineadh leis na h-ainglean e gu uchd Abraham: fhuair an duine saoi bhir bàs mar an ceudna, agus dh' adhlaiceadh e. Agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean, air dha bhith ann am piantan, agus chunnaic e Abraham fad uaithe, agus Lasarus 'n a uchd. Agus ghlaodh e agus thuirt e, Athair Abraham,

dean tròcair orm, agus cuir Lasarus, a chum gu 'n tùm e bàrr a mheòir ann an uisge, agus gu fuaraich e mo theangadh ; oir tha mi air mo ro phianadh anns an lasair so. Ach thuirt Abraham, A mhic, cuimhnich gu 'n d' fhuair thusa do nithean matha ri àm dhut a bhith beò, agus Lasarus mar an ceudna droch nithean : ach a nis tha esan a' faotainn sòlais, agus tha thusa air do phianadh. Agus a bhàrr air so uile, tha doimhne mhòr air a cur eadar sinne agus sibhse, air chor, iadsan le 'm b' àill a dhol á so do bhur n-ionnsuidh-se nach 'eil e 'n comas dhaibh, agus nach mò a tha e 'n comas do aon neach tighinn á sin do ar n-ionnsuidh-ne. Agus thubhairt e, Uime sin tha mi a' guidhe ort, athair, gu 'n cuireadh tu e gu taigh m' athar ; oir tha còignear bhràithrean agam ; a chum gu 'n toir e fianuis dhaibh, air eagal gu 'n tig iadsan mar an ceudna do 'n ionad ro phiantach so. Ach thuirt Abraham ris, Tha Maois agus na fàidhean aca ; éisdeadh iad riuthasan. Agus thuirt esan, Ni h-eadh, athair, Abraham ; ach ma théid neach do 'n ionnsuidh o na mairbh, ni iad aithreachas. Agus thuirt e ris, Mur éisd iad ri Maois agus ris na fàidhean, cha mò a chreideas iad ged éireadh neach o na mairbh.

Agus thuirt na h-abstoil ris an Tighearna, Meudaich ar creidheamh. Agus thuirt an Tighearna, Nam biodh agaibh creideamh mar ghràinne de shìol mustaird, their-eadh sibh ris a' chraoibh shicamin so, Bi air do spìonadh ás do fhreumhan, agus bi air do shuidheachadh anns a' chuan ; agus bhiodh i umhal dhuibh. Ach cò agaibhse aig am bheil seirbhiseach a' treabhadh, no ri buachaill-eachd, a their ris, an déigh dha tighinn a steach o 'n fhearann, Thig 's a' mhionaid, agus suidh sìos a chum

bìdh? Agus nach dòchadh e ràdh ris, Ulluich nì a ghabhas mise gu m' shuipeir, agus crioslaich thu fhéin, agus fritheil dhomh, gus an ith agus an òl mi; agus na dhéigh sin ithidh agus òlaidh tusa? An toir e buidheachas do 'n t-seirbhiseach sin do bhrìgh gu 'n d' rinn e na nithean a dh' òrduicheadh dha? Cha saoil mi gu 'n tabhair. Mar sin sibhse, an uair a nì sibh na h-uile nithean a dh' àithneadh dhuibh, abraibh, Is seirbhisich neo-tharbhach sinn; oir rinn sinn an nì a b' e ar dleasdanas a dheanamh.



CAIB XXXII.

Thog Iosa Lasarus o na mairbh—Chreid mòran de na h-Iudhaich ann—Chum na h-àrd-shagairt agus na Phairisich comhairle 'na aghaidh—Rinn Caiaphas fàidheadaireachd m'a thimchioll—Leighis e an deichnar dhaoine a bha 'nan lobhair—Labhair e mu rìoghachd Dhé, agus mu theachd Mhic an duine.

A nis bha duine àraidh gu tinn, do 'm b' ainm Lasarus o Bhetani, baile Mhuire agus Mharta a piuthar. Agus b' i' Mhuire sin a dh' ùng an Tighearna le olaidh luachmhoir, agus a thiormaich a chasan le a falt, aig an robh a bràthair Lasarus gu tinn. Uime sin chuir a pheathraichean fios d' a ionnsuidh, ag ràdh, A Thighearna, feuch, tha' n tì a 's ionmhuinn leat tinn. Ach an uair a chual'

Iosa so, thuirt e, Cha 'n 'eil an tinneas so a chum bàis, ach a chum gu 'm bi Mac Dhé air a ghlòrachadh d' a thaobh. A nis b' ionmhuinn le Iosa Marta, agus a piuthar, agus Lasarus. Uime sin an uair a chual' e gu robh esan tinn, dh' fhan e anns an àite an robh e dà latha eile. 'Na dhéigh sin thuirt e ri 'dheisciobuil, Rachamaid a rithist do Iudea. Thuirt a dheisciobuil ris, A Mhaighstir, a nis dh' iarr na h-Iudhaich do chlachadh; agus am bheil thu 'dol a rithist an sin? Fhreagair Iosa, Nach 'eil dà uair dheug 'san latha? Ma dh' imicheas duine anns an latha, cha tuislich e, do bhrìgh gu bheil e 'faicinn solus an t-saoghail. Ach ma dh' imicheas duine anns an oidhche, tuislichidh e, do bhrìgh nach 'eil an solus ann. Na nithean so labhair e: agus na dhéigh so thuirt e riutha, Tha ar caraid Lasarus 'na chadal; ach tha mise a' dol a chum gu 'n dùisg mi às a chadal e. Air an aobhar sin thuirt na deisciobuil ris A Thighearna, ma tha e 'na chadal, bidh e slàn. A nis labhair Iosa mu 'bhàs: ach shaoil iadsan gu 'n do labhair e mu fhois cadail. An sin thuirt Iosa riutha gu soilleir, Fhuair Lasarus bàs. Agus tha mi subhach air bhrìgh son-sa nach robh mi an sin, a chum gu 'n creid sibh; ach rachamaid d' a ionnsuidh. Air an aobhar sin thuirt Tomas, ris an abrar Didimus, ri 'cho-dheisciobuil, Rachamaid-ne mar an ceudna, a chum gu faigh sinn bàs maille ris.

An sin an uair a thàinig Iosa, fhuair e e an déigh dha bhith cheana ceithir làithean anns an uaigh. A nis bha Betani fagusg do Ierusalem, mu thimchioll còig staidhean deug uaithe; agus thàinig mòran de na h-Iudhaich a chum Mharta agus Mhuire gu comhfhurtachd a thoirt dhaibh a thaobh am bràthar. Air an aobhar sin an uair

a chuala Marta gu robh Iosa 'tighinn, chaidh i 'na chòdhail: ach shuidh Muire anns an taigh. Air an aobhar sin thuirt Marta ri Iosa, A Thighearna, nam biodh tusa an so, cha 'n fhaigheadh mo bhràthair bàs. Agus tha fhios agam a nis fhéin ge b' e air bith nithean a dh' iarras tu air Dia, gu 'n toir Dia dhut iad. Thuirt Iosa rithe, Eirigh do bhràthair a rithist. Thuirt Marta ris, Tha fhios agam gu 'n éirich e a rithist anns an aiseirigh air an latha dheireannach. Thuirt Iosa rithe, Is mise an aiseirigh agus a' bheatha: an tì a tha 'creidsinn annamsa ged gheibheadh e bàs, bidh e beò: agus ge b' e neach a tha beò, agus a' creidsinn annamsa, cha 'n fhaigh e bàs am feasd. Am bheil thu 'creidsinn so? Thuirt i ris, Tha a Thighearna: Tha mi 'creidsinn gur tusa Crìosd, Mac Dhe, a bha gu tighinn a chum an t-saoghail. Agus an uair a thuirt i so, dh' fhalbh i, agus ghairm i a piuthar Muire an uaigneas, ag ràdh, Thàinig am Maighstir, agus tha e 'gad' ghairm. An uair a chual' ise so ghrad dh' éirich i, agus chaidh i d' a ionnsuidh. (A nis cha robh Iosa fhathast air tighinn do 'n bhaile, ach bha e anns an àite an do choinnich Marta e.) An sin na h-Iudhaich a bha maille rithe anns an taigh, agus a bha 'toirt comhfhurtachd dhi, an uair a chunnaic iad gu 'n d' éirich Muire gu grad, agus gu 'n deachaidh i mach, lean iad i, ag radh, Tha i 'dol a chum na h-uaigne a chaoineadh an sin. Air an aobhar sin an uair a thàinig Muire far an robh Iosa, agus a chunnaic i e, thuit i aig a chasan, ag ràdh ris, A Thighearna, nam biodh tusa an so cha 'n fhaigheadh mo bhràthair bàs. Uime sin an uair a chunnaic Iosa i a' gul, agus na h-Iudhaich a thàinig maille rithe a' gul mar an ceudna, rinn e osna 'na

spiorad, agus chuir e e-fhéin fo àmhghair, agus thuirt e C' àit' an do chuir sibh e? Agus thuirt iad ris, A Thighearna, thig agus faic. Ghuil Iosa. Air an aobhar sin thuirt na h-Iudhaich, Feuch, cionnus a ghràdhaich e e! Ach thuirt cuid dhiubh, Nach fhaodadh an duine so a dh' fhosgail sùilean an doill a thoirt fa near nach fhaigheadh am fear so bàs? Uime sin Thàinig Iosa, ag osnaich a rithist ann fhéin, a chum na h-uaigne. A nis b' uamh i, agus bha clach air a cur oirre. Thuirt Iosa, Thugaibh air falbh a' chlach. Thuirt Marta, piuthar and duine mhairbh, ris, A Thighearna, tha nis droch bholadh dheth: oir tha e ceithir làithean marbh. Thusa Iosa rithe, Nach dubhairt mi riut, Ma chreideas tu, gu faic thu glòir Dhe? An sin thug iad air falbh a' clach o 'n àite anns an robh an duine marbh air a chur. Agus thog Iosa suas a shùilean, agus thuirt e, Athair tha mi 'toirt buidheachais dhut gu 'n d' éisd thu rium. Agus bha fhios agam gu bheil thu 'g éisdeachd rium a ghnàth: ach thuirt mi e air son an t-sluaigh a tha 'nan seasamh mu m' thimchioll, a chum gu 'n creid iad gu 'n do chuir thusa uat mi. Agus an uair a labhair e na nithean so, ghlaodh e le guth mòr, A Lasarus, thig a mach. Agus thàinig esan a bha marbh a mach, agus a chasan agus a làmhan ceangailte leis an aodach mhairbh; agus bha 'aghaidh ceangailte mu 'n cuairt le neapaicin. Thuirt Iosa riutha, Fuasglaibh e, agus leigibh leis imeachd. Air an aobhar sin chreid mòran de na h-Iudhaich ann, a thàinig a chum Mhuire, agus a chunnaic na nithean a rinn e. Ach dh' fhalbh cuid dhiubh a chum nam Phairiseach, agus dh'innis iad dhaibh na nithean a rinn Iosa.

Air an aobhar sin chruinnich na h-àrd-shagairt agus na

Phairisich comhairle, agus thuirt iad, Ciod a tha sinn a' deanamh? oir tha 'n duine so a' deanamh mòran mbior-bhuilean. Ma leigeas sinn leis air dòigh so, creididh na h-uile dhaoine ann: agus thig na Romanaich, agus bheir iad air falbh ar n-àite, agus ar cinneach. Ach thuirt fear àraidh dhiubh do 'm b' ainm Caiaphus, air dha bhith 'na àrd-shagart air a bhliadhna sin, Cha 'n aithne dhuibh ni sam bith, ni mò tha sibh a' toirt fa near gur iomchuidh dhuinne gu faigheadh aon duine bàs air son an t-sluaigh, agus nach biodh an cinneach uile air a sgrios. A nis cha b' ann uaithe fhéin a labhair e so; ach air dha bhith 'na àrd-shagart air a' bhliadhna sin, rinn e fàidheadaireachd gu faigheadh Iosa bàs air son a chinnich sin; agus cha 'n ann air son a' chinnich sin a mhàin, ach a chum mar an ceudna gu 'n cruinnicheadh e an ceann a chéile 'nan aon clann Dhé a bha air an sgapadh. Uime sin o 'n latha sin a mach chuir iad an comhairle ri' chéile a chum esan a chur gu bàs.

Air an aobhar sin cha d' imich Iosa ni 's mò gu follais-each ann am measg nan Iudhach, ach chaidh e às a sin do dhùthaich làimh ris an fhàsach, gu baile ris an abrar Ephraim; agus an sin ghabh e còmhnuidh maille ri 'dheisciobuil.

Agus thachair an uair a bha e 'dol suas gu Ierusalem, gu 'n deachaidh e troimh mheadhon Shamaria agus Ghalile. Agus an uair a bha e 'dol a steach do bhaile àraidh thachair deichnear dhaoine air a bha 'nan lobhair, a sheas fad uaithe: agus thog iad suas an guth, ag ràdh, Iosa, a Mhaighstir, dean tròcair oirne. Agus an uair a chunnaic e iad, thuirt e riutha, Imichibh agus nochdaibh sibh fhéin do na sagairt. Agus thachair, an

uair a bha iad ag imeachd gu 'n do ghlanadh iad. Agus an uair a chunnaic aon dhiubh gu 'n do leighiseadh e, thill e air ais a' toirt glòire do Dhia le guth àrd; agus thuit e air 'aghaidh aig a chasan-san, a' toirt buidheachais dha: agus bu Shamaritanach e. Agus fhreagair Iosa, agus thuirt e, Nach do ghlanadh deichnear? ach c' àit' am bheil na naoinear? Cha d' fhuaradh aon a thill a thoirt glòire do Dhia ach an coigreach so. Agus thuirt e ris, Eirich agus imich; shlànuich do chreideamh thu.

Agus an uair dh' fheòraich na Phairisich dheth c' uin a thigeadh rìoghachd Dhé, fhreagair e iad agus thuirt e, Cha tig rìoghachd Dhé air chor gu faiceair i: cha mhò a their iad, Feuch, an so! no, Feuch, an sid! oir tha rìoghachd Dhé an taobh a staigh dhibh.

Agus thuirt e ris na deisciobuil, Thig na làithean anns am miannach leibh aon de làithean Mhic an duine 'fhaic-inn, agus cha 'n fhaic sibh e. An sin ma their duine ribh, Feuch, Criosd an so! no, Feuch, an sid; na creidibh e. Oir éiridh Criosdan bréige, agus fàidhean bréige, agus ni iad comharran agus mìorbhuilean mòra; ionnus gu mealladh iad, nam faodadh e bhith, na daoine taghta fhéin. Feuch, dh' innis mi dhuibh e roimh laimh. Uime sin ma their iad ribh, Feuch, tha e anns na seòmraichean uaig-neach; na creidibh sin. Oir mar a thig an dealanach o 'n àird an ear, agus a dhealraicheas e gus an àird an iar; is ann mar sin mar an ceudna a bhios teachd Mhic an duine. Ach is éigin dha air tùs mòran de nithean fhulang, agus a bhith air a dhiùltadh leis a ghinealach so. Agus mar a bha e ann an làithean Noah, mar sin mar an ceudna bithidh e ann an làithean Mhic an duine. Bha iad ag itheadh agus ag òl, a' pòsadh agus air an toirt am

pòsadh, gus an latha an deachaidh Noah a steach do 'n àirc, agus thàinig an dìle, agus sgriosadh iad uile. Amhuil fòs mar a thachair ann an làithean Lot; bha iad ag itheadh agus ag òl, a' ceannach agus a reic, a' planndachadh agus a' togail aitreabh; ach air an latha 'san deachaidh Lot a mach á Sodom, fhrasadh teine agus pronnasg o nèamh, agus sgriosadh iad uile: is ann mar sin a bhitheas anns an latha 's am foillsichear Mac an duine. Anns an latha sin, an tì a bhios air mullach an taighe, agus 'airneis anns an taigh, na tigeadh e nuas gus a toirt leis: agus an tì a tha 's a' mhachair, na tilleadh esan air ais mar an ceudna. Cuimhnichibh bean Lot. Ge b' e neach a dh' iarras a bheatha fhéin a thèarnadh, caillidh e i: agus ge b' e neach a chailleas a bheatha gleidhidh esan i. Tha mi ag ràdh ribh, Anns an oidhche sin bidh dithis dhaoine 'san aon leabaidh; gabhar aon dhiubh, agus fàgar am fear eile. Bidh dithis bhan a' bleath anns a mhuillean; gabhar aon dhiubh, agus fàgar a' bhean eile. Bidh dithis dhaoine anns a' mhachair; gabhar aon dhiubh, agus fàgar am fear eile. Agus fhreagair iadsan, agus thuirt iad ris, C' àite, a Thighearna? agus thuirt esan riutha, Ge b' e àite am bi an corp an sin cruinnichear na h-iolairéan.

CAIB XXXIII.

Am breitheamh eucorach agus a' bhantrach bhoichd—Am Phairiseach agus an cìs-mhaor—Labhair Iosa mu thimchioll litir-dhealachaidh—Bheannaich e a' chlann bheag—Dh' innis e do dhuine saoibhir mar a gheibheadh e a' bheatha mhaireannach—Cosamhlachd an luchd-oibre anns a' ghàradh fhìona.

Agus labhair e cosamhlachd riutha, a' nochdadh gur còir dhaibh ùrnuigh a dheanamh a ghnàth, agus gun fhannachadh; ag ràdh, Bha breitheamh ann am baile àraidh air nach robh eagal Dhé, agus aig nach robh urram do dhuine. Agus bha bantrach anns a' bhaile sin, agus thàinig i d' a ionnsuidh ag ràdh, Cum còir rium an aghaidh mo nàmhaid. Agus cha b' àill leis ré tamuill: ach 'na dhéigh sin thuirt e ann fhéin, Ged nach 'eil eagal Dhé orm, no urram agam do dhuine; gidheadh air son gu bheil a bhantrach so a' cur dragh' orm, cumaidh mi còir rithe, air eagal le a sìor-thighinn gu sgèithich i mi. Agus thuirt an Tighearna, Eisdibh ciod a tha 'm breitheamh eucorach ag ràdh. Agus nach dean Dia dìoghaltas air son a dhaoine taghta fhéin, a tha 'g éigheach ris a latha 's a dh' oidhche, ged a tha e fad-fhulangach mu 'n timchioll? Tha mi ag ràdh ribh gu 'n dean e dìoghaltas air an son gu luath. Gidheadh an uair a thig Mac an duine, am faigh e creideamh air an talamh?

Agus labhair e mar an ceudna a' chosamhlachd so ri dream àraidh a bha 'g earbsa asda fhéin gu robh iad 'nam fireanan, agus a bha 'deanamh tàir air dream eile: Chaidh

dithis dhaoine suas do 'n teampull a dheanamh ùrnuigh ; fear dhiubh 'na Phairiseach, agus am fear eile 'na chis-mhaor. Sheas am Phairiseach leis fhéin, agus rinn e ùrnuigh mar so, A Dhé, tha mi 'toirt buidheachais dhut, nach 'eil mi mar a tha 'chuid eile de dhaoine, 'nan luchd-fòir-eiginn, eucorach, adhaltrannach, no eadhon mar an cis-mhaor so. Tha mi a' trasgadh dà uair's an t-seachduin ; tha mi 'toirt deachaimh às na h-uile nithean a tha mi 'sealbhachadh. Ach air do 'n chis-mhaor seasamh fad air ais, cha b' aill leis fiù a shùilean a thogail suas gu nèamh, ach bhuail e 'uchd, ag ràdh, A Dhé, dean tròcair ormsa a tha 'nam pheacach. Tha mi ag ràdh ribh gu 'n deachaidh am fear so sìos d' a thaigh air 'fhìreanachadh ni's mò na 'm fear ud eile : oir ge b' e neach a dh' àrdaicheas e fhéin islichear e ; ach ge b' e a dh' islicheas e fhéin àrdaichear e.

Agus thàinig na Phairisich d' a ionnsuidh 'g a dhearbhadh, agus ag ràdh ris, Am bheil e ceadachte do dhuine a bhean a chur uaithe air son gach uile aobhar ? Agus fhreagair esan agus thuirt e riutha, Nach do leugh sibh, an tì a rinn air tùs iad, gu 'n d' rinn e iad fear agus bean ? Agus thuirt e, Air an aobhar so fàgaidh duine 'athair agus a mhàthair, agus dlùth-leanaidh e ri 'mhnaoi ; agus bidh iad araon 'nan aon fheadil ionnas nach dithis iad ni's mò, ach aon fheadil. Uime sin, an ni a cheangail Dia na sgaoileadh daoine. Agus anns an taigh dh' fheadraich a dheisciobuil dheth a rithist mu thimchioll an ni cheudna, agus thuirt iad ris, C' ar son, ma ta, a dh' àithn Maois litir-dhealachaidh a thoirt dhi, agus a cur air falbh ? Thuirt esan riutha, Dh' fhulaing Maois dhuibhse air son cruas bhur cridhe, bhur mnathan a chur uaibh : ach cha robh e mar sin o thùs. Agus tha mise ag ràdh ribh, Ge b' e

'chuireas uaithe a bhean, ach air son striopachais, agus a phòsas bean eile, tha e a' deanamh adhaltrannais : agus ge b' e neach a phòsas ise a chuireadh air falbh tha e a' deanamh adhaltrannais. Agus ma chuireas bean air falbh a fear, agus ma phòsas i fear eile, tha i a' deanamh adhaltrannais. Thuit a dheisciobuil ris, Ma 's e sin cor an fhir ri 'mhnaoi, cha 'n 'eil am pòsadh math ri 'dheanamh. Ach thuit esan riutha, Cha 'n 'eil na h-uile dhaoine comasach air a' chainnt so a ghabhail, ach iadsan do 'n d' thugadh e. Oir tha cuid 'nan caillteanaich a rugadh mar sin o bhroinn am màthar : agus tha cuid 'nan caillteanaich a rinneadh 'nan caillteanaich le daoine : agus tha caillteanaich ann a rinn iad fhéin 'nan caillteanaich air son rìoghachd nèimh. Ge b' e neach a tha comasach air a ghabhail d' a ionnsuidh gabhadh e e.

An sin thugadh clann bheag d' a ionnsuidh a chum gu 'n cuireadh e a làmhnan orra, agus gu 'n deanadh e ùrnuigh : agus chronaich a dheisciobuil a' mhuinntir a thug d' a ionnsuidh iad. Ach an uair a chunnaic Iosa sin, bha e ro dhiombach, agus thuit e riutha, Leigibh leis na leanabain tighinn a m' ionnsuidh-sa, agus na bacaibh iad ; oir is ann de 'n leithidean so a tha rìoghachd Dhé. Gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, Ge b' e neach nach gabh rìoghachd Dhé mar leanabh beag nach téid e gu bràth a steach innté. Agus ghlac e 'n a uchd iad, agus chuir e a làmhnan orra, agus bheannaich e iad.

Agus an uair a chaidh e mach air an t-slighe, thàinig uachdaran àraidh 'na ruith, agus leig e e-fhéin air a ghlùinean dha, agus dh' fheòraich e dheth, ag ràdh, A Mhaighstir mhath, ciod am math a ni mi a chum gu faigh mi a' bheatha mhaireannach ? Agus thuit Iosa ris, C' ar

son a ghoireas tu math dhlomsa? cha 'n 'eil neach sam bith math ach a h-aon, eadhon Dia: ach ma 's àill leat a dhol a steach a chum na beatha coimhid na h-àitheantan. Thuirt esan ris, Cia iad? Agus thuirt Iosa, Na dean adhaltrannas, Na dean mort, Na goid, Na toir fianuis bhréige, Na dean eucoir, Thoir urram do d' athair agus do d' mhàthair, agus gràdhaich do choimhearsnach mar thu fhéin. Thuirt an t-òganach ris, Choimhid mi iad sin uile o m' òige: ciod a tha dh' uireasbhuidh orm fhathast? Agus air do Iosa amharc air, ghràdhaich e e, agus thuirt e ris, Tha aon ni fhathast a dh' uireasbhuidh ort: imich, reic na h-uile nithean a tha agad, agus thoir do na bochdan, agus bidh ionmhas agad air nèamh: agus thig, tog an crann-ceusaidh, agus lean mise. Ach an uair a chual' an t-òganach na briathran so dh' fhalbh e gu brònach: oir bha mòr-shaoibhreas aige.

Agus dh' amhairc Iosa mu 'n cuairt, agus thuirt e ri 'dheisciobuil, Cia deacair do 'n mhuinntir aig am bheil mòr-shaoibhreas a dhol a steach do rìoghachd Dhé! Agus bha mòr-uamhas air na deisciobuil air son a bhriathran. Ach fhreagair Iosa 'rithist, agus thuirt e riutha, A chlann, cia deacair dhaibhsan a chuireas an earbsa ann an saoihbheas a dhol a steach do rìoghachd Dhé! Is fhusa do chàmhail a dhol troimh chrò na snàthaid, na do dhuine saoibhir a dhol a steach do rìoghachd Dhé. Agus bha uamhas thar tomhais orrasan, ag ràdh eatorra fhéin, Cò ma seadh a dh' fhaodas a bhith air a shaoradh? Ach air do Iosa amharc orra thuirt e, Do dhaoine tha so eu-comasach; ach do Dhia tha na h-uile nithean comasach.

Agus thòisich Peadair air a ràdh ris, Feuch, thréig sinne na h-uile nithean agus lean sinn thusa; ciod uime sin a

gheibh sin? Agus thuirt Iosa riutha, Gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, sibhse a lean mise, anns an ath-ghineamhuinn an uair a shuidheas Mac an duine air cathair a ghloire fhéin, gu suidh sibhse mar an ceudna air dà chathair dheug a' toirt breith air dà thréibh dheug Israeil. Agus ge b' e neach a thréig taighean, no bràithrean, no peathraichean, no athair, no màthair, no bean-phosda, no clann, no fearann, air sgàth m' ainm-sa, agus air sgàth an t-soisgeil, gheibh e a' cheud uiread anns an aimsir so fhéin, taighean, agus bràithrean, agus peathraichean, agus màthraichean, agus clann, agus fearann, maille ri geur-leanmhuinn; agus anns an t-saoghal ri teachd a' bheatha mhaireannach. Ach tha mòran air thoiseach a bhios air dheireadh; agus air dheireadh a bhios air thoiseach. Oir is cosmhuil rìoghachd nèimh ri fear-taighe, a chaidh a mach gu moch 's a' mhaduinn a thuarasdalachadh luchd-oibre d' a ghàradh-fhìona. Agus an déigh dha còrdadh ris an luchd-oibre air peighinn 's an latha, chuir e d' a ghàradh-fhìona iad. Agus chaidh e mach mu thimchioll na treas uair, agus chunnaic e dream eile 'nan seasamh dìomhanach anns a' mhargadh; agus thuirt e riutha, Imichibhse mar an ceudna do 'n ghàradh-fhìona, agus ge b' e ni a bhios ceart bheir mi dhuibh e. Agus dh' imich iad. Chaidh e mach a rithist mu thimchioll na siathamh agus na naoidheamh uair, agus rinn e mar an ceudna. Agus chaidh e mach mu thimchioll na h-aon uair deug, agus fhuair e dream eile 'nan seasamh dìomhanach, agus thuirt e riutha, C' ar son a tha sibh 'n 'ur seasamh an so fad an latha dìomhanach? Thuirt iad ris, A chionn nach do thuarasdalaich duine sam bith sinn. Thuirt esan riutha, Imichibhse mar an ceudna do 'n ghàradh-fhìona, agus ge b' e ni a tha ceart gheibh sibh e.

Agus an uair a thàinig am feasgar, thuirt tighearna a ghàraidh-fhìona ri a stiùbhard, Gairm an luchd-oibre, agus thoir dhaibh an tuarasdal, a' tòiseachadh o 'n dream a thàinig mu dheireadh gu ruige na ceud dhaoine. Agus an uair a thàinig iadsan a thuarasdalaicheadh mu thimchioll na h-aon uair deug, fhuair gach duine dhiubh peighinn. Ach an uair a thàinig a' cheud dhream, shaoil iadsan gu faigheadh iad ni bu mhò ; ach fhuair gach aon dhiubh mar an ceudna peighinn. Agus an uair a fhuair iad i, rinn iad gearain an aghaidh fear an taighe, ag ràdh, An dream sin a thàinig mu dheireadh cha d' rinn iad obair ach aon uair, agus rinn thu iad ionnan ruinne a ghiùlain uallach agus teas an latha. Ach fhreagair esan agus thuirt e ri fear dhiubh, A charaid, Cha 'n 'eil mi a' deanamh eucoir ort ; nach do chòrd thu rium air peighinn? Tog leat do chuid fhéin, agus imich romhad : is i mo thoil-sa a thoirt do 'n tì a thàinig mu dheireadh mar a thug mi dhutsa. Nach 'eil a ceadaichte dhomhsa an ni a 's toil leam a dheanamh ri mo chuid fhéin? no am bheil do shùil-sa olc, a chionn gu bheil mise math? Mar sin bidh an dream dheireannach air thoiseach, agus an dream a tha air thoiseach air dheireadh : oir tha mòran air an gairm, ach beagan air an taghadh.

CAIB. XXXIV.

Dh' innis Iosa do na h-abstoil mu 'bhàs agus mu 'aiseirigh
—Cha d' thug e do mhic Shebede an ni a bha iad ag
iarraidh—Thug e fradharc do Bhartimeus an dall
—Mu Shacheus an cìs-mhaor—Cosamhlachd nan deich
punnd—Dh' ùng Muire casan Iosa.

Agus bha iad air an t-slighe, a' dol suas gu Ierusalem ; agus bha Iosa 'g imeachd rompa : agus ghlac uamhas iad ; agus air dhaibh a leantuinn bha eagal orra. Agus thug e an dà fhear dheug leis a leith-taobh anns an t-slighe, agus thòisich e air na nithean a bha gu tachairt dha innseadh dhaibh, ag ràdh, Feuch, tha sinn a' dol suas gu Ierusalem, agus bidh na h-uile nithean a tha sgrìobhte leis na fàidhean mu Mhac an duine air an coimhlionadh ; agus bidh Mac an duine air a thoirt thairis do na h-àrd-shagairt, agus do na sgrìobhaichean ; agus dèidh iad a chum bàis e, agus bheir iad thairis do na Cinnich e : agus ni iad fanaid air, agus masluichear e, agus tilgidh iad smugaid air, agus cuiridh iad gu bàs e ; agus air an treas latha éirigh e a rithist. Agus cha do thuig iadsan aon ni dhiubh so ; agus bha na briathran so falaichte orra, agus cha b' aithne dhaibh na nithean a chaidh a labhairt.

An sin thàinig màthair clann Shebede maille ri 'mic, Seumas agus Eoin, d' a ionnsuidh, a' toirt aoraidh dha, agus ag iarraidh ni àraidh air. Agus thuirt esan riutha, Ciod is àill leibh mise a dheanamh dhuibh ? Thuirt i ris, Abair gu suidh iad so mo dhithis mhac, fear dhiubh air

do laimh dheis, agus am fear eile air do laimh chli, ann ad' rìoghachd. Ach fhreagair Iosa agus thuirt e, Cha 'n 'eil fhios agaibh ciod a tha sibh ag iarraidh. Am bheil sibh comasach air a' chupan òl a dh' òlas mise? agus a bhith air bhur baisteadh leis a' bhaisteadh leis am baistear mise? Agus thuirt iadsan ris, Tha sinn comasach. Agus thuirt Iosa riutha, Olaidh sibhse gu deimhin an cupan a dh' òlas mise: agus baistear sibh leis a' bhaisteadh leis am baistear mise: ach suidhe air no laimh dheis, agus air mo laimh chli, cha leamsa sin a thabhairt, ach dhaibhsan do 'm bheil e air ullachadh le m' Athair. Agus an uair a chual' an deichnear so, thòisich iad air mòr-chorr-uich a ghabhail ri Seumas agus Eoin. Agus ghairm Iosa d' a ionnsuidh iad, agus thuirt e riutha, Tha fhios agaibh gu bheil acasan a tha air am meas mar uachdarain air na Cinnich, àrd-thighearnas orra; agus gu bheil aig na daoine mòra làn-ughdarras orra. Ach cha bhi e mar sin 'n 'ur measg-sa: ach ge b' e neach le 'n àill a bhith mòr 'n 'ur measg, bidh e 'na fhear-frithealaidh agaibh; agus ge b' e neach le 'n àill toiseach a bhith aige 'n 'ur measg, bidh e 'na sheirbhiseach do na h-uile, oir cha d' thàinig eadhon Mac an duine a chum gu 'n deantadh frithealadh dha, ach a dheanamh frithealaidh, agus a thoirt anama fhéin mar éiric air son mhòran.

Agus thainig iad gu Iericho: agus air dhasan agus d' a dheisciobuil, agus do shluagh mòr, imeachd a mach á Iericho, bha Bartimeus an dall, mac Thimeuis, 'na shuidhe ri taobh na slighe, ag iarraidh déirce: agus air dha sluagh a chluinntinn a' dol seachad, dh' fhiosraich e ciod bu chiall dha so. Agus dh' innis iad dha gu 'm b' e Iosa o Nasaret a bha 'gabhail seachad. Agus an uair a

chual' e gu 'm b' e Iosa o Nasaret a bh' ann, thòisich e ri glaothaich, agus ri ràdh, Iosa, Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm. Agus chronuich mòran e a chum gu 'm biodh e 'na thosd: ach bu ro mhòid a ghlaodh esan. A Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm. Agus Sheas Iosa, agus dh' àithn e esan a ghairm d' a ionnsuidh; agus ghairm iad an dall, ag ràdh ris, Biodh deagh mhisneach agad; éirich, tha e 'ga d' ghairm. Agus air dhasan 'fhalluinn a thilgeadh uaithe, ghrad dh' éirich e, agus thàinig e gu Iosa, agus thuirt Iosa ris, Ciod is àill leat mise a dheanamh dhut? Thuirt an dall ris, A Thigh-earna, mi dh' faotainn mo fhradhairc. Agus thuirt Iosa ris, Faigh do fhradharc: shlànuich do chreideamh thu. Agus ghrad fhuair e a fhradharc, agus lean e e, a' toirt glòire do Dhia: agus thug an sluagh uile cliù do Dhia, an uair a chunnaic iad so.

Agus chaidh Iosa troimh Iericho. Agus, feuch, bha duine ann do 'm b' ainm Sacheus; agus b' ard chis-mhaor e, agus bha e saoibhir. Agus bha déidh aige air Iosa 'fhaicinn, cò e; agus cha b' urrainn e air son an t-sluaigh, a chionn gu robh e iosal 'na phearsa. Agus ruith e roimhe, agus streap e suas ann an craoibh Shicamoir, a chum gu faiceadh e e; oir bha e gus an t-slighe sin a ghabhail. Agus an uair a thàinig Iosa chum an àite sin, air dha amharc suas, chunnaic e e, agus thuirt e ris, A Shacheuis, thig a nuas gu grad; oir is éiginn dhomhsa stad an diugh aig do thaigh. Agus thàinig e nuas le cabhaig, agus ghabh e ris gu subhach. Agus an uair a chunnaic iad so, rinn iad uile gearain, ag ràdh, Gu 'n deachaidh e steach air aoidheachd gu duine a tha 'na pheacach. Agus sheas Sacheus, agus thuirt e ris,

Feuch, a Thighearna, tha mi a' toirt leith mo mhaoin do na bochdan; agus ma thug mi aon ni o neach sam bith gu h-eucorach, tha mi a' toirt dha a cheithir uiread. Agus thuirt Iosa ris, Thàinig slàinte an diugh a dh'ionnsuidh an taighe so, do bhrìgh gur mac do Abraham esan mar an ceudna. Oir thàinig Mac an duine a shireadh agus a thèarnadh an ni sin a bha caillte.

Agus air dhaibh na nithean so a chluinntinn, chuir e ris, agus labhair e cosamhlachd, do bhrìgh gu robh e am fagusg do Ierusalem, agus gu 'n do shaoil iadsan gu 'm biodh rìoghachd Dhé air a grad-fhoillseachadh. Air an aobhar sin thuirt e, Chaidh duine uasal àraidh do dhùth-aich fad às, a dh'fhaotainn rìoghachd dha fhéin, agus a thilleadh air ais. Agus ghairm e deichnear de 'sheirbhisich, agus thug e dhaibh deich puinnd, agus thuirt e riutha, Deanaibh malairt leotha gus an tig mise. Ach bha fuath aig muinntir a dhùthcha dha, agus chuir iad teachdaireachd 'na dhéigh, ag ràdh, Cha 'n àill leinn an duine so a bhith 'na rìgh oirnn. Agus thachair, an uair a a thill e air ais, an déigh, dha an rìoghachd 'fhaotainn gu n' d'òrduich e na seirbhisich so, do 'n d' thug e an t-airgiod, a bhith air an gairm d' a ionnsuidh a chum gu 'm biodh fios aige ciod a bhuannaich gach aon dhiubh leis a' mhalairt. Agus thàinig a' cheud fhear 'na làthair, ag ràdh, A Thighearna, rinn do phunnd deich puinnd. Agus thuirt e ris, Is math, a dheadh sheirbhisich: do bhrìgh gu robh thusa fìrinneach ann an ro-bheagan, biodh uachdaranachd agadsa air deich bailtean. Agus thàinig an dara fear, ag ràdh, A Thighearna, rinn do phunnd còig puinnd. Agus thuirt e risan mar an ceudna, Bi thusa mar an ceudna os cionn chòig bailtean. Agus thàinig fear

eile, ag ràdh, A Thighearna, feuch, so agad do phunnd a bha agamsa taisgte ann an neapaicin : oir bha eagal orm romhad, do bhrìgh gur duine geur-theann thu : tha thu a' togail an ni nach do leag thu, agus a' buain an ni nach do chuir thu. Agus thuirt e ris, As do bheul fhéin bheir mi breith ort, a sheirbhisich aingidh. Bha fhios agad gur duine geur-theann mi, a' togail an ni nach do leag mi, agus a' buain an ni nach do chuir mi : air an aobhar sin c' ar son nach do chuir thu m' airgiod do 'n bhanca, agus air dhomhsa tighinn thogainn e le riadh? Agus thuirt e riuthasan a bha 'nan seasamh a làthair, Thugaibh uaithe am punnd, agus thoiribh dhasan aig am bheil na deich puinnd e. Agus thuirt iad ris, A Thighearna, tha deich puinnd aige. Oir tha mi ag ràdh ribh gu 'n toirear do gach neach aig am bheil; ach uaitheasan aig nach 'eil, bheirear eadhon an ni sin a tha aige. Ach thugaibh an so na naimhdean ud agamsa leis nach b' àill mise a bhith a' m' rìgh os an cionn, agus marbhaibh a' m' fhianuis iad. Agus an uair a labhair e mar so, dh' imich e rompa, a' dol suas gu Ierusalem.

A nis bha càisg nan Iudhach am fagusg : agus chaidh mòran suas às an dùthaich roimh an chàisg a chum iad fhéin a ghlanadh. Uime sin dh' iarr iad Iosa, agus labhair iad ri 'chéile 'nan seasamh anns an teampull, Ciod i bhur barail-sè? An e nach tig e chum na féille? A nis bha araon na h-àrd-shagairt agus na Phairisich air toirt àithne, nam biodh fios aig neach sam bith c' àit an robh e gu 'n innseadh e e, a chum gu 'n glacadh iad e.

Air an aobhar sin thàinig Iosa sia làithean roimh an chàisg gu Betani, far an robh Lasarus a bha marbh, neach a thog Iosa o na mairbh. Uime sin rinn iad

suipeir dha an sin : agus bha Marta a' frithealadh ; ach bha Lasarus 'n aon dhiubhsan a shuidh aig biadh maille ris. An sin ghabh Muire punnd a dh' oladh spicnaird ro luachmhor, agus dh' ùng i casan Iosa, agus thoirmaich i a chasan le a falt : agus lìonadh an taigh le fàileadh cùbhraidh na h-oladh. Agus bha cuid diombach annta fhéin ag ràdh, C' ar son a rinneadh an t-ana-caitheamh so air an oladh? Ach thuirt aon de 'dheisciobuil, Iudas Iscariot, mac Shimoin, a bha gu esan a bhrath, C' ar son nach do reiceadh an oladh so air son tri cheud peighinn, agus nach tugadh do na bochdan e? A nis thuirt e so, cha b' ann a chionn gu robh suim aige do na bochdan ; ach a chionn gu 'm bu ghadaiche e, agus gu robh an sporan aige, agus gu 'n do ghiùlain e na nithean a chuireadh ann. Agus rinn iad gearain na h-aghaidh. Ach thuirt Iosa, Leigibh leatha ; c' ar son a tha sibh a' cur dragh' oirre? rinn i obair mhath ormsa. Oir tha na bochdan a ghnàth maille ribh, agus ge b' e uair is àill leibh faodaidh sibh math a deanamh dhaibh ; ach cha 'n 'eil mise a ghnàth agaibh. Rinn i na dh' fhaodadh i : thàinig i roimh laimh a dh' ùngadh mo chuirp a chum adhlaic. Gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, ge b' earrann air bith air feadh an domhain uile, anns am bi an soisgeul so air a shearmonachadh, bithidh mar an ceudna an ni so a rinn i air innseadh mar chuimhne oirre.

Agus bha fhios aig sluagh mor de na h-Iudhaich gu robh e an sin : agus thàinig iad, cha b' ann a mhàin air son Iosa, ach a chum gu faiceadh iad mar an ceudna Lasarus, a thog esan o na mairbh. Ach ghabh na h-àrd-shagairt comhairle a chum Lasarus mar an ceudna a chur gu bàs ; do bhrìgh air a shon-san gu 'n d' imich mòran de na h-Iudhaich, agus gu 'n do chreid iad ann an Iosa.

CAIB. XXXV.

Mharcaich Iosa gu Ierusalem air asail—Mhollaich e an crann-fige—Dh' fhuadaich e mach ds an teampull an dream a bha 'reic agus a' ceannach—Dh' earalaich e a dheisciobuil iad a bhith seasmhach 's a' chreideamh—Chuir e na sagairt 'nan tosd—Cosamhlachd an dithis mhac, agus tuath an fhònlìos.

Air an latha màireach, air do mhòr shluagh a thàinig a chum na féille a chluinntinn gu robh Iosa 'tighinn gu Ierusalem, ghlac iad geugan pailme, agus chaidh iad a mach 'na chòdhail, agus ghlaodh iad a mach, Hosanna : Beannaichte gu robh Rìgh Israeil a tha 'tighinn ann an ainm an Tighearna.

Agus an uair a bha iad a' tarruinn dlùth do Ierusalem, agus a thàinig iad gu Betphage, chuir Iosa dithis de 'dheisciobuil uaithe, ag ràdh riutha, Rachaibh do 'n bhaile ud thall fa 'r comhair, anns an faigh sibh, air dhiubh a dhol a steach, asal ceangailte agus loth maille rithe air nach do shuidh aon duine riamh : fuasglaibh iad, agus thugaibh leibh iad. Agus ma their neach sam bith ribh, C' ar son a tha sibh 'g am fuasgladh, abraibhse, Tha feum aig an Tighearn' orra : agus gun dàil cuiridh e an so iad. Rinn-eadh na nithean so uile a chum gu 'n coimhliontadh an nì a labhradh leis an fhàidh, ag ràdh, Innsibh do nighean Shioin, Feuch, tha do Rìgh a' tighinn a' d' ionnsuidh gu ciùin, agus e'n a shuidhe air asail, agus air loth mac na h-asail.

Cha do thuig a dheisciobuil na nithean so air tùs : ach an uair a ghlòraicheadh Iosa, an sin chuimhnich iad gu robh na nithean so sgrìobhte uime, agus gu 'n d' rinn iad na nithean so dha.

Agus dh' imich iad, agus fhuair iad an searrach ceangailte a muigh aig dorus, aig coinneachadh dà shlighe ; agus dh' fhuasgail iad e. Agus thuirt cuid dhiubhsan a bha 'nan seasamh an sin, riutha, C' ar son a tha sibh a' fuasgladh an t-searraich ? Agus thuirt iadsan riutha mar a dh' àithn Iosa dhaibh : agus leig iad air falbh iad. Agus thug iad an searrach gu Iosa : agus thilg iad am falluinnean air an t-searrach, agus chuir iad Iosa air a mhuin. Agus sgaoil mòran am falluinnean air an t-slighe ; agus ghearr cuid eile geugan de na craobhan, agus sgaoil iad air an t-slighe iad. Agus thog an sluagh a bha roimhe agus 'na dhéigh iolach, ag ràdh, Hosanna do Mhac Dhaibhidh : Beannaichte gu robh an tì a thig ann an ainm an Tigh-earna ; Hosanna anns na h-àrdaibh.

Agus an uair a bha e 'tarruinn am fagusg, eadhon a' cromadh le sliabh nan crann oladh, thòisich mòr-chuideachd nan deisciobul uile ri gàirdeachas a dheanamh, agus moladh a thoirt do Dhia le guth àrd, air son nan uile oibre cumhachdach a chunnaic iad ; ag ràdh, Gu ma beannaichte an Rìgh a tha 'tighinn ann an ainm an Tighearna : sìth air nèamh, agus glòir anns na h-àrdaibh. Agus thuirt cuid de na Phairisich o mheasg an t-sluaigh ris, A Mhaighstir, cronuich do dheisciobuil. Agus fhreagair esan, agus thuirt e riutha, Tha mi ag ràdh ribh, nam fanadh iad so 'nan tosd gu 'n glaothadh na clachan fhéin.

Agus an uair a thàinig e am fagusg, chunnaic e am baile, agus ghuil e air a shon, ag ràdh, Nam b' aithne dhut,

eadhon dhutsa, ann ad' latha so fhéin, a' bheag sam bith de na nithean a bhuineas do d' shìth ! ach a nis tha iad air am falach o d' shùilean. Oir thig na làithean ort, anns an tilg do nàimhdean d'ig mu d' thimchioll, agus an iath iad umad mu 'n cuairt agus an druid iad a staigh air gach taobh thu, agus an leag iad cho iosal ris an làr thu, agus do chlann annad ; agus cha 'n fhàg iad clach air muin cloiche annad ; do bhrìgh nach b' aithne dhut aimsir d' fhiosrachaidh.

Agus an uair a thàinig e steach do Ierusalem, ghluais-eadh am baile uile, ag ràdh, Co e so ? Agus thuirt an sluagh, Is e so Iosa, am fàidh o Nasaret Ghalile.

Air an aobhair sin rinn an sluagh a bha maille ris fianuis gu 'n do ghairm e Lasarus às an uaigh, agus gu n do thog e o na mairbh e. Air a shon so mar an ceudna choinnich an sluagh e, do bhrìgh gu 'n cuala iad gu 'n d' rinn e am mìorbhuil so. Thuirt na Phairisich uime sin eatorra fhéin, Am faic sibh nach 'eil sibh a' buadhachadh a' bheag sam bith ? Feuch, tha 'n saoghal air dol 'na dhéigh.

Agus chaidh e steach do 'n teampull ; agus an uair a dh' amhairc e air gach ni mu 'n cuairt, air do 'n fheasgar a bhith nis ann, chaidh e mach gu Betani maille ris an dà fhear deug.

Agus air an latha màireach, an uair a chaidh iad a mach á Betani, dh' fhàs e acrach. Agus air dha craobh-fhigean fhaicinn fada uaithe air an robh duileach, thàinig e, dh' fheuchainn am faigheadh e ni sam bith oirre : agus an uair a thàinig e d' a h-ionnsuidh, cha d' fhuair e ni sam bith ach duilleach ; oir cha b' e àm tional nam figean a bh' ann. Agus fhreagair Iosa, agus thuirt e rithe, Nar

itheadh neach sam bith toradh dhiotsa o so suas a chaoidh. Agus chual' a dheisciobuil e. Agus shearg a' chraobh-fhigean gun dàil.

Agus thàinig iad gu Ierusalem; agus chaidh Iosa a steach do 'n teampull, agus thòisich e air an dream a bha 'reic agus a' ceannach anns an teampull a chur a mach, agus thilg e thairis bùird luchd-malairt an airgid, agus caithrichean na muinntir a bha 'reic chalaman; agus cha 'n fhuiligeadh e gu 'n giùlaineadh neach sam bith soitheach troimh an teampull. Agus theagaisg e, agus thuirt e riutha, Nach 'eil e sgrìobhte, Goirear de m' thaigh-sa taigh-ùrnuigh do na h-uile chinnich? ach rinn sibhse 'na gharaidh luchd-reubainn e. Agus chuala na sgrìobhaichean agus na h-àrd-shagairt agus ceannardan a' phobuill so, agus dh' iarr iad cionnus a dh' fhaodadh iad esan a sgrios: oir bha eagal orra roimhe do bhrìgh gu robh an sluagh uile fo iongantas mòr ri 'theagasg: gidheadh cha robh fhios aca ciod a dheanadh iad.

Agus thàinig na doill agus na bacaich d' a ionnsuidh; agus shlànuich e iad. Ach an uair a chunnaic na h-àrd-shagairt agus na sgrìobhaichean na gnìomharan iongantach a rinn e, agus a chlann a' glaothaich anns an teampull, agus ag ràdh, Hosanna do Mhac Dhaibhidh; bha corruich mhòr orra, agus thuirt iad ris, Am bheil thu 'cluinntinn ciod a tha iad so ag ràdh? Agus thuirt Iosa riutha, Tha mi a' cluinntinn: Nach do leugh sibhse riamh, A beul naoidhean agus chiochran choimblion thu moladh? Agus dh' fhàg e iad, agus chaidh e mach às a' bhaile do Bhetani, agus dh' fhan e an sin.

Agus anns a' mhaduinn an uair a bha iad a' gabhail seachad, chunnaic iad a' chraobh-fhigean air seargadh o a

freumhan. Agus air cuimhneachadh do Pheadair thuirt e ris, A Mhaighstir, feuch, tha 'chraobh-fhigean a mhollaich thu air seargadh às. Agus fhreagair Iosa agus thuirt e riutha, Biodh creideamh agaibh ann an Dia. Oir gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, Ge b' e neach a their ris a' bheinn so, Bi air do thogail agus air do thilgeadh 'san fhairge, agus nach bi fo amhrus 'na chridhe, ach a chreideas gu 'n tachair an ni a their e, thig gach ni a their e gu crìch. Air an aobhar sin tha mi ag ràdh ribh, Ge b' e air bith nithean a dh' iarras sibh ann an ùrnuigh, creidibh gu faigh sibh iad. Agus ge b' e uair a sheasas sibh a' dheanamh ùrnuigh, thugaibh mathanas, ma tha nì air bith agaibh an aghaidh aon neach; a chum gu 'n toir bhur n-Athair a ta air nèamh mar an ceudna mathanas peacaidh dhuibhse. Ach mur toir sibhse mathanas, cha mhò a bheir bhur n-Athair a ta air nèamh mathanas peacaidh dhuibhse.

Agus thàinig iad a rithist gu Ierusalem: agus air dhasan a bhith a' spaisdeireachd anns an teampull, thàinig na h-àrd-shagairt, agus na sgriobhaichean, agus na seanairean d' a ionnsuidh; agus thuirt iad ris, Ciod e an t-ùghdarras leis am bheil thu 'deanamh nan nithean so? agus cò a thug dhut an t-ùghdarras so a chum na nithean so a dheanamh? Agus fhreagair Iosa agus thuirt e riutha, Feòraichidh mise mar an ceudna aon cheisd dhibhse, agus freagraibh mi, agus innsidh mise dhuibhse ciod an t-ùghdarras leis am bheil mi a' deanamh nan nithean so, Baisteadh Eoin, an ann o nèamh a bha e, no o dhaoine? Agus reusonaich iad eatorra fhéin, ag ràdh, Ma their sinn, O nèamh; their esan, C'ar son ma ta nach do chreid sibh e? Ach ma their sinn, O dhaoine; clachaidh an sluagh uile sinn; oir is deimhin leotha gu 'm b' fhàidh Eoin. Agus fhreagair

iad Iosa agus thuirt iad, Cha 'n 'eil fhios againn. Agus thuirt esan riutha, Cha mhò a dh'innseas mise dhuibhse ciod e an t-ùghdarras leis am bheil mi a' deanamh nan nithean so.

Ach ciod i bhur barail-se? Bha aig duine àraidh dithis mhac; agus thàinig e dh'ionnsuidh a' cheud mhic, agus thuirt e, A mhic, imich, dean obair an diugh ann am ghàradh-fiona. Agus fhreagair esan agus thuirt e, Cha dean: ach 'na dhéigh sin ghabh e aithreachas agus dh'imich e. Agus thàinig e dh'ionnsuidh an dara mic, agus thuirt e mar an ceudna. Agus fhreagair esan agus thuirt e, Théid, a Thighearna: agus cha deachaidh e. Cò de 'n dithis a rinn toil 'athar? Thuirt iadsan ris, A' cheud fhear. Thuirt Iosa riutha, Gu fìrinneach tha mise ag ràdh ribh, gu 'n téid na cìs-mhaoir agus na strìopaichean do rìoghachd Dhé roimhibhse. Oir thàinig Eoin do bhur n-ionnsuidh-se ann an slighe na fìreantachd, agus cha do chreid sibh e: ach chreid na cìs-mhaoir agus na strìopaichean e: agus ged a chunnaic sibhse so, cha do ghabh sibh aithreachas 'na dhéigh sin, a chum gu 'n creideadh sibh e.

Eisdibh ri cosamhlachd eile: Bha fear-taighe àraidh ann a phlanndaich fìon-lios, agus chuir e gàradh m'a thimchioll, agus chladhaich e ionad-bruthaidh an fhìona ann, agus thog e tùr, agus shuidhich e air tuath e, agus chaidh e do dhùthaich eile ré aimsir fhada. Agus an uair a thàinig àm an toraidh dlùth, chuir e a sheirbhisich a dh'ionnsuidh na tuatha, a dh'fhaotainn a thoraidh. Agus rug an tuath air a sheirbhisich, agus ghabh iad air fear dhiubh, agus mharbh iad fear eile, agus chlach iad fear eile. A rithist, chuir e seirbhisich eile uaithe, a bharrachd air a' cheud fheadhainn: agus rinn iad a' cheart ni orrasan.

Agus thuirt tighearna an fhìon-lios, Ciod a ni mi? Cuiridh mi mo mhac gràdhach do'n ionnsuidh: faodaidh e bhith gu'n toir iad urram dha an uair a chì iad e. Ach an uair a chunnaic an tuath am mac, reusonaich iad eatorra fhéin ag ràdh, Is e so an t-oighre: thigibh, marbhamaid e, a chum gu'm bi an oighreachd againn fhéin. Agus rug iad air, agus thilg iad a mach às an fhìon-lios e, agus mharbh iad e. Air an aobhar sin, an uair a thig tighearna an fhìon-lios, ciod a ni e ris an tuath sin? Thuirt iad ris, Sgriosaidh e gu truagh na droch dhaoine sin, agus suidhichidh e am fion-lios air tuath eile a bheir dha a thoraidh 'nan aimsir fhéin. Thuirt Iosa riutha, Nach do leugh sibh riamh anns na sgriobtuirean, A' chlach a dhiult na clachairean rinneadh i'na cloich-chinn na h-oisne: is e 'n Tighearna a rinn so, agus tha e iongantach 'nar sùilean-ne. Air an aobhar sin tha mi ag ràdh ribh, Gu'n toirear rìoghachd Dhé uaibhse, agus gu'n toirear i do chinneach a bheir seachad a toraidh. Agus ge b'e neach a thuiteas air a' chloich so bristear'n a bhloidhean e; ach ge b'e neach air an tuit i, ni i mìn-luaithre dheth. Agus an uair a chuala na h-àrd-shagairt agus na Phairisich a chosamhlachd-san, thuig iad gu'm b' ann mu'n timchioll fhéin a labhair e. Agus an uair a b'àill leotha greim a dheanamh air, bha eagal orra roimhe'n t-sluagh, oir bha meas fàidh aca airsan. Agus dh'fhàg iad e, agus dh'fhalbh iad.

CAIB. XXXVI.

Cosamhlachd banais mhic an Rìgh—Mu bhith 'toirt cùs do Cheasar—Barail mhearachdach nan sadusach mu thimchioll aiseirigh nam marbh—Dh' fhèdraich Iosa de na Phairisich ciod a' bharail a bh' aca air Crìosd.

Agus fhreagair Iosa, agus labhair e riutha 'rithist ann an cosamhlachdan, ag ràdh, Is cosmhuil rìoghachd nèimh ri rìgh àraidh a rinn banais-phòsaidh dh' a mhac, agus chuir e' sheirbhisich a ghairm na muinntir a fhuair cuireadh a chum na bainnse: agus cha b' àill leothasan tighinn. A rithist, chuir e seirbhisich eile 'mach ag ràdh, Abraibhse ris a' mhuinntir do 'n d' thugadh cuireadh, Feuch, dheasaich mi mo dhinneir: tha mo dhaimh agus mo spréidh bhiadhta air am marbhadh, agus tha na h-uile nithean deasaichte: thigibh a chum na bainnse. Ach chuir iadsan an suarachas e, agus dh' imich iad rompa, fear dhiubh a chum a chuid fearainn, agus fear eile 'chum a cheannachd: agus rug a' chuid eile dhiubh air a sheirbhisich, agus thug iad masladh dhaibh, agus mharbh iad iad. Ach an uair a chual' an rìgh so ghabh e fearg; agus chuir e 'armailtean uaithe, agus sgrios e na mortairean ud, agus loisg e am baile-san. An sin thuirt e ri' sheirbhisich; Gu fìrinneach tha 'bhanais deasaichte, ach a' mhuinntir a fhuair cuireadh cha b' àiridh iad air. Air an aobhar sin imichibhse gu snaim nan rathaidean mòra, agus thugaibh cuireadh do na h-uile neach a gheibh sibh gu tighinn a dh' ionnsuidh na bainnse. Agus chaidh na seirbhisich sin a mach air

na rathaidean, agus chruinnich iad gach uile neach a fhuair iad, eadar olc agus mhath; agus lionadh taigh na bainnse le muinntir a shuidh a chum bìdh. Ach an uair a chaidh an rìgh a steach a dh'fhaicinn nan aoidhean, chunnaic e an sin duine aig nach robh trusgan na bainnse uime: agus thuirt e ris, A charaid, cionnus a thàinig thusa steach an so gun trusgan na bainnse umad? Agus bha e 'na thosd. An sin thuirt an rìgh ris na seirbhisich, Ceanglaibh e eadar chasan agus làmhan, togaibh leibh e, agus tilgibh e anns an dorchadas iomallach: an sin bìdh gul agus giosgan fhiacal. Oir tha mòran air an gairm, ach beagan air an taghadh.

An sin dh'imich na Phairisich, agus ghabh iad comhairle cionnus a dh'fhaodadh iad esan a ribeadh 'na chainnt. Agus chuir iad d' a ionnsuidh an deisciobuil fhéin maille ri luchd-leanmhuinn Heroid, a leigeadh orra fhéin a bhith 'nam fireanan, a chum gu 'n deanadh iad gréim air 'fhacail air chor 's gu 'n tugadh iad thairis e do chumhachd agus do ùghdarras an uachdarain, agus thuirt iad, A Mhaighstir, tha fhios againne gu bheil thusa fìor, agus gu bheil thu 'teagasg slighe Dhé ann am fìrinn, agus nach 'eil suim agad do dhuine sam bith: oir cha 'n 'eil thu 'g amharc air pearsa dhaoine. Uime sin innis dhuinne, ciod i do bharail. Am bheil e ceadachte cìs a thoirt do Cheasar, no nach 'eil? An tabhair, no nach tabhair sinn i? Ach thuig Iosa an aingidheachd, agus thuirt e, C'ar son a tha sibh 'ga 'm bhuaireadh, a chealgairean? Seallaibh dhomhsa airgid na cìse. Agus thug iad peighinn d' a ionnsuidh. Agus thuirt e riutha, Cò dha bhuineas an dealbh agus an sgrìobhadh so? Thuirt iadsan ris, Do Cheasar. An sin thuirt e riutha, Thugaibh uime sin do

Cheasar na nithean a 's le Ceasar; agus do Dhia na nithean a 's le Dia, agus cha b' urrainn iad gréim a dheanamh air a chainnt am fianuis an t-sluaigh: agus ghabh iad iongantas ri' fhreagradh, agus dh' fhan iad 'nan tosd, agus dh' fhàg iad e, agus dh' imich iad rompa.

Air an latha sin fhéin thàinig d' a ionnsuidh na Sadusaich, a tha ag ràdh nach 'eil aiseirigh ann: agus chuir iad ceisd air, ag ràdh, A Mhaighstir, sgrìobh Maois dhuinne, Nam faigheadh bràthair duine sam bith bàs, agus gu fàgadh e bean, agus nach fhàgadh e clann, gu 'n gabhadh a bhràthair a bhean, agus gu 'n togadh e sliochd d' a bhràthair. A nis bha seachdnar bhràithrean ann: agus ghabh a' cheud fhear dhiubh bean, agus an uair a dh' eug e cha d' fhàg e sliochd, agus ghabh an dara fear i, agus fhuair e bàs, agus cha d' fhàg e sliochd; agus an treas fear mar an ceudna: agus ghabh an t-seachdnar i, agus cha d' fhàg iad sliochd. Agus 'nan déigh uile fhuair a' bhean bàs mar an ceudna. Anns an aiseirigh uime sin, an uair a dh' éireas iad, cò dhiubh do 'm bean i? oir bha i aig an t-seachdnar 'na mnaoi. Agus fhreagair Iosa, agus thuirt e riutha, Tha sibh air seachran gun eòlas agaibh air na sgrìobtuirean, no air cumhachd Dhé. Tha clann an t-saoghail so a' pòsadh, agus air an tabhairt am pòsadh: ach an dream sin a mheasar gur airidh iad air an t-saoghal ud fhaotainn, agus an aiseirigh o na mairbh, cha 'n 'eil iad a' pòsadh: agus cha 'n urrainn iad bàs fhaighinn ni 's mò: oir tha iad an co-inbhe ris na h-ainglean; agus is iad clann Dhé, air dhaibh a bhith 'nan cloinn do 'n aiseirigh. Ach mu thimchioll nam marbh gu 'n éirich iad, nach do leugh sibh ann an leabhar Mhaois, cionnus a labhair Dia ris anns a' phreas, ag ràdh, Is mise Dia

Abrahaim, agus Dia Isaaic, agus Dia Iacoib? Cha 'n e Dia, Dia nam marbh, ach Dia nam beò, oir tha iad uile beò dhasan. Tha sibh uime sin gu mòr air seachran. An sin fhreagair dream àraidh de na sgrìobhaichean, agus thuirt iad, A Mhaighstir, is math a labhair thu.

Agus thàinig aon de na sgrìobhaichean, agus an uair a chual' e iadsan a' deasboireachd ri 'chéile, agus a thuig e gu 'n do fhreagair e gu math iad, chuir e ceisd air, Ciod i a' cheud àithne de na h-àitheantan uile? Agus fhreagair Iosa e, Is i so a' cheud àithne de na h-àitheantan uile, Eisd, O Israel, an Tighearna ar Dia-ne, is aon Tighearna e: agus gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia le d' uile chridhe, agus le d' uile anam, agus le d' uile inntinn, agus le d' uile neart. Is i so a' cheud àithne agus an àithne mhòr. Agus is cosmhuil an dara àithne rithe so, Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu fhéin. Cha 'n 'eil àithne eile ann a's mò na iad so. Air an dà àithne so tha 'n lagh uile, agus na fàidhean an crochadh. Agus thuirt an sgrìobhaiche ris, Gu firinneach, a Mhaighstir, is math a thubhairt thu: oir tha aon Dia ann, agus cha 'n 'eil atharrachadh ann ach e fhéin: agus esan a ghràdhachadh leis an uile chridhe, agus leis an uile thuigse, agus leis an uile anam, agus leis an uile neart, agus neach a ghràdhachadh a choimhearsnaich mar e fhéin, is mò sin na na h-uile làn iobairt-loisgte agus thabhartasan. Agus an uair a chunnaic Iosa gu 'n do fhreagair e gu tuigseach, thuirt e ris, Cha 'n 'eil thu fada o rìoghachd Dhé.

A nis an uair a bha na Phairisich cruinn an ceann a chéile, dh' fheòraich Iosa dhiubh, ag ràdh, Ciod i bhur barail-se mu thimchioll Chrìosd? Cò do 'm mac e?

Thuir iadsan ris, Do Dhaibhidh. Thuir esan riutha, Cionnus ma ta a ghoireas Daibhidh anns an Spiorad a Thighearna dheth, ag ràdh, Thuir an Tighearna ri m' Thighearna, Suidh air mo làimh dheis gus an cuir mi do nàimhdean 'nan stòl fo d' chasan? Uime sin ma ghoireas Daibhidh a Thighearna dheth, cionnus is mac dha e? Agus dh' éisd am mòr-shluagh ris gu toilichte. Agus cha b' urrainn aon neach freagradh sam bith a thoirt air, ni mò a bha chridhe aig aon neach o 'n latha sin suas ni air bith fhèdraich dheth.

CAIB. XXXVII.

Bagraidhean uamhasach an aghaidh nan sgrìobhaichean agus nam Phairiseach.

Agus ann an éisdeachd an t-sluaigh uile thuir e ri 'dheisciobuil, Thugaibh an aire dhuibh fhéin o na sgrìobhaichean leis am miann imeachd ann an culaidhean fada, agus leis an ionmhuinn fáilte fhaotainn air na margaidhean, agus na cathraichean a 's àirde anns na sionagogan, agus na ceud àiteachan-suidhe aig na féilltean; a shluigeas suas taighean bhantrach, agus air sgàth deadh choslais a ni ùrnuighean fada: gheibh iad so an dìteadh a 's mò.

An sin labhair Iosa ris an t-sluagh agus ri 'dheisciobuil, ag ràdh, Tha na sgrìobhaichean agus na Phairisich 'nan suidhe air cathair Mhaois: uime sin na h-uile nithean a

dh' iarras iad oirbhse a choimhead, coimhidibh agus deanaibh iad : ach na deanaibh a réir an oibre ; oir their iad agus cha dèan iad. Oir ceanglaidh iad uallaichean troma agus do-iomchar, agus cuiridh iad air guaillean dhaoine iad ; gidheadh cha charuich iad fhéin iad le h-aon de am meuran. Ach tha iad a' deanamh an oibre uile chum gu 'm bi iad air am faicinn le daoine : oir ni iad am philacteridh leathann, agus iomall an aodaich mòr ; agus is ionmhuinn leotha na ceud àiteachan-suidhe anns na féilltean, agus na ceud chathraichean anns na coimhthionail, agus fàilte fhaotainn air na margaidhean, agus daoine a ghairm Rabbi, Rabbi dhiubh. Ach na goirear Rabbi dhibhse : oir is aon àrd-mhaighstir a th' agaibh, Criosd, agus is bràithrean sibh fhéin uile. Agus na gairmibh bhur n-athair de dhuine sam bith air thalamh : oir is aon Athair a tha agaibh, a ta air nèamh. Cha mhò a ghoirear àrd-mhaighstirean dhibh : oir is aon àrd-mhaighstir a tha agaibh, eadhon Criosd. Ach an tì a 's mò 'n 'ur measg bidh e 'na sheirbhiseach agaibh. Agus ge b' e neach a dh' àrdaicheas e fhéin, islichear e ; agus ge b' e neach a dh' islicheas e fhéin àrdaichear e.

Ach is an-aobhinn dhuibhse, a sgrìobhaichean agus Phairiseacha, a chealgairean ! do bhrìgh gu bheil sibh a' druidealh rìoghachd nèimh an aghaidh dhaoine : oir cha téid sibh fhéin a steach, agus cha 'n fhulaing sibh do 'n dream a tha 'dol a steach a dhol ann.

Is an-aobhinn dhuibh, a sgrìobhaichean agus Phairiseacha, a chealgairean ! oir tha sibh ag itheadh suas taighean bhantrach, agus air sgàth deadh choslais a' deanamh ùrnüighean fada : uime sin gheibh sibh an dìteadh a' s mò.

Is an-aoibhinn dhuibh, a sgrìobhaichean agus Phairis-eacha, a chealgairean ! oir cuartaichidh sibh muir agus tìr a chum aon duine a dheanamh de bhur creideamh fhéin ; agus an uair a bhios e dèante, nì sibh mac ifrinn dheth dà uair nì 's mò na sibh fhéin.

Is an-aoibhinn dhuibh, a chinn-iuil dhalla, a their, Ge b' e neach a bheir mionnan air an teampull cha nì air bith sin ; ach ge b' e bheir mionnan air òr an teampull, tha e ceangailte. Amadana, agus a dhaoine dalla ! oir cò aca is mò an t-òr, no an teampull a tha 'naomhachadh an òir ? Agus, ge b' e bheir mionnan air an altair, cha nì air bith sin ; ach ge b' e bheir mionnan air an tiodhlac a tha oirre, tha e ceangailte. Amadana, agus a daoine dalla ! oir cò aca is mò an tiodhlac, no 'n t-altair a tha 'naomhachadh an tiodhlaic ? Uime sin ge b' e mhionnaicheas air an altair, tha e 'mionnachadh oirre fhéin, agus air gach nì a tha oirre. Agus ge b' e mhionnaicheas air an teampull, tha e 'mionnachadh airsann, agus air an Tì a tha 'na chòmhnuidh ann. Agus ge b' e mhionnaicheas air nèamh, tha e 'mionnachadh air rìgh-chathair Dhè, agus airsann a tha 'na shuidhe oirre.

Is an-aoibhinn dhuibh, a sgrìobhaichean agus Phairis-eacha, a chealgairean ! oir tha sibh a' toirt an deachaimh às a' mhionnt, agus an ainis, agus a' chuimin, agus dhìobair sibh nithean cudthromach an lagha, ceartas, agus tròcair, agus creideamh : ach bu chòir dhuibh iad so a dheanamh, agus gun iad sud fhàgail gun deanamh. A chinn-iuil dhalla, a shìolaidheas a' mheanbh-chuileag, agus a shluig-eas an càmhail.

Is an-aoibhinn dhuibh, a sgrìobhaichean agus Phairis-eacha, a chealgairean ! oir glanaidh sibh an taobh a muigh

de 'n chupan agus de 'n mhèis, ach tha iad an taobh a staigh làn reubainn agus eucoir. Thusa Phairisich dhoill, glann air tùs an taobh a staigh de 'n chupan agus de 'n mhèis, a chum gu 'm bi an taobh a muigh dhiubh glan mar an ceudna.

Is an-aobhinn dhuibh, a sgrìobhaichean agus Phairis-eacha a chealgairean! oir is cosmhuil sibh ri uaighean gealaichte, a tha deadh-mhaiseach air an taobh a muigh, ach air an taobh a staigh a tha làn de chànmhan dhaoine marbha, agus de 'n uile shalachar. Mar so mar an ceudna tha sibhse o 'n leith a muigh an coslas fhireanan am fianuis dhaoine, ach 'san taobh a staigh tha sibh làn ceilge agus eusaontais.

Is an-aobhinn dhuibh, a sgrìobhaichean agus Phairis-eacha, a chealgairean! oir tha sibh a' togail àitean-adhlacaidh nam fàidhean, agus a' deanamh leac-lithidh nam firean deadh-mhaiseach, agus ag radh, Nam bitheamaid ann an làithean ar n-aithrichean, cha bhitheadh compàirt againn riutha ann am fuil nam fàidhean. Uime sin tha sibh 'n 'ur fianuisean dhuibh fhéin, gur sibh clann na muinntir a mharbh na fàidhean. Llonaibhse suas ma ta tomhas bhur n-aithrichean. A nathraichean, a shìol nan nathraichean nimhe, cionnus a théid sibh às o dhamnadh ifrinn? Air an aobhar sin, feuch, tha mise a' cur do bhur n-ionnsuidh fàidhean, agus daoine glice, agus sgrìobhaichean; cuid dhiubh marbhaidh agus ceusaidh sibh; agus cuid dhiubh sgiùrsaidh sibh ann bhur sionagogan, agus ni sibh geur-leanmhuinn orra o bhaile gu baile: a chum gu 'n tig oirbh gach uile fhuil fhireanta a dhòirteadh air an talamh, o fhuil Abeil fhìreanta gu fuil Shachariais, mhic Bharachiais, a mharbh sibh eadar an teampull agus an

t-altair. Gu fìrinn each tha mi ag ràdh ribh, Gu 'n tig na nithean so uile air a' ghinealach so.

O Ierusalem, Ierusalem, a mharbhas na fàidhean, agus a chlachas an dream a chuirear a' d' ionnsuidh ! cia minic a b' àill leam do chlann a chruinneachadh ri 'chéile, eadhon mar a chruinnicheas cearc a h-eòin fo a sgiathan, agus cha b' àill leibh ! Feuch, fàgar bhuir taigh agaibh 'na fhàsach. Oir tha mise ag ràdh ribh nach fhaic sibh mise o so suas gus an abair sibh, Is beannaichte an tì a thig ann an ainm an Tighearna.



CAIB. XXXVIII.

Iosa fa chomhair àite-coimhead an ionmhais—Bha Greugaich ag iarraidh 'fhaicinn—Dh' innis e a' ghnè bàis a gheibheadh e, agus nach d' thàinig e a dhiteadh an t-saoghail, ach a shaoradh an t-saoghail.

Agus shuidh Iosa fa chomhair àite-coimhead an ionmhais, agus thug e fa near cionnus a bha am pobull a' cur an airgid 'san ionmhas : agus chuir mòran de dhaoine saoi bhir mòran ann. Agus thàinig bantrach bhòchd, agus thilg i dà bhonn bheag ann, a dheanadh feòrling. Agus ghairm e a dheisciobuil d' a ionnsuidh, agus thuirt e riutha, Gu deimhin tha mi ag ràdh ribh gu 'n do chuir a bhantrach bhòchd so barrachd 'san ionmhas na iadsan uile a chuir ann : oir chuir iadsan uile ann de 'm

mòr-phailteas; ach chuir ise às a gainne ann na bh' aice uile, eadhon a beathachadh gu h-ìomlan.

A nis bha Greugaich àraidh am measg na muinntir a chaidh suas a chum aoradh a dheanamh aig an fhéill: air an aobhar sin thàinig iadsan gu Philip, a bha o Bhetsaida Ghailile, agus dh' iarr iad air, ag ràdh, A thighearna, bu mhiann leinne Iosa fhaicinn. Thainig Philip agus dh' innis e do Andras: agus a rithist dh' innis Andras agus Philip do Iosa. Agus fhreagair Iosa iad, ag ràdh, Thàinig an uair, a chum gu 'm biodh Mac an duine air a ghlòrachadh. Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, Mur faigh an gràinne cruithneachd a thuiteas anns an talamh bàs, fanaidh e 'na aonar: ach ma gheibh e bàs bheir e toradh mòr uaithe. Esan a ghràdhaicheas 'anam, caillidh e e; agus esan a dh' fhuathaicheas 'anam, anns an t-saoghal so, gleidhidh e e a chum na beatha maireannaich. Ma ni neach sam bith seirbhis dhomhsa, leanadh e mi; agus ge b' e àite 's am bi mise, bithidh mo sheirbhiseach an sin mar an ceudna: ma ni neach sam bith seirbhis dhomhsa, bheir m' Athair urram dha. A nis tha m' anam fo àmhghair; agus ciod a their mi? 'Athair saor mi o 'n uair so. Ach is ann air a shon so a thàinig mi a chum na h-uair so. 'Athair, glòraich d' ainm. Air an aobhar sin thàinig guth o nèamh, ag ràdh, Ghlòraich mi mar tha e, agus glòraichidh mi a rithist e. Uime sin thuirt an sluagh a sheas a làthair, agus a chual' e, gu robh tàirneanach ann: thuirt cuid eile, Labhair aingeal ris. Fhreagair Iosa agus thuirt e, Cha 'n ann air mo shon-sa a thàinig an guth so, ach air bhur son-sa. A nis tha breitheanas an t-saoghail so ann: a nis tilgear uachdaran an t-saoghail so a mach. Agus mise,

ma thogar suas o 'n talamh mi, tàirngidh mi na h-uile dhaoine do m' ionnsuidh fhéin. Ach thuirt e so, a' ciallachadh ciod a' ghné bàis a gheibheadh e. Uime sin fhreagair an sluagh e, Chuala 'sinne às an lagh gu fan Criosd gu siorruidh : agus cionnus a tha thusa ag ràdh, Gur éiginn do Mhac an duine a bhith air a thogail suas? cò e Mac so an duine? Air an aobhar sin thuirt Iosa riutha, Fhathast ré tamuill bhig tha 'n solus maille ribh. Gluaisibh am feadh 's a tha 'n solus agaibh, a chum nach beir an dorchadas oirbh : oir an tì a tha 'g imeachd anns an dorchadas cha 'n aithne dha c' àite am bheil e 'dol. Am feadh 's a tha 'n solus agaibh creidibh 'san t-solus, a chum gu 'm bi sibh 'n 'ur cloinn do 'n t-solus.

Agus ghlaodh Iosa, agus thuirt e, An tì a tha 'creidsinn annamsa, cha 'n ann annamsa tha e 'creidsinn, ach anns an tì a chuir uaithe mi. Agus an tì a tha 'g am' fhaicinn-sa tha e 'faicinn an tì a chuir uaithe mi. Thàinig mi a' m' sholus a chum an t-saoghail, a chum ge b' e a chreideas annam nach fhanadh e ann an dorchadas. Agus ma chluinneas neach sam bith mo bhriathran-sa, agus nach creid e, cha 'n 'eil mise 'g a dhìteadh : oir cha d' thàinig mi a dhìteadh an t-saoghal, ach a shaoradh an t-saoghail. An tì a tha 'cur cùl riumsa, agus nach 'eil a' gabhail ri mo bhriathran, tha neach aige a bheir breith air : am facal a labhair mi bheir e sin breith air anns an latha dheireannach. Oir cha do labhair mi uam fhéin ; ach an t-Athair a chuir uaithe mi thug e àithne dhomh ciod a theirinn, agus ciod a labhrainn. Agus tha fhios agam gur beatha mhaireannach 'àithne-san ; uime sin na nithean a tha mi a' labhairt, mar a thuirt an t-Athair rium, mar sin tha mi a' labhairt.

Labhair Iosa na nithean so, agus dh' fhalbh e, agus dh' fhalaich e e-fhéin uatha. Ach ged rinn e na h-uiread de mhiorbhuilean 'nan làthair, gidheadh cha do chreid iad ann : a chum gu 'm biodh briathran an fhàidh Esaiais air an coimhlionadh, a thubhairt e, A Thighearna, cò a chreid ar n-aithris-ne ? agus cò dha a dh' fhoillsicheadh gàirdean an Tighearna ? Air an aobhar so cha robh e 'n comas dhaibh creidsinn, do bhrìgh gu 'n dubhairt Esaías a rithist, Dhall e an sùilean, agus chruadhaich e an cridhe ; a chum nach fhaiceadh iad le 'n sùilean, agus nach tuigeadh iad le 'n cridhe, agus nach tilleadh iad, agus gu slànuichinn iad. Thuirt Esaías na nithean so, an uair a chunnaic e a ghlòir-san, agus a labhair e uime. Gidheadh chreid mòran de na h-uachdarain ann ; ach air son nam Phairiseach cha d' aidich iad e, air eagal gu 'n cuirteadh a mach às an t-sionagog iad : oir b' annsa leotha glòir dhaoine na glòir Dhé.



CAIB. XXXIX.

Dh' innis Iosa mu sgrios Ierusalem—Mu amhghair nan làithean ud—Mu na comharran a bhiodh air nèamh agus air an talamh—Agus mu ath-theachd fhéin.

Agus chaidh Iosa mach, agus dh' imich e o 'n teampull ; agus thàinig a dheisciobuil d' a ionnsuidh, a' nochdadh dha aitreabh an teampuill, agus ag ràdh, A Mhaighstir,

feuch, ciod a' ghnè chlach so, agus ciod a' ghnè aitreibh so! Agus thuirt Iosa riutha, Nach fhaic sibh an aitreabh mhòr so? gu firinneach tha mi ag ràdh ribh, Nach fhàgar clach air muin cloiche an so, nach tilgear sìos.

Agus an uair a shuidh e air sliabh nan crann-oladh, fa chomhair an teampuill, dh' fheòraich Peadair agus Seumas agus Eoin agus Andras an uaigneas dheth, ag ràdh, Innis, dhuinne c' uin a thig na nithean sin gu crìch! agus ciod e comharradh do theachd-sa, agus deireadh an t-saoghail? Agus fhreagair Iosa agus thuirt e riutha, Thugaibh an aire nach meall aon neach sibh. Oir thig mòran a' m' ainm-sa, ag ràdh, Is mise Crìosd; agus meallaidh iad mòran. Agus cluinnidh sibh cogannan agus tuarisgeul chogannan; thugaibh an aire nach bi sibh fo amhluchd: oir is éiginn do na nithean so uile tachairt: ach cha 'n 'eil a' chrìoch ann fhathast. Oir éiridh cinneach an aghaidh cinnich, agus rìoghachd an aghaidh rìoghachd; agus bithidh gorta, agus plàighean, agus crìtheannan-talmhainn ann an iomadh àite, agus nithean uamhasach, agus comharran o nèamh: cha 'n 'eil anna so uile ach toiseach thruaighean.

Ach thugaibh an aire dhuibh fhéin: oir bheir iad thairis sibh do chomhairlean; agus anns na sionagogan sgiùrsar sibh; agus cuirear sibh an làthair uachdaran agus rìghrean air mo shon-sa, mar fhianuis dhaibhsan. An sin bheir iad thairis sibh a chum àmhghair, agus marbhaidh iad sibh: agus bidh fuath aig na h-uile chinnich dhuibh air sgàth m' ainma-sa. Agus an sin gabhaidh mòran oilbheum, agus brathaidh iad a chéile. Agus éirigh mòran fhàidhean bréige, agus meallaidh iad mòran. Agus do bhrìgh gu 'm bi an eucoir air a meudachadh, fuaraichidh gràdh mhòrain. Agus an uair a bheir

iad leotha sibh gus bhur tabhairt thairis, na biodh e 'na ro-chùram oirbh ciod a labhras sibh, agus na smaoinichibh roimh làimh ciod a fhreagras sibh air bhur son fhéin; ach ge b' e ni a bheirear dhuibh 'san uair sin fhéin, abraibh e : oir cha sibhse a tha 'labhairt ach an Spiorad Naomh : oir bheir mise dhuibh beul agus gliocas, nach bi bhur nàimhdean uile comasach air labhairt, no cur 'n a aghaidh. Agus cha chaillear fuiltein de ghruaig bhur cinn. Ann bhur foighidinn sealbhaichibh bhur n-anama. Ach ge b' e a 'bhitheas seasmhach gus a' chrìoch, is e so a thèarnar. Agus bithidh soisgeul so na rìoghachd air a shearmonachadh air feadh an domhain uile, mar fhianuis do na h-uile chinnich; agus an sin thig a' chrìoch.

Air an aobhar sin an uair a chi sibhse Ierusalem air a cuartachadh le armailtean, agus gràinealachd an léir-sgrìos air an do labhair Daniel am fàidh 'na seasamh anns an ionad naomh, (tuigeadh an tì a leughas,) an sin biodh fhios agaibh gu bheil a fàsachadh am fagusg. An sin teicheadh iadsan a tha ann an Iudea a chum nam beann, agus imicheadh iadsan a tha 'na meadhon a mach aisde. An tì a tha air mullach an taighe, na tigeadh e nuas a thoirt ni sam bith leis às a thaigh : agus an tì a th' anns a' mhachair, na tilleadh e air ais a thogail 'fhalluinn leis. Oir is iad sin làithean an dìoghaltais, a chum gu 'n coimhlionar na h-uile nithean a tha sgrìobhte. Ach mo thruaighe na mnathan a bhios torrach, agus iadsan a bhios a' toirt cìche anns na làithean sin ! oir bithidh teanntachd mhòr 'san dùthaich agus fearg air 'a' phobull so. Agus tuitidh iad le faobhar a' chlaidheimh, agus bheirear am braighdeanas iad a chum nan uile chinneach : agus bidh Ierusalem air a saltairt sìos fo na cinnich gus an coimh-

lìonar aimsir nan cinneach. Ach guidhibhse gun bhur teicheadh a bhith 's a' gheamhradh, no air an t-sàbaid. Oir bithidh àmghair anns na làithean sin, amhuil nach robh a leithid ann o thoiseach na cruitheachd a chruthaich Dia gus a nis, agus nach mò a bhitheas a chaoidh. Agus mur giorraicheadh an Tighearna na làithean, cha bhith-eadh feòil sam bith air a tèarnadh; ach air son an t-sluagh thaghta, a thagh e fhéin, ghiorraich e na làithean.

Ach gun dàil, an déigh trioblaid nan làithean ud, dòrchaichear a' ghrian, agus cha toir a' ghealach seachad a solus, agus tuitidh na reultan o nèamh, agus bidh cumhachdan nan nèamh air an crathadh; agus air an talamh airc nan cinneach, ann an ioma-chomhairle air son beuchdaich a' chuain agus nan tonn; cridhe daoine 'gan tréigsinn troimh eagal, agus feitheamh nan nithean sin a tha 'tighinn air an domhan. Agus an sin foillsichear comharradh Mhic an duine ann an nèamh: agus an sin ni uile threubhan na talmhainn bròn, agus chi iad Mac an duine a' tighinn air neòil nèimh le cumhachd agus glòir ro mhòr. Agus cuiridh e mach 'ainglean le fuaim mòr na gall-truimp, agus cruinnichidh iad a shluagh taghta o na ceithir ghaothan, o leith-iomall nèimh gus an leith-iomall eile. Ach an uair a thòisicheas na nithean so air tachairt amhaircibh suas, agus togaibh bhur cinn; oir tha bhur saorsa am fagusg.

A nis fòghlumaibh cosamhlachd o'n chraoibh-fhìge: an uair a bhios a geug a nis maoth, agus a chuireas i 'mach a duilleach, tha fhios agaibh gu bheil an sàmhradh am fagusg; agus mar an ceudna an uair a chi sibhse na nithean so a' tachairt biodh fhios agaibh gu bheil rìoghachd Dhé fagusg do làimh. Gu deimhin tha mi ag ràdh

ribh, Nach téid an ginealach so fhéin thairis gus an coimhlionar na nithean so uile. Théid nèamh agus talamh thairis, ach cha téid mo bhriathran-sa thairis a chaoidh.

Ach cha 'n 'eil fhios an latha no na h-uaire sin aig neach sam bith, cha 'n 'eil aig na h-ainglean a tha air nèamh, no aig a' Mhac, ach aig an Athair.

Ach thugaibh an aire dhuibh fhéin air eagal uair air bith gu 'm bi bhur cridhe fo uallach le geòcaireachd, agus le misg, agus le ro-chùram mu nithean na beatha so, agus gu 'n tig an latha sin oirbh gu h-obann: oir mar ribe thig e air na h-uile dhaoine a tha 'còmhnuidh air aghaidh na talmhainn. Deanaibhse air an aobhar sin faire, a' deanamh ùrnuigh gach àm, a chum gu measar gur airidh sibh air a dhol às o na nithean sin uile a tha gu teachd, agus seasamh an làthair Mhic an duine. Oir tha Mac an duine mar dhuine a chaidh air thurus, agus a dh' fhàg a thaigh fhéin, agus a thug d' a sheirbhisich cumhachd, agus obair fhéin do gach neach, agus a thug àithne do 'n dorsair faire a dheanamh. Uime sin deanaibhse faire: oir cha 'n 'eil fhios agaibh c' uin a thig maighstir an taighe, an ann air feasgar, no air a' mheadhon-oidhche, no aig gairm choileach, no anns a' mhaduinn; air eagal air dha tighinn gu h-obann gu faigh e sibh 'n 'ur cadal. Agus na nithean a tha mi ag ràdh ribhse, tha mi ag ràdh ris na h-uile dhaoine, Deanaibh faire.

CAIB. XL.

*Cosamhlachd nan deich òighean, agus nan tàlannan—
Cunntas mu 'n bhreitheanas dheireannach.*

An sin samhlaichear rìoghachd nèimh ri deich òighean, a thug leotha an lòchrain, agus a chaidh a mach an còdhail an fhir nuaidh-phòsda. Agus bha còignear dhiubh glic, agus còignear amaideach. Thug iadsan a bha amaideach an lòchrain leotha, ach cha d' thug iad oladh leotha : ach iadsan a bha glic thug iad oladh leotha 'nan soithichean maille ri 'n lòchrain. A nis am feadh a rinn am fear nuadh-pòsda maille, thuit clò cadail orra uile agus suain. Ach anns a' mheadhon-oidhche rinneadh glaoth, Feuch, tha am fear nuadh-pòsda 'tighinn ! Rach-aibh a mach g' a choinneachadh. An sin dh' éirich na h-òighean ud uile, agus dheasaich iad an lòchrain. Agus thuirt na h-òighean amaideach riuthasan a bha glic, Thoiribh dhuinne cuid de bhur n-oladh ; oir tha ar lòchrain a' dol às. Ach fhreagair iadsan a bha glic, ag ràdh, Air eagal nach bi gu leòr ann dhuinn fhéin agus dhuibhse, gu ma feàrr leibh a dhol a chum an luchd-reic, agus ceannaichibh dhuibh fhéin. Agus am feadh a bha iad a' dol a cheannach, thàinig am fear nuadh-pòsda ; agus chaidh iadsan a bha deas a steach maille ris a chum a' phòsaidh, agus dhruideadh an dorus. 'N a dhéigh sin thàinig mar an ceudna na h-òighean eile, ag ràdh, A Thighearna, a Thighearna, fosgail dhuinne. Ach fhreagair esan agus thuirt e riutha, Gu deimhin tha mi ag ràdh

ribh; Nach aithne dhomh sibh. Deanaibh faire air an aobhar sin, do bhrìgh nach aithne dhuibh an latha no an uair air an tig Mac an duine.

Oir is cosmhuil e ri duine a' dol do dhùthaich eile, a ghairm a sheirbhisich, agus a thug dhaibh a mhaoin. Agus do aon dhiubh thug e còig tàlannan, do neach eile a dhà, agus do neach eile a h-aon; do gach aon fa leith a réir a chomais; agus ghabh e a thurus. Gun dàil dh' imich esan a fhuair na còig tàlannan, agus rinn e ceannachd leotha, agus bhuannaich e còig tàlannan eile. Agus mar an ceudna esan a fhuair a dhà bhuannaich e dhà eile. Ach esan a fhuair a h-aon dh' imich e agus chladhaich e anns an talamh, agus dh' fhalaich e airgid a mhaighstir. A nis an déigh aimsir fhada thàinig tighearna nan seirbhisich sin, agus rinn e cunntas riutha. Agus thàinig esan a fhuair na còig tàlannan agus thug e leis còig tàlannan eile, ag ràdh, A Thighearna, thug thu dhomhsa còig tàlannan: feuch, bhuannaich mi còig tàlannan eile. Agus thuirt a thighearna ris, Is math a fhuaras tu, a dheadh sheirbhisich fhìrinnich: bha-thusa fìrinneach ann am beagan nithean, cuiridh mise os cionn mhòran nithean thu; imich thusa 'steach do aoibhneas do thighearna. Agus thàinig mar an ceudna esan a fhuair an dà thàlann agus thuirt e, A Thighearna, thug thu dhomhsa dà thàlann:—feuch, bhuannaich mi dà thàlann eile. Thuirt a thighearna ris, Is math a fhuaras tu, a dheadh sheirbhisich fhìrinnich; bha thusa fìrinneach ann an beagan nithean, cuiridh mise os cionn mhòran nithean thu: imich thusa 'steach do aoibhneas do thighearna. Agus thàinig mar an ceudna esan a fhuair an aon tàlann agus thuirt e, A Thighearna, bha fhios agam gur duine

cruaidh thu, a' buain far nach do chuir thu, agus a' cruinneachadh far nach do sgap thu : agus bha eagal orm, agus chaidh mi agus dh' fhalaich mi do thàlann anns an talamh : feuch, sin agad do chuid fhéin. Ach fhreagair a thighearna agus thuirt e ris, A sheirbhisich aingidh agus leisg, bha fhios agad gu 'm buain mise far nach do chuir mi, agus gu 'n tionail mi far nach do sgap mi ; bu chòir dhut uime sin m' airgiod a thoirt do 'n luchd-malairt, agus air dhomh tighinn gheibhinn mo chuid fhéin maille ri 'riadh. Thoiribh uaithe uime sin an tàlann, agus thoiribh dhasan e aig am bheil na deich tàlannan. Oir do gach neach aig am bheil bheirear, agus bidh pailteas aige : ach uaitheasan aig nach 'eil bheirear eadhon an ni sin a tha aige. Agus tilgibh an seirbhiseach mi-tharbhach so do dhorchadas iomallach : an sin bidh gul agus giosgan fhiacal. Ach an uair a thig Mac an duine 'na ghlòir, agus na h-ainglean naomha uile maille ris, an sin suidhidh e air cathair a ghlòire : agus cruinnichear 'na làthair na h-uile chinnich ; agus sgaraidh e iad o 'chéile, amhuil a sgaras am buachaille na caoraich o na gobhair : agus cuiridh e na caoraich air a làimh dheis, ach na gobhair air a làimh chlì. An sin their an Rìgh riuthasan air a làimh dheis, Thigibh, a dhaoine beannaichte m' Athar-sa, sealbhaichibh mar oighreachd an rìoghachd a tha air a deasachadh dhuibh o leagadh bunaitean an domhain : oir bha mi acrach, agus thug sibh dhomh biadh : bha mi tartmhor, agus thug sibh dhomh deoch : bha mi a' m' choigreach, agus thug sibh aoidheachd dhomh : lomnochd agus chuir sibh aodach orm : bha mi euslan, agus thàinig sibh g' am amharc : bha mi ann am prìosan, agus thàinig sibh a' m' ionnsuidh. An sin freag-

raidh na fireanan e, ag ràdh, A Thighearna, c' uin a chunnaic sinne acrach thu, agus a bheathaich sinn thu? no tartmhor, agus a thug sinn deoch dhut? Agus c' uin a chunnaic sinn a' d' choigreach thu, agus a thug sinn aoidheachd dhut? Agus c' uin a chunnaic sinn euslan thu, no ann am prìosan, agus a thàinig sinn a' d' ionnsuidh? Agus freagraidh an Rìgh, agus their e riutha, Gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, a mheud 's gu 'n d' rinn sibh e do aon de na bràithrean a 's lugha agamsa, rinn sibh dhomhsa e. An sin their e mar an ceudna riuthasan air an làimh chli, Imichibh uam, a shluagh mollaichte, a dh' ionnsuidh an teine shiorruidh a dh' ulluicheadh do 'n diabhul agus d' a ainglean: oir bha mi acrach, agus cha d' thug sibh dhomh biadh: bha mi tartmhor, agus cha d' thug sibh dhomh deoch: bha mi a' m' choigreach, agus cha d' thug sibh aoidheachd dhomh: lomnochd, agus cha do chuir sibh aodach orm: euslan, agus ann am prìosan, agus cha d' thàinig sibh g' am amharc. An sin freagraidh iadsan mar an ceudna e, ag ràdh, A Thighearna, c' uin a chunnaic sinne thu acrach, no tartmhor, no a' d' choigreach, no lomnochd, no euslan, no ann am prìosan, agus nach do fhrithheil sinn dhut? An sin freagraidh esan iad, ag ràdh, Gu deimhin tha mi ag ràdh ribh, a mheud 's nach d' rinn sibh e do 'n neach a 's lugha dhiubh so, cha d' rinn sibh dhomhsa e. Agus imichidh iad so a chum peanais shiorruidh: ach na fireanan a chum na beatha maireannaich.

CAIB XLI.

*Ghabh na h-uachdarain comhairle chum Iosa 'ghlacadh—
Reic Iudas e ris na h-àrd-shagairt—Dh' ith e a'
chàisg maille ri 'dheisciobuil—Nigh e an casan, agus
dh' àithn e dhaibh a bhith iriosal agus seirceil.*

Agus thachair an uair a chrìochnaich Iosa na briathran so uile, gu 'n dubhairt e ri 'dheisciobuil, Tha fhios agaibh gu 'n tig a' chàisg an déigh dà latha, agus tha Mac an duine air a bhrath a chum a cheusadh.

An sin chruinnich uachdarain nan sagart, agus na sgrìobhaichean, agus seanairean a' phobuill, gu talla an àrd-shagairt, de 'n goirear Caiaphas; agus ghabh iad comhairle le 'chéile a chum Iosa 'ghlacadh le foill. Ach thubhairt iad, Cha 'n ann air an fhéill, air eagal gu 'n éirich buaireas am measg an t-sluaigh.

Agus chaidh Iudas d' an co-ainm Iscariot, aon de 'n dà fhear dheug, agus labhair e ris na h-àrd-shagairt agus ris na ceannardan cionnus a bhrathadh e esan dhaibh. Agus thuirt e, Ciod a tha sibh deònach a thoirt dhomhsa agus brathaidh mi dhuibh e? Agus an uair a chual' iadsan so bha iad aoibhneach, agus chòrd iad ris air deich buinn fhichad airgid. Agus gheall esan, agus dh' iarr e àm iomchuidh air a bhrath dhaibh gun an sluagh a bhith làthair.

A nis roimh fhéill na càisge, air do Iosa fios a bhith aige gu robh 'uair air tighinn anns an rachadh e às an t-saoghal so a chum an Athar, air dha a mhuinntir fhéin

a bha anns an t-saoghal a ghràdhachadh, ghràdhaich e gus a' chrìoch iad. Agus thàinig latha an arain neo-ghoirtichte, anns am b' éiginn an t-uan càisge a mharbhadh. Agus chuir e uaithe Peadair agus Eoin, ag ràdh, Imichibh agus ulluichibh dhuinn a' chàisg, a chum gu 'n ith sinn i. Agus thuirt iadsan ris, C' àite an àill leat sinn a dh' ullachadh? Agus thuirt e riutha, Feuch, an uair a théid sibh a steach do 'n bhaile, tacharaidh duine oirbh a' giùlan soitheach uisge; leanaibh e do 'n taigh anns an téid e steach. Agus abraibh ri fear an taighe, Tha am Maighstir ag ràdh riut, Tha m' àm am fagusg; C' àite am bheil an seòmar-aoidheachd anns an ith mi a' chàisg maille ri mo dheisciobuil? Agus nochdaidh esan dhuibh seòmar àrd, farsuinn, 'na làn uidheam agus deasaichte: ann an sin ulluichibh dhuinn. Agus dh' imich iad do 'n bhaile, agus fhuair iad mar a thuirt e riutha: agus dh' ulluich iad a' chàisg.

Agus an tràth thàinig an uair, shuidh e sìos, agus an dà abstol deug maille ris. Agus thuirt e riutha, Le mòr thogradh mhiannaich mi a' chàisg so itheadh maille ribh roimh dhomh fulang: oir tha mi ag ràdh ribh, nach ith mi dhi tuilleadh, gus an coimhlionar i ann an rìoghachd Dhé. Agus ghlac e cupan, agus an déigh dha buidheachas a thabhairt, thuirt e, Gabhaibh so, agus roinnibh eadraibh fhéin e: oir tha mi ag ràdh ribh, nach òl mi á so suas de thoradh na fionain gus an tig rìoghachd Dhé.

Agus dh' éirich mar an ceudna connsachadh 'nam measg, cò aca bu mhò a bhitheadh. Agus thuirt esan riutha, Tha aig rìghrean nan cinneach tighearnas orra; agus goirear daoine fialaidh dhiubhsan aig am bheil ùghdarras orra. Ach cha bhi sibhse mar sin; ach an

neach a's mò 'nar measg biodh e mar an neach a's òige; agus an neach a' s àirde mar an neach a tha ri frithealadh. Oir cò aca is mò an neach a shuidheas aig biadh, no an neach a fhritheileas? Nach e an neach a shuidheas aig biadh? ach tha mise 'n 'ur measg-se mar fhear-frithealaidh. Is sibh iadsan a dh' fhan maille riumsa ann am dheuchainnean; agus tha mise ag òrduchadh dhuibhse rìoghachd, eadhon mar a dh'òrduich m' Athair dhomhsa, a chum gu 'n ith agus gu 'n òl sibh aig mo bhòrd-sa ann am' rìoghachd: agus suidhidh sibh air caith-richean rìoghail a' toirt breith air dà threibh dheug Israeil.

Agus am feadh a bha iad aig an t-suipeir, air do 'n* diabhul roimhe sin a chur an cridhe Iudas Iscariot, mac Shimoin, esan a bhrath; air do Iosa fios a bhith aige gu 'n d' thug an t-Athair na h-uile nithean 'na làmhnan, agus gur ann o Dhia a thàinig e, agus gur ann a dh' ionnsuidh Dhé a bha e 'dol, dh' éirich e o 'shuipeir, agus chuir e dheth 'fhalluinn; agus ghlac e làmh-anart, agus cheangail e uime e. An sin dhòirt e uisge ann an soitheach-ionnlaid, agus thòisich e air casan nan deisciobul a nigheadh, agus air an tiormachadh leis an làmh-anart a bha ceangailte uime. An sin thàinig e gu Simon Peadair. Agus thuirt esan ris, A Thighearna, am bheil thusa a' nigheadh mo chasan-sa? Fhreagair Iosa agus thuirt e ris, An ni so a tha mi 'deanamh cha 'n aithne dhutsa 'nis; ach tuigidh tu e an déigh so. Thuirt Peadair ris, Cha nigh thu mo chasan-sa gu bràth. Fhreagair Iosa e, Mur nìh mi thu, cha 'n 'eil cuid agad maille rium. Thuirt Simon Peadair ris, A Thighearna, cha 'n iad mo chasan a mhàin, ach mar an ceudna mo làmhnan agus mo cheann. Thuirt Iosa ris,

An neach a tha air ionnlaid cha 'n 'eil feum aige ach a chasan a nigheadh, ach tha e gu h-ìomlan glan : agus tha sibhse glan, ach cha 'n 'eil sibh uile glan. Oir bha fhios aige cò a bhrathadh e; uime sin thuirt e, Cha 'n 'eil sibh uile glan.

An sin an déigh dha an casan a nigheadh, agus 'fhall-uinn a chur uime, shuidh e 'rithist, agus thuirt e riutha, Am bheil fhios agaibh ciod a rinn mi dhuibh? Tha sibh a' gairm Maighstir agus Tighearna dhlomsa: agus tha sibh ag ràdh gu math; oir is mi sin. Uime sin ma nigh mise, bhur Tighearna agus bhur Maighstir, bhur casan-sa, is còir dhuibhse mar an ceudna casan a chéile a nigheadh. Oir thug mi eisimpleir dhuibh, a chum mar a rinn mise dhuibhse gu 'n dean sibhse mar an ceudna. Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, Cha mhò an t-òglach na 'mhaighstir; agus cha mhò an teachdaire na 'n tì a chuir uaith' e. Ma 's aithne dhuibh na nithean so, is beannaichte sibh ma ni sibh iad. Cha 'n 'eil mi 'labhairt umaibh uile: is aithne dhomh cò a thagh mi: ach a chum gu 'm bi an sgrìobtuir air a choimhlionadh, An tì a tha 'g itheadh arain maille rium, thog e a shàil a' m' aghaidh. A nis tha mi ag ràdh so ribh mu 'n tig e gu crìch, a chum an uair a thachras e, gu 'n creid sibh gur mise e. Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, an tì a ghabhas ri neach sam bith a chuireas mise uam gabhaidh e riumsa; agus an tì a ghabhas riumsa gabhaidh e ris an Tì a chuir uaithe mi.

CAIB. XLII.

Dh' innis Iosa do Eoin gu robh Iudas Iscariot gus a bhrath—Dh' òrduich e an t-suipeir naomh—Dh' innis e do Pheadair gu 'n àicheadh e trì uairean e—Thug e comh-fhurtachd d' a dheisciobuil, agus gheall e an Spiorad Naomh a chur do 'n ionnsuidh.

An uair a thubhairt Iosa na nithean so, bha e fo thrioblaid 'na spiorad, agus rinn e fianuis, agus thuirt e, am feadh a bha iad ag itheadh, Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, gu 'm brath aon agaibhse, a tha 'g itheadh maille rium, mise. Agus bha iad ro bhrònach, agus thòisich iad air a ràdh ris an déigh a chéile, Am mise e, a Thighearna? Agus fhreagair esan agus thuirt e, Is aon de 'n dà fhear dheug e, a tha 'tumadh maille riumsa 's a' mhéis. Tha Mac an duine gu deimhin ag imeachd mar a tha e sgrìobhte uime: ach is an-aoibhinn do 'n duine sin le 'm brathar Mac an duine! bu mhath do 'n duine sin mur beirteadh riamh e. An sin dh' amhairc na deisciobuil air a chéile, fo amhrus cò uime a labhair e. A nis bha aon de 'dheisciobuil 'na laidhe ann an uchd Iosa, neach a b' ionmhuinn le Iosa. Air an aobhar sin sméid Simon Peadair airsan, gu feòraicheadh e cò uime a labhair e. An sin air dhasan aomadh ri uchd Iosa, thuirt e ris, A Thighearna, cò e? Fhreagair Iosa, is e an tì sin e do 'n toir mise an gréim an déigh dhomh a thumadh. Agus an uair a thùm e an gréim thug e e do Iudas Iscariot, mac Shimoin. Agus an déigh

a' ghreime, chaidh Satan a steach annsan. Uime sin thuirt Iosa ris, An ni a tha thu 'deanamh, dean gu grad e. A nis cha do thuig aon dhiubhsan a bha 'nan suidhe aig a' bhòrd c' ar son a thuirt e so ris. Oir shaoil cuid dhiubh do bhrìgh gu robh an' sporan aig Iudas, gu 'n dubhairt Iosa ris, Ceannaich na nithean a tha dh' uireasbhuidh oirnn a chum na féille; no gu 'n tugadh e ni-éiginn do na bochdan. An sin an déigh dhasan an gréim a ghabhail ghrad chaidh e mach: agus bha 'n oidhche ann.

Uime sin an uair a chaidh esan a mach, thuirt Iosa, A nis tha Mac an duine air a ghlòrachadh, agus tha Dia air a ghlòrachadh ann. Ma tha Dia air a ghlòrachadh ann, glòraichidh Dia esan mar an ceudna ann fhéin, agus gun dàil glòraichidh e e. A chlann bheag, fhathast ùine bheag tha mise maille ribh. Iarraidh sibh mi: agus mar a thuirt mi ris na h-Iudhaich, Do 'n àit' an téid mise, cha 'n 'eil e 'n comas dhuibhse teachd; mar sin tha mi ag ràdh ribhse nis. Aithne nuadh tha mi 'toirt dhuibh, gu 'n gràdhaich sibh a chéile; eadhon mar a ghràdhaich mise sibhse, gu 'n gràdhaich sibh fhéin a chéile mar an ceudna. Le so aithnichidh na h-uile dhaoine gur sibh mo dheisciobuil-sa, ma bhios gràdh agaibh fhéin d' a chéile.

Agus am feadh a bha iad ag itheadh, ghlac Iosa aran, agus an déigh a bheannachadh, bhris e e, agus thug e do na deisciobuil e, ag ràdh, Gabhaibh, ithibh: is e so mo chorp-sa, a tha air a thabhairt air bhur son-sa: deanaibh so mar chuimhneachan ormsa. Agus ghlac e mar an ceudna an cupan agus thug e buidheachas, agus thug e dhaibh e, ag ràdh, Olaibh uile dheth: oir is e 'n cupan so m' fhuil-sa an tiomnaidh nuaidh, a dhòirtear air son

mhòran a chum mathanas pheacaidhean. Ach tha mi ag ràdh ribh, nach òl mi á so suas de thoradh so na fionain, gus an latha sin an òl mi nuadh e maille ribh ann an rìoghachd m' Athar.

An sin thuirt Iosa riutha, Gheibh sibh uile oilbheum annamsa an nochd : oir tha e sgrìobhte, Buailidh mi am buachaille, agus sgapar caoraich an treud. Ach an déigh dhomhsa éirigh a rithist théid mi roimhibh do Ghalile. Agus fhreagair Peadair agus thuirt e ris, Ged gheibheadh gach uile dhaoine oilbheum annad, cha 'n fhaigh mise oilbheum gu bràth.

Agus thuirt an Tighearna, A Shimoin, a Shimoin, dh' iarr Satan sibhse, a chum bhur criathradh mar chruithneachd: ach ghuidh mise air do shon-sa, nach dìobradh do chreideamh thu: agus an uair a dh' iompaichear thu, neartaich do bhràithrean. Thuirt Simon Peadar ris, A Thighearna, c' àit' an téid thu? Fhreagair Iosa e, Do 'n àit' an téid mi cha 'n urrainn thusa nis mo leantuinn; ach leanaidh tu mi 'na dhéigh so. Agus thuirt Peadair ris, A Thighearna, c' ar son nach urrainn mi do leantuinn a nis? tha mise deas gus a dhol maille riut araon a chum prìosain agus a chum bàis. Agus thuirt Iosa ris, Gu deimhin tha mi ag ràdh riut, an diugh, air an oidhche so fhéin mu 'n goir an coileach dà uair, gu 'n àicheidh thusa tri uairean gur aithne dhut mi. Ach is ro mhòid a thuirt esan, Ged a b' éiginn dhomh am bàs fhulang maille riut, cha 'n àicheidh mi chaoidh thu. Agus thubhairt na deiscio-buil uile mar an ceudna.

Agus thuirt e riutha, An uair a chuir mi uam sibh gun sporan, agus gun mhàileid, agus gun bhrògan, an robh uireasbhuidh ni sam bith oirbh? Agus thuirt iad, Cha

robh. Agus thuirt e riutha, Ach a nis ge b' e aig am bheil sporan, togadh e e, agus mar an ceudna màileid : agus an tì aig nach 'eil claidheamh, reiceadh e 'fhalluinn, agus ceannaicheadh e aon. Oir tha mi ag ràdh ribh, gur éiginn fhathast a ni so a tha sgriobhte a choimhlionadh annamsa, Agus bha e air 'àireamh am measg nan ciontach: oir tha crìoch aig na nithean ud a tha mu m' thimchioll-sa. Agus thuirt iadsan, A Thighearna, feuch tha dà chlaidheamh an so. Agus thuirt esan riutha, Is leòr e.

Na biodh bhur cridhe fo thrioblaid: tha sibh a' creidsinn ann an Dia, creidibh annamsa mar an ceudna. Ann an taigh m' Athar-sa tha iomadh àite-còmhnuidh; mur biodh e mar sin, dh' innsinnsa dhuibh; oir tha mi 'dol a dh' ulluchadh àite dhuibh. Agus ma théid mi agus gu 'n ulluich mi àite dhuibh, thig mi rithist, agus gabhaidh mi sibh a m' ionnsuidh fhéin; a chum far am bheil mise gu 'm bi sibhse mar an ceudna. Agus is aithne dhuibh c' àit' am bheil mi 'dol, agus is aithne dhuibh an t-slighe. Thuirt Tomas ris, A Thighearna, cha 'n 'eil fhios againn c' àit' am bheil thu 'dol; agus cionnus a dh' fhaodas eòlas na slighe 'bhith againn? Thuirt Iosa ris, Is mise an t-slighe, agus an fhìrinn, agus a' bheatha: cha tig aon neach a chum an Athar ach tromhamsa. Nam b' aithne dhuibh mise, b' aithne dhuibh m' Athair mar an ceudna: agus á so suas is aithne dhuibh e, agus chunnaic sibh e. Thuirt Philip ris, A Thighearna, foillsich an t-Athair dhuinne, agus is leòr leinn e. Thuirt Iosa ris, Am bheil mise ùine cho fada maille ribh, agus nach aithne dhut fhathast mi, 'Philip? an tì agus a chunnaic mise, chunnaic e'n t-Athair; agus cionnus a tha thu 'g ràdh, Foillsich an t-Athair dhuinn? Nach 'eil thu 'creidsinn gu bheil mise

anns an Athair, agus an t-Athair annamsa? na briathran a tha mi 'labhairt ribh cha 'n ann uam fhéin a tha mi 'g an labhairt: ach an t-Athair a tha 'gabhail còmhnuidh annamsa, tha esan a' deanamh nan oibre. Creidibh mise gu bheil mi anns an Athair, agus an t-Athair annamsa: no creidibh mi air son nan oibre fhéin. Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, an tì a tha 'creidsinn annamsa, na h-oibre a tha mise 'deanamh, ni esan mar an ceudna; agus ni e oibre a's mò na iad so, do bhrìgh gu bheil mise 'dol a chum m' Athar. Agus ge b' e ni a dh' iarras sibh ann am ainm-sa, ni mise sin, a chum gu 'm bi an t-Athair air a ghlòrachadh anns a' Mhac. Ma dh' iarras sibh ni air bith ann am' ainm-sa, ni mise e. Ma 's toigh leibh mise, coimhidibh sibh m' àitheantan. Agus guidhidh mise an t-Athair, agus bheir e dhuibh Comhfhurtair eile, a chum gu fan e maille ribh gu bràth, eadhon Spiorad na firinn: neach nach urrainn an saoghal a ghabhail: do bhrìgh nach 'eil e 'ga fhaicinn, agus nach aithne dha e; ach is aithne dhuibhse e; oir tha e 'fantuinn maille ribh, agus bidh e annaibh. Cha 'n fhàg mi sibh 'n 'ur dilleachdain: thig mi do 'r n-ionnsuidh. Fhathast tamull beag, agus cha 'n fhaic an saoghal mi tuilleadh; ach chì sibhse mi: do bhrìgh gu bheil mise beò bidh sibh beò mar an ceudna. Anns an latha sin bidh fios agaibh gu bheil mise ann am Athair, agus sibhse annamsa, agus mise annaibhse. An tì aig am bheil m' àitheantan-sa, agus a tha 'g an coimhead, is esan aig am bheil gràdh dhomhsa: agus an tì aig am bheil gràdh dhomhsa, gràdhaichidh m' Athair e, agus gradhaichidh mise e, agus foillsichidh mi mi-fhéin dha. Thuirt Iudas (cha 'n e Iscariot,) ris, A Thighearna, c' ar son a dh' fhoillsicheas tu thu-fhéin dhuinne, agus nach

dean thu sin do 'n t-saoghal? Fhreagair Iosa, agus thuirt e ris, Ma ghràdhaicheas neach mise, coimhididh e m' fhacal: agus gràdhaichidh m' Athair esan, agus thig sinn d' a ionnsuidh, agus ni sinn còmhnuidh maille ris. An tì nach gràdhaich mise, cha choimhid e mo bhriathran: agus am facal a tha sibh a' cluinntinn cha leamsa e, ach leis an Athair a chuir uaithe mi.

Na nithean so labhair mi ribh, am feadh a tha mi a' m' còmhnuidh maille ribh. Ach an Comhfhurtair, eadhon an Spiorad Naomh, a chuireas an t-Athair uaithe ann am' ainm-sa, teagaisgidh esan dhuibh na h-uile nithean, agus cuiridh e 'n cuimhne dhuibh ra h-uile nithean a labhair mise ribh. Tha mi fàgail sìth agaibh; mo shìth-sa tha mi 'toirt dhuibh: cha 'n ann mar a bheir an saoghal, a tha mise 'toirt dhuibh. Na biodh bhur cridhe fo thrioblaid, agus na biodh eagal air. Chuala sibh mar a thuirt mi ribh, Tha mi 'falbh, agus thig mi rithist do 'r n-ionnsuidh. Nam biodh gràdh agaibh dhomhsa, bhiodh aoibhneas oirbh, a chionn gu 'n dubhairt mi, Tha mi 'dol a chum an Athar: oir is mò an t-Athair na mise. Agus a nis dh'innis mi dhuibh so roimh dhà tighinn gu crìch, a chum, an uair a thig gu crìch, gu 'n creideadh sibh. A so suas cha labhair mi mòran ribh, oir tha uachdaran an t-saoghail so a' tighinn: agus cha 'n 'eil ni air bith aige annamsa; ach a chum gu 'm bi fios aig an t-saoghal gur ionmhuinn leam an t-Athair, agus mar a thug an t-Athair àithne dhomh, mar sin tha mi 'deanamh. Eiribh, rachamaid á so.

CAIB. XLIII.

Le cosamhlachd an fhìonain nochd Iosa an t-aonadh a tha eadar e fhéin agus a shluagh—Dh' innis e gu 'n tigeadh iomadh deuchainn agus trioblaid air a dheisciobuil, ach gu faigheadh iad sìth ann fhéin—Rinn e ùrnuigh ris an Athair às leith nan deisciobul, agus às leith nan uile a chreideadh ann troimh an facal-san.

Is mise an fhìonain fhlor, agus is e m' Athair an treabhaiche. Gach uile gheug annamsa nach 'eil a' giùlan toraidh, bheir e air falbh: agus gach uile gheug a tha 'tabhairt toraidh, glanaidh e i, a chum gu 'n giùlain i tuilleadh toraidh. Tha sibhse glan mar tha, tre an fhacail a labhair mi ribh. Fanaibh annamsa, agus mise annaibhse. Mar nach urrainn a' gheug toradh a thoirt uaipe fhéin, mur fan i 'san fhìonain; cha mhò is urrainn sibhse, mur fan sibh annamsa. Is mise an fhìonain, sibhse na geugan. An tì a dh' fhanas annamsa, agus mise annsan, bheir esan mòr-thoradh uaithe: oir às m' eugmhais-sa cha 'n urrainn sibh aon ni a dheanamh. Mur fan neach annamsa, tha e air a thilgeadh a mach mar ghéig, agus air crìonadh: agus tionailidh daoine iad, agus tilgidh iad 'san teine iad, agus loisgear iad. Ma dh' fhanas sibh annamsa, agus ma dh' fhanas m' fhacail-sa annaibhse, iarraidh sibh gach ni a 's aill leibh, agus nithear dhuibh e. An so tha m' Athair-sa air a ghlòrachadh, gu 'n toir sibhse mòr-thoradh uaibh; agus bidh sibh 'n 'ur deisciobuil dhomhsa. Mar a ghràdhaich an t-Athair mise, mar sin ghràdhaich

mise sibhse : fanaibh ann am' ghràdh. Ma choimhideas sibh m' àitheantan, fanaidh sibh ann am' ghràdh : eadhon mar a choimhid mise àitheantan m' Athar, agus a tha mi 'fantuinn 'na ghràdh. Na nithean so labhair mi ribh, a chum gu fanadh mo ghàirdeachas annaibh, agus gu 'm biodh bhur gàirdeachas-sa làn. Is i so m' àithne-sa, gu 'n gràdhaich sibhse a chéile, eadhon mar a ghràdhaich mise sibhse. Gràdh a 's mo na so cha 'n 'eil aig neach sam bith, gu leigeadh duine 'anam sìos air son a chàirdean. Is sibhse mo chàirdean-sa, ma ni sibh gach ni a tha mi ag àithneadh dhuibh. A so suas cha ghairm mi seirbhisich dhibh ; oir cha 'n aithne do 'n t-seirbhiseach ciod a tha 'thighearna 'deanamh : ach ghairm mi càirdean dhibh ; oir na h-uile nithean a chuala mi o m' Athair, thug mi fios dhuibhse orra. Cha sibhse 'thagh mise, ach is mise 'thagh sibhse, agus dh' òrduich mi sibh, a chum gu rachadh sibh, agus gu 'n tugadh sibh a mach toradh, agus gu maireadh bhur toradh : a chum ge b' e ni a dh' iarras sibh air an Athair ann am ainm-sa gu 'n toir e dhuibh e. Tha mi 'g àithneadh nan nithean so dhuibh, a chum gu 'n gràdhaich sibh a' chéile. Ma tha 'n saoghal 'g 'ur fuathachadh, tha fios agaibh gu 'n d' fhuathaich e mise roimhibh. Nam b' ann de 'n t-saoghal sibh, ghràdhaicheadh an saoghal a' chuid fhéin : ach do bhrìgh nach ann de 'n t-saoghal sibh, ach gu 'n do thagh mise sibh às an t-saoghal, uime sin tha fuath aig an t-saoghal dhuibh. Cuimhnichibh am facal a thuirt mi ribh, Cha 'n 'eil an seirbhiseach ni 's mò na 'thighearna. Ma rinn iad geur-leanmhuinn ormsa, ni iad geur-leanmhuinn oirbhse mar an ceudna ; ma choimhid iad m' fhacal-sa, coimhididh iad bhur facal-sa mar an ceudna. Ach na nithean so uile

ni iad oirbh air sgath m' ainme-sa, do bhrìgh nach aithne dhaibh esan a chuir uaithe mi. Mur bithinn sa air tighinn agus air labhairt riutha, cha bhiodh peacadh aca : ach a nis cha 'n 'eil leith-sgeul am peacaidh aca. An tì aig am bheil fuath dhomhsa, tha fuath aige do m' Athair mar an ceudna. Mur bithinn sa air deanamh nan oibre 'nam measg nach d' rinn aon neach eile, cha bhiodh peacadh aca : ach a nis chunnaic iad iad, agus dh' fhuathaich iad araon mise agus m' Athair. Ach tha so a' tachairt, a chum gu 'n coimhliontadh am facal a tha sgriobhte 'nan lagh fhéin, Dh' fhuathaich iad mi gun aobhar. Ach an uair a thig an Comhfhurtair, a chuireas mise do 'r n-ionnsuidh o 'n Athair, Spiorad na firinn, a tha 'tighinn a mach o 'n Athair, ni esan fianuis mu m' thimchioll-sa : agus ni sibhse mar an ceudna fianuis, do bhrìgh gu robh sibh maille rium o thùs.

Na nithean so labhair mi ribh, a chum nach fhaigheadh sibh oilbheum. Cuiridh iad às an t-sionagóg sibh : seadh, thig an uair, ge b' e neach a mharbhas sibh, gu saoil e gu bheil e 'deanamh seirbhis do Dhia. Agus ni iad na nithean so, do bhrìgh nach aithne dhaibh an t-Athair, no mise. Ach dh' innis mi na nithean so dhuibh, a chum an uair a thig an t-àm, gu 'n cuimhnich sibh gu 'n d' innis mi dhuibh iad. Ach cha dubhairt mi na nithean so ribh o thùs, do bhrìgh gu robh mi maille ribh. Ach a nis tha mi 'dol a chum an Tì a chuir uaithe mi ; agus cha 'n 'eil a h-aon agaibhse 'feòraich dhiom, C' àite am bheil thu 'dol? Ach a chionn gu 'n dubhairt mi na nithean so ribh, lion dubh-bhròn bhur cridhe. Gidheadh tha mi ag innseadh dhuibh na firinn. Is buannachd dhuibh mise dh' fhalbh : oir mur falbh mi cha tig an comhfhurtair do 'r

n-ionnsuidh-sa ; ach ma dh' fhalbhas mi, cuiridh mi esan do 'r n-ionnsuidh. Agus an uair a thig esan, bheir e dearbh-shoilleireachd do 'n t-saoghal mu pheacadh, mu mu fhìreantachd, agus mu bhreitheanas : mu pheacadh, do bhrìgh nach 'eil iad a' creidsinn annamsa : mu fhìreantachd, do bhrìgh gu bheil mi 'dol a dh' ionnsuidh m' Athar, agus nach fhaic sibh mi ni 's mò ; mu bhreitheanas, a chionn gu bheil uachdaran an t-saoghail so air a dhìteadh. Tha mòran nithean agam fhathast ri ràdh ribh, ach cha 'n urrainn sibh an giùlan an dràsta. Gidheadh an uair a thig esan, Spiorad na firinn, treòraichidh e sibh a chum gach uile fhìrinn : oir cha labhair e uaithe fhéin ; ach labhraidh e na h-uile nithean a chluinneas e : agus foillsichidh e dhuibhse nithean a tha ri teachd. Bheir esan glòir dhomhsa : oir gabhaidh e de m' chuid-sa, agus nochdaidh e dhuibhse e. Na h-uile nithean a tha aig an Athair is leamsa iad : air an aobhar so thubhairt mi gu 'n gabh e de m' chuid-sa, agus nochdaidh e dhuibhse e. 'Tamull beag, agus cha 'n fhaic sibh mi ; agus a rithist tamull beag, agus chi sibh mi, do bhrìgh gu bheil mi 'dol a chum an Athar. An sin thuirt cuid de 'dheisciobuil eatorra fhéin, Ciod e so a tha e ag ràdh ruinn, 'Tamull beag, agus cha 'n fhaic sibh mi : agus a rithist, tamull beag agus chi sibh mi : agus, Do bhrìgh gu bheil mi 'dol a chum an Athar ? Air an aobhar sin thuirt iad, Ciod e so a tha e ag ràdh, 'Tamull beag ? Cha 'n 'eil sinne a' tuigsinn ciod a tha e ag ràdh. A nis dh' aithnich Iosa gu robh toil aca fheòraich dheth, agus thuirt e riutha, Am bheil sibh a' feòraich 'n 'ur measg fhéin mar a thubhairt mi, 'Tamull beag, agus cha 'n fhaic sibh mi, agus a rithist tamull beag, agus chi sibh mi ?

Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, gu 'n dean sibhse gul agus caoidh, ach ni an saoghal gàirdeachas : agus bithidh sibhse do-bhrònach, ach tillear bhur bròn gu gàirdeachas. An uair a bhios bean ri saothair-chloinne bidh i fo dhoilgheas, a chionn gu bheil a h-uair air tighinn : ach an uair a bheireas i an leanabh, cha chuimhnich i a h-àmhghair ni 's mò, tre aoibhneas gu 'n d' rugadh duine a chum an t-saoghail. Agus tha nis uime sin doilgheas oirbhe : ach chi mise a rithist sibh, agus ni bhur cridhe gàirdeachas, agus bhur gàirdeachas cha bhuin neach air bith uaibh. Agus anns an latha sin cha 'n fheadraich sibh ni air bith dhiomsa. Gu deimhin, deimhin, tha mi ag ràdh ribh, Ge b' e nithean a dh' iarras sibh air an Athair ann am ainm-sa gu 'n toir e dhuibh iad. Gus a so cha d' iarr sibh ni sam bith ann am ainm-sa : iarraidh agus gheibh sibh, a chum gu 'm bi bhur n-aoibhneas làn.

Na nithean so labhair mi ribh ann am briathran dorcha : ach thig an uair anns nach labhair mi ribh ni 's mò ann am briathran dorcha, ach innsidh mi gu soilleir mu 'n Athair dhuibh. Anns an latha sin iarraidh sibh a' m' ainm-sa : agus cha 'n 'eil mi ag ràdh ribh, gu 'n guidh mi an t-Athair air bhur son ; oir is toigh leis an Athair fhéin sibh, air son gu 'n d' thug sibh gràdh dhomhsa, agus gu 'n do chreid sibh gur ann o 'n Athair a thàinig mi. Thàinig mi mach o 'n Athair, agus tha mi air tighinn a chum an t-saoghail : a rithist, tha mi a' fàgail an t-saoghail, agus a' dol a chum an Athar. Thuirt a dheisciobuil ris, Feuch, a nis tha thu 'labhairt gu soilleir, agus cha 'n 'eil thu 'labhairt còsamhlachd air bith. A nis tha fios againn gur aithne dhut na h-uile nithean, agus nach fheum thu duine air bith a dh' fheadraich dhiot : air a shon so tha

sinn a' creidsinn gur ann o Dhia a thàinig thu. Fhreagair Iosa iad, Am bheil sibh a nis a' creidsinn? Feuch, tha 'n uair a' tighinn, seadh, tha i cheana air tighinn, anns an sgapar sibh o chéile, gach aon g' a ionad fhéin, agus am fàg sibh mise a' m' aonar: gidheadh cha 'n 'eil mise a' m' aonar, oir tha 'n t-Athair maille rium. Na nithean so labhair mi ribh a chum gu'm biodh sìth againn annamsa. Anns an t-saoghal bithidh àmhghar againn: ach biodh deadh mhisneach againn; thug mise buaidh air an t-saoghal.

Labhair Iosa na briathran so; agus thog e suas a shùil-ean gu nèamh, agus thubhairt e, Athair, thàinig an uair; glòraich do Mhac, a chum gu 'n glòraich do Mhac thusa mar an ceudna: a chum mar a thug thu cumhachd dha air gach fèil, na h-uile a thug thu dha, gu 'n tugadh esan dhaibh a' bheatha mhaireannach. Agus is so a' bheatha mhaireannach, eòlas a bhith aca ortsa an t-aon Dia fìor, agus air Iosa Criosd a chuir thu uat. Ghlòraich mise thusa air thalamh: chrìochnaich mi an-obair a thug thu dhomh ri dheanamh. Agus a nis, O Athair, glòraich thusa mise maille riut fhéin leis a' ghlòir a bha agam maille riut mu 'n robh an saoghal ann. Dh'fhoillsich mise d' ainm do na daoine a thug thu dhomh às an t-saoghail: bu leatsa iad, agus thug thu dhomhsa iad; agus choimhid iad d' fhacal. A nis thuig iad gur ann uat a tha na h-uile nithean a thug thu dhomhsa: oir thug mi dhaibh na briathran a thug thusa dhomh; agus ghabh iad iad, agus thuig iad gu fìrinneach gur ann uatsa thàinig mi, agus chreid iad gu 'n do chuir thusa uat mi. Air an son-san tha mi a' guidhe: cha 'n 'eil mi a' guidhe air son an t-saoghail, ach air son na muinntir sin a thug thu dhomh;

oir is leatsa iad : agus is leatsa na h-uile nithean a's leamsa, agus is leamsa na nithean a's leatsa : agus tha mi air mo ghlòrachadh annta. Agus cha 'n 'eil mise ni 's mò anns an t-saoghal, ach tha iad so anns an t-saoghal, agus tha mise a' tighinn a d' ionnsuidh-sa. Athair Naoimh, tre d' ainm coimhid iadsan a thug thu dhomhsa, a chum gu 'm bi iad 'nan aon, mar a tha sinne. Am feadh 's a bha mise maille riutha anns an t-saoghal, choimhid mi iad tre d' ainm-sa: ghléidh mi a' mhuinntir a thug thu dhomh, agus cha do chailleadh a li-aon diubh, ach mac an sgrios; a chum gu 'm biodh an sgriobtuir air a choimhlionadh. Ach a nis tha mi 'tighinn a d' ionnsuidh-sa; agus tha mi 'labhairt nan nithean so anns an t-saoghal, a chum gu 'm biodh mo ghàirdeachas aca air a choimhlionadh annta fhéin. Thug mi d' fhacal dhaibh; agus thug an saoghal fuath dhaibh, air son nach ann do'n t-saoghal iad, mar nach 'eil mise de 'n t-saoghal. Cha 'n 'eil mi 'guidhe gu 'n tugadh tu ás an t-saoghal iad, ach gu 'n coimhlideadh tu o'n olc iad. Cha 'n 'eil iadsan de 'n t-saoghal, mar nach 'eil mise de 'n t-saoghal. Naomhaich iad troimh an fhèrrinn: is e d' fhacal-sa an fhèrrinn. Mar a chuir thusa mise 'chum an t-saoghail, mar sin chuir mise iadsan a chum an t-saoghail. Agus air an son-san tha mise 'g a mo naomhachadh fhéin, a chum gu 'm bi iadsan mar an ceudna air an naomhachadh troimh an fhèrrinn. Cha 'n 'eil mi 'guidhe air an son-san a mhàin, ach mar an ceudna air son na muinntir sin a chreideas annamsa troimh am facal-san; a chum gu 'm bi iad uile 'n an aon; eadhon mar a tha thusa, Athair, annamsa, agus mise annadsa, gu 'm bi iadsan mar an ceudna na 'n aon annainne: a chum gu 'n creid an saoghal gu 'n do chuir thusa uat mi. Agus thug mise

dhaibhsan a' ghlòir a thug thusa dhomhsa; a chum gu 'm bi iad nan aon mar a tha sinne 'n ar n-aon; mise anntasan, agus thusa annamsa, a chum gu 'n deanar coimhlionta iad ann an aon; agus a chum gu 'm bi fios aig an t-saoghal gu 'n do chuir thusa uat mi, agus gu 'n do ghràdhaich thu iadsan, eadhon mar a ghràdhaich thu mise. Athair, is àill leam gu 'm biodh an dream a thug thu dhomh maille riumsa far am bheil mi; a chum gu faic iad mo ghlòir, a thug thu dhomh: oir ghràdhaich thusa mi mu 'n do leagadh bunaitean an domhain. O Athair chothromaich, cha b' aithne do 'n t-saoghal thusa, ach b' aithne dhomhsa thu; agus thuig iad so gu 'n do chuir thusa uat mi; agus agus dh' fhoillsich mi d' ainm dhaibh, agus foillsichidh mi e; a chum gu 'm bi an gràdh leis an do ghràdhaich thusa mise anntasan, agus mise annta.

CAIB. XLIV.

Iosa ann an gàradh Ghetsemane—Bhrath Iudas e—Thuit na maoir air an talamh—Ghearr Peadair a' chluas bhar Mhalcuis—Ghlac na maoir Iosa, agus thug iad gu Annas agus Caiaphas e—Dh' àicheidh Peadair e—Dhìt na h-àrd-shagairt agus na seanairean Iosa—Chroch Iudas e fhéin.

An uair a labhair Iosa na briathran so, agus a sheinn iad laoidh, chaidh e, mar bu ghnàth leis, maille ri' dheisciobuil thairis air sruth Chedroin gu sliabh nan crann-oladh, far an robh lios do 'n deachaidh e fhéin agus a dheisciobuil.

An sin thàinig Iosa maille riutha gu ionad de 'n goirear Getsemane, agus thuit e ri' dheisciobuil, Suidhibhse an so, gus an téid mise a dheanamh ùrnuigh an sud. Agus thug e leis Peadair agus Seumas agus Eoin, agus thòisich e air a bhith fo uimh-chrith, agus fo anabarr bròin. An sin thuit e riutha, Tha m' anam ro bhrònach, eadhon gu bàs: fanaibhse an so, sgus deanaibh faire maille riumsa. Agus dh' imich e beagan air adhart, mu thimchioll urchair cloiche uatha, agus thuit e air 'aghaidh air an talamh, agus rinn e ùrnuigh, nam bu chomasach e gu rachadh an uair thairis air. Agus thuit e, Abba, Athair, tha gach ni so-dheante dhutsa; ma dh' fhaodas e bhith, cuir an cupan so seachad orm: gidheadh, na b' e an ni a b' aill leamsa, ach an ni a' s toil leatsa.

Agus thàinig e chum nan deisciobul, agus fhuair e 'nan cadal iad, agus thuit ri Peadair, A Shimoin, am bheil thu

a' d' chadal? An ann mar sin! Nach b' urrainn sibh faire a dheanamh aon uair maille riumsa? Deanaibh faire agus ùrnuigh, a chum nach tuit sibh am buaireadh: tha 'n spiorad gu deimhin togarrach, ach tha 'n fheadh anmhunn.

A rithist an dara uair dh' imich e, agus rinn e ùrnuigh ag ràdh, O m' Athair, mur faodar gu 'n téid an cupan so seachad orm gun mi 'g a òl, do thoil-sa gu robh deante. Agus dh' fhoillsicheadh dha aingeal o nèamh 'ga neartachadh. Agus air dha bhith ann an cruaidh-ghleachd anama, rinn e ùrnuigh ni bu dùrachdaiche: agus bha 'fhallus mar bhraona mòra fala a' tuiteam sìos air an talamh. Agus an uair a dh' éirich e o' ùrnuigh, thàinig e rithist a chum a dheisciobul, agus fhuaire e 'nan cadal iad troimh thùirse; oir bha an sùilean trom. Agus thuirt e riutha, C' ar son a tha sibh 'n 'ur cadal? Eiribh agus deanaibh ùrnuigh, a chum nach tuit sibh ann am buaireadh. Agus cha robh fhios aca cionnus a bheireadh iad freagradh air. Agus dh' fhàg e iad a rithist, agus dh' imich e, agus rinn e ùrnuigh an treas uair ag ràdh nam briathran ceudna. Agus thàinig e an treas uair, agus thuirt e riutha, Caidlibh roimhibh a nis; agus gabhaibh fois: is leòr e; thàinig an uair; feuch, tha Mac an duine air a bhrath thairis do làmhnan pheacach. Eiribh, imich-eamaid: feuch, tha an t-àite a bhrathas mise am fagusg.

A nis b' aithne do Iudas, a bhrath esan, an t-àite mar an ceudna: oir chaidh Iosa gu tric an sin maille ri' dheisciobuil. An sin air do Iudas buidheann shaighdearan, agus maoir fhaotainn o na h-àrd-shagairt agus o na Phairisich, thàinig iad do 'n àite sin le leusan agus lòch-rainn agus airm. Uime sin air do Iosa fios a bhith aige air na h-uile nithean a bha gu tighinn air, chaidh e mach,

agus thuirt e riutha, Cò tha sibh ag iarraidh? Fhreagair iadsan e, Iosa o Nasaret. Thuirt Iosa riutha, Is mise e. Agus bha mar an ceudna Iudas, a bhrath esan, 'na sheasamh maille riutha. An sin cho luath 's a thuirt e riutha, Is mise e, chaidh iad air an ais, agus thuit iad air an làr. An sin dh' fhèdraich e dhiubh a rithist, Cò tha sibh ag iarraidh? Thuirt iadsan, Iosa o Nasaret. Fhreagair Iosa, Thuirt mi ribh gur mise e. Uime sin ma 's mise 'tha sibh ag iarraidh, leigibh leotha so falbh: a chum gu 'n coimhliontadh am facal a labhair e, An dream a thug thu dhomh cha do chaill mi aon diubh.

A nis thug an tì a bhrath esan comharradh dhaibh, ag ràdh, Ge b' e neach do 'n toir mise pòg, is e sin e; glacaibh e, agus thugaibh leibh e gu tèaruinte. Agus ghrad thàinig e chum Iosa, agus thuirt e ris, Fàilte dhut, a Mhaighstir; agus phòg e e. Ach thuirt Iosa ris, 'Iudais, am bheil thu le pòig a' brath Mhic an duine? An sin thàinig iad agus chuir iad làmh ann an Iosa, agus ghlac iad e. Agus an nair a chunnaic iadsan a bha mu 'n cuairt dha an nì a bha gu tachairt, thuirt iad ris, A Thighearna, am buail sin leis a' chlaidheamh? Uime sin air do Shimon Peadair claidheamh a bhith aige tharruinn e e, agus bhuail e seirbhiseach an àrd-shagairt, agus ghearr e a' chluas dheas dheth. A nis b' e ainm an t-seirbhisich, Malchus. Agus bhean Iosa ri' chluais, agus shlànuich e i. An sin thuirt Iosa ri Peadair, Cuir a rithist do chlaidheamh air ais 'na ionad fhéin: oir iadsan uile a ghlacas an claidheamh tuitidh iad leis a' chlaidheamh. An cupan a thug an t-Athair dhomhsa, nach òl mi e? An saoil thusa nach fhaod mise a nis m' Athair a ghuidhe, agus bheir e dhomh tuilleadh is dà legion dheug a dh' ainglean? Ach

cionnus an sin a bhiodh na sgriobtuirean air an coimhlionadh a tha 'g ràdh gur ann mar so is éigin tachairt.

An sin thuirt Iosa ris na h-ard-shagairt agus ri ceannardan an teampuill agus ris na seanairean a thàinig d' a ionnsuidh, An d' thàinig sibh a mach le claidhnean agus le bataichean mar gu 'm b' ann an aghaidh fir-reubainn? An uair a bha mi gach latha maille ribh 'san teampull, cha do shìn sibh a mach bhur làmhnan a' m' aghaidh: ach is i so bhur n-uair-se, agus cumhachd an dorchadais. Ach thachair so uile a chum gu 'm biodh sgriobtuirean nam fàidhean air an coimhlionadh. An sin thréig na deisciobuil uile e, agus theich iad. Ach lean òganach àraidh e aig an robh lìon-aodach air a chur m' a chorp lomnochd; agus rug na h-òganaich air. Ach air dhasan an lìon-aodach fhàgail, theich e lomnochd uatha.

An sin rug a' bhuidheann agus an ceannard, agus maoir nan Iudhach air Iosa, agus cheangail iad e, agus thug iad leotha e air tùs gu Annas; oir b' esan athair-céile Chaiaphais, a bha 'na àrd-shagart air a' bhliadhna sin. Anis b'e Caiaphas a thug comhairle do na h-Iudhaich gu 'm b' iomchuidh gu faigheadh aon duine bàs air son an t-sluaigh.

Agus lean Simon Peadair agus deisciobul eile Iosa, fada uaithe, eadhon gu talla an àrd-shagairt. B' aithne do 'n àrd-shagairt an deisciobul sin, agus chaidh e steach maille ri Iosa do chùirt an àrd-shagairt; ach bha Peadair 'na sheasamh aig an doras an leith a muigh. Uime sin chaidh an deisciobul sin eile a b' aithne do 'n àrd-shagart a mach, agus labhair e ris a' bhan-dorsair, agus thug e Peadair a steach. An sin thuirt a' bhanoglach a bha 'gleidheadh an doruis ri Peadair, Nach ann de dheisciobuil an duine

so thusa mar an ceudna? Thuirt esan, Cha 'n ann. Agus bha na seirbhisich agus na maoir 'nan seasamh, air dhaibh teine guail a chur suas; oir bha am fuachd ann: agus bha Peadair mar a ceudna 'na sheasamh maille riutha, agus 'g a gharadh fhéin. Thàinig aon de bhanoglaich an àrd-shagairt, agus an uair a chunnaic i Peadair 'g a gharadh, bheachdaich i air, agus thuirt i ris, Bha thusa cuideachd maille ri Iosa o Nasaret. Ach dh' àicheidh esan, ag ràdh, Cha 'n aithne dhomh, agus cha 'n 'eil mi 'tuigsinn ciod a tha thu 'g ràdh. Agus chaidh esan a mach do 'n fhòrdhorus, agus ghoir an coileach. Agus mu thimchioll aon uair a dh' ùine 'na dhéigh sin, thuirt iadsan a bha 'nan seasamh a làthair a rithist ri Peadair, Gu fìrinneach is ann diubh sud thu; oir is Galileach thu, agus tha do chainnt 'g ad' bhrath. Thuirt aon de sheirbhisich an àrd-shagairt, caraid do 'n fhear de 'n do ghearr Peadair a chluas, Nach fhaca mise thu 'san lios maille ris?

Ach thòisich esan air mollachadh agus air mionnachadh, ag ràdh, Cha 'n aithne dhomh an duine mu 'm bheil sibh a' labhairt. Agus ghoir an coileach an dara uair. Agus thionndaidh an Tighearna, agus dh' amhairc e air Peadair. Agus chuimhnich Peadair facal an Tighearna, mar a thuirt e ris, Mu 'n goir an coileach dà uair àicheidh tu mi tri uairean. Agus an uair a smaoinich e air chaidh e mach, agus ghuil e gu goirt.

An sin dh' fhiosraich an t-àrd-shagart a dh' Iosa mu thimchioll a dheisciobul, agus mu thimchioll a theagaisg. Fhreagair Iosa e, Labhair mise gu follaiseach ris an t-saoghal; theagaisg mi a' ghnàth anns an t-sionagog, agus anns an teampull, far am bheil na h-Iudhaich a' cruinneachadh às gach àite; agus am falach cha do labhair mi

ni sam bith. C' ar son a thu 'fiosrachadh dhiomsa? Fiosraich dhiubhsan a chuala, ciod a thubhairt mi. Agus an uair a thuirt Iosa na nithean so, bhuail aon de na maoir a bha 'n a sheasamh a làthair a bhas air Iosa, ag ràdh, An ann mar so a fhreagras tu an t-àrd-shagart? Fhreagair Iosa e, Ma labhair mi gu h-olc, dean fianuis air an olc : ach ma's ann gu math, C' ar son a tha thu 'gam bhualadh. Uime sin chuir Annas e ceangailte gu Caiaphas, an t-àrd-shagart

Agus dh' iarr na h-àrd-shagairt agus na seanairean, agus a' chomhairle uile fianuis an aghaidh Iosa. a chum a chur gu bàs; agus cha d' fhuair iad. Oir rinn mòran dhaoine fianuis bhréige 'na aghaidh, ach cha do chòrd am fianuis ri 'chéile. Agus dh' éirich dream àraidh, agus thug iad fianuis 'na aghaidh, ag ràdh, Chuala sinne e ag ràdh, Leagaidh mi sìos an teampull so, a rinneadh le làmhnan, agus ann an trì làithean togaidh mi teampull eile neodheante le làmhnan. Agus mar sin cha robh am fianuis a' tighinn a réir a chéile. Agus sheas an t-àrd-shagart suas 's a' mheadhon, agus chuir e ceisd air Iosa, ag ràdh, Nach toir thu freagradh sam bith seachad? Ciod e mu 'm bheil iad so a' toirt fianuis 'n a d' aghaidh? Ach dh' fhan esan 'na thosd, agus cha do fhreagair e ni sam bith. Agus thuirt an t-àrd-shagart ris, Tha mi 'g a d' mhionnachadh air an Dia bheò gu 'n innis thu dhuinn an tu Criosd, Mac Dhé. Agus thuirt Iosa, Is mi : gidheadh tha mi ag ràdh ribh, 'Na dhéigh so chi sibh Mac an duine 'n a shuidhe air deas làimh cumhachd Dhé, agus a' teachd air neòil nèimh. An sin reub an t-àrd-shagart 'aodach, ag ràdh gu 'n do labhair e toibheum. Ciod am feum tuilleadh a tha againn air fianuisean? feuch, a nis chuala sibh a

toibheum. Ciod i bhur barail-se? Agus thug iad uile breith 'na aghaidh gu 'n do thoill e am bàs. Agus thòisich cuid dhiubh air smugaid a thilgeadh 'na aodan, agus air 'aghaidh fhalach, agus a bhualadh le 'n dùirn, agus air a ràdh ris, Dean fàidheadaireachd dhuinn, a Chrìosd, Cò e a bhuail thu? Agus labhair iad mòran de nithean eile gu toibheumach 'n a aghaidh. Agus ghabh na seirbhisich air le slatan.

An uair a thàinig a' mhaduinn ghabh uachdarain nan sagart uile agus seanairean a' phobuill comhairle le chéile an aghaidh Iosa, a chum a chur gu bàs. Agus an déigh dhaibh a cheangal thug iad leotha e gu àite a' bhreitheanais, agus thug iad thairis e do Phontius Pilat an t-uachdaran. Agus cha deachaidh iad fhéin do àite a' bhreitheanais, a chum nach biodh iad air an salachadh, ach gu'n itheadh iad a' chàisg.

An sin, an uair a chunnaic Iudas, a bhrath e, gu 'n do dhìteadh e, ghabh e aithreachas, agus thug e air an ais na deich buinn fhichead airgid do na h-àrd-shagairt, agus do na seanairean, ag ràdh, Pheacaich mi ann am brath na fala neo-chiontaich. Agus thuirt iadsan, Ciod e sin dhuinne? amhairc thusa air sin. Agus thilg e uaithe na buinn airgid anns an teampull, agus dh'fhalbh e; agus chaidh e agus chroch e e-fhéin. Agus ghlac na h-àrd-shagairt na buinn airgid, agus thubhairt iad, Cha chòir an cur 's an ionmhas, o 'n is luach fala iad. Agus chuir iad an comhairle ri 'chéile, agus cheannaich iad fearann a' chriadhadair a chum a bhith 'na àite adhlaid do choigrich. Air an aobhar sin goirear de 'n fhearann sin, Fearann na fala, gus an latha 'n diugh. An sin choimhlionadh an nì a labhradh le Ieremias am fàidh, ag ràdh, Agus ghabh iad

na deich buinn fhichead airgid, luach an tì a mheasadh, neach a mheas iadsan a bha de chloinn Israeil; agus thug iad air son fearann a' chriadhaid air iad, mar a dh'òrduich an Tighearna dhòmhsa.



CAIB. XLV.

Thugadh Iosa an làthair Philait—Chuir na h-àrd-shagairt mòran de nithean às a leith—Chuir Pilat gu Herod e—Bha Pilat toileach a leigeadh às—Dh' iarr an sluagh Iosa 'cheusadh agus Barabas a leigeadh às dhaibh—An déigh dha Iosa 'sguirsadh thug Pilat thairis e gu bhith air a cheusadh—Cheus na saighdearan Iosa.

An sin chaidh Pilat a mach d' an ionnsuidh-san, agus thuirt e riutha, Ciod a' chasaid a tha sibh a' toirt an aghaidh an duine so? Fhreagair iadsan agus thuirt iad ris, Mur b' fhear droch-bheirt e, cha tugamaid thairis dhutsa e. Agus thòisich iad air a chasaid, ag ràdh, Fhuair sinne am fear so a' clonadh ar cinnich, agus a' bacadh cìs a thoirt do Cheasar, ag ràdh gur e fhéin Criosd an rìgh. An sin thuirt Pilat riutha, Gabhaibhse e, agus thugaibh breith air a réir bhur lagha fhéin. An sin thuirt na h-Iudhaich ris, Cha 'n 'eil e ceadaichte dhuinne neach sam bith a chur gu bàs; a chum gu 'm biodh facal Iosa air a choimhlionadh, a labhair e, a' ciallachadh ciod a' ghnè bàis a bha e gus 'fhaotainn.

An sin chaidh Pilat a steach a rithist do àit' a' breitheanais, agus ghairm e Iosa, agus thuirt e ris, An tusa rìgh nan Iudhach? Fhreagair Iosa e, Am bheil thu 'g ràdh so uat fhéin, no an d' innis daoine eile dhut e mu m' thimchioll-sa? Fhreagair Pilat, An Iudhach mise? Thug do chinneach fhéin agus na h-àrd-shagairt thairis dhomhsa thu : ciod a rinn thu? Fhreagair Iosa, Cha 'n ann de 'n t-saoghal so a tha mo rìoghachd-sa: nam b' ann de 'n t-saoghal so a bhiodh mo rìoghachd, dheanadh mo sheirbhisich cogadh, a chum nach tugteadh thairis do na h-Iudhaich mi; ach a nis cha 'n ann o so a tha mo rìoghachd. Air an aobhar sin thuirt Pilat ris, An rìgh thu ma seadh? Fhreagair Iosa, Tha thusa 'g ràdh gur rìgh mi. Is ann a chum na crìche so a rugadh mi, agus a chum na crìche so a thàinig mi do 'n t-saoghal, a chum gu 'n deanainn fianuis do 'n fhìrinn. Gach neach a tha air taobh na fìrinn éisdidh e ri m' ghuth-sa. Thuirt Pilat ris, Ciod i an fhìrinn?

Agus an uair a thubhairt e so, chaidh e mach a rithist a chum nan Iudhach, agus thuirt e riutha, Cha 'n 'eil mise 'faotainn coir air bith ann.

Agus chuir na h-àrd-shagairt agus na seanairean mòran de nithean às a leith: ach cha do fhreagair esan ni sam bith. Agus chuir Pilat a rithist ceisd air, ag ràdh, Nach freagair thu ni sam bith? feuch, cia lion nithean air am bheil iad a' toirt fianuis a' d' aghaidh. Ach cha do fhreagair Iosa ni sam bith tuilleadh; ionnus gu 'n do ghabh Pilat iongantais mòr. Agus bha iadsan ni bu ro dhéine, ag ràdh, Tha e 'buairleadh an t-sluaigh, a' teagasg troimh Iudea uile, a' tòiseachadh o Ghalile gus an àite so. An uair a chuala Pilat mu Ghalile, dh' fhiosraich e am bu

Ghalileach an duine. Agus an uair a chual' e gu 'm b' ann fo uachdaranachd Heroid a bha e, chuir e gu Herod e, a bha ann an Ierusalem anns na làithean sin.

A nis an uair a chunnaic Herod Iosa, bha aoibhneas mòr air: oir bha déigh aige rè uine fhada air esan 'fhaicinn, do bhrìgh gu 'n cuala e mòran uime; agus bha dòchas aige gu faiceadh e mìorbhuil éiginn air a dheanamh leis. Agus dh' fheòraich e mòran cheisdean dheth; ach cha d' thug e freagradh sam bith air. Agus sheas na h-àrd-shagairt agus na sgrìobhaichean 'ga chasaid gu dian. Ach chuir Herod agus a luchd-cogaidh an neo-mheas e, agus rinn iad fanaid air, agus an déigh dha a sgeadachadh ann an aodach deargach chuir e gu Pilat e. Agus rinneadh Pilat agus Herod 'nan càirdean d' a chéile 'san latha sin; oir bha iad roimhe sin ann an nàimhdeas ri 'chéile.

Agus an uair a ghairm Pilat an ceann a chéile na h-àrd-shagairt, agus na h-uachdarain, agus an sluagh, thuirt e riutha, Thug sibh a m' ionnsuidh-sa an duine so, mar neach a tha 'tionndadh an t-sluaigh a thaobh: agus feuch, air dhomh a cheasnachadh ann bhur làthair cha d' fhuair mi coire sam bith anns an duine so a thaobh nan nithean sin mu 'm bheil sibh a' deanamh casaid air: no mar an ceudna Herod: oir chuir mi d' a ionnsuidh sibh; agus feuch, cha d' rinneadh ni air bith leis toillinneach air bàs. Uime sin an déigh dhomhsa 'smachdachadh, leigidh mi às e. A nis aig àn na féille, chleachd an t-uachdaran aon phrìosanach a b' aill leotha 'chur fa sgaoil do 'n phobull. Agus air do 'n t-sluaigh a bhith 'g'aodhaich gu h-àrd, thòisich iad air iarraidh air a dheanamh dhaibh mar a chleachd e. Agus bha prìosanach ro chomharraichte aca

'san àm sin, do 'm b' ainm Barabas; neach air son ceannairc àraidh a rinneadh anns a' bhaile, agus air son mortaidh a thilgeadh ann an prìosan. Air an aobhar sin an uair a bha iad cruinn an ceann a chèile, thuirt Pilat riutha, Cò is aill leibh mise a chur fa sgaoil dhuibh? Barabas, no Iosa de 'n goirear Criosd? Oir bha fhios aige gu 'm b' ann troimh fharmad a thug na h-àrd-shagairt thairis e. Agus an uair a bha e 'na shuidhe air caithir a' bhreitheanais, chuir a bhean teachdaireachd d'a ionnsuidh, ag ràdh, Na biodh gnothach sam bith agadsa ris an fhìrean sin: oir is mòr a dh' fhuiling mise an diugh ann am bruadar air a shon-san. Ach chuir na h-àrd-shagairt agus na seanairean ìmpidh air an t-sluagh gu 'n iarraidh iad Barabas, agus gu sgriosadh iad Iosa. Agus fhreagair an t-uachdaran agus thuirt e riutha, Cò de 'n dithis is àill leibh mise a chur fa agaoil dhuibh? Thuirt iadsan, Barabas. Thuirt Pilat riutha, Ciod ma seadh a nì mi ri Iosa de 'n goirear Criosd? Thuirt iad uile ris, Ceusar e. Agus thuirt e riutha an treas uair, C' ar son? Ciod an t-olc a rinn e? Cha d' fhuair mise cùis bhàis air bith ann: uime sin an déigh dhomh a smachdachadh, leigidh mi às e. Ach laidh iadsan air le guthan mòra, ag iarraidh esan a cheusadh. Agus bhuadhaich an guthan-san, agus guthan nan àrd-shagart.

Agus an uair chunnaic Pilat nach do bhuadhaich e bheag sam bith, ach gu 'n d' éirich an tuilleadh buaireis, ghabh e uisge, agus dh' ionnlaid e a làmhnan am fianuis an t-sluaigh, ag ràdh, Tha mise neo-chiontach a dh' fhuil an fhìrein so; faicibhse sin. Agus fhreagair am pobull uile, agus thubhairt iad, Biodh 'fhuil oirne, agus air ar cloinn.

An sin thug saighdearan an uachdarain leotha Iosa do thalla a' bhreitheanais, eadhon cùirt an uachdarain, agus chruinnich iad a' bhuidheann uile m' a thimchioll. Agus rùisg iad e, agus chuir iad uime falluinn phurpuir. Agus dh' fhigh iad crùn droighinn, agus chuir iad air a cheann e, agus slat chuilce 'na làimh dheis; agus lùb iad an glùin 'na làthair agus rinn iad fanaid air, ag ràdh, Fàilte dhut, a Rìgh nan Iudhach! Agus thilg iad smugaid àir, agus ghlac iad an t-slat chuilce, agus bhuail iad 's a' cheann e.

Agus chaidh Pilat a mach a rithist, agus thuirt e riutha, Feuch, tha mise 'ga thoirt a mach do 'r n-ionnsuidh a chum gu 'm bi fios agaibh nach 'eil mise 'faotainn coire sam bith ann. An sin thàinig Iosa mach, agus an crùn droighinn air, agus an fhalluinn phurpuir uime. Agus thuirt Pilat riutha, Feuch an duine! Uime sin an uair a chunnaic na h-àrd-shagairt agus na maoir e, ghlaodh iad, ag ràdh, Ceus e, ceus e. Thuirt Pilat riutha, Gabhaibhse e agus ceusaibh e: oir cha 'n 'eil mise a' faotainn coire sam bith ann.

Fhreagair na h-Iudhaich e, Tha 'lagh againne, agus a réir ar lagha-ne is còir a chur gu bàs air son gu 'n d' rinn e Mac Dhé dheth fhéin. Uime sin an uair a chuala Pilat a' chainnt sin bu mhòid a bha dh' eagal air; agus chaidh e steach a rithist do àite a' bhreitheanais, agus thuirt e ri Iosa, Cìà às dhut? Ach cha d' thug Iosa freagradh sam bith dha. An sin thuirt Pilat ris, Nach labhair thu riumsa? nach 'eil fhios agad gu bheil cumhachd agamsa do cheusadh, agus gu bheil cumhachd agam do chur fa sgaoil? Fhreagair Iosa e, Cha bhiodh cumhachd air bith agad a' m' aghaidh-sa, mur tugteadh dhut o 'n àird e: air an aobhar sin an tì a thug mise thairis

dhut, tha aigesan am peacadh a's mò. Agus o sin suas dh' iarr Pilat a chur fa sgaoil: ach ghlaodh na h-Iudhaich, ag ràdh, Ma leigeas tu am fear so fa-sgaoil cha charaid do Cheasar thu: ge b' e neach a tha 'ga dheanamh fhéin 'na righ tha e 'labhairt an aghaidh Cheasair. Uime sin an uair a chuala Pilat a' chainnt sin, thug e mach Iosa, agus shuidh e air a' chaithir-bhreitheanais, anns an ionad ris an abrar an Leac-ùrlair, ach anns an Eabhra, Gabata. A nis b' e latha ulluchaidh na càisge e. Agus thuirt e ris na h-Iudhaich, Feuch, bhur Righ! Ach ghlaodh iadsan a mach, Beir uainn, beir uainn, ceus e. Thuirt Pilat riutha, An ceus mi bhur Righ-sa? Fhreagair na h-àrd-shagairt, Cha 'n 'eil righ againne ach Ceasar.

An sin air an aobhar sin, air do Philat a bhith toileach gnìomh taitneach a dheanamh do 'n t-sluagh, thug e breith gu 'n deanteadh mar a dh' iarr iad; agus leig e mach dhaibh esan a thilgeadh ann am prìosan air son ceannairc agus mortaidh, an neach a dh' iarr iad, agus an dhéigh dha Iosa 'sgìùrsadh, thug e thairis dhaibh e gu bhith air a cheusadh.

Agus ghlac iad Iosa, agus thug iad dheth an t-aodach purpuir, agus chuir iad 'aodach fhéin uime, agus thug iad leotha e chum a cheusadh. Agus chaidh e mach a' giùlan a' chroinn-cheusaidh do 'n ionad de 'n goirear, àite claiginn, d' an ainm 'san Eabhra, Golgota.

Agus an uair a thug iad leotha e rug iad air Simon, duine àraidh o Chirene, (athair Alecsandair agus Rufuis,) a bha 'tighinn o'n dùthaich, agus chuir iad an crann-ceusaidh air, gus a ghiùlan an déigh Iosa.

Agus lean cuideachd mhòr e de 'n t-sluagh agus de mhnathan, a bha ri bròn agus 'ga chàoineadh-san. Ach

air do Iosa tionndadh riutha, thuirt e, A nigheanan Ierusalem, na guilibh air mo shon-sa, ach guilibh air bhur son fhéin agus air son bhur cloinne. Oir feuch, tha na làithean a' tighinn anns an abair iad, Is beannaichte na mnathan neo-thorrach, agus na cìochan nach d' thug bainne. An sin tòisichidh iad air a ràdh ris na beanntan, Tuitibh oirne, agus ris na cnoic, Falaichibh sinne. Oir ma ni iad na nithean so ris a' chrann ùr, ciod a ni iad ris a' chrìonaich? Agus thugadh mar an ceudna dithis eile, a bha nan luchd droch-bheirt, a chum a bhith air an ceusadh maille ris.

Agus an uair a thàinig iad do 'n àite de 'n goirear Calbhari (àite claiginn), thug iad dha fìon geur, measgte le domblas; agus air dha a bhlasad, cha 'n òladh e e.

Agus bha 'n treas uair ann, agus cheus iad e. Agus cheus iad an dà ghaduiche maille ris; fear dhuibh air a làimh dheis, agus am fear eile air a làimh chlì. Agus thuirt Iosa, Athair, thoir dhaibh mathanas; oir cha 'n 'eil fhios aca ciod a tha iad a' deanamh.

Agus sgrìobh Pilat mar an ceudna tìodal, agus chuir e air a chrann-cheusaidh e. Agus b' e so an sgrìobhadh, IOSA O NASARET RIGH NAN IUDHACH. Uime sin leugh mòran de na h-Iudhaich an tìodal so: oir bha an t-àite anns an do cheusadh Iosa fagusg do 'n bhaile: agus bha an sgrìobhadh an Eabhra, an Greugais, agus an Laidinn. Air an aobhar sin thuirt àrd-shagairt nan Iudhach ri Pilat, Na sgrìobh Rìgh nan Iudhach; ach gu 'n dubhairt e fhéin, Is mi Rìgh nan Iudhach. Fhreagair Pilat, An ni a sgrìobh mi, sgrìobh mi e. An sin an uair a cheus na saighdearan Iosa, ghlac iad a thrusgan, agus rinn iad ceithir earrannan, earrann do gach saigh-

dear ; agus a chòta mar an ceudna : agus bha 'n còta gun fhuairgeal, air fhigheadh o 'bhràighe sìos gu h-ìomlan. Thuir iad uime sin eatorra fhéin, Na reubamaid e, ach tilgeamaid croinn air, cò aig a bhitheas e : a chum gu 'n coimhlionteadh an sgriobtur, a tha 'g ràdh, Roinn iad mo thrusgan eatorra, agus thilg iad croinn air mo bhrat. Air an aobhar sinn rinn na saighdearan na nithean so. Agus shuidh iad agus rinn iad faire air an sin.



CAIB. XLVI.

Thug iadsan a bha 'dol seachad toibheum do Iosa air a' chrann-cheusaidh—Dh' innis e do 'n ghadaiche gu 'm biodh e maille ris ann am Parras—Bha dorchadas air an talamh—An uair a thug Iosa suas a spiorad reubadh brat roinn an teampuill, agus chrìothnaich an talamh—Lotadh a thaobh le sleagh—Dh' adhlaic Ioseph o Arimatea agus Nicodemus e.

Agus thug iadsan a bha 'dol seachad toibheum dha, a' crathadh an ceann, agus ag ràdh, Thusa a leagas an teampull agus a chuireas suas ann an trì làithean e, saor thu fhéin : ma 's tu Mac Dhé thig a nuas o 'n chrann-cheusaidh. Mar an ceudna thuir na h-àrd-shagairt maille ris na sgriobhaichean agus na seanairean, a' fanaid air, Shaor e daoine eile, cha 'n 'eil e comasach air e fhéin a shaoradh. Ma 's e Rìgh Israeil, thigeadh e nis a nuas o 'n chrann-cheusaidh, agus creididh sinne e. Chuir e a

dhòigh ann an Dia ; saoradh e nis e ma tha toil aige dha : oir thubhairt e, Is mi Mac Dhé. Agus rinn na saighdearan mar an ceudna fanaid air, a' tighinn d' a ionnsuidh, agus a' tairgseadh fìon geur dha, agus ag ràdh, Ma 's tu Rìgh nan Iudhach teasaig thu fhéin.

Agus thug aon de na droch dhaoine a chrochadh toibheum dha, ag ràdh, Ma 's tu Criosd, saor thu fhéin agus sinne. Ach fhreagair am fear eile, agus chronuich e e, ag ràdh, Nach 'eil eagal Dhé ort, agus gu bheil thu fo 'n aon dìteadh ris? Agus sinne da rìreadh an ceartas ; oir tha sinn a' faotainn nan nithean a thoill ar gnìomharan : ach cha d' rinn an duine so cron air bith. Agus thuirt e ri Iosa, A Thighearna, cuimhnich ormsa an uair a thig thu do d' rìoghachd. Agus thuirt Iosa ris, gu deimhin tha mi ag ràdh riut, gu 'm bi thu maille riumsa an diugh ann am Pàrras.

A nis sheas làimh ri crann-ceusadh Iosa a mhàthair, agus piuthar a mhàthar, Muire, bean Chleophais, agus Muire Magdalen. Uime sin an uair a chunnaic Iosa a mhàthair, agus an deisciobul a b' ionmhuinn leis 'na sheasamh a làthair, thuirt e ri 'mhàthair, A bhean, feuch do mhac ! An sin thuirt e ris an deisciobul, Feuch, do mhàthair ! Agus o' n àm sin a mach thug an deisciobul sin leis i d' a thaigh fhéin.

A nis o' n t-siathamh uair bha dorchadas air an tàlamh gus an naoidheamh uair. Agus air an naoidheamh uair dh' éigh Iosa le guth àrd, ag ràdh, Eli, Eli, lama, sabachthani? is e sin, air eadar-theangachadh, Mo Dhia, mo Dhia, c' ar son a thréig thu mi? An déigh so, air do Iosa fios a bhith aige gu robh na h-uile nithean a nis air an crìochnachadh, a chum gu 'n coimhlionteadh an

sgriobtuir, thubhairt e, Tha tart orm. A nis bha an sin soitheach làn a dh' fhìon geur. Agus an uair a chuala cuid dhuibhsan a bha 'nan seasamh a làthair e, thuirt iad, Feuch, tha e a' gairm air Elias. Agus ghrad ruith fear dhiubh, agus air dha spong a lìonadh de 'n fhìon gheur, agus a' cur air slait chuilce, thug e deoch dha. Ach thuirt càch, Leig dha, faiceamaid an tig Elias g' a thoirt a nuas. An sin an uair a ghabh Iosa am fìon geur, thuirt e, Tha e crìochnaichte. Agus an uair a ghlaodh e le guth mòr, thuirt e, Athair, tha mi a' tiomnadh mo spioraid a' d' làmhan-sa: agus air dha so a ràdh, chrom e a cheann, agus thug e suas a spiorad.

Agus feuch, reubadh brat-roinn an teampuill 'na dhà chuid, o 'mhullach gu 'ìochdar; agus chrìochnaich an talamh, agus sgoilteadh na creagan; agus dh' fhosgladh na h-uaignean, agus dh' éirich mòran de chuirp nam marbh a bha 'nan cadal; agus chaidh iad a mach às na h-uaignean an déigh' aiseirigh-san, agus chaidh iad a steach do 'n bhaile naomh, agus nochdadh iad do mhòran.

A nis an uair a chunnaic an ceannard-ceud agus iadsan a bha maille ris a' gleidheadh Iosa, a' chrith-thalmhainn, agus na nithean eile a rinneadh, ghabh iad eagal mòr, agus thuirt iad, Gu fìrinneach b' e an duine so Mac Dhé. Agus an sluagh uile a chruinnich a dh' ionnsuidh an t-seallaidh sin, an uair a chunnaic iad na nithean a rinneadh, thill iad air an ais a' bualadh an uchd.

Agus bha mar an ceudna mòran mhnathan am fad uatha 'g amharc: 'nam measg sin bha Muire Magdalen, agus Muire màthair Sheumais bu lugha, agus Ioseis, agus Salome, màthair clann Shebede; muinntir a lean e mar

an ceudna, an uair bha e ann an Galile, agus a bha 'frithealadh dha, agus mòran eile de mhnathan a chaidh suas maille ris gu Ierusalem.

An sin a chum nach fhanadh na cuirp air a' chrann-cheusaidh air an t-sàbaid, a chionn gu 'm b' e latha an ulluchaidh a bh' ann, oir bu latha mòr an latha sin, dh' iarr na h-Iudhaich air Pilat gu rachadh an luirgnean a bhristeadh, agus gu 'n tugteadh air falbh iad. An sin thàinig na saighdearan, agus bhrist iad luirgnean a' cheud fhir, agus luirgnean an fhir eile, a cheusadh maille ris : ach an uair a thàinig iad gu Iosa, agus a chunnaic iad gu robh e cheana marbh, cha do bhrist iad a luirgnean-san : ach lot fear dhe na saighdearan a thaobh le sleagh, agus ghrad thàinig a mach fuil agus uisge. Agus thug an tì a chunnaic sin fianuis, agus tha 'fhianuis fìrinneach : agus tha fhios aige gu bheil e 'labhairt na fìrinn, a chum gu 'n creideadh sibhse. Oir thachair na nithean so a chum gu 'n còimhlionteadh an sgriobtuir, Cha bhristear cnàimh dheth. Agus a rithist tha sgriobtuir eile ag ràdh, Amhaircidh iad airsan a lot iad.

A nis an uair a thàinig am feasgar, do bhrìgh gu 'm b' e latha an ulluchaidh e, eadhon an latha roimh 'n t-sàbaid, thàinig Ioseph o Arimatea, duine saoi-bhìr agus comhairleach urramach, a bha 'na dhuine math agus 'na fhèin, agus a bha 'na dheisciobul aig Iosa, ach am falach air eagal nan Iudhach, neach mar an ceudna aig an robh sùil ri rìoghachd Dhé, (cha d' aontaich an duine so d' an comhairle no d' an gnìomh), agus chaidh e steach gu dàna dh' ionnsuidh Philait, agus dh' iarr e corp Iosa. Agus b' ioghnadh le Pilat ma bha e cheana marbh : agus air dha an ceannard-ceud a ghairm, dh' fhiosraich e dheth an robh

fad o 'n a fhuair e bàs. Agus an uair a fhuair e fios o 'n cheannard-cheud, thug e an corp do Ioseph.

Agus thàinig mar an ceudna Nicodemus, a thàinig air tùs gu Iosa 'san oidhche, agus thug e leis mu thimchioll ceud punnd de mhirr agus a dh' aloes, air am measgadh feadh a chéile. An sin gabh iad corp Iosa, agus cheangail iad e ann an lìon-aodach grinn, fìorghlan, mar is gnàth leis na h-Iudhaich adhlac a dheanamh.

A nis bha lios anns an àite an do cheusadh e ; agus anns an lios uaigh nuadh a chladhaicheadh á carraig, anns nach do chuireadh aon duine riamh. Air an aobhar sin air son ulluchadh caisg nan Iudhach, do bhrìgh gu robh an uaigh am fagusg chuir iad Iosa an sin : agus charuich iad clach mhòr gu doras na h-uaighe, agus dh' imich iad air falbh.

Agus bha Muire Magdalen agus Muire màthair Ioseis 'nan suidhe fa chomhair na h-uaighe.

Agus lean na mnathan a thàinig maille ris o Ghalile, agus chunnaic iad an uaigh, agus cionnus a chuireadh a chorp. Agus thill iad agus dh' ulluich iad spìosraidh agus oladh deadh-fhàile ; agus ghabh iad tàmh air latha na sàbaid a réir na h-àithne.

CAIB. XLVII.

Chuireadh faire agus seula air an uaigh—Dh' éirich Iosa gu moch 's a' mhaduinn air a' cheud latha dhe'n t-seachduin—Nochdadh e do Mhuire Magdalen, agus mar an ceudna do na mnathan eile a chaidh a dh' ionnsuidh na h-uaighe—Air an latha sin fhéin nochdadh e do dithis a bha 'dol gu Emaus, agus do dheichnear de na h-abstoil—An ceann ochd làithean nochdadh e do 'n aon abstol deug.

A nis air an latha màireach, an latha 'n déigh an ulluchaidh, chruinnicheadh na h-àrd-shagairt agus na Phairisich gu Pilat, ag ràdh, A Thighearna, is cuimhne leinne, an uair a bha am mealltair ud fhathast beò, gu 'n dubhairt e, Eirigh mi an déigh thrì làithean. Orduich uime sin an uaigh a bhith air a coimhead gu cinnteach gus an treas latha, air eagal gu 'n tig a dheisciobuil 'san oidhche, agus gu 'n goid iad leotha e, agus gu 'n abair iad ris an t-sluagh, Dh' éirich e o na mairbh: agus mar sin bidh am mearachd deireannach ni 's miosa na an ceud mhearachd. Thuirt Pilat riutha, Tha faire agaibh, imichibh, deanaibh an uaigh cho tèaruinte 's is aithne dhuibh. Agus dh' imich iad, agus rinn iad an uaigh cinnteach, a' cur seula air a' chloich maille ri faire.

Agus an uair a bha an t-sàbaid seachad, cheannaich Muire Magdalen, agus Muire màthair Sheumais, agus Salome, spìosraidh deadh-fhàile, a chum gu 'n tigeadh

iad agus gu 'n ungadh iad e. Agus thuirt iad eatorra fhéin, Cò a charuicheas dhuinn a' chlach o dhorus na h-uaighe?

Agus feuch, bha crith-thalmhainn mhòr ann; oir thàinig aingeal an Tighearna nuas a nèamh, agus air dha tighinn, charuich e a' chlach o dhorus na h-uaighe, agus shuidh e oirre. Agus bha 'ghnùis mar dhealanach, agus 'aodach geal mar shneachda: agus air eagal roimh chrìothnaich an luchd-coimhid, agus chaidh iad an riochd mairbh.

Air a' cheud latha de 'n t-seachduin thàinig Muire Magdalen gu moch, agus an dorchadas fhathast ann, a chum na h-uaighe, agus chunnaic i a' chlach air a togail o 'n uaigh. Uime sin ruith i, agus thàinig i gu Simon Peadair agus an deisciobul eile a b' ionmhuinn le Iosa, agus thuirt i riutha, Thug iad leotha an Tighearna às an uaigh, agus cha 'n 'eil fhios againn c' àit' an do chuir iad e. Uime sin chaidh Peadair a mach agus an deisciobul sin eile, agus thàinig iad a chum na h-uaighe. Agus ruith iad 'nan dìthis cuideachd: agus ruith an deisciobul eile ni bu luaithe na Peadair, agus thàinig e air tùs a chum na h-uaighe; agus air dha cromadh sìos chunnaic e an lìon-aodach 'na laidhe, gidheadh cha deachaidh e steach. An sin thàinig Simon Peadair 'ga leantuinn, agus chaidh e steach do 'n uaigh; agus chunnaic e an lìon-aodach 'na laidhe, agus an neapaicin a bha 'm a cheann, cha 'n ann 'na laidhe maille ris ann lìon-aodach, ach air leith air 'fhilleadh ann an àite leis fhéin. An sin chaidh an deisciobul sin eile, a thàinig air tùs a chum na h-uaighe, a steach mar an ceudna, agus chunnaic agus chreid e. Oir cha do thuig iad fhathast an sgrìobtuir gu 'm b' éiginn

gu'n éireadh esan a rithist o na mairbh. An sin dh'imich na deisciobuil a rithist a chum an cuideachd fhéin.

Ach sheas Muire aig an uaigh a muigh a' gul: agus an uair a bha i a' gul, chrom i sìos ag amharc a steach do 'n uaigh, agus chunnaic i dà aingeal ann an culaidhean geala, 'nan suidhe, fear aig a' cheann, agus fear aig na casan 'san àite an robh corp Iosa 'na laidhe; agus thuirt iadsan rithe, A bhean, c'ar son a tha thu 'gul? Thuirt i riutha, Air son gu'n d' thug iad mo Thighearna leotha, agus nach 'eil fhios agam c' àit' an do chuir iad e. Agus an uair a thubhairt i so, thill i air a h-ais, agus chunnaic i Iosa 'na sheasamh, agus cha d' aithnich i gu 'm b' e Iosa 'bh' ann. Thuirt Iosa rithe, A bhean, c'ar son a tha thu 'gul? Air dhise saoil sinn gu 'm b' e an gàradair a bh' ann, thuirt i ris, A thighearna, ma thug thusa leat e, innis dhomhsa c' àit' an do chuir thu e, agus bheir mise leam e. Thuirt Iosa rithe, A Mhuire. Air dhise tionndadh thuirt i ris, Rabboni, 'se sin ri ràdh, A Mhaighstir. Thuirt Iosa rithe, Na bean rium; oir cha deachaidh mi fhathast suas a chum m' Athar: ach imich thusa chum mo bhràithrean, agus abair riutha, Tha mise 'dol suas a chum m' Athar féin agus bhuir n-Athar-se, agus a chum mo Dhé féin agus bhuir Dé-se. Thàinig Muire Magdalen agus dh' innis i do na deisciobuil gu fac' i an Tighearna, agus gu 'n dubhairt e na nithean so rithe.

A nis air a' cheud latha de 'n t-seachduin, aig éirigh na gréine, thàinig iad (na mnathan a thàinig maille ris o Ghalile) a chum na h-uaighe, a' toirt leotha nan spioraidh a dh' ulluich iad, agus mnathan àraidh eile maille riutha. Agus fhuair iad a' chlach air a caruchadh o 'n uaigh. Agus an uair a chaidh iad a steach do 'n uaigh cha d'

fhuair iad corp an Tighearna Iosa.

Agus am feadh a bha iad an ioma-cheisd mu 'n ni so, feuch, sheas dithis dhaoine laimh riutha ann an aodach dealrach : agus air dhaibh a bhith fo eagal, agus a' cromadh an aghaidh a chum na talmhainn, thuirt iad riutha, Na biodh eagal oirbh : tha sibh ag iarraidh Iosa o Nasaret a cheusadh. C' ar son a tha sibh ag iarraidh an tì a tha beò am measg nam marbh? Cha 'n 'eil e an so ; oir dh' éirich e : thigibh, faicibh an t-àite an robh an Tighearna 'na laidhe. Cuimhnichibh mar a labhair e ribh air dha bhith fhathast ann an Galilè, ag ràdh, Is éigin do Mhac an duine 'bhith air a thoirt thairis do làmhnan dhaoine peacach, agus a bhith air a cheusadh, agus éirigh a rithist an treas latha. Ach imichibh gu luath agus innsibh d' a dheisciobuil, agus do Pheadair, gu 'n d' éirich e o na mairbh ; agus feuch, tha e 'dol romhaibh do Ghalilè : chi sibh an sin e mar a thuirt e ribh. Agus chuimhnich iad a bhriathran.

Agus dh' imich iad gu luath o 'n uaigh le eagal agus mòr-ghàirdeachas, agus dh' innis iad na nithean so uile do 'n aon fhear deug, agus do chàch uile. Agus an uair a bha iad ag imeachd a dh' innseadh d' a dheisciobuil, feuch, thachair Iosa fhéin orra, ag ràdh, Fàilte dhuibh. Agus thàinig iad am fagusg dha, agus rug iad air a chasan, agus rinn iad aoradh dha. An sin thuirt Iosa riutha, Na biodh eagal oirbh : imichibh, abraibh ri m' bhràithrean iadsan a dhol do Ghalilè, an sin chi iad mi.

A nis b' i Muire Magdalen, agus Ioanna, agus Muire máthair Sheumais, agus mnathan eile maille riutha, a dh' innis na nithean so do na h-abstoil. Agus mheasadh am briathran leothasan mar sgeula faoin, agus cha do chreid

iad iad. Agus an uair a bha iadsan ag imeachd, feuch, thàinig cuid de 'n luchd-faire do 'n bhaile, agus nochd iad do na h-àrd-shagairt gach ni a thachair. Agus an uair a chruinnicheadh iad an ceann a chéile maille ris na sean-airean, agus a ghabh iad comhairle, thug iad mòran airgid do na saighdearan, ag ràdh, Abraibhse, Thàinig a dheisciobuil anns an oidhche, agus ghoid iad e an uair a bha sinne 'nar cadal. Agus ma chluinneas an t-uachdaran so cuiridh sinn impidh air, agus na sinn sibhse tèaruinte. Agus ghabh iad an t-airgiod, agus rinn iad mar a theagaisgeadh dhaibh : agus tha a' chainnt so air a h-aithris am measg nan Iudhach gus an latha 'n diugh.

Agus feuch bha dithis dhiubh a' dol air an latha sin fhéin gu baile do 'm b' ainm Emaus, a bha trì fichead stàid o Ierusalem. Agus bha iad a' labhairt eatorra fhéin mu thimchioll nan nithean ud uile a thachair. Agus thachair an uair a bha iad a' còmhradh agus a' co-reusonachadh, gu 'n d' thàinig Iosa e fhéin am fagusg, agus dh' imich e maille riutha. Ach bha an sùilean air an cumail air chor 's nach d' aithnich iad e. Agus thuirt e riutha, Ciod e an còmhradh so a th' agaibh eadraibh fhéin, ag imeachd dhuibh, agus sibh dubhach? Agus fhreagair fear dhuibh do 'm b' ainm Cleopas, agus thuirt e ris, Am bheil thusa mhàin a' d' choigreach ann an Ierusalem, agus gun fhios agad air na nithean a rinneadh innte anns na làithean so? Agus thuirt e riutha, Ciod na nithean? Agus thuirt iadsan ris, Na nithean a thaobh Iosa o Nasaret, a bha 'na fhàidh cumhachdach ann an gnìomh agus ann am facal am fianuis Dhé, agus an t-sluaigh uile : agus cionnus a thug na h-àrd-shagairt agus ar n-uachdarain thairis a chum dìtidh bàis e, agus a cheus iad e. Ach bha dùil againne

gu 'm b' esan an tì a bha gu Israel a shaoradh. Agus a thuilleadh air so uile, is e an diugh an treas latha o 'n a rinneadh na nithean so. A bharrachd air so, chuir mnathan àraidh dhinn fhéin a chaidh gu moch a dh' ionnsuidh na h-uaigne mòr-ioghnadh oirnn; agus an uair nach d' fhuair iad a chorp, thàinig iad, ag ràdh, gu fac iad sealladh a dh' ainglean, a thubhairt gu bheil e beò. Agus chaidh dream àraidh dhiubhsan a bha maille ruinn fhéin a chum na h-uaigne, agus fhuair iad eadhon mar a thuirt na mnathan: ach cha 'n fhaca iad esan. Agus thuirt e riutha, O dhaoine amaideach, agus mhall-chridheach a chreidsinn nan nithean sin uile a labhair na fàidhean? Nach b' éiginn do Chrìosd na nithean so fhulang, agus a dhol a steach d' a ghloir? Agus air dha tòiseachadh o Mhaois, agus o na fàidhean uile, dh' eadar-mhinich e dhaibh anns na sgrìobtuirean uile na nithean m' a thimchioll fhéin. Agus thàinig iad dlùth do 'n bhaile do 'n robh iad a' dol: agus leig esan air gu rachadh e ni b' fhaide. Agus cho-éignich iadsan e, ag ràdh, Fan maille ruinne: oir tha e dlùth do 'n fheasgar, agus tha deireadh an latha nis ann. Agus chaidh e steach a dh' fhuireach maille riutha. Agus an uair a shuidh e gu biadh maille riutha, air dha aran a ghlacadh, bheannaich e e, agus bhrìst e e, agus thug e dhaibh e. Agus dh' fhosgladh an sùilean, agus dh' aithnich iad e; agus chaidh e às an t-sealladh. Agus thuirt iad ri' chéile, Nach robh ar cridhe a' lasadh annainn, am feadh a bha e 'labhairt ruinn air an t-slighe, agus an uair a dh' fhosgail e dhuinn na sgrìobtuirean. Agus dh' éirich iad air an uair sin fhéin, agus thill iad gu Ierusalem, agus fhuair iad an t-aon fhear deug cruinn an ceann a chéile, agus an dream a

bha maille riutha, ag ràdh, Dh' éirich an Tighearna da rìreadh, agus chunnacas le Simon e. Agus dh' innis iad na nithean a rinneadh air an t-slighe, agus mar a dh' aithnicheadh leotha e ann am bristeadh an arain.

Agus an uair a thàinig am feasgar an latha sin fhéin, a' cheud latha de 'n t-seachduin, agus na dorsan dùinte far an robh na deisciobuil cruinn air eagal nan Iudhach, thàinig Iosa agus sheas e 's a' mheadhon, agus thuirt e riutha, Sìth dhuibh. Ach bha iadsan fo gheilt-chrith agus fo eagal, agus shaoil iad gur spiorad a chunnaic iad. Agus thuirt e riutha, C' ar son a tha reusonachadh ag éirigh suas ann bhur cridheachan? Feuchaibh mo làmh-an agus mo chasan gur mi fhéin a th' ann: laimhsichibh mi agus faicibh; oir cha 'n 'eil aig spiorad feòil agus cnàmhan mar a chi sibh agamsa. Agus an uair a thubhairt e so, nochd e dhaibh a làmh-an agus a chasan. Agus air dhaibh a bhith fhathast mi-chreideach troimh aoibhneas, agus iad fo iongantas, thuirt e riutha, Am bheil biadh sam bith agaibh an so? Agus thug iad dha mìr a dh' iasg ròiste agus de chìr mheala. Agus ghlac e e, agus dh' ith e 'nan làthair.

An sin thuirt Iosa riutha rithist, Sìth dhiubh: mar a chuir an t-Athair uaithe mise, mar sin tha mise 'g 'ur cur-sa uam. Agus an uair a thubhairt e so, shéid e orra agus thuirt e riutha, Gabhaibhse an Spiorad Naomh: cò air bith iad do 'm math sibh am peacaidhean, tha iad air am mathadh dhaibh; agus cò air bith iad do 'n cùm sibh am peacaidhean gun am mathadh, tha iad air an cumail.

Ach cha robh Tomas, aon de 'n dà fhear dheug, de 'n goirear Didimus, maille riutha an uair a thàinig Iosa. Uime sin thuirt na deisciobuil eile ris, Chunnaic sinne an

Tighearna. Ach thuirt esan riutha, Mur faic mise làrach nan tàirnean 'na làmhnan, agus mur cuir mi mo mheur ann an làrach nan tàirnean, agus mur cuir mi mo làmh 'na thaobh cha chreid mi.

Agus an ceann ochd làithean 'na déigh sin bha a dheisciobuil a rithist a staigh, agus Tomas maille riutha. Thàinig Iosa, agus na dorsan dùinte, agus sheas e 's a' mheadhon, agus thuirt e riutha, Sìth dhuibh. 'Na dhéigh sin thuirt e ri Tomas, Cuir an so do mheur, agus feuch mo làmhnan ; agus sin an so do làmh, agus cuir 'na m' thaobh i : agus na bi mi-chreideach, ach creideach. Fhreagair Tomas agus thuirt e ris, Mo Thighearna agus mo Dhia. Thuirt Iosa ris, Air son gu faca tu mi, a Thomais, chreid thu : is beannaichte iadsan nach fhaca, agus a chreid.



CAIB. XLVIII.

Dh' fhoillsich Iosa e fhéin a rithist aig muir Thiberiais—Ghabh e biadh maille riutha—Thug e àithne do Pheadair 'uain agus a chaoraich a bhiadhadh—Dh' fhoillsicheadh e do 'n aon deisciobuil deug air a' bheinn ann an Galile—Thug e àithne dhaibh an soisgeul a shearmonachadh do gach uile chinneach—Shuidhich e Sàcramaid a' Bhaistidh—Gheall e dhaibh tiodhlac an Spioraid Naoimh—An uair a bha e 'gam beannachadh thogadh suas e agus iadsan 'ga fhaicinn—Cò-dhùnadh

An déigh nan nithean sin dh' fhoillsich Iosa e fhéin a rithist d' a dheisciobuil aig muir Thiberiais ; agus air an

dòigh so dh' fhoillsich e e-fhéin. Bha maille ri 'chéile Simon Peadair, agus Tomas de 'n goirear Didimus, agus Natanael o Chana Ghalile, agus mic Shebede, agus dithis eile de 'dheisciobuil. Thuirt Simon Peadair riutha, Tha mi 'dol a dh' iasgach. Thuirt iadsan ris, Tha sinne a' dol maille riut. Dh' imich iad a mach, agus chaidh iad a steach do 'n bhàta ; agus cha do ghlac iad ni air bith an oidhche sin. Ach an uair a bha a' mhaduinn a nis air tighinn, sheas Iosa air a' chladach : gidheadh cha robh fhios aig na deisciobuil gu 'm b' e Iosa 'bha ann. Uime sin thuirt Iosa riutha, A chlann, am bheil biadh sam bith agaibh? Fhreagair iadsan e, Cha 'n 'eil. Agus thuirt esan riutha, Tilgibh an lìon air taobh deas a' bhàta, agus gheibh sibh. Thilg iad uime sin, agus a nis cha b' urrainn iad a tharruinn air son lìonmhoireachd an éisg. Uime sin thuirt an deisciobuil sin a b' ionmhuinn le Iosa, ri Peadair, Is e an Tighearn' a th' ann. A nis an uair a chuala Simon Peadair gur e an Tighearn' a bh' ann, cheangail e a chòt-uachdair uime, (oir bha e lomnochd) agus thilg e e-fhéin 's a' mhuir. Ach thàinig na deisciobuil eile anns a' bhàta bheag (oir cha robh iad fad o thìr, ach mu thimchioll dà cheud làmh-choille,) a' tarruinn an lìn éisg. Uime sin an uair a thàinig iad air tìr, chunnaic iad grìosach an sin, agus iasg air a chur oirre, agus aran. Thuirt Iosa riutha, Thugaibh an so de 'n iasg a ghlac sibh a nis. Chaidh Simon Peadair suas, agus tharruinn e an lìon gu tìr, làn a dh' iasgan mòra, ceud agus leith-cheud agus trì : agus ged a bha 'n uiread sin ann, cha do bhris-teadh an lìon. Thuirt Iosa riutha, Thigibh agus gabhaibh bhur biadh-maidne. Agus cha robh de mhisnich aig a h-aon de na deisciobuil 'fheòraich dheth, Cò thusa? oir

dh' aithnich iad gur e an Tighearn' a bh' ann. An sin thàinig Iosa, agus ghlac e aran, agus thug e dhaibh e, agus iasg mar an ceudna. Is e so a nis an treas uair a nochd Iosa e fhéin d' a dheisciobuil, an déigh dha éirigh o na mairbh.

An sin an déigh dhaibh am biadh-maidne a ghabhail, thuirt Iosa ri Simon Peadair, A Shimoin mhic Ionais, am bheil barrachd gràidh agad dhomhsa orra sin? Thuirt e ris, Tha, a Thighearna; tha fhios agad gur toigh leam thu. Thuirt e ris, Beathaich m' uain. Thuirt e ris a rithist an dara uair, A Shimoin mhic Ionais, an toigh leat mise? Thuirt e ris, Seadh, a Thighearna, tha fhios agad gur toigh leam thu. Thuirt e ris, Beathaich mo chaoraich. Thuirt e ris an treas uair, A Shimoin mhic Ionais, an toigh leat mise? Bha Peadair duilich a chionn gu 'n dubhairt e ris an treas uair, An toigh leat mise? Agus thuirt e ris, A Thighearna, is aithne dhut na h-uile nithean; tha fhios agad gur toigh leam thu. Thuirt Iosa ris, Beathaich mo chaoraich. Gu deimhin, deimhin tha mi ag ràdh riut, An uair a bha thu òg, chrìoslaich thu thu-fhéin, agus dh' imich thu an taobh bu mhiann leat: ach an uair a bhios tu aosmhor, sìnidh tu mach do làmhnan, agus crìoslaichidh neach eile thu, agus bheir e thu an taobh nach àill leat. A nis thuirt e so, a' ciallachadh ciod a' ghnè bàis leis an tughadh e glòir do Dhia. Agus air dha so a ràdh, thuirt e ris, Lean mise. An sin air do Pheadair tionndadh, chunnaic e an deisciobul a b' ionmhuinn le Iosa a' leantuinn; an tì mar an ceudna a laidh air uchd Iosa aig an t-suipeir, agus a thubhairt ris, A Thighearna, Cò e a bhrathas thu? Uime sin air do Pheadair esan fhaicinn thuirt e ri Iosa, A Thighearna,

ciod a ni am fear so? Thuirt Iosa ris, Ma 's àill leamsa e dh' fhanuinn gus an tig mi, ciod e sin dhutsa! Lean thusa mise. Uime sin chaidh an ràdh so a mach am measg nam bràithrean nach fhaigheadh an deisciobul sin bàs; gidheadh cha dubhairt Iosa ris nach fhaigheadh e bàs: ach, Ma 's àill leamsa e dh' fhanuinn gus an tig mi ciod e sin dhutsa?

Is e so an deisciobul a tha 'deanamh fianuis air na nithean so, agus a sgriobh na nithean so; agus tha fhios againne gu bheil 'fhianuis fìor.

An déigh sin nochdadh e do 'n aon fhear deug, agus iad 'nan suidhe aig biadh, agus chronuich e iad air son am mi-chreideamh, agus cruas an cridhe, a chionn nach do chreid iad iadsan a chunnaic e an déigh dha éirigh.

An sin chaidh an t-aon deisciobul deug do Ghalile do 'n bheinn far an d' òrduich Iosa dhaibh. Agus an uair a chunnaic iad e, rinn iad aoradh dha: ach bha cuid aca fo amharus. Agus thàinig Iosa agus labhair e riutha, ag ràdh, Thugadh dhomhsa gach uile chumhachd air nèamh agus air an talamh. Imichibhse air feadh an t-saoghail uile, agus deanaibh deisciobuil de gach uile chinneach, 'gam baisteadh ann an ainm an Athar agus a' Mhic agus an Spiorad Naoimh: a' teagasg dhaibh gach uile nithean a dh' àithn mise dhuibh a choimhead: agus feuch, tha mise maille ribh a ghnàth, eadhon gu deireadh an t-saoghail. Ge b' e a chreideas agus a bhaistear, saorar e; ach ge b' e nach creid, dìtear e. Agus leanaidh na comharran so an dream a chreideas; ann am ainm-sa tilgidh iad a mach deamhain; labhraidh iad le teangaibh nuadha; togaidh iad nathraichean nimhe, agus ma dh' òlas iad ni air bith marbhteach, cha dean e cron sam bith orra; cuiridh iad

an làmhan air daoine tinne, agus théid iad am feabhas.

Agus thuirt e riutha, Is iad so na briathran a labhair mi ribh an uair a bha mi fhathast maille ribh, gur éiginn do na h-uile nithean a tha sgriobhte ann an lagh Mhaois, agus anns na fàidhean, agus anns na sailm mu m' thimchioll-sa bhith air an coimhlionadh. An sin dh' fhosgail e an tuigse, a chum gu 'n tuigeadh iad na sgriobtuirean; agus thuirt e riutha, Mar so b' éiginn do Chrisd fulang, agus éirigh a rithist o na mairbh an treas latha; agus aithreachas agus mathanas peacaidh a bhith air an searmonachadh 'na ainm-san do na h-uile chinnich, a' tòiseachadh o Ierusalem. Agus is fianuisean sibhse air na nithean so. Agus feuch, tha mise a' cur gealladh an Athar oirbh: ach fanaibhse ann am baile Ierusalem gus an sgeadaichear le cumhachd o 'n àirde sibh.

Agus an déigh dha, troimh 'n Spiorad naomh àitheantan a thoirt do na h-abstoil a thagh e, do 'n d' rinn e mar an ceudna e fhéin a nochdadh beò an déigh 'fhulangais le mòran de chomharran firinneach, air dha bhith air 'fhaicinn leotha feadh dhà fhichead latha, agus e 'labhairt mu na nithean a bhuineadh do rìoghachd Dhé, thug e mach iad cho fad ri Betani. Agus air dha bhith maille riutha, dh' àithn' e dhaibh gu 'n iad a dhol o Ierusalem, ach feitheamh ri gealladh an Athar, *ars' esan*, a chuala sibh uamsa: oir bhaist Eoin gu deimhin le uisge; ach baistear sibhse leis an Spiorad Naomh air bheag làithean an déigh so.

Uime sin an uair a chruinnich iad an ceann a chéile, dh' fheòraich iad dheth, a gràdh, A Thighearna, an aisig thu aig an àm so an rìoghachd do Israel? Ach thuirt esan riutha, Cha bhuin e dhuibhse fios nan aimsir no nan

àm fhaotainn, a chuir an t-Athair 'na chumhachd fhéin. Ach gheibh sibhse cumhachd an uair a thig an Spiorad Naomh oirbh: agus bithidh sibh 'n 'ur fianuisean dhomhsa araon ann an Ierusalem, agus ann an Iudea, agus ann an Samaria, agus gu iomall na talmhainn. Agus an uair a thubhairt e na nithean so, thog e suas a làmhnan agus bheannaich e iad. Agus am feadh a bha e 'gam beannachadh, thogadh suas e, agus iadsan 'ga fhaicinn; agus thug neul às an sealladh e. Agus am feadh a bha iadsan a' geur-amharc gu nèamh, agus esan a' dol suas, feuch, sheas dithis fhear làimh riutha ann an aodach geal; agus thuirt iad, Fheara Ghalile, c' ar son a tha sibh 'n 'ur seasamh ag amharc gu nèamh? An t-Iosa so a thogadh suas uaibh gu nèamh, is amhuil sin a thig a mar a chunnaic sibh e a' dol gu nèamh.

An sin thill iad gu Ierusalem o 'n t-sliabh ris an abrar Sliabh nan crann-oladh, a tha am fagusg do Ierusalem, astar latha sàbaid às.

Agus rinn Iosa gu firinneach mòran de mhìorbhuilean eile am fianuis a dheisciobul, nach 'eil sgrìobhte 'san leabhar so; ach tha iad so sgrìobhte, a chum gu 'n creideadh sibhse gur e Iosa an Crìosd, Mac Dhé, agus air dhuibh creidsinn, gu 'm biodh beatha agaibh troimh 'ainm-san.

Agus tha mar an ceudna mòran de nithean eile a rinn Iosa, agus nam bitheadh iad uile sgrìobhte, is i mo bharail nach cumadh an saoghal fhéin na rachadh a sgrìobhadh de leabhraichean.

AMEN.

